

[C 1]

An t-Ogha Mor  
no  
Am fear-sgeoil air uilinn  
  
le  
Aonghas Mac Dhonnachaидh

[C 2]

[Blank]

[C 3]

AN T-OGHA MOR  
NO  
AM FEAR-SGEOIL AIR UILINN

LE  
AONGHAS MAC DHONNACHAIDH

[DA 1]

AN T-OGHA MOR  
NO  
AM FEAR-SGEOIL AIR UILINN

LE  
AONGHAS MAC DHONNACHAIDH

Fosgrachadh  
le  
Uisdean Mac an Rothaich

GLASCHO:  
MACDHONNACHAIDH, UEIR & CO.  
47 Straid Waterloo

[DA 2]

[Blank]

[DA 3]

Ceann-Cuimhne

Spiorad Mo Chuideachaидh

Nach minig a dh' fhèach mi ri dreach a chur air sgial a chòrdadh riut. Ach ged bu thlachd leat éisdeachd le foighidinn, cha do leig thu claoanadh cainnte seachad riamh gun a cheartachadh. Far an dearcainn air gnè gu nàdarra, mhisnich thu m' oilean air a sgriobhadh Is fhuair mise an cuideachadh inntinn a thug sgial AN OGHA MHOIR gu ceann-fìnìd. Cha'n'eil an deachd pinn, airson sin, gun dubhachas 'na lùib. Oir ciamar a chailleas ar meomhair tathaich na dithisd a dh' fhàg saoghal an doilgheis ann an tùs an òige? Tha bliadhna 'n déigh bliadhna 'ruith bho'n a phòg sinn "NANNIE" agus "FOI" air leabaidh fhuar an dòlais; ach gheall ar cridhe nach tig aomadh air ar cuimhne gu bràth d'an taobh. Tha'n gàire cho ùr is blàth dhuinn, agus tatar nan casan beaga aca cho beò 's a bha

iad mun tainig teachdair' a' bhàis air àrainn an tighe. Dé dha sin? Cha tuig an saoghal iargain ar sgaraidh. Ach dé dhuinne an saoghal? Cumaidh mise agus tusa cuimhneachan-cridhe gu bràth air àilleagain mhaoth ar n-ionndrain; is far an toir sgial ar rogha tionndadh gu ionadan cian nan taibhs, cha di-chuimhnich sinn m' athair; oir tha "NANNIE" agus "FOI" a-rithisd maille ruinn

Aonghas Mac Dhonnachaидh

Glascho,  
Earrach, 1913

[DA 4]

MEARACHDAN CLO

Pearda 151 Léugh aigealanan leathrach, airson "aigealanal, etc."  
Pearda 167 Léugh (1) smeachranachd, airson "smeachranachd"  
Pearda 172 Léugh bhrathas, airson "brathas"  
Pearda 174 Léugh gisreag, airson "gisraeg"  
Pearda 48; 145 Chrùin airson "Chruinn"

[DA 5]

LEISGIAL

Cha chum faire clamhain no speireig an t-iisean fo iomaill a neadachaидh. Ni momha 'thréigeas a' chluas fuaimneachd càin na h-òige. Bidh, air a' mhodh sin, mo leisgial air bhrath, ma ghabh mi ceann air tùs mo bhriathrachais. Is e so an t-aobhar gu'n a rùnaich mi na foghairean ia roimh "eu." Oir cha'n'eil seòl anns am faigh mi taitneas nam falal b'aithne dhomh, ann an éideadh coimheach. Ceart mar an reusan ciadna, cordaidh na facail: a-mhàin, a-ghnàth, a-muigh, a-màireach, etc., etc., rium na's fheàrr le buabainn na an riochd eile. Far an tachair "tighinn" ort air a ghiorrachadh gu ti'n, tagraidh mi an dearbh leisgial. Cha tig mun a, etc., cho deas do'n pheann ri "mun do;" etc., ach thaobh mi doigh-labhrach mo ghnàths. Dh' fhaoidte gu'm bu chòir domh "ganruchadh" a ghabhail airson gamhrachadh; ach rinn mi litreachadh an Eilein air. Chleachd mi am falal: gheallaras leis an t-seadh, "an geall air fios"--co-dhiùbh mar a thog mis' e. Ma tha Pearda a mi-fhreagairt airson "Page," theagamh nach 'eil an dàimh-brighe air seachran. Tha e soilleir c'arson a roghnaich mi an seol-sgriobhaidh--far an amais sin air caochladh seadh--mar a tha: mu chuach na h-aoideachd, an àite "mu chua(i)ch na," etc.; air cluas coimhich an àite "air clua(i)s, etc. Thig a' togail fàireadh an fhìr eile airson "a' togail fàir(i)dh," etc., fo'n aona seòl-rùin. Chleachd mi am falal, foirefhios eadar dhealaichte bho "forfhais; dh' fhaoidte gu' bheil tionndaidhean eile mu lùib-sgriobhaidh air nach tug mi iomradh. Ach do-bhrigh gur h-e ùidh sgeòil a' bh'anns an amharc agam--cha'n e teagasg foclair-theagamh nach talaich seang na Gàidhlig air m'oidhearp

A. M. D

[DA 6]

[Blank]

[DA 7]

CUSPAIREACHD

CEANN-CUIMHNE	Pearda
MEARACHDAN CLO	iii.
LEISGIAL	iv.
CUSPAIREACHD	v.
AN T-OGHA MOR	vii.
MAC FHRAING MU DHEIREADH	1
BEUD IS BACADH	23
RIOBA NAM BAN	36
CUIRTEARACHD	47
EARRAIG CHEILIDH	65
CUILTEARACHD	81
IAIN RUAIRDH MO CHEIST!	104
AN DEALACHADH BEO	114
TURUS NA CRICHE	125
GLEUSDACHD	136
FOILL, IS A' MHointeach MHOR	153
AN DROCH CONDRACHD	172
CEOL NAN CLAIDHEAMH DEARGA	192
AN TATHAICH	205
	218

[DA 8]

[Blank]

[TD 1]

AN T-OGHA MOR

Bidh fonn Cabar-féidh ort,  
 Nuair dh'éireas do chabar ort!  
 —SEANN ORAN

Is e cuspair nam bàrd a th'ann an Eilean a' Cheò. Cha'n'eil 'san Iar da  
 choimeas; cha'n'eil ann ach aon Eilean-Eilean a' Cheò.

Co-dhiùbh sinne chaidh àrach 'na iomaill, 's e so ar n-aideachadh-gin  
 do'n t-saoghal.

Eilean a' Cheò: nach fad is cian bho'n a dh'éirich e a tuim an Iar-chuain, mar ailbhinn (1) fhiaclich air am b'àbhaist do thamhaisg na  
 doimhne bhi cumail cuirm an casgraiddh. Ach cha'n ann mar sin a shnuadh an  
 diugh; no mar sid an là anns an d'rinn an t-Ogha Mór luaidh air brigh nam  
 bàrd. 'S ann aige fhein a bha'n t-alt air sùgan nan rann a shniomh; oir  
 tha bhlàth ri fhaicinn ann an cois bial-aithris.

Eilean a' Cheò: tha tir-mór a'coimhead lom as aonais; chaill i trian de  
 maise, nuair a dhealaich nàdar bho chéil' iad le sruth bras nan Caol. Tha  
 stùcan a-ghnàth a'beadradh ri aitealan shniomhach fo neòil; is caoir nan  
 stuadh cìreanach a'breacadh a chladaich. Ach ged a tha bheanntan àrd is  
 corrach, fàsaidh am fraoch na's guirme mu'n ciocan; is an lusrach na's  
 truime ann an ùrlar a ghleann. Leumaidh na h-uillt

1 creag mhór scrotach

[TD 2]

'nan lùban lachdunn troimh aonaichean ciara; is gheibh earba comraich (1) mu'm bruichean cas.

Tha dòigh air leith againn fhin air gabhail ri eireachdas ar dùthcha. Cluinnidh sinn-le cluas-amais nan Céilteach-co-cheòl air ghléus ann am barunn nan tonn 'gan iomairt; is caidreadh tiamhaidh ann am borbhan nam fuaran soilleir. Thug figheadair nan duan 'nar measg-an t-Ogha Mór-mion-eòlas bho linn gu linn air cruth-deilbh nan sliabh, nuair a ruagas grian Samhraidh caochladh nan dubhar roimh gnùis. Is ma thogas fonn catha buille-bhras air do chuisse, gheibh thu ann an astar do shiubhail, barpan (2) nan saoidh air tulaich àrd.

Suainidh an ceò 'na ghlaic, mar bhréid-bainnse, na sgùrran anns an dean iolaire nead, is i fad os-cionn ruigheachd an t-sealgair. No ma thig thu air coire fo spréidh, chi thu òighean ann am biorgadh an dreacha; is an sùilean aitidh, mar dhearcan fo chiucharan bhraon a' soillseadh. Guidh cobhair ma leagas té dhiubh an t-sùil sin ortsa; oir bidh an sealladh 'na sgàthan anns am faic thu taibhsean maireann nan ioma gnè. Làmh riut air àilean grianach, chi thu ionaltradh crodh-laoigh le'n àl; caoraich 'gan iomain gu mainnir 'san iosal; is, mar chulaidh nan dreach gun chòrnadh (3)-òganan a' lùbadh le eòin cheileireach air fonn.

Bha gorm fo bhlàth ri leathad na mara; is toiseach aig an t-silean air sgiolcadh troimh'n déis, nuair a bhuaile birlinn Mhic Coinnich,-mac Maor-mór Chinn-t-Sàile-a fiacail ann am Bun Abhainn Lusaидh.

Cha luaithe ghreimich i am port, na leum Iarlam-b'e sin a b'ainm do Mhac Coinnich-beò glan air tir.

1 àite-dion

2 cùirn chuimhne

3 pasgadh

[TD 3]

II

B'e Liunasdal a bh'ann. Oir cha deachaidh Féill an Ath-leathainn fhathasd seachad. Thachair do'n aimsir a bhi briagha ciùin, mar is tric a dh'amais mu'n àm ud dhe'n bhliadhna. Bha'm pòr fo chinneas air machair, le barr-guc an cunabhalas cho fad 'sa thogadh sùil an comharradh; is dealt na h-òg-mhaidne a' cur ri sàth an abuchaide. Cha robh, mar sin, ach toiseach aig a' ghréin air cur roimhpe, nuair a bhuaile na coigrich lamairig.

"Faodaidh sibh tràghadh a leigeil leis an eithear," thuirt an t-òganach, do'm b'ainm Iarlam, ri 'sgioba. "Ma theid gu math lium, bithidh mi air ais mun tig an t-ath sheòl-mara. Ach ma tha romhaib dol do'n fhéill, cumaib 'Tulach Ard!' 'san aire. Oir cha'n'eil fios dé bheir latha mu'n cuairt. Tha Tolmaich nan sùilean mùgach romhainn; Clann 'ic Fraing nam brannag a' gleidheadh aiseag a' Chaoil oirnn; Siol-an-Tuirc air gach fàireadh mar dhórain an conas; ar seann naimhdean-Domhnnullaich na làimhe-deirge, toisgeal ar slighe bho Shléibhte. Ach mur a cluinn sibh guth-mór no droch fhacal, seachnaib mo chuideachda."

"Cha'n e Faochagan an t-Stratha, no Maothagan Shléibhte, 'bheireadh tilleadh air Cabar-féidh!" fhreagair fear de'n sgioba.

"Tha mi'n dòchas nach'eil an dearbhadh 'gar feitheamh," leasaich seann-duine a bha na shuidhe, car as an rathad, air tota na stiùire. "Cha bu mhisd 'ur togradh, cuimir nan sreath 's a' chruadal."

"No cuireid (1) nan innleachd baoth," thill fear.

1 cleas seòlta

[TD 4]

"No clach-fhiosachd Choinnich-Odhair," thuirt fear eile.

Cha robh an còrr ac' air, ach gu'n a chuir iad cainnt air an seirbheis; is gheall iad faiceall is faireachadh, mar a thagair am fear-cinnidh.

Le ceum socair, mar gu'm biodh cleas na h-inntinn a' cur teagaimh 'na cheann-uidhe, thog Iarlam cas ri rathad. Ach do bhrigh gu' bheil sgial math is dona ri h-aithris mu thimchioll, thainig, mar an ciadna, dearcnadh (1) a choslais bho chànan a' bhàird d'ar n-ionnsaidh.

Mar bu dùth da linn, bha e air éideadh ann am breacan-seilg Chloinn Choinnich. Thigeadh sin gu h-uallach dà. Bha claidheamh air a leis; is dag os cionn gach cruachain aige; biodag 'na truaill ri chrios; sgian-dubh fo bhann an osain; brògan-éille teann mu'n chois; peiteag dhearg le putain chròiceach 'ga dùnad; is bonaid ghorm, le ite innte, air a fiaradh m'a cheann.

Cha robh e 'coimhead ro àrd; ged nach fàgadh e ach an òirleach de shia troighean. Bha e deanta, tiugh, le dà chalpa cho cruinn, cumadail 's a lion osan; is féithean a' seasamh ri iosgaid mar chaol seilich. 'Sann aige fhein a bha na slinneanan air nach deanadh sac dolaidh. Shaoileadh daoibh air daraig, gu'n a ghabh e iosad snuadh nan òigh 'na ghnùis. Ach rinn esan dearmad air na bha falach fo 'ruisg. Oir bha teine gun chnàmh anns an dà shùil a bh'aige, nach biodh faoin fo chorruich. Bha iad cuideachd, mar gu 'm b-eadh, a'sùghadh diomhaireachd na cruinne da ionnsaidh; 'sa' fàgail a rùin a' cur cinn a-ghnàth air tòimhseagain.

1 dealbh beachdaidh

[TD 5]

Bu dhearras (1) le gruagaich a làmh-dheas ga cobhair; ach gu h-àraid, sùgradh a bhilean ri 'cluais, is conaltradh nan crann 'gan tàladh.

B'e sid coltas an uasail-'san dol-seachad-anns 'na ghabh mnathan a' Chinn-iochdraich tlachd. Is cha mhomha na sin a bha esan gun an ùidh chiadna anns na bha ri fhaicinn, 's ri oilean mu'n cuairt da. Bho'n a dh'fhàg e Abhainn Lusaidh, bha'n slios air chrith le crodh 'gan iomain gu féill; is géum air ghnòsad cho guthach ri sniomh nan tonn mu charraig. Chluinnte iomadach seòrsa Gàidhlig 'ga labhairt air an astar ach a bha air bheag blas do mhuinntir an Eilein. Bha Abraich a' connsachadh (2) bathair mar gu'm biodh a' chioch-shlugain g'an dìth; Finich a'slaodadh nam falal mar troimh chàirean loisgte; Geàrrluich, mar thuairnear, a' rothadh an seanachais; is Sàilich pheircleach a' deanamh na sùla-bige air a' chéile; is iad a'di-moladh pris nan aighean, far an ruigeadh an còmhradh air cluas coimhich.

Dh' fhaoidte nach robh na dròbhairean idir cho clearbach 'nan gnè, 'sa bheireadh òran an Ogha Mhóir a chreidsinn oirnn. Cha bhiodh esan ach a' cur an seòl nan turragan (3) bu mhiann leis gach sgìr a bhi tarruing as a' chéile mar mhagaid.

Ràinig Iarlor an fhéill air a' cheann-thall. Ach cha d'rinn e sin gun iomadach sùil a' laidh air; is iomadh ceist a chur mu dé bu cheann-turuis dha, air nach teireadh an t-adhan (4) fuasgladh. Biodh sin mar a bha: na'n do leigeadh fios-rùin ri dreallaig, thuigeadh fear beachdail an cion-fàth thug Morair òg Chinn-t-Sàile

- 1 iarrtas
- 2 argumaid
- 3 cothrom tilgeannais
- 4 sean-fhacal

[TD 6]

dh'ionnsaidh Féill an Ath-leathainn. Ach bu lionmhor iad, aig an robh daor-an-ceannach air an latha 's a theachdaireachd. B'ann diùbh-san Goiridh Mac Fhraing a' Chaisteil Mhaoil, agus an té a phòs e-Una, piuthar an Ridire Tholmaich.

### III

Is e fior latha Féille bh'ann-latha 'n àidh anns an gabhadh na cnoic tlachd. Bha 'n crodh is aonach orra leis an teas; coin 'gam blianadh ri taobh nan sruthan, 's iad a' ceapadh nan creithleag, a bha'g iarraigd do'n teangaidd 's i mach; bodaich, 'sam buinn an sàs, a'cumail lothan air taoid; bò-laoigh a'teicheadh bho h-aineol is casa-luatha gabhail bealaich oirre; aighean, chaidh a ghiollachd 'san aona chrò, a' riabadh a' chéile; is mnathan, le goileam, a' roinn na coire; brogaich easgaidh a' deanamh falach-fead mu na bacan; is clann-bheag a'ruith nan lianag, mar dhrlleachain air tràigh gaineachadh; eòlaich ag ùrachadh càirdeis; coigrich a'tagairt eòlais; luchd-malairt a'bleideil na pris; bùthnan nam milsean trang a'reic, far an cuireadh fleasgach comain air maighdinn; pàilinn na dibhe na bu trainge; oir bha móran a' gabhail fàth air fionnarachd an dubhair airson crathadh-làmh mu chuach na h-aoidheachd; is uaislean a'spaidsearachd cho curanta ri maoir-mhóra na Lochluinn air an d'rinn Oisein bàrdachd. Bha, mar gu'm b-eadh, an àibheis (1) ann an glaic nam beò: beatha gun deireas an ceann a' chéile; càinain aosda nan saoidh air trùmh (2) nam bilean; is gun neach idir mu-ruighe nach teòthadh ri fuaim a fàilte.

- 1 an t-adhar
- 2 càirdeachas soilleir

[TD 7]

Is ann mar sid an t-ionad, agus an gnàth, anns an d'fhuair Iarlor e fhein, an déigh ceithir mìle choiseachd. Chuireadh uibhireachd gu leòr air a' dol troimh'n bhaile; ach is beag nach deach e as aire measg ùprait is ulla-thrus na féille. Theagamh gur h-e sin bu mhiann leis, na'n rachadh aig air. Co-dhiùbh, cha robh e gun bhoiream (1) air dé an taobh bho'n éireadh conas. Oir dh'fhèach e ri e fhein a dheanamh cho neo-nochdaidh 'sa b'urrainn da le bhi 'cumail a ghluasaid far am bu tibhe 'n

sluagh. Ach, mu'n d'thuirt an t-Ogha Mór, 'ga aithris: 'Chaidh sin leis mar a' chaidh an taigeis leis a' chat'.

Bha naimhdean a thighe 's a chinnidh cho dlùth dha ri truaill do chlaidheamh. Ach comharrachte 'nam measg bha Goiridh Mac Fhraing a' Chaisteil Mhaoil. Is mar nach robh an dàn 'san t-sith, bha esan is Clann Choinnich ann an rùn nam biodag da chéile.

Cha b'e en gamhlas-gin buileach, a thog an sgial, no chuir fuath cho dealasach (2) eatorra. Bha cuspair am buaireis cho meachara ri ròs air meanglan lùbach. Nach'eil e cho math domh innse? Oir cha robh iad 'nan aonar, a chaidh an cinnseal doilgheis air tàilleabh leannain, is a fhuair an t-saothair carraideach. Their cuid, gur math an airidh: seachainn thus an t-olc, is seachnaidh an t-olc thu. Glé cheart! Ach dé tha facal nan seanar ag ràdh? 'Trì nithean a thig gun iarraidh: eagal, is iadach, is gaol.'

B'i Una, nighean Fhir-Laobhrais, ainnir nan sgìrean air bòichead. Tha òighean na Gaidhealtachd gu léir dreachmhor; ach thug Una, piuthar an Ridire Tholmaich

1 fathunn le amharus  
2 diarasach dùr

[TD 8]

ri latha bàrr orra. Bha dithisd air an astar, co-dhiùbh, a fhuair am beachd sin, sùgrach ri altrum: Iarлом Mac Coinnich a Ceann-t-Sàile, agus Goiridh Mac Fhraing a' Chaisteil Mhaoil. Bha iad le chéile 'n geall oirre-gach fear 'na dhòigh fhein. Ach ged nach deachaidh a toil ri rogh' a teaghlaich, thaobh ise òigeir Chinn-t-Sàile.

Cha robh an t-aomadh gun fhios do Mhac Fhraing. Is an àite gabhail ri togradh an dàin le déisthinn (1), rùnaich e dhol cala-dhireach 'na aghaidh. Ach na'n do thuig e bhuil roimh'n mhithich, theagamh gu'n d'fhàs iomadh bachlag 'na aigne, mun do chuir e a rùn an géill.

B'ann air a' mhodh so, a thug an t-Ogha Mór dhuinn eachdraidh. Dh'ainmich mi na nithean a thachair mar a chuir e fhein cainnt orra. Ach thug e tarruing air rud éiginne no dhà, a bhuineas do mhànan na corra-chagailte; is nach cuir call air meanglanachd mo sgeòil, ged a dh' fhàgainn a' chosamail (2) aig sìthichean beaga nan cnoc.

Bha nàbachd fearainn eadar an Ridire Tolmach is Mac Fhraing. Agus bu daor a chreanaich iad fhein is càch air an tuiteamas.

IV

Có esan an tir nam beò anns nach'eil gaiseadh air choireigin?—Cha'n'eil e ann. Ni momha na sin a bha an Ridire Tolmach. Cha 'n e idir gaiseadh-bodhaig no inntinn a bha cur air; ach tuisleadh beag ris an canadh eòlaich, sannt an t-saoghail-sannt-fearainn, ma dh' fheumair aideachadh. Fhuair e séilbh air na bh'aige, is tiotal còmhla ris, goirid

1 tàmailt le àrdan  
2 rud millte

[TD 9]

an deigh aramach, 1715. Dh'fhaoidte nach biodh e le sin ach a mealladh duais a shaothrach. Ach ma shoirbheich leasan, rug an Sguabag air cuid a bhràthar.

Dlùth do dh'oighreachd an Ridire Tholmaich, bha dà eilean, ris an abrar Scalpaidh, agus Pabaidh. Bhuineadh iad do Mhac Fhraing. Is ged nach robh mac no nighean aig an Tolmach, bha criochadaireachd nan eilean ud a-ghnàth 'nam buaireadh da. Bu toigh leis Mac Coinnich mar bhràthair-céile; ach bu ro thoigh leis ti'n air séilbh nan eilean.

Cha robh ach aon dòigh anns an d'rachadh aig' air a mhiann a shàsachadh; b'e sin, a phiuthar-Una shuairce-'thoirt an gealladh-pòsaidh do Mhac Fhraing. Ach an àite tochraidih a bhi leatha, 's e thainig 'na rùn, cùmhnan a dheanamh dha taobh, airson an dà eilean fhaotuinn da fhein.

Thachair e-is am beachd sin dian a'strìth ris-air Mac Fhraing aig Féill an Ath-leathainn, mu eadradh an latha. Chuir iad fàilt air a' chéile; is cha b'fhada gus an robh iad air cheum 'sa' seanachas.

Cha deachaidh' dad dhe sid as air Iarлом; oir lean a shùil iad gus an d'fhàg iad ionad na féille. Thainig clisgeadh air a chridhe, gu'n robh gùm (1) fo'n ian aca bhiodh fadheòidh a chum dolaidh dha. Chaidh a mheomhair gu grad air uideil; ach dhiùlt i cobhair da amharus is da iomagain. Dé idir a bha ceàrr? Nach do gheall Una a choinneachadh mun teannadh a' ghrian ri cromadh? Bha e cinnteach as a cridhe, c'arson a chuireadh e teagamh 'na facal? Ciod bu chiall do'n

1 plan

[TD 10]

fhaireachadh shiùbhlach a bha tromadh, 's a' tromadh air inntinn? A! cha robh e tuigsinn: bha e faotuinn rabhaidh bho dhruidheachd an dàin, gu'n robh toirmeasg sonais 'ga fheitheamh.

Is beag an rud a chuireas cion-furais air suiridhche, gu h-àraig, ma ghabhas e cùram gu' bheil fear-bagairt 'ga dhochair. Na'n do sheachainn Mac Fhraing 'san Ridire Tolmach co-chòmhail fo 'shealladh, is math a dh'fhaoidte nach tugadh feitheamh, eadhon gu h-oidhche, an casadh bu lugha air fhoighidin.

Thainig e 'na rùn-'s cha b'ann aon uair-a dhol air tòir na dithisd a thog a bhruaillean; is an cur gu dùbhlann. Ach ged a bheireadh so beagan faochestraidh da mhi-thlachd, smaointich e nach biodh stàth no gliocas ann air a' cheann-thall. Leig e leotha; is leigidh sinne leasan an ceartair, is e gabhail ealla ri dithisd a thòisich ri carachd na b'fhaisg' air na chòrd ris.

\* \* \* \* \*

"Nise, Ghoiridh," labhair an Tolmach cia luath 's a fhuair iad an rathad dhaibh fhein, "tha thu canail rium gu bheil thu airson Una a phòsadh? Na chuir thu bial air do thogradh dhith? Cha'n ann idir le caog-shùil a bheirear an té ud gu t'achlais."

"Tha'n fhìrinn air mo bhilean," fhreagair Goiridh, 's e deanamh gnè de sheasamh. "Bheirinn na chunna mi riamh na meallainn a làmh."

"Bhiodh sin soirbh gu leòr dhut," thionndaidh an Tolmach air a tharsuinn, "na'm bitheadh tu ag amharc air cuid chàich."

[TD 11]

"Cha'n ann a'deanamh di-meas air mo dhùrachd a tha—"

"Stad, stad!" thuirt an Ridire le gàire. "Neo cha'n fhaigh Caisean cuideachadh. An robh móran agad air an fhéill an diugh? Chuala mi gu bheil pris chuimseach air aighean is dà-bhliadhnaich."

"Chuala mi sin," dh' aithlis Mac Fhraing, mar nach tuigeadh e có air a bha'n Ridire tighinn. Ach cha dubhaint e an còrr 'san àm.

Chum iad ceum is ceum a'dol gus an d'ràinig iad stoirean-mór Abhainn a' Choire, far an d'rinn iad suidhe. B'e sid an rathad a dh'ionnsaidh aitreamh an Ridire-Tigh-mór Laobhrais. B'e sid an rathad cuideachd, a ghabhadh Una a dh'ionnsaidh na féille; oir, ged a bha i car fadalach, chitear a' coiseachd na sligh' i, mu bhuillean an ama sin.

Bha bruthach cas ag éirigh bho' n abhainn, 's a' falach an rathaid far an robh e lùbadh do'n àth. Tha brod na drochaid air an làraich an diugh. Ach cha robh iomradh air a leithid 'san linn ud, mur a tigeadh neach thairis air ann am 'fàisneachd Choinnich Odhair.'

V

Bha Una Tholmach a' gabhail an rathaid le cridhe cho aotrom ri beadradh leannain air mhire, nuair a thainig i gun fhios gun fhaireachadh air Mac Fhraing 's a bràthair, is iad 'nan suidhe a' seanachas.

Thug iadsan le chéile 'n aire dhith; is cha robh leisgial an seachnaidh aice.

[TD 12]

"Una!" dh'fhùc Mac Fhraing fo anail, is buille air a chridhe.

"A'deanamh air an fhéill," leasaich an Ridire mar chonas. "Cha'n'eil fhios có tha 'ga feitheamh?"

Ràinig an t-saighead am beò aig Goiridh; is a-chionn nach'eil meachainn (1) am farmad, ghuidh e barrachd 'na rùn na chuir an t-Ogha Mór cainnt air.

Aréir na h-inntinn 'san robh i, agus a h-aideachadh fhein, bu lugh' air Una tachairt air ùraisg aognaidh nan sgialachd, na Mac Fhraing an uair ud. Cha robh gràin 'sam bith aic air. Ghabh i, is chòrd aoidheached a thighe rithe uair is uair. Cha'n fhac i riamh ach uasal 'na ghiùlan e. Dé dha sin? Bha e sean! Ach na'n robh ise de chleachdadhbh-pòsaidh nan Eallagholaich, dh'fhaoidte gu'n a sheachainn an aois buille na h-eadraigin. Thainig na thog a sùil bho chearn eile; ged a bha rudaigin a'canail rithe nach tig an latha mhealladh i rùn a cléibh.

Chual is thuig i rian nam facial a dh'aobhraich i 'san àm eadar an dithisdeile. Ach cha do leig i dad oirre. Oir ghabh i seachad le fàilt an latha chur, ach gann ann am freagairt. Ma ghabh, dh'fhàg i Mac Fhraing ann an sunnd a rinn criadh dheth ann an làmhan a bràthar.

Bha'n Ridire tuilleadh is teuma airson dàil a chur 'na turus. Is cha dubhaint e móran gus an deach i gu math a sealladh.

Cha b'urrainn Mac Fhraing cumail air na b'fhaide. Thug e an dudar-léum air a bhonnaibh, is thog e làmh ri àirde na féille.

1 truas no géilleadh

[TD 13]

"A' bheil fios agad cò th'air an astar so an diugh?" dh'fhoighnidh e le rac 'na ugan.

"Ma tà! 's tu chuir a' cheist orm," fhreagair an Tolmach, is e ag éirigh 'na sheasamh. "Ged a b'e Mac Coinnich Chinn-t-Sàile thigeadh le bagairt, bhiodh gu leòr dhut a ghabhail cho teith."

"Có tha canail nach e Mac Coinnich a h-ann?" thill Goiridh.

"An ann mar so do naigheachd?" thuirt an Tolmach air a shocair. "Cuiridh mi mo chluas dheas air a' gheall, nach bi duine air an fhéill bho oidhche nach tuig aobhar a chinn-uidhe; agus Una air a' chiad té."

"Tha'n fhìrinn agad! Tha'n fhìrinn agad! Ach a' bheil thu dol 'ga toirt dha?"

"Cha'n e sin a' cheist," ars' an Ridire; "ach a' bheil thu dol 'ga leigeil leis?"

"Ciamar a théid agam air?"

"Le deadh thagradh, is cridhe fosgailte," fhreagar an Ridire. "Ach nach'eil e cho math dhuinn sùil a thoirt do'n fhéill, gu'n fhios nach faigh thu deachd."

"B'fheàrr lium gu mór fhaotuinn mu'n ruiginn an fhéill," dh'aidich Mac Fhraing. "Bidh sùil agam ri gniomh nàbaidh uat, co-dhiùbh."

"Theagamh gu bheil thu ceart an sin," thuirt an Tolmach, 's e 'cur a làimhe air gualainn an fhir eile. "Ach an creid mi gu robh thu ann an da-rìribh, nuair a gheall thu na chunnaic thu riamh, na'm biodh Una pòsd' agad? Tha mi dol a dhearbhadh t'fhacail."

"Is fiach air duine na gheallas e," fhreagair Mac Fhraing gu grad.

[TD 14]

Tha toiseach aig an iasg air gabhail, smaointich an Ridire, 's e 'griobadh Mhic Fhraing air falbh leis. Ach cha robh e airson a rùn a chasadadh. Oir bha e làidir dhe'n bheachd gu'm b'ann air tàilleabh Mhic Coinnich a chaidh Una do'n fhéill; is na'n tigeadh do Mhic Fhraing a faicinn 'na chuideachda, fhuair e fhein gun spàirn, na bha dhith air-còir air Eilean Scalpaidh, is Eilean Phabaidh.

Is gann a nochd Una ri iomall na féille, na bha Iarlam Mac Coinnich ri 'taobh. Rinn iad furan gun aithris ri chéile; oir bha iad air cnàimh an rathaid, is folaiseach do'n t-sluagh. Ach bha esan coma có chitheadh, no chluinneadh e. Bha briathran a dheòin a'ruith air a theangaidh le caomhalachd nach buin ach do Ghàidhlig a mhàin.

"Gu dé tha ceàrr?" thuirt ise le athadh, 's i ag amharc thar gualainn Mhic Coinnich.

Bha esan anns an togradh nach gabht' airson sùgraiddh. Oir b'ann le lasadh-feirge 'na aodann a lean a shùil an rathad a bha Una a' coimhead. Ach thionndaidh a chorruich gu cùram, nuair a thug e an aire dha'n dà fhear a chunnaic e carachd an toiseach, is iad ris a' chleas chiadna nise ri 'thaobh.

Thòisich an sluagh ri dùmhachadh mu'n cuairt dhaibh. Ach ged nach b'urrainn da rian a chur air 'san àm, mhothaich e gu'n robh an còrr 'ga amharc fhein, na chumadh ri bhaisteadh e. Cha robh cothrom dol as aige, na'n éireadh tuaireap (1); an rud a bha h-uile

1 sabaid le dortadh fola

[TD 15]

collas air. Thuig e a chunnart; ach, mar bu dual do shiòl na Féinne, cha tug a rùn àite-builgidh do gheilt, no dh'eagal.

"Clann 'ic Fhraing 's a' Gharbhag-shléibhe 'nam bonaid," labhair Una beag 'na chluais. "Tha'n aimhreit fodhpa. Coisich liumsa," 's i 'cur a làimhe air a ghairdean.

"Cha tig e do Mhac Coinnich e fhein a theanachdas fo sgiatha boirionnaich," fhreagair e le fiamh gàire, thug rughadh blàth 'na gruaiddh agus léum air a cuisle. "A-chionn nach'eil còir le cead agam air do chuideachda, mholainn dhut an fhéill fhàgail. Oir tha eagal orm gu'm bi clò air cleatha bho fheasgar, a bheir a' Bhean-nighe do'n àllt. Ma gheibh mi cuidhte 's na greannain so, am faic mi aig an Ath thu a-nochd, agus c'uin?"

"Chi," ars' ise, "nuair a dhùinear an duilleag, 'sa sgaoilear am breacan, 's a théid a' marbh a thiodlacadh a' bheò! Buaidh dha d' laimh, is beannachd do mhisneachd dhut."

Aig a' cheart mhionaid a bha Una a' dealachadh ri Iarlam Mac Coinnich, có thainig air faireadh ach a bràthair, is Mac Fhraing.

"Nach dubhaint mi riut," ars' an Tolmach, cia luath 's a chunnaic e 'phiuthar, "gu feum fear nan cuaran éirigh uair roimh fhear nam bròg? Cuir Scalpaidh is Pabaidh air ceann-gill, neo rinn an Sàileach mór an gnothuch ort."

Sheas Mac Fhraing, is e cur a bhoise fo uilinn, anns an dòigh a bhiodh aig an Ileach ag aoireadh an Donais. Ma thuig e rùn an Ridire, thar-leis, gu'm b'e sid an t-àm

[TD 16]

'san cothrom airson iomlaid riaraichte dheanamh dhaibh le chéile.

"Faic so," thionndaidh e ris an fhear eile. "An latha bheir Mac Fhraing, Una do phiuthar mar chéile-phòsda da chaisteach, 'se do chuid-sa Eilean Scalpaidh, agus Eilean Phabaidh. Oir b'fheàrr lium a bhi dhìth fuinn, na bhi dhìth suim ann an sùilean mo naimhdean."

"Do làmh le t' fhacal," thagair an Tolmach gun a ghuth a chasad. "An latha phòsas Mac Fhraing agus Una Tholmach, is liumsa Eilean Scalpaidh, is Eilean Phabaidh; agus leotha-san a dh'oighricheas orm, fhad 's a bheir bó dhubh bainne."

Dh'aithris Mac Fhraing na briathran mar a fhreagair iad air fhein; is chuireadh crannchur Una gu taobh, mar nach biodh an teagamh bu lugha 'na h-aontachd ris.

Cha robh cuilbheart an fhortain air cuigeil cho cruaidh, na'n deachaidh an cùmhnant a dheanamh aig làraich eile. Oir bha cuspair an seanachais, 's a cridhe fo iomagain a' ruith a dh'ionnsaidh a bràthar, a-chum 's gu'n gabhadh e càram Mhic Coinnich os làimh. Ach is beag a shaoil i gu'n robh e an dàn dith a bhi casaid riutha-san a bha cheana air lorg cur as do'n òganach, a chuir thuig' i cho fada.

"Dé chuir an taobh so e," thionndaidh a bràthair an aghaidh a casaid, "mur a toir e an aire dha fhein? Am fear a théid a chur conas air mathan, 's math dha ma sheachnas e cuimirean bho na crodhanan aige. Ma thig dad ris, cuiridh sinn clach air a chàrn far an-far 'na thuit e."

[TD 17]

Chunnaic Una lùbadh na mearachd; ach dh'fhan i air ball 'na tosd. Oir thainig sanas 'na h-inntinn gu'n robh foill ri bruthach 's a taod mu cluasan. Thug i sùil air fear mu seach dhiubh, dh'fhèach an togadh i comharradh an dàin bho'n gnùis. Ach mur a d'fhuair i dearbh fhianuis air a h-amharus, mhothaich i gu'n robh miann a cridhe 'san t-saoghal, is e 'seasamh aig peilear a bheatha. Bha i, ach gann a' basraich a h-amhghair, nuair a thug taibhs na misnich beò air a h-aigne; is chuir i cainnt fo h-anail air.

"An t-Ogha Mór" ars' ise 's i tarruing gu h-obann air falbh. "Ma tha e 'san iomall, is gu'n teid agam air fhaotuinn," rùnaich i 's i ag amharc mu'n cuairt, "tha Iarlam sàbhailte."

Bha esan far na dh'fhàgadh e, ach 'na chaidh e gu taobh airson nam fear-carachd, a bha sior-theannadh ris. Chunnaic e gu'n robh 'nam beachd, aimhreit a thogail fa chomhair ge b'oileis. Ach fhathasd,-ged nach d'fhuair e 'n t-saothair soirbh, no taitneach-chum e air, is bhuapa, dh'aindeoin an innleachd. Cha robh sùil caraide ri fhaicinn, no duine dhe chinneadh air fàireadh. Bha coslas calla, thar-leis, ann an aodann fir no dithisd, nach do dhealaich ri chrudha fad an latha; is iad a-nise biorachadh da ionnsaidh. Thug e aig a' cheart àm, an aire gu'n robh a' Gharbhagh-shléibhe 'nam bonaidean-san cuideachd-suaicheantas-catha Mhic Fhraing.

Ged a bha Iarlam 'na aonar air raoin, is luchd-éirig ag iarraidh 'na chìrean, cha tainig a' mùghadh bu lugha air a smearalas. Ghabh e annas, airson sin, nach robh

[TD 18]

an sgiob' aige fhein ri fhaicinn. Ach cha do chaill e an earbsa nach biodh iad mu-ruighe buille-taic, na'n cluinneadh iad 'Tulach Ard!' air

ghloc. Mhionnaich e, co-dhiùbh ris fhein, gu'm fosgladh blonaig fir no dhà, mun cuireadh iad a dhruim ri talamh. Agus cha robh obaig an dearbhaidh fada bho thaobh.

Ma fhuair, no nach d'fhuair iad stuigeadh gun fhios da, thainig na fir-chomhstrith car air char, gus na thuit iad, tromach-air-shearach (1), mu chasan. Thug fear, 'san dol-sios, tàbhadh air a' sgein-duibh aige; ach léum esan air ais, is mun d'rinn am fear eile bhuinn, bha 'n claidheamh aig Iarlam ri glaic a sgòrnain.

"A dhiùidh nam fiùidh!" labhair e le sèitean 'na ghuth. "Ged is olc a thoill thu e, bheir mi bàs duine dhut," is a chlaidheamh ag éirigh 'san adhar mar lasair phrunnastain.

Ach mun do thàrr e gniomh a chur an ire, chual e, guth os-cionn gach caramasg a dh'aithnich e.

"Na tarruing claidheamh air diùidh," labhair am fear sin 's e deanamh rathaid da ionnsaidh. "Tha'n t-Ogha Mór ann an so air do chùl, a Mhic Coinnich!"

Leamh 's g'an robh sin leis, chum Iarlam a chorruich fo cheannsal; agus am feadh 's a bha Bharail air bhogadan, fhuair an garrach as. Ach ma chuirear sgial air firinn, cha robh e diombach mar a thachair.

## VII

Bu churaidh air blàr an t-Ogha Mór-cnàmharnach trom de dhuine garbh, 's a cheann os-cionn an fhir a

1 muin air mhuin

[TD 19]

b' àirde. B'e fhein is geamhradh an dà-fhichead, na comhaoisean. Ach mar is gnàth do chogais gun mheirg, bha spìd air a barradh ri iollag an t-seana-ghille. Bha mheomhair ann an coimeas ri bhodhaig, is iteachan a' bhàird maille ris, le cead an Fhreasdail. Oir-mur a canair an t-Ileach fhein-cha robh aig rogha nan Druidh na bheireadh dheth e ann an di-moladh an Fhir-is-miosa. Nuair a thigeadh dha beachd a liubhaint, bhiodh pong 'na sheadhachd. Cha tric nach gabhta ris mar bhinn nan seanar bho rùn gliocais. Bha aoidheachd is ceartas an còmhnuidh air làimh aige; agus cha bhiodh e mar a chuid fhein do'n fhear sin, a thigeadh air le car-tuathal bho bhealach.

Ged a bha thogail a-measg iochdran, theireadh bean-ghluine air mhaille, gu'n robh fuil an uasail 'na chuislean.

B'e sid teist a' cheatharnaich anns na chuir Una a h-earbsa. Thainig i tarsuinn air 'na h-airc, -e 'na shuidh air cnoc, cròileagan mu thimchioll, agus dalladh aig air òran na Féinne.

Cha luaithe chuir i a h-éis 'na chomaine, na rinn esan air an ionad anns an robh Mac Coinnich aig diachainn. Mar a chaidh leis, tha sinn cheana air fhaicinn.

"Fhearaibh!" labhair e le guth anns an amaiseadh cluas-ghiar air magadh, is muigheadh, "an tilgear air Strathach, no Sléibhteach gu'n a sheall e

eas-urram do choigreach? Thug ar daoine aoidheachd mar earras d'an cloinn; ach tha mi faicinn 'nar measg na bhuaireadh fear-tathaich 'na aonar. Is cìnnteach nach ann as leith Sgiathanaich a dh'éireadh a' chearb sin."

[TD 20]

Dh'éisdeadh ri chasaid; ach cha robh 'san tional na għluais facal 'na aghaidh.

"Freagraidh mis' air bhur son," thuirt e an ceann tacain. "'S e cùiltearachd Chloinn 'ic Fhraing is coireach; ach cha'n ann-buidheachas do'n Fhreasdal!—de shiol an Eilein iad; ged a thachair dhaibh a bhi le cead 'nar measg, mar a bha'n Tiristeach 's a' chuideachda. Cuireamaid eireachdas air cleachdad ar dùthcha, le bhi sealtainn do Mhac Coinnich Chinn-t-Sàile, nach fhiù leinn dol-a-mach an spleadhaire. Cha do chuir Mac Coinnich an còrr na sin a theagamh 'nar gluasad, neo cha tainig e do'n bhaile fo éideadh, is shuaicheantas a chinnidh. Deoch-slainnte 'Chabar-féidh!'—gach fear mar a chothrom-Aoidheachd do choigreach is cnàmhan prann do naimhdean ar dùthcha!"

Lean iollach an òraíd; sgap colgairean na mi-thlachd. Ach goirid na dhéigh, bha bùthnan na dibhe dripeil; cuach an òil deiseal air chuairt; is fàsgadh dhòrn an greim càirdeis.

Mun d'fhàg Una an fhéill ann an comunn a bràthar is Mhic Fhraing—nach do ghabh orra na chunnaic, no chual iad—ghabh i leisgial air Mac Coinnich fhaicinn. Ach bha esan air togail air falbh, 'san t-Ogha Mór le làimh 'na achlais còmhla ris.

Rinn iad còmhail airson sin, an déigh tràth-cadail mar a chuir i air suim an toimhseagain. Thuirt ise gu'n tachradh i ris, nuair a dhùinte an duilleag, 'sa sgaoilte 'm breacan, 's a rachadh am marbh a thiodhlacadh a' bheò; agus mhìnich an t-Ogha Mór do Mhac

[TD 21]

Coinnich anns an dòigh a leanas e: 'Nuair a dhùinear an dorus 's a théid an teine smàladh.'

Dé dha sin! Cha robh stàth anns a' choinneimh: oir fada mun a chiar an oidhche, bha Una air rèiteach ri Mac Fhraing a' Chaisteil Mhaoil. B'e sid an dealachadh beò a rinn leòn cràiteach ann an da-rìribh. Bha toil an Tolmaich na lagh dith; oir dhiùlt i briodal an fhuadaich bho thagradh Mhic Coinnich, ged a bha iallan a cridhe 'gan riasladh.

"Cha do cheadaich an dàn domh sonas," fhreagair i ri shùgradh blàth. "Ach olc is mar a tha mo chrannchur—'s ann aig Dia tha fios air truimead mo léiridh,—bhiodh e cian na bu mhiosa na'n leanainn mo chridhe 's do thàladh. Thug mi gealladh do m' athair air leabaidh a bhàis, gu'm bithinn aontach ri toil an Ridire, mo bhràthair. Tha'n t-aideachadh cruaidh; ach cha bhrist Tolmach fhacal. Is ge b'e idir cho mór a rùn, cha'n e té dhi-chuimhnicheadh a dleasanás, a sheasadh a h-àite ri Maor-mór Chinn-t-Sàile."

"An e so do naigheachd, agus toradh mo għrāidh dhut?" thuirt e ann am briathran a bha ach gann a' faotuinn cead ruith bharr a theangaidh.

"Ged is duilich 's fheudar," fhreagair i le ceann crom. "Thig e dhomh t'fhàgail mun tarruing mi an tuilleadh dragha 'nad lorg. Is suarach

airson sin na tha thu fàgail an Laobhras; oir tha mo chridhe 's mo dheòin a' falbh leat."

\* \* \* \* \*

Chluinnte morbhan an uillt mar chonaltradh nan daoine-sithe fo iomagain. Bha'n osag le osna 'na h-uchd

[TD 22]

a' lùbadh nan diasan seanga; thigeadh bradan gu boisgeadh na gealaich 's a' ghlumaig; agus ian-beag le biog na bu dlùithe da neadan. Dh'éirich a' meannan-adhair le clisgeadh 'san lón; leig an gille-bride biac as air sgeir-chladaich . . . bha Una air cluasaig is a cadal an iomrall; Iarlam Mac Coinnich, 's a mhulad an tosd, a' stiùireadh a bhirlinn air linne Chinn-t-Sàile.

"Rinn iad an gnothuch air Mac Coinnich," thuirt e diongalta ris fhein; "ach tha latha choin duibh gun tighinn fhathasd."

Agus b'fhior dha sin.

[TD 23]

MAC FHRAING MU DHEIREADH

Is ioma nì 'thig air an laogh nach do shaoil a mhàthair  
—SEAN-FHACAL

Dorcha mar chiar nan càrn bha blàr-a-muigh; fuar fuar, bha sitheadh na gaillinn, agus duabhar a bathais nan aonaichean balla-bhreac. Gu h-ard, 's mu'n cuairt, chluinnteuir ghioll a' bhith-ànraidh a' stadhadh nan dùilean, is sgread nimheil a chorruich ag osnaich mu lùib nan gleann fàs. Bha lom-thuar a' còmhdach nan sliabh fuaraidh; agus có am fear-coise cho dalma 's a thogadh ceum ri bealach? Mar a dh' aithris an seann-duine: bha toirm ann an glaic na doinnin chuilbheartaich, 's i fuineadh na fairge mar thaois-an dràsd, a' togail gharg-thonna caoranach, glasa, 'san sin 'gan toinneamh 's 'gam feannadh, gus an caill iad an cruth 'san gluasad ann an gàir-chobhar nan storc-maistridh.

Ach ged a bha onfhadh an reilig na h-iarmailte, bha 'n Caisteal Maol—mar a bha e iomadh latha bho chian-seasgair air asgail (1) an tulaich, dh' aindeoin 's gu'n robh flinne 's gaoth, gun diobradh a' failceadh a gharbh-bhalla, fad cheithir uairean fichead, agus cur is cathadh a' flodraich uinneagan fiarach na faire.

"Tha'n glaodh 'nam chluais, Ealasaid; gu'n gleidheadh Dia na's àill lium!" labhair Una, bean Ghoiridh Mhic Fhraing, is baintighearna Chaisteil Mhaoil.

1 achlas dhòn

[TD 24]

Bha manadh 'na guidhe chuir dragh is cùram air Ealasaid, a' bhean-ghlùine. Is cha robh a h-iomagain gun a leisgial. Nach robh naoidhean nam beagan thràthan a' rànaich air son na dibhe nach tigeadh ris, 's gun an t-seachdain fhathasd bho'n a dh' asaideadh a mhàthair air oighre do Mhac Fhraing?

"Nach e Moraire Goiridh tha fada gun tilleadh?" lean Una air aghart-a bilean air chrith, is sùil luaineach an fhiabhruis-asaid a' losgadh 'na ceann.

"'S e tha, gu dearbh," fhreagair Ealasaid, 's i ag amharc le caomhalachd air blàth bhuadhan na màthar òige. Gu'n robh i ann an trom thinneas bha e tuilleadh is soilleir. Ach bha a snuadh, spioradail 'na dhreach-rughadh nan ròs le àirde fiabhruis air a gruaidh, agus a gruag a' tuiteam mar lùban òr-dhealt air a cluasaig, far an robh a làmh chumadail sinte, agus duail dheth an glaic a meòirean geala.

"Ealasaid," thuirt i le fonn grad; "tha amharus agam gu'bheil an còrr 'nad chleith, na tha 'nad fhaiceall. A' bheil fios agad dé tha cumail a' Mhoraire?"

"Ma 's e naigheachd amharus, tha eagal orm gu'm b' fheàrr lium ann an soe, na far a' bheil e. Ach cha'n 'eil sin ag ràdh nach'eil mathas an Fhreasdail maille ruinn."

"Gu dé dha sin!" smachdaich Una. "Cha leasaich bròn breamas. Tha mi fo chùram 's fo iomchoir. Thug mi oighre do cheann-cinnidh Mhic Fhraing, ach dé a thachras?"

"Na cuiribh sibh fhein mu'n cuairt, nic-a-chridhe! Nach'eil fios agaibh-se gu'n tig furtachd le foighidinn,

[TD 25]

mar is tric a chuala sibh. Cha bhi a' Moraire Goiridh fada tuilleadh."

"'S dochá nach bi!" fhreagair Una le ospaig chràitich, 's i leagail a sùlle cianalas air an leanabh ri 'taobh. "Nach ann dhut a dh'éirich e!" 's i 'ga phasgadh teann ri h-uchd. "Mu'n tig bristeadh na maidne bidh tusa 'nad dhilleachdan, is feachd fuitteach na h-éirig a' cur bàs-ruaige air t'athair."

"Thig cùl-taic far nach ruig tubaiste," ars' Ealasaid a' casgadh an achmhasain. "Agus théid ioma ceann an currac-ma's idir a thachras e-mun tig an latha sin."

"Cha bhreislich m' fhàisneachd," thuirt Una air a socair, "ged is cruaidh an t-aideachadh e bho leabaidh na h-eiridinn, is tatar a' cheum-bàis cheana air an starsnaich."

"An oidhche 's a' lath'!" ars' Ealasaid a' fàsgadh a làmhan. "Nach ann orm-sa thàinig e. Dia 'gam chuideachadh! Feumaidh sibh sgur a bhuidhinn, neo togaidh e fia—"

"'Sgur a bhuidhinn,' thuirt thu? Fior, agus ro-fhior tha do chomhairle. Abair ri Fioschluas, dalta Fear Eilean Donnain, gu'bheil mi air son fhaicinn, ma tha e gun an caisteal fhàgail."

"Mo chuid 's mo nàire!" fhreagair Ealasaid le iognadh. "Cha'n àite fir an seòmar so aig a' leithid de dh' àm. An oidhche 's a' latha!"

"'S dòcha gu'bheil thu ceart, Ealasaid; 's cha choirich mi t'fhaiceall. Nise, bho na dhearbh thu do dhilseachd, tha nì diomhair agam ri earbsa riut."

[TD 26]

Air dhith so a labhairt, sheall i giar air a bhean-fhrithealaidh, agus arithisd-mar gu'm biodh i air son togail a beadachd-dian air an dorus.

'S ann le cridhe goirt a bha Ealasaid a' gabhail ealla ri bana-mhaighstear a gràidh. Agus ge b'e cho mór a dùrachd, cha b' urrainn i a chleith oirre fhein, no té a haire, gu'n robh an dealachadh buan dlùth air làimh.

II

Bha Una ann am breislich àirde fiabhruis. Ach cha robh Ealasaid cho misgilear 's nach aithnicheadh i gu 'n robh an còrr is éucail bodhaig an co-cheangal ri a tineas. Cha do chuir e, mar sin, an t-ioghnadh bu lughairre, nuair a thug Una tarruing air 'diomhaireachd' is 'earbsadh.'

"Ealasaid," ars' Una a' bristeadh na tosdachd, "tha uallach air m'inntinn cho trom ri aithreachas. 'S ann an dràsda tha mi faicinn nach'eil cleith air an olc ach a sheachnad."

"Is làidire Dia na uile pheacadh an t-saoghail; agus na's nomha na sin, tha thròcair saor, 's e an còmhnuidh an tairgse."

"Na biodh cùram ort gu' bheil mi siubhal gun dòchas: cha'n 'eil. Ach, mo chreach staid na muinntir air an tig dioghaltais rùn nam biodag nàimhdeil," labhair Una 's i suathadh an fhuar-fhallais de chlàr a h-aodainn. "Ach éisd rium! Oir air mo thàilleabh-sa thig feachd millteach air tigh Mhic Fhraing. C'arson! an abair thu?—Air son gu'n a dh'ìslich mise oighre Ceann Cinnidh Chloinn Choinnich-tighearn òg Eilean

[TD 27]

Donnain. Mar a bhios an dàn, 's ann a thachras. Gealladh m' òige, rùn-geallaidh mo chridhe. Bu diomhair ar còmhail, ach ro dhiomhain ar bòidean! Thainig an toirmeasg eadar sinn; cha robh e mar fhiachaibh air an Ridire comhstrìth ghamglasach an dà theaghlaich fhaicinn fhathasd aig crich. Cha luaithe fhuair e mach gu'n robh oighre Mhic Coinnich an rùn pòsaidh dhomh, na chuir e stad air ann an dòigh nach do shaoil mi. Agus, is e so an dràsda tha diteadh mo spioraid. 'Fhuair mi fios bho Mhac Fhraing a' Chaisteil Mhaoil,' bu chiad rabhadh a thug e dhomh air dé bh' air aire. 'Tha thu nise aig aois pòsaidh,' chum e roimhe le guth a shearg cochal mo chridhe. "'S cha'n fhaic mi na's freagarraiche na sibh a dhol an làimh a' chéile. Co-dhiùbh, 's e sin mo thoil-sa; 's mar nighinn dhleasail bheir thu géill dhith.' Cha d' fhuair mi fiù 's aona chothrom casaide ris. Rud a dh' iarras an Tolmach, ni Tolmach. Thaom dòchas a mach as m' inntinn; oir ged a b' fhuath lium reachd m' athar, cha tugadh airc dhomh misneachd a bhi eas-umhail. Aon chòmhail, 's aon dealachadh cràiteach eile, 's chunnaic mi sealladh mu dheireadh air oighr' Eilean Donnain. 'Teich liumsa!' thuirt e an geasaibh-cainnte gu leòr. 'Oir an latha nach dion Mac Coinnich bean a roghainn, chaill gaisgich an tapadh.' Ged bu shearbh an diùltadh b' fheudar e. Nuair a dh' innis mi dha an gnothuch mar a bha, thòc aodann le àrdan-feirge; bhà e fhein 's Mac Fhraing an rùn nam biodag da chéile. 'Is ann mar so a ni an Ridire Tolmach tàir air Cloinn Choinnich; an ann?—Agus a ni Mac Fhraing cùis-

[TD 28]

mhagaidh de Mhorair Eilean Donnain,' fhreagair e gu socair sèimh; ach gu'n seachnadh am Freasdal orm an lasadh bha 'na shùil. Thig uair anns am bidh aithris na criche air mar a bheir Mac Coinnich a-mach tòrachd na tàmailte so? Sin Ealasaid rùn mo dhiachainn!"

"Gu'n tigeadh Ni-maith 's an eadraigin!" ghuidh Ealasaid mar fhreagairt. "Tha e collach, ge b'e có 's coireach gur tua 'n creanach. An oidhche 's a' latha! Far am bidh do ghràdh, bidh do thathaich. Nach ann oirbh a thàinig e!"

"'S fior do ràdh," thuirt Una le fann-ghuth. "Tha 'n còrr is bliadhna bho na dh' fhàg mi tigh Laobhrais air son a' Chaisteil Mhaoil; ged nach do chuir Mac Coinnich an géill a bhagairt. Ach thig e; is i nochd an oidhche. Nach d'thuirt thu rium gu' bheil Fioschluas fhathasd 'nar fàrdaich? Bu toigh lium fhaicinn. Tha mi air son gu'n toir e fios-beòil do Mhorair Eilean Donnain, is fios a' chridhe nach ceannsaich slabhraidih no inbhe. Greas ort!"

Cha do chuir Ealasaid 'na h-aghaidh na b' fhaide. Dh' éirich i mach, ma's a b' fhior, a choimhead air son Fhioschluais. Ach thuirt i rithe fhein nach d'rachadh cas dheth air taobh a-stigh an t-seòmair.

Is gann a rinn i ach an dorus as a déigh a dhùnadh nuair a thachair i an clàr an aodainn air a' Mhoraire Goiridh fhein. Bha cheann crom; a shùil luaineach agus gruaim na h-anshocair 'na aogasg shreamach.

"Ciamar tha bhana-mhoraire?" dh' fhoighnidh e gu h-ealamh.

[TD 29]

"Tha i beò," fhreagair Ealasaid; "ach 's e sin uileadh e."

"Dé thuirt thu?"

"Cha dubhaint mi ach an fhìrinn," labhair i gu dàna. "Na'm bu chéile-pòsda mar bu dlighe thu, b' e t-àite 'san uair so, bruaich a leapa. Dean cabhag gu h-obann, neo bidh do chaoidh far nach bidh a leasachadh."

Thug Mac Fhraing a chùlaobh ri Ealasaid, agus lean ise ceum roimhpe.

Ràinig e seòmar na h-eiridinn. "A bhean mo chridhe," thuirt e le fàilt' is cumha, "thug thu mac do 'm chinneadh, ach is suarach a-nochd oighreachd Mhic Fhraing."

"A! Ghoiridh," fhreagair ise le sùil shiltich, "an e so t-aoidheachd do mhàthair do ghineil? C'arson a bha do thighinn cho anamoch?"

Chrom e cheann, phög e 'bilean dearg-thioram, agus dh' fhan e 'na thosd. 'Cha'n urrainn mi innse dhith,' thubhaint e balbhach ris fhein; ach bha e ag ùprait 'na inntinn gu'n robh a h-amharus a' breithneachadh a chùraim.

Dh'fheith a bhean air son an leisgeil nach d' fhuair i. Phaisg Goiridh Mac Fhraing, Moraire Chaisteil Mhaoil, a làmhan air uchd; ghabh e ceum a dh'ionnsaidh uinneag an t-seòmair, agus gun lide tuilleadh a chanail, sheall e dian a-mach.

Bha 'n oidhche gailbheach, 's a' sìor dhol am miosad.

"A!" smuaintich e an teanntachd na h-éigin. "'S ann fo sgàile nam bealach gaothar a leagas Mac Fhraing

[TD 30]

a-nochd, a cheann. Ach," 's e 'tionndadh a shùl air an leabaidh-eothair (1), "gun fhios dhise tachraidh e."

Dh' fhosgladh dorus an t-seòmair, agus thainig Ealasaid air ais-nì a chuir casg air cuibhleadh uidealach a smuaintean.

"Tha gnothuch àraig agam riut, Ealasaid," chagair e 'na cluais. "Coinnich an tall-an-tuirc mi an taobh a-stigh de leith-uair." 'S gun fuireach ri freagairt dh' halbh e mach air a shàil.

Cha do ruith an ùine buileach, gus an d' fhuair Ealasaid i fhein 'san leith-ionad sin de 'n chaisteal ris an abrar 'tall-an-tuirc'; bha 'Moraire Goiridh cheana feitheamh oirre.

"Cluinn toirm-spairt na gaillinn," thòisich e cho luath 's a ràinig i. "Nise, creid mi! Beanaidh iargaltais na h-aimsir-challa rium na 's bàigheala na iadsan tha 'n nochd air mo thòir. Ge b' e dé mar a thachair e, tha bhuaidh le Cloinn Choinnich an tràth so. Thuit uile-dhion a' Chaisteil; 's e sin na tha feum dhut a chluinntinn. Ach a-chionn 's nach 'eil e an comas feairt no fuirteachd a' chùis a leasachadh, is tua ris an earb mi maotharan neo-chiontach na ciche, is oighre Mhic Fhraing, fhaotuinn sàbhailte bho 'n aitreabh so. Aon chùmhnant eile: tagh am bàs dha fhein 's da mhàthair, na iad a thuitem an làmhan a' chreachadair. A! an oidhche dhuabhar, agus dòn-sgàile nan ailbhinn oillteil a bheir cothrom teichidh do Mhoraire Chaisteil Mhaoil. 'S i so an oidhch' a chi Mac Fhraing fo'n choill 'na shònrach."

Thilg e lùib a' bhreacain thar a ghualainn. Fad

1 ri uchd bàis

[TD 31]

mionaide no dhà, rinn e seasamh-sòraidh 'san dorus, 's a smeigead air uchd. Mionaid no dhà eile, agus dh' fhalbh Mac Fhraing gu ruige caidir na dùblachd dhorcha.

III

Thill Ealasaid air ais do sheòmar na bana-mhoraire. Dh' fhèach, ach cha b'urrainn i a chleith oirre, an iargain dhòlasach a' dh' fhàg Mac Fhraing 'na h-aithne.

"O! sàbhail mo leanabh," ghuidh Una, 'san sealladh fad-as 'na sùilean. "Ann an éirig t'anma, tha e mar fhiachaibh ort an dochann a sheachnadh air. O! am bàs!—Dé th'ann, Ealasaid? Mo leanabh! O! mo leanabh! Tha'n t-searg-ghruaim mhór 'na deann a' seòladh tarsuinn an aiseig. Thig am Moraire Goiridh 'na thràth; ach cha'n ann gu fàilt a mhnatha. Gabh a-stigh a thannaisg air son sac do thuruis. Tha dubhar nan nial a' slugadh mo léirsinn; cha'n fhaic mi 'ghrian. Tha do mhàthair a' dol air astar ionadan siar na taibhse; ach iathaidd bith-spiorad mo ghràidh mu bhruaichean t'àite-cadail. Ealasaid, cè do làmh: na di-chuimhnich mo leanabh lag-choiseach. Sid e siubhal air oiteag nan diar-Tha na sgóthan a' sioladh seachad. Ealasaid!—mo leanabh—mo—lean—"

Stad a h-anail; dh' fhàg an solus a sùilean, agus bha Ealasaid leis a' mharbh 'na h-aonar.

Anns an uair sin bhrùchd earras nan tosd a' làthair-am balbh-ealain a dh' iathas mu aigne nam beò, 's a bheir uamhas gu leaba-chlisgidh a' chridhe. Bu chrannchur nam béud e ann an da-rìribh; ach cha d' fhuair e Ealasaid gun a tapadh.

[TD 32]

"Cha'n éirich gu h-olc do'n ròineig a's lugha de dh' fhuiltean a chinn," bhrunndail Ealasaid, 's i pasgadh an leanaibh ann an seasgair a breacain. "Cha dochainn anail gràidh thu, a mhaotharain laig!"

Mu ghlòmanaich an latha-màireach, leigeadh seana chailleach, is ultach 'na h-achlais, an taobh a-stigh de bhalla mór Eilean Donnain.

Tha e ri aithris mu'n daingneach so, gu'n robh toiseach aig na saighdearan Spàineach air suidheachadh freiceadain a dheanamh ann 'san àm. Bliadhna no dhà as déigh sin, bha iad 'nam meadhoin air an t-seana chaisteal a leagail 'na chuail-chnàmh. Ach buinidh an taobh-sgial so do dh' aimsir eile. Is ma gheibh mi rath air clàr-ùine, lorgaidh mi rian a màthar-ghuir mar a chuireadh mo nàbaidh-am fear-seanachais-blas oirre.

Air do dh'Ealasaid foighneachd dé bu chor do bhean-uasal a' chaisteil-thachair dhise a bhi air a laidhe-siùbhla cuideachd-sheòl cuideigin i a dh' ionnsaidh seòmar-feitheimh na bean-ghluine.

Bha faileas lasraichean nan cnapan giubhais a' dannsa mar chleasaichean fanaid, ceithir thimchioll a' bhalla. Agus mu choinneamh bràdair mór teine, bha cailleach chrom-shrònach, liath, 's i brodadh na beò-ghriosaich le sgonnan maide.

"An tusa tha so, Ealasaid, an ainm a' chlobha?" dh' fhàiltich an t-ònaran fo mùgan. "Dhia cobhair mi! Gu dé 'n t-aon ni chuir thu ann an so mu'n taca so latha?"

"An t-aon aobhar, 's dòcha," fhreagair Ealasaid,

[TD 33]

"'s a tha 'gad chumail fhein a' tionndadh nan éibhlean 's a' caithris na h-oidhche. Nach fhior dhomh sid? An deachaidh bean Mhic Coinnich 'na clàirean fhathasd?"

"M' anam! cha deachaidh," fhreagair an té eile. "Ach c'arson a tha thu foighneachd?"

"An oidhche 's a' latha, Sheònaid! Cha'n ann gun fhios c'arson a bheireas cearc ugh; faodaidh tu bhi deimhinn as. Shiubhail bean Mhic Fraing an raoir; agus so agad leanabh a cuim," labhair Ealasaid, 's i aig a' cheart àm a' tilgeadh sgòid de bhreacan Chloinn 'ic Coinnich gu taobh. Bha'n leanabh 'na shuain-chadail. "Nise, Sheònaid," lean i air aghart, "is clann an aon athar is mhàthar sinn le chéile. A-chionn 's gur h-e mise is sine, bidh tu air do stiùireadh lium. Ach fuirich ort," chagair i le coimhead-fiaraidh. "A' bheil sinn saor bho fhar-chluais?"

Air do Sheònaid a h-amharus a thraoghadh, dh' fhoighnichd, i, có bu dhlùth-dàimhe do'n dithisd aca?

"Cò ach Clann 'ic Fhraing, gun a bhi ladarna," dh' abair Seònaid.

"Ma tha sin mar sin, théid dleasanais ri dàimh," ars' Ealasaid.

"An ainm an àidh! dé tha ceàrr?" dh' aithris Seònaid a-arithisd.

"Dé nach 'eil ceàrr!" fhreagair Ealasaid. "Dé! ach gu bheil an Caisteal Maol 'na chuail-chnàmh agus Mac Fhraing a' toirt an t-saoghal fo cheann. Sin agad dé tha ceàrr. Dé tha ceàrr?—Dé ach gu bheil Clann-Choinnich an déigh tein'-aighir a dheanamh

[TD 34]

de thogalach Mhic Fhraing nan cliar; bean a thighe gun a righeadh air an fhuar-leabaidh, agus taibhsean milltearan athar a leanaibh, casa-góbhlaich air còirichean teaghlaich a dhlighe. Dé tha ceàrr?—an oidhche 's a' latha! Thoir taing dha t'athair nach ann bho shiol Chloinn Choinnich 'tha sinne. Dé tha ceàrr nach cuir mise ceart?"

"Ciamar? Ciamar?" leith-ghlaodh Seònaid, 's a h-aodann a' bànadhl le corruiich an dioghaltais.

"A! sin e!" thuirt Ealasaid mar rithe fhein. "Rud nach 'eil an dàn cha tachair. An oidhche 's a' latha! Choimhlion mi cheana bòid mo gheallaidh."

"Ciamar, ciamar?" sgriach an té eile 'ga cainnt-chasgadh, 's i 'gabhair a' ghiorsta (1).

"Mar is math is aithne dhuinn, gun a bhi 'n eismeil bruain, no biodaig," fhreagair Ealasaid le bathais shreamaich. "Na dh'asaideadh té do fhrithealaidh fhathasd?"

"Tha mi feitheamh na gairme."

"'S math mar a tha chùis," thuirt Ealasaid le fuar-ghuth a chuir oillt air a piuthair. "Tuigidh tu nise mi. Ma's e gille bhios aice, cha'n fheum e bhi beò; ach ma's nighean e, bheir thu do'm ionnsaidh-sa so i. Cuimhnich, a Sheònaid, gur e tha so, miar mu dheireadh de shiol Mhic Fhraing. Tha e 'n dràsda 'nar comas-mise 's tusa-saoghal fada thoirt dhà. An dean thu e? Greas ort! Greas ort! Cha'n 'eil ach aon dòigh air a cho-dheanamh-aon dòigh."

"Dhia cobhair thu! An ainm an Fhreasdail, an e chlann iomlaid a tha dhith ort?" fhreagair Seònaid le plìn-aghaidh (2) ghruamaich.

1 corruiich le deòin

2 gàire le feirg (grin)

[TD 35]

"Mar a thubhairt thu! Agus giorra-shaoghal a thoirt do bhean a' mhoraire!" chagair Ealasaid. "'S ni sinn sgiobalt e."

\* \* \* \* \*

Mu àird-fheasgair an latha sin, chualas gu'n d' rugadh oighre do Eilean Donnain. Ach aig tuiteam na h-oidhche, bha piobaire mall-cheumach a' deanamh siubhal nam bròn air còmhnard-mullaich a' chaisteil. Bha tuireadh

is cràdh a' sruthadh fann bho fheadan, agus srann-ghlaodh nan dos a' giùlain cumha gu cladach. Air mullaich nan àrd, bha tamhaisg aognaidh a' tional 's iad ag osnaich ri dol seachad nam marbh. Bha'n osag 'ga tacadh le fras-luchd nan diar, is luasgan nan tonn bòcach a' cur thuige le achanaich. Chualas bas-shlacadh na Bean-nighe 'san allt: chluich piobaire Mhic Coinnich bròn-cheòl a' mhulaid . . . thriall bana-mhorair Eilean Donnain.

[TD 36]

#### BEUD IS BACADH

Beiridh bean mac, ach 's e Dia ni an t-oighre  
—SEAN-FHACAL

Le car-tuathal 'na diomb, is an iomlaid fo h-achlais, dh'fhàg Ealasaid-a' bhean-ghluine-leanabh-gille Mhic Fhraing air cùram a peathar ann an Caisteal Eilean Donnain. An déigh cur-as da màthair, phaisg i am pàisde nìghne-air 'na dh'asaideadh Bana-mhorair Mhic Coinnich-ann am brat-crochaidh ri h-uchd; is rinn i a rathad a-mach cho luath ri fiolan an cóinnich. Dh' fhèach gille-faire, 's e ag armadh gléus a chuilbheir, ri a stad; ach ghuidh ise, droch condrachd air a ladarnas, agus chum i roimhpe.

Cha b'e còmhail, no bagairt a thigeadh ri ana-cneasdachd a turuis.

Bha i ann an sunnd aognaidh. Agus mur a b'e gu'n tug i bòid da piuthair, seasamh ri chaochladh, fhuair naoidhean a gamhlais saoghal goirid. Ach a dh'aindeoin so fhein, bha ròineag a bheatha 'n crochadh air bearradh cugalach. Oir bha oibreachadh cealgach a' toirt a' chridh' aice gu taobh. Is ann aig an dàn a tha brath, dé dh'éireas do chuspair a cnuasachd.

Theagamh gur h-e column gun iochd a bha'n Ealasaid, aréir beusan na gineil nach d'fhuair, ni momha thuigeas iad, an dàimh a bha ceangal an t-sluaigh ri'n ceann-

[TD 37]

cinnidh. Ach ma tha an fhriamhag a's lugha de dh'fhuil nan Gaidheal annad, cha ghabh thu ionantas dhe a dol-a-mach. Co-dhiùbh, thug Iain Og, mo nàbaidh, beachdan domh mu'n chùis air nach deanadh sgobag dearmad. Is tha mi riaraicht an diugh leotha.

Nach iomadh oidhche chridheil, a chuir mi seachad leis; agus céilidh mhór a chruinnich 'na fhàrdaich. Fuar, no fliuch do'm biodh an aimsir, cha'n fhaicte taobh a chagailte falamh. An oidhche 'san latha! Cia liughad crùban a rinn mi-fhin 'nam ghiullan, fo chabair a thighe, nuair nach ruigeadh mo shròn air àileadh an teine, leis cho dùmhail 's a bha'n fheadhainn bu shine mu thimchioll.

Cha bhiodh, mar sin, breacadh mo sgeòil ach mu làimh, mur a tug mi iomradh air Iain Og Mac Rath, bho'n d'fhuair mi i. Oir is ann bharr a chuimhne-san, a bhuilicheadh mar a chaidh do Mhac Fhraing a' Chaisteil Mhaoil, agus do Mhorair Eilean Donnain.

Bha naigheachdan a' dol, a dh'innseadh e fada na b'fheàrr na Iain Piobaire, no eadhon Niall Mac Lachlainn Bhàin. B'ann diùbh an té so. Is ged nach robh e buileach, cho fiosrach ri Iain Piobaire, bha ghn-smuainte ann an ealain air thoiseach orra le chéile. Chuireadh e air a'

mhodh sin, blas air seanachas a b'fhiach da luchd-éisdeachd tarruing a-  
rithisd air.

B'e sin caisleacheadh smuainte air a feobhas, nuair a rachadh e air oir  
ri, 'Mac Fhraing mu dheireadh.'

Fhuair Iain Og aois mhór; agus chunnaic e iomadach atharrachadh a' dol an  
gnè a luchd-dùthcha mun d'fhàg e an saoghal. Theireadh cuid gur h-ann  
aige

[TD 38]

bha'n inntinn aotrom, mar gu'm biodh iad fhein de'n t-seòrsa bho'm  
faigheamaid ciall an iosad. Ach bha'n còrr de thùr ann am baoth nam  
beachd-thar-leotha-bh'aig Iain Og, n'an gliocas féineil-ma's fhior-a  
bh'aca-san, nach tigeadh an uisge na stiùrach do bhàighealachd a' chridhe  
a bh'ann. Mar fhianuis air mo bharail, b'e an tigh aige, aon àite-céilidh  
a' chinn-iochdraich. Is rinn mi mo chuid dheth. Oir cha mhisid e an t-  
aideachadh, nach b'ann aon uair, no dà uair, a dhì-chuimhnich mi an  
gabhair-form a fhuair mi roimhe, a-chionn a bhi 'muigh air na tighean'; gu  
h-àraid, ma's e an t-Sathurn bh'ann; is uisge na Sàbaide gun toirt  
dachaidh, no arbhar a' chruidh gun bhualadh.

Ma's math mo chuimhne, cha robh aig' idir air Cloinn Mhic Coinnich Chinn-  
t-Sàile. Bha aobhar a dhiomb a' ruith 'na dhaoine bho shinnseadh. Ach  
buinidh am bun-connsaid ri làithean casgraiddh nam feachd; agus cha'n  
ùraich mi iomchoir air an tàilleabh.

Ged nach do thuig mi an uair sin e, tha mi nis a' faicinn c'arson a bha  
mholadh air Eilean Donnain cho éigneach. Ach ma's e 's gun tig thu air an  
aiseag 'san t-Samhradh, nuair a bhios neòinean brosglach ri taobh tuilm,  
chi thu cròileagan de bhalaich bheaga-Muire! 's iad fhein na  
fiannaichean!-biorraidean luachrach air an cinn; agus luingeas  
sheilisteir aca 'gan seòladh bho thir-mór gu eilean mara. Tha gorm-linne  
Loch Dubhaich na's leatha n'an cuan do'n sealladh; is na'n ciar an latha  
'thig bristeadh air sonas, fhad 's a bhios sùil na h-òige tomhas an  
astair.

[TD 39]

II

Mar innis do'm b'fhiù le sgailean nam bàrd bhi tional, tha Eilean Donnain  
'na chrùban tlusar a'cadal; is dubhar ioma-chruthach nam beann mu chòsan  
ag iathadh gun sgios.

Cha'n'eil ach na totaidhean ri'm faicinn de Chaisteal Dhonnain an diugh.  
Tha'n dialtag, 'sa' chailleach-oidhch' air seilbh nan tùr, anns an tric a  
bha caithris nan àrmunn an sunnd catha; basdalachd nan cuach mu'n bhòrd;  
agus, mar an ciadna, caidreach chaomh nan trom-rasg a'togail fàiridh 's  
a' chamhanaich fhuar.

Ach fàgam an t-eilean comharrachte so an dràsda far na dheasaich nàdar a  
luach; is gabham beachd air an turus dhiomhair a thug Ealasaid-bean-  
ghlùine, is banaltrum Mhic Fhraing a' Chaisteil Mhaoil-air ceann-uidhe,  
cho cunnartach, seòlta, gu ruige daingneach a dhearg-nàmhaid-am Moraire  
Mac Coinnich, Maor-mór Chinn-t-Sàile.

Thachair turrag (1) a gnothuich aig toiseach bliadhna nan gràs—Seachd-ciad-diag-agus-a-h-ochd-diag-mu'n àm 's an robh aghaidh bhrucach an Fhaoilich a' glasadh an fhearainn.

Ma ghabh thu'n tlachd a rinn mise 'san sgial so, thig a' cheist 'nad inntinn, Ciamar a chaidh aig boirionnach leatha fhein, agus leanabh 'ga altrumas aice, air aiseag a' Chaoil a dheanamh ri oidhche, fhiadhaich, dhorcha, Gheamhraidh?

Chuir mis' an dearbh cheist ri Iain Og, uair dheth robh 'n saoghal. Ach ma chuir, cha robh cearb air a fhreagairt.

1 cnag, no udalan an so

[TD 40]

"Thoir an aire," ars' esan, "nach ann de dh'eireagan diùididh na ti, no chnàmhan tioram nan Gàll, a bha Ealasaid-fhiataidh-a'-chora-bid, mar a chanadh an t-Ogha Mór le blaomadh. Bha i, mar a bha gineil a latha, greimeil calma. Bu choingeis leatha, bac bàta ri bac puill-mòine. Lùbadh i liagh ràimh an achlais nan tonn cho easgaidh ri làn fhear-mara. Bheireadh i caora-sheasg a monadh gun a h-anail a bhristeadh. Cha toireadh té eile dhith e a' cur corrain fo dhlò. Dheanadh, is sheinneadh i òran cho math ri Mairi Ni'n Alasdair Ruaidh, ged nach'eil dad air sgial a-nise dhiubh. Bhiodh dreach air cleath-luathaidh, far an cluinnt' a binn-ghuth a'toirt fleasgaich a ùradh. 'S ann oirre chaidh luinneag a' chleachdaidh sin fhàgail:

Gairidh an coileachan uair roi' là;  
Có 'n gille òg tha tighinn 'na bhaile so?  
Gairidh an coileachan uair roi' là!

Nise, cha tigeadh rud 'sam bith 'na car nach toireadh i oidhearp air. Bha i mar a chuala tu, cho math am bun tannis, 's a dheanadh i sniomh, no breabadaireachd.

Tha'n t-aithris gu'n robh neart anabarrach aice. Is gun a bhi cur mo sgeòil an iomrall, bhuineadh a cuideachda do Shuidhsnis-am baile bho'n tainig mi-fhin. Bheir mi aona naigheachd bheag dhut oirre, a dhearbas a tapadh, 'sa h-innleachd na's fheàrr na dheanadh bleidire Mhic-'Ille-Chalum, ged bu mhór a sgathadh.

Bha Ealasaid fada 'na banorraich le aona mhac, ris an canadh eòlaich, Fearchar Mór a' Ghunna, na'm

[TD 41]

biadh iad a' toirt neairt an eisimpleir. Fhuair sinn cunntas air Fearchar Gunna, no dhà eile. Ach b'e mac Ealasaid an duine; agus a dhleas an taim a' bu gheal a choisinn e. Cha tainig esan riagh 'na rathad a chuir a làmh 'na bhroileach gun chreanachadh air a dhalmachd. 'S beag airson sin a b'fhiach a spionnadh an taca ri 'mhàthair-an rud a sheallas mi dhut.

Thachair do dh'Fhearchar latha-'s e an uair sin aig ire duine-ti'n air agh leis fhein, a chaidh a cnàimh na h-amhaich 'sa' mhonadh àrd. Dé rinn mo laochan, ach a thogail ceithir-chasach air a ghuailne; is gabhail dhachaidh leis, mar nach biadh ann ach piolag uain.

Dh' fhaoidte gu'n tig agam fhathasd air éuchdan Fhearchair a' Ghunna chur am beairt dhut. Oir cha d' rinn mi ach an tarruing so a thoirt air, a-chum 's gu'n dearbhainn gur boirionnach air-leith a bha 'na mhàthair.

Mar a dh'éirich dha'n t-saoghal, bha nàdar na saighdeareachd anns na daoine. Agus thainig fodha dol gu ruige an arm-dheirg. Cha robh e buileach cinnteach, co-dhiùbh a b'ann air Freiceadan Ghlinn-eilge, no Chille-Chuimein a dheanadh e. Ach latha dhe na làithean, mun tainig borc nan lusan 'san Earrach, chuir e a rùn ann an cead a mhàthar.

Ged nach robh i buidheach dhe thogradh, bha fios gu math aice, gu'n robh esan tuilleadh is tréun 'na bharail, airson ise dheargadh air. Thainig an t-àm mu dheireadh; agus dh'fhàg Fearchar an tigh leis na beannachdan. Dh'fhalbh a mhàthair 'ga chur greis-a'-rathad; is chum i cheum 's a chridhe gus an d'ràinig iad an Sithean, far 'na stad iad le chéile.

[TD 42]

"Fhearchair," thuirt i. "Cha'n'eil mi idir socair 'nam inntinn gu' bheil thu làidir gu leòr gu dol a-measg nan Gall 's nan coimheach."

"Ciamar as an Fhreasdal a dhearbas mi chaochladh dhuibh?" fhreagair esan.

"Ma théid agad air," ars' ise, "cha bhi e idir duilich dhut. Ma thogas tu Clach-mhór an t-Sìthein 's na cuileanan oirre, chi mi thoiseach."

Rinn Fearchar mar a dh'iarr i gun spàирн.

"Cha'n'eil mi fhathasd socrach," lean i oirre. "'S ann a dh'fhiachas mi-fhin 's tu fhein car-carachd. Ma chuireas mise ri làr thu, tillidh tu dhachaидh lium; ach ma leagas thusa mise, tha taghadh do rathaid agad gun chùram dha d'mhàthair."

Dé th'agad air ach gu'n deachaidh Fearchar 's a mhàthair ann am bad a' chéile. Thug ise 'n còrr 's a dhùbhlàna da, gus 'na chuir i mu dheireadh, le aillseadh is bacaig, air slaisneach a dhrom' e. Thill Fearchar dhachaидh, 's cha do thog e sùil ri saighdearachd riamh tuilleadh.

"An cuir e annas a-nis ort," chum Iain air aghart mar bhàiristear (1) an talla-casaid, dé cho beag saothair 'sa bhiodh e do bhana-ghaisgeach dhe'n t-seòrs' ud, bàta-beag a thoirt air a dà-ràmh, eadar an Caisteal Maol is Eilean Donnain?"

Dh' aontaich mi leis aréir m'fhiosrachaидh; ged a bha'n còrr agus lath' is bliadhna mun do dhearbh mi dhomh fhin gu'm biodh uisge lom aice, cho faid 'sa sheachnadh i broluinn nan cuartag 'sa' chumhann.

1 fear tagraidh

[TD 43]

III

Bu toigh le Iain Og deadh fhear éisdeachd. Oir is minig a chuala mi e 'canail, le smachd 'na ghuth-gu'm bu lugh' air n'am peasan, a bhi cluinntinn seana-ghille 'sa bhial a'ti'n thairis air. Cha'n ann idir a'tagairt bradaин an cabhail dhomh fhin a tha mi 'san rathad so. Ach tha e dleasach do bheus, gu'n deanainn aithris air bunadas mo sheòl-

sgriobhaidh. Bha mi air a' mhodh sin a' gabhail ri pongalas na chuir e chomain orm, mar ri bainne blàth bho làimh banachaig. Agus tha'n t-seadhachd a ràinig m'ùidh-sa r'a linn, a-nise 'na thoradh air.

Chaidh, mar a chanadh e fhein, a turus le Ealasaid mar a miann. Cha'n e mhàin gu'n d'fhuair i tre dhaingneach Eilean Donnain, gun bhacadh, no amharus; ach thug i (eadar i fhein 'sa piuthar) giorra-shaoghaile do bhean Mhic Coinnich, bu mhorair ann. Agus cia b'e dé a' chuilbheart agartach a bha 'nan rùn, roghnaich, is ghabh iad fàth air leanaban an dà theaghlaich, iomlaid.

Bha deireadh na h-oidhche aice mun d'rinn i taobh Chaol-Acainn deth. Thainig gnè de shioladh air an stoirm 's a' ghaillinn a bha séideadh, suas ri dà latha gun diobradh. Tharruing i sròn a' bhàta os-cionn na tiùrra (1); agus rinn i sin air a dachaidh 'na h-aonar, mar chapall-coille dol air fiaradh nan cruachan.

Bha 'còmhnuidh ann am baile-tuath Phlàmarscaig, mu thrì mile bho chorran a' Chaoil. 'S e fear, Mac Uaraig a mhuinntir Ghearr-loch, ris an canadh iad, Domhnall nan Luibhean, bu chéile-pòsda dhith.

Cha b'ann idir le magadh a fhuair Domhnall Ghearr-

1 roip làin-mara

[TD 44]

loch-mar a theireadh cuid-am far-ainm. Oir bha e iomraideach 'san linn anns an robh eòlas air leigheas nan luibh 'sam brigh, 'ga mheas mar urram. Aréir bial-aithris, bha bhuadhan 'san oilean so, 'na ghnè da dhaoine. Tha eachdraidh a'toirt cunntais air bràthair dha, bha 'na dhotair ainmeil ann an Dun-éidionn. B'e an Lighiche Mór Mac Uaraig a rachadh a thagairt, na'm biodh easlainnt no tinneas an eisimeil faochedh. Ràinig co-sheirm a chliù thairis gu fad air iomaill a shaothrachaideh.

Bhiodh e ti'n rathad an Eilean Sgiathanaich air uairean, 's a' cur seachad tamuil dhe chuairt le bhràthair-Domhnall Gheàrr-loch-ann am foghlum gnàth nan luibhean.

Mu bhliadhna-gu-leith an déigh do dh'Ealasaid an leanabh a thoirt dhachaidh, có thigeadh tiomchioll ach an Lighiche Mór a Dun-éidionn. Bha Domhnall mu'n àm chiadna, 's e trang a' dearbhadh na h-éifeachd a bh'ann an sùgh Lus nan Croibhseag airson galair àirnean, mar a mholadh Bean a' Ghranntaich.

Tha an luibh so a' fàs fiadhaich ann an Eilean Eige. 'S e rud a bh'ann, gu'n d'fhalbh e fhein 's an dotair air a los le sgiob' is bàta.

Dh'fheòraich iad bho mhuinntir an eilein, c'ait' an robh an luibh ri faotuinn. Ach ged a b'aithe daibh a h-ionad 'sa brigh, cha do ghabh iad dad orra 'dheanadh an ceann-turuis a chuideachadh. Cha b'ann idir bho dhroch rùn, no ana-coingheall a bha so; ach air eagal gu'n saoileadh neach 'sam bith, gu'n robh iad fhein, no duine bhuineadh dhaibh a'cur feum' air cungais. Dh'fhóghnad biolair uaine, is uisge

[TD 45]

Tobar-mór Thòlainn, airson na thainig de dh'easlainnte riamh 'nan caraibh. B'e sin, co-dhiùbh, beus an tagraidh.

Is iongantach mar a thig nithean bho uchd an dàin. Ach is ro-iongantach cho beag 'sa tha na h-aobhair, is cho suarach-ma thogras tu-na meadhoinean, a bheir an saoghal gu léir ann an cinnseal doilgheis. Na'n robh muinntir Eige,-ri linn mo sgeóil-air dithisd choigreach a stiùireadh, far an robh Lus nan Croibhseag a' fàs, cha do dh'éirich mar a thachair do Dhomhnall Gheàrr-loch, no do dh'oidhearp nan Stiùbhartach ann an aimsir eile.

Tha gnè de dh'fhuath ann an sgiathail an fheallsanaich, nuair a bhios sgial air cuigeil. Ach ged a shiòlaidh Iain Og an t-iomradh, le earail bu chòdir a bhi'n lùib na h-eachdraidh so, 's fheudar an cothrom a leigeil seachad.

Thòisich Domhnall 's na bha leis ri siubhal Eilean Eige, gus an tainig iad air na bha dhith orra. Ach mar nach robh fad-saoghaill an dàn da, shleamhnaich a chas air bearradh Uamha Mhic 'ic Ailein, agus chaidh an t-eanachain as.

Na'n robh beatha no bàs Dhomhnuill-nan-luibhean a' dleasadh an còrr iomraidh, rinn bial-aithris greim air. Ach cha deachaidh tarruing idir air a bheò, no 'mharbh, mur a b'e gu'n tug a bhràthair leis gu ruige Dun-éidionn, am paisde-nighne a bha e fhein is Ealasaid a' togail.

Cha do dh'innis 's cha'n innseadh Ealasaid, dha'n dotair, co i bha e faotuinn. "Ma thachras e gu bràth," ars' ise, "gu'n tilgear a càradh oirre, faodaidh tu a

[TD 46]

chanail rithe le firinn, gu bheil a gin gun smal, 's a fuil cho uasal ri inbhe rioghail a' chrùin. 'Se sin mur a dean thu nighean dhut fhein, 's dhe t'ainm dhith. Oir tha e coltach gu bheil, 's gu'm bi thu gun bhall dhe'd chorp a dhleasas e. Is ma bheir e aobhar uaill 'sam bith dhut, tha cho beag agam-sa mu déighinn, 's nach iarr, 's nach aithris mi, cia an taobh a tha i. Eireadh math no olc dhith, cha chuir mi a h-aon air a manadh. Ma thagras mi nì idir dha taobh, 'se gu'n toir thu, Mairearad mar ainm oirre. Biodh an còrr eadar thu fhein 's do roghainn dhith."

Thug an t-Ollamh Mac Uaraig leis an nighean; is thog is dh'àraich e i mar fhriamh de ghineil fhein. Dh'fhàs ise ann am meomhair, is maise neo-chuimseach. Oir bha i air a giollachd gun taing. Cha robh mur-a-bhitheadh air a teagasg. Is sheall i toradh a tràumha, leis gach beus anns an deanadh pàrant uaill a nighinn dhleasail. Cho fad 'sa b' fhiosrach i, b'e an Dotair Mac Uaraig 's a bhean, a b' athair 's bu mhàthair dhith. Ach mun a thuit an sgleò bho sùilean, bha iomairt is othail 'san tir; flaithean an geall air a cridhe; is Uasal a' Chrùin a' caoineachadh a shodail ri buaireas a leannanachd.

[TD 47]

RIOBA NAM BAN

An rud a bhios sàmhach, cha chluinn an luchag e  
—SEAN-FHACAL

B'e Mairearad Nic Uaraig a b'ainm dhith. Bu nighean i do'n Lighiche Mhór Mac Uaraig, a bha ainmeil, fad is farsuinn, airson gnàth nan comasan e chuir e an géill ann am foghlum a dhriachd. Bha chòmhnuidh an Dun-éidionn gus an d'ràinig aithris a chliù a dh'ionnsaidh an dàrna Righ Seòras. Is

cha b' fhada 'na dhéigh sin, gus an d' fhuair e fiathachadh-rioghaile (1) a chuir imrich do Lunnain air lorg dha.

Bha urram 'ga fheitheamh; 'agus, mar an ciadna, deadh mheas an rìgh fhein. Ach cha do shoirbhich a shonas mar a bheartas. Oir chaill e a bhean an taobh-a-stigh de thriù ràithean an déigh ruigheachd. Thug an call tilleadh nach bu bheag air inntinn. Is cha mhór nach d'fhàs e suarach mu dhol-a-mach an t-saoghaile air fad.

Dh'fhàgadh, mar sin, cùram a thighe air Mairearad an t-aon duine teaghlaich a bh'aige. Fhuair ise meomhair neo-chumanta; agus cha do chleith a h-athair aon seòl air modh is foghlum a chur an deadh bhuil dhith. Ghabh i ceann air ionnsachadh 'na h-òige, ged nach robh sin ach leith-oireach ri 'linn. Airson a cruth-pearsa bha e-mar a dh'aithris an t-Ogha Mór le aobhar-àluinn! Leigidh mi leis an aon fhacal so-ionnas gur

1 cuireadh teachdaire

[TD 48]

Gàidhlig a h-ann-brigh nam buadhan eile thoirt 'na lùib.

Bha dà sheadh anns an robh i ainmeil: géurchuis agus mealladh gnùise. Shònraich so a-mach i, air dhòigh a rinn a h-ainm, feirmeil a-measg àrd fhlaithean na tire. Cha bhiodh cuirm-chùirt gun chuireadh da h-athair; is ged nach do thuig e an t-aobhar, bha e fhein 's a nighean aig bàrd-mór is àrd onair na bu trice na b'àill leis. Ach 's ann ainneamh a chítéar fhàlbh no thighinn gun Og Uasal a' Chrùinn-Prionnsa na h-Othailt-a bhi mu làimh, 's e cur failte is furain orra; gu h-àraig air Mairearaid. Oir rinn a bàichead greim-buairidh neo-chuimseach air. Is cha do leig e fois, no tàmh dha inntinn gus an d' fhuair e leisgial céilidh air tigh a h-athar.

Thainig cothrom mar a mhiann 'na rathad air seòl nach do shaoil e; agus mar so. Bha e nis' an gob gach eòin, gu'n robh da-riribh nan Stiùbhartach air ti'n gu toiseach aimhreit. Cha chluinnté gaoth ri cluais, ach mu thional nam fineachan a-measg bheanntairean Alba.

Air feasgar sònruicht, mun do ghabh Parlumaid suim nan cunnartan gu reusan, ràinig teachdaire-cabhaig tigh an Lighiche Mhóir-mu'n d'thuirt iad-le fios gu'm biodh Prionnsa na h-Othailt a' taghal air bho oidhche. Ach cha b'ann le toileachas-inntinn a smaointich an lighich air a' chùis. Oir dh'foghulum e bho èolas, is eachdraidh, nach robh ach dà aimsir-fàs, agus seargadh-anns an amharc aig rìghrean. Agus ged a tha'n gnùis suilbhire gu leòr fhad 'sa thig gnè seirbheis an iochdrain ri'n togairt, b'e am fior-fhaiceall, thar-leis, a bhi cadal saor bho'n eisimeil.

[TD 49]

'Se sin, co-dhiùbh, bu bheachd-an-uachdar do'n Lighiche Mac Uaraig ri linn na chuir Oighre a' Chruinn de dh'urram air. Ach tha e na chomharradh air treibhdhireachd a chridhe, nach do ghabh e éud, no amharus a-thaobh an dearbh-aobhair a thug am Prionnsa 'na rathad. Cha'n ann mar sin do Mhairearaid e. Bha fàth an turuis aice-se cheana air bhrath. Oir gheibhte air fàireadh, na dheanadh fiosachd gu'n robh diomhaireachd is còmhail eadar Mac an Righ agus nighean an lighiche Ghaidhealaich.

Nuair a dh'éireas aon rud, tachraidh dà rud. Goirid an déigh do ghille-turuis a' Phrionnsa fàgail, thaghail carbad na Ban-righ, le cuireadh gun

dàil do'n lighiche. Dh'earbadh ris tilleadh leis a' charbad a dh'ionnsaidh Lùchaint Hampton air ball. Cha robh gnothuichean idir a' ti'n air aréir. Is mur a b'e gu'n robh meas mór aige air a Bhan-righ, dhiùlt e an t-òrdan le leisgial freagarrach. Ach am feadh 's a bha e seasamh eadar-da-bharail, có thigeadh air ach Mairearad: bha ise mach air chuairt.

"Nach iongantach an dol-a-mach a th'aig àrd is iosal," thòisich e car cas, "nuair nach leig iad an cead fhein le'n co-chreutair ach 'gam buaireadh air gach taobh—"

"Dé nise 'tha cur oirbh?" thill Mairearad le gàire; oir bha gràdh is earbsa eadar i fhein 's a h-athair.

"De nach'eil a' cur orm?" thuirt esan, 's e sìneadh litir na Ban-righ dhith. "Cha do ghoil an coire bho'n a fhuair mi rabhadh gu'm biodh am Prionnsa ri taghal a-nochd oirnn. Tha mi ceart a coma, ged an robh sinn an Dun-éidionn fhathasd."

[TD 50]

"Nach math an leisgial," fhreagair i. "Có aige tha brath nach bi sinn an sin na's luaithe na shaoileas sibh? Ach mun téid mi na's fhaide, dé am freagairt a bheir mi bhuaibh do theachdaire na Ban-righ? Tha e feitheamh."

Mun do thàrr dha cheist a shocrachadh, chuir gille-seirbheis an treas litir 'na làimh.

Dh'fhosgail e i; is léugh e:

<eng>The Queen, who is lying very ill, urges your immediate attendance.  
(Signed) Eveleyn Marlborough.</gai>

"Ma thig am Prionnsa," thuirt e, "thoir dha mo leisgial; is gabh roimhe cho math 'sa fhreagras. Ach," 's e tionndadh bho'n dorus, mar gu'm buailleadh rud ùr 'na inntinn, "fèach, ma thig dha feòrach as déigh cùisean nan Gaidheal, gu'n caomhain thu eòlas air sloinneadh. Tha nì, no dhà a'tachairt an cearnaibh ar tir a b'fhiach an cleith, nan gabhadh iad. Bidh 'nad fhaiceall; oir cuimhnich gu'm brist an teanga, ged nach mór i, cnàimh. Cha mhomha màthair na mi-thlachd na frídeag. 'Na toir sgial diomhair gu latha roimh d' bhàs', mu'n d'thuirt an sean-fhacal."

"Fuirichibh oirbh," fhreagair Mairearad le fonn a' chàirdeis; ach bha h-inntinn ann an teagamh. "Dé tha 'san air' agaibh, nuair a tha sibh 'gam chur 'nam fhaireachadh air an fheasgar so, seach àm 'sam bith?"

"Cha tigeadh e do nighean do mhàthar a bhi'n eisimeil comhairle, far an cinn a dleasanais."

"Nach neònach fhein a' bhruidheann a th'agaibh.

[TD 51]

Tha mi'n dòchas," ars' ise, 's i cur a làimhe air a ghualainn, "nach 'eil dad 'san amharc agaibh a tha gu dragh dhuinn? Na bithibh fada gun tilleadh. Ach na gabhaibh cùram dha mo thaobh-sa. Co-dhiùbh, mar a' bheil an còrr agaibh ri earbs' asam, cha bhi mi 'g'ur tagairt. 'An rud nach cluinn cluas, cha ghluais chridhe.'"

"Direach! Mar a theireadh a màthair rud," thuirt an lighiche ris fhein, 's e gabhail feasgair maith leatha.

Cha b'fhada 'na dhéigh so gus an robh e, le carbad siùbhlach na Ban-righ, air ti'n gu ionad a cheann-uidhe. Gun mhaille air aghartas, ràinig e seòmar an tinnis, far na ghabhadh ris mar mhac na gréine, 's e toirt spionnaidh a easlainnte. Chunnait e, le sùil gun mhearachd, gu'n robh a' Bhan-righ ann an droch ire; agus ma bha feobhas an dàn dith, gu'm féumta fuil a tharruing. Bha toiseach aig a h-aodan air dubhadh, is aig truimead na suain ri iathadh mu léirsinn. Bhail e cuisle le innleachd na h-àbhaist; ach cha do lean ruith-fola 'sam bith am fosgladh.

Cha robh an Dotair Mac Uaraig an sid 'na aonar dhe dhriachd. Bha triùir lighichean eile làthair-gach fear dhiubh 's e fo dheadh ainm-sgile; ach-mar is tric a thachras-diarasach 'na bharail fhein.

Dh'fhiosraich e, co-dhiùbh, bho'n a h-uile còmhdaich (1) a bha eatorra, gu'n robh tuilleadh 's a dhùbhlann aige ri dheanamh; agas ma bha cliù a sgile-san ri h-àite chumail, thigeadh dha ionnsaidh chothromach a thoirt am buil gu h-obann.

Bha amharus aige air aobhar no dhà, thaobh na

1 argumaid

[TD 52]

h-éucail a bha cur air a' Bhan-righ. Agus mun tug e làmh air an còrr a dheanamh, chuir e mar fhiachaibh orra-san a bha làthair, an seòmar fhàgail.

Rinneadh mar a dh'iarr e; agus cha do ruith ach gjiorrad na h-ùine gus an tug e fios gu'n robh a' Bhan-righ air taobh an fheobhais.

Ge bu dé an innleachd a ghabh e, no an t-eòlas a chuir e an cleachdad, fhuair té na h-eiridinn faochadh. Ach a-chionn nach tug e fhein, fior-shoilleireachd riamh air na thachair, tha chùis, mar a bha i, fhathasd ann an ruith nan toimhseagan.

Dh'aindeoin co-dhiùbh, cha'n'eil sinn 'na eisimeil buileach, a thaobh gnothuch diomhair an fheasgair ud. Oir ged nach tug am Moraire Herbheidh ionradh 'sam bith air, bha sùil eile air fàireadh bho nach d'rachadh rud éiginn as. B'e so, am Moraire Godo, nach do leig an cothrom riamh seachad, na'n toireadh e fealla-dhà da chompanaich, nuair a bhiodh an t-òsdair a' sineadh nan cuach.

Bha'n t-uasal ud ionnsaichte thar tomhais; oir bha bhuadhan nàdarra fad os-cionn na buil a b'fheàrr do'n chuir e ann an éud a chothruim iad. Ach bha thlachd ann an cuideachda nan iochdran-is air an droch-bhéus aige sin. Nuair a dh'ainmichear gu'n robh géurad-inntinn, is meomhair àrd-ghliocais 'gan iomlaid leis ann an drùghadh searrag an fhiona-tuigear gu'n robh e diabhlaidh coma, co-dheth a dheanadh e cùis-bhùrta. Mar bu trice, 's e gillean nan each, no leannain easgaidh na h-oidhche, a thigeadh fo uidh an toiseach. Cha do

[TD 53]

chum airson sin gnàth a dhol-a-mach e bho chàirdeas an rìgh. Oir bha coimhleapaich agartach, aige-san e fhein, a bhiodh diombach de leaba na Ban-rìgh, an uair ainneamh a' ruigeadh e i.

Dh'fhàg mi Moraire Godo ann an suain nan sgàilean, na'n do ghabh ar sgial toirt gu ceann-finid as aonais. Ach cha'n ann mar a rogha theum an gobha chruaidh. Bha lùchaint an Dàrna Seòras fo dhorus fialaidh fosgailte; is cead siubhail mar an ciadna. Cha robh seòl air an saoileadh fear-tathaich gu'n robh dragh, no tinneas air an té a b'àird' inbhe 'san tir. Ach 's ann a bha fuaim ciùil, is lasgan-gàire ag iarraidh bho bhalla gu balla. Chitear cròileagan an sid le tòic na dibhe 'nan aodainn; agus ban-uasal a' faotuinn tàire air am bilibh neo-chneasda. An taobh eile, gheibhte aigionnach ladhrach an cùil; is cuachag, le broilleach fo leith-bhréid, a' leaghadh fo chaog-shùla ladarna. B'e lughad na h-àireimh a dheanadh an dà fhad fein gun dol-mu-seach 'san oidhrip. Chluinnte alag an diùchda, mar roiteir, 's e fàgail beannachd aig misgear a chàirdeis mu ghairm-choileach.

A-measg iad so, bha Moraire Godo. Ach có chuireadh sin an uibhireachd dha, nuair a bha ana-measarachd air stéidheadh cho mórasach; is eisimpleir an rìgh ri thagairt mar leisgial?

Cha robh bristeadh air ceann-mire. Bha'm fear nach seasadh cas, a' deanamh taic-se de ghille-feitheimh; is plin air a' tuiteam an oisein. An sin dh'fhiachadh ridire stràiceal-'s e togail a chinn mar chearc 'sam pathadh oirre-ri bhi cuidhte 's na mnatha bha cumail

[TD 54]

sùla gun fhios da, air leannanachd a rùin. B'e sid ionad, is féill an t-sùgraiddh gun teagamh. Cha robh tilleadh air togairt ach seòltachd, no, air uair-builean de chlaidheimh neo-amasach. Tha iad 'san t-Strath againn fhin, nach cuireadh carbhaidh-geal an sùil rodain; tha iad ann cuideachd, nach taghadh bean-bainnse a cùirt Rìgh Seòras, gun urras a saoraidh bhi an toiseach air bhrath aca.

Bha so, is iomadh rud eile gun iomradh air, mur a b'e gu'n robh a' Moraire Godo 'sa' chuideachda. Oir na'n do ghabh esan ealla riutha-san nach buineadh da, dh'fhàg mi eachdraidh na linn ud, far na laidh i. Ach cha'n ann idir airson aobhar càinidh a dh'ainmich mi na nithean so. Tha aobhar na's truime na sin 'gan earail.

Thuirt mi cheana gu'n robh a' Moraire Godo de chomunn a' ghreadhnachais air an fheasgar ud, mar a bha e air iomadh oidhch is feasgar roimhe sin. Cha b'e an t-àdh e na'm b'fhior do chuid. Le feedhainn eile, bha e 'na dhroch spaidhe (1), nach taobhadh a h-aon gun clearb a bhi'n iomall air.

Co-dhiùbh, thainig e le siùdan tarsuinn air feedh chàich, mar chiobair 's e tearbadh chrogaisean. Ged a bha'n deadh smùid air, is math a b'aithne dha gnè a chuartachaidh.

II

Thug e an aire d'an triùir dhotairean leotha fhein; is rinn e dìreach orra.

"An taobh so, uaislibh," thuirt e 's e snaoitheadh a chinn.

1 aimilisg

[TD 55]

Dh'fhalbh iad leis gu ceann-aghairt na ruigh-chassa, far an d'rinn iad còmhlan as leith mu bhòrd.

"Tha chuid is fheàrr aig an Albannach, fhareaibh," thòisich e 's e tionndadh gloine bha mu choinneamh, air a bial-foidhpe. "Am beil de sgil an Sasuinn na sheasas i fhein? Shaoileam nach robh dad aig Mead, no Radcliff ri fhoghlum-Fuirich! Fuirich! Tha thu ceart! Cha'n ann de'r linn a tha iad. Ach dé theireadh Iain Hugsham, is seann Uilleam Heberden, na'n cluinneadh iad gu'n a sheall an Dotair Mac Uaraig, a Dun-éidionn, ceanna-bhaile Albainn mhór a' bheartais-Seadh! gu'n a sheall e 'n dorus dha'n triùir agaibh? Cha'n abair mi iosal no àrd dha'm beil 'ur foghlum?"

"Thug a' Bhan-righ cuireadh dha," fhreagair fear diubh. "Is bidh a gnothuch mar a miann 'san rathad sin."

"Na creid e, Astoir," labhair a' Moraire. "Cha do leig i 'n teanga riamh asaibh, bho na dhiùlt sibh gabhail ris an Ollamh Storc a Bhien—"'

"Tha mi'n dòchas," chaisg am fear eile, "nach'eil t'eòlas oirnn a' tagairt ar mi-rùin a-thaobh ar dleasanais do'n Bhan-righ?"

"An dubhaint mi smid a dhìeadh i?" fhreagair Godo air a shocair, "Oir tha mi cinnteach nach b'ann le deòin a sheall Dotair Dhun-éidinn an dorus dhuibh. Tha fios nach éirich dad dhith fo làmhan-san. Tha e achdaineach (1); nach'eil? Dé theireadh Sidenham mór, na'n robh e beò an diugh? Seadh! Eh? Nach e 'n t-Albanach sgoinneil a dh'fhèach ribh! Eh? Seadh! An Ridire Fionnladh Mac Uaraig! Có chuireadh an

1 clever

[TD 56]

aghaidh an urraim is geal a choisinn e? Seadh! Eh? Nach math a thig an tiotal dha? Eh?"

Chunnaic e gu math gu'n robh a bhriathran a' drùghadh air an triùir eile, mar fhion bho lodar is druidheachd ann. Ghreimich farmad mu'n chich-shlugain iad; is thainig droch thograch a-thaobh an Lighiche Mhic Uaraig fainear dhaibh. 'Se so a bha dhith air a' Mhoraire. Oir bha sid air a shiubhal, a ghuidheadh caraid as an dàn, a sheachnadh air Mairearad, nighean Mhic Uaraig. Thainig e làidir 'na inntinn-na'n éireadh dad dha h-athair-nach biodh gnothuch gun chomaine, sùil a bhi làmh rithe. Bha e mion-eòlach, araon air a bòichead 's a buadh-inntinn. Ach a dh'aindeoin gach brosgul a rinn e, cha do dhearg e, aona chuid, air a toil, no air a cridhe.

Na'n do dh'fhàg e cùisean mar so, is tàmailt 'ga thagairt; is math a dh'fhaoide, nach leanadh casaid cho dian e. Ach cha'n ann mar sin a bha. B'aithne dha-san 'na b'fheàrr na sionnach air fhaiceall, dé dol-a-mach a' Phrionnsa, is ruighe na buachaileachd a bha aige air nighean an lighiche Ghaidhealaich. Oir bha e fhein air a' chois-cheum chiadna; ach leis an eadar-dealachadh so: cha do thaobh i riamh ris; ni momha na sin a thug i an fhianuis gu mealladh e eòlas oirre na bu dlùithe na cùirtear fuadain, is a chridhe ann am buigead a bhuairidh.

Cha robh a' Moraire Godo idir mi-dhreachmhòr. Na'n robh a għluasad aréir a choltais, bha mura-bhith fad air seachran. Ach cha d'fhuair iadsan a bha stigh air, aon aobhar iomchoire, ma bha iad an eisimeil càir-

[TD 57]

deis. Oir is minig a thug aircleach beannachd air, nuair a bhiodh slighe na h-éiginn 'ga shàrachadh.

Dh'aindeoin so uile, bha car ciotach 'sa' mhoraire, na'n tigeadh dha ti'n cas air a nàmhaid. Dhiubh so, bhiodh esan a dheanadh dearmad air mu bhòrd nan cuach, no aig conaltradh nan leannan sùgrach.

Bha'm Prionnsa 'sa' Moraire Godo cho àraid ri dà chluas laoigh. Chaith iad iomadach uair ann am mi-bhuiil na h-oidhche; agus fo chabair nach cumadh snidhe, no fraignidh bho għamhrachadh (1) leacan-lagħa nan àithntean.

Ach ma bha e stigh air a' Phrionnsa, bha e ann an seadh a-mach air an rīgh, agus cha robh an leisgħal ri shireadh. Oir bha 'n teaghħlach riogħail ag ithe 's a' clamħadħ a' chéile, le éud cho gamħlasach, 's gu'n robh iad nan culaidh-mhagaidd do'n t-sluagh, a Dhòmhnach, a Luan, 'sa Shathurna. Thainig iad mu dheireadh a dh' ionnsaidh na h-àirde, anns am faigheadh a' mac toilleachadh ann am bàs a pharantan; is iadsan, mar an ciadna, ann am bàs am mic.

Bha'm Prionnsa cosgal-a' caitheamh a chodach 's a' giorrachadh a shaogħail ann an garaidh-gill nan glaimseir, nuair nach biodeh e sàs suchadh a mhiann' le òighean a thograidh. Dh'fhàg an dol-a-mach sin esan a-ghnàth an ainbhfhiach; agus ann an eisimeil na feadhnach ud, do'm b'aithne iosa d a thoirt seachad air urras oighre crùn Bhreatainn. Airson na h-inbhe sin, cha robh an ùidh 'ga ruigheachd dé dh'éireadh dha. Bha e ag iteallaich mu'n cuairt, mar shùlaire gobach, is e gabħail cothrom-bualaidh air na thigeadh ri chàil ann an linne nan iochdran.

1 saluch

[TD 58]

Chuir mi an teist so gu taobh gus an tainig mo għnothuch ris a' Phrionnsa, mur a bittheadh gu' bheil e iomchuidh airson soilleireachd an t-suidheachaidh anns 'na thachair an triùir dhotairean 'sa' Moraire bhi cuideachd. Ma-dh'fhaoidte gu'n robh an dearbh aithris a cheart cho obaig dhaibh-san mar an ciadna, ged nach do leig iad a' bheag orra ri chéile. Bha iad mar sin car ûine, agus gach fear dhiubh a' cnàmh a bheachd ann an tosdachd a rùin.

"Dé 'ur barail?" thionndaidh a' Moraire 'se coimhead an aodann fir mu seach aca. "Dé 'ur barail?" thuirt e rithisd. "Saoil-sibh an tig a' Bhan-righ bhuaidhe, ma leanas an lighiċċ Albannach air a frithealadh?"

"Ma gabħas e deanamh," fhreagair fear, "théid le Mac Uaraig-Albannach ann no as, biodeh e!"

"An cuir sin dragh ort?" lean e air aghart. "Tha cuid a chanas gu' bheil magħadha cho marbhtach ri puinsean na minnheir. Stadaibh!-Dé theireadh sibh na'n innsinn c'arson, nach do ruith a' chuisse aig a' Bhan-righ, nuair a bhuaile an lighiċċ i? Eh?"

"Chunnaic sinn air ar son fhin," fhuair e mar fhreagairt.

"Am faca sibh so?" arsa 'Moraire 's e cur lannsa air a' bhòrd m'an coinneamh. "Dé 'ur barail? An tarruingeadh an rud sin fuil; saoil-sibh?"

Bheachdaich fear an déigh fir dhiubh, air an sgein-fhola gu dearcnach mean; ach cha robh a h-aon aca fhuair eadar-dhealachadh innte thar an eòlais.

Leig a' Moraire leotha gus an robh iad deas de laimhseachadh.

[TD 59]

"Nach mairg a dh'iarradh an t-àm-latha anns na sùilean agaibh," thòisich Godo 's e togail na sgeine gu nochdaidh. "Nach tug sibh an aire do'n ghnoban so?" 's e aig a' cheart àm a' cur a chorraig air a bhann a' bha ceangal an liagh ris an làmhaid. "Nis," ars' esan. "Nuair a bhrùthas mi so, faic dé thachras; tha'n t-iarunn las is ruithidh e air ais. Ach brùth a-rithisd e, agus dé th'agad?—Lannsa chaol is clais innte. Cuiridh mi leith-char anns a' chnò th'air ceann na làmhaid, agus dé chi thu?"

"Oh!" dh'éubh iad còmhla air dhaibh boinnean de shruth liath-ghlas fhaicinn a' tuiteam bho'n lannsa. "C'ait' an d'fhuair thusa sin? Buinidh an sgian-fhola sin do'n Lighiche Mac Uaraig. Chuala sinn uimpe bho iomadh cearna; ach cha'n fhaca sinn duine riamh a laimhsich i."

"Ach am fear so," leasaich a' Moraire. "C'ait' an d'fhuair mi i? Innsidh mi sin duibh cuideachd. Oir cha' n' eil sibh gun fios gu'm beil dà eagal 'san aitreamh so: eagal air a' Bhan-righ gu'm bàsaich i, agus eagal air a' Phrionnsa nach bàsaich. Hi! Ho! Tha'm barrachd is aon dorus tre'n ruigear seòmar-seirbheis na Ban-righ. Ach, foighidin! An cuir a h-aon agaibh soilleireachd air a' chùis so? Aig ceann-as an t-seòdmair, tha cùil-chlàr, agus i fosgladh a-mach a dh' ionnsaidh rùm-taoibhe. Ann an oisean na cùile so, tha caora bhrucach le rùsg geal, teadhair mu h-amhaich, is an ceann aige sineadh-ach am falach-gus an ruig e seòmar na Ban-righ, far am beil e an ceangal ri posta na leapa—"'

[TD 60]

"O!" ars' an Dotair Astor 'ga chasg. "An e gu' bheil cràbhadh aig a' leithid sin de dh'ire 'nar latha? Có bheireadh géill gu'm biodh creideamh cho faoin a' faotuinn barantais cho ionraic? Tha e 'na bheachd a-measg a' phobuill, gu'm beil easlainnt mar dheimhain, a chlaoidheas ach aona bhodhaig aig an aon àm. Teadhraidh iad, mar sin, caora-ach cha'n fios c'arson a roghnaicheas iad caora seach cù, no cat-ri leabaidh na h-eiridinn. Ma bhàsaicheas a' chaora-thar-leotha-thig neach an tannis air aghart; ach mur a bàsaich, theid as do'n turrainiche (1)."

"Chanainn gu' bheil a' chaora faighinn deagh bheathachadh, a chumas an deamhain 'sa Bhan-righ, ma's e 's gu'n cuir sin dorran air an lighich Albannach," thuirt a' Moraire 's e 'ga sior-bhagairt. "Ceart! Ceart!" lean e roimhe, mar nach biodh e gabhail a' ghnothuich ach air bheag suime. "An sgian-fhola so? Seadh! Seadh! Am beil eòlas agaibh air an stuth a sheall mi aiste; no dé chungaидh a bh'ann do'n Bhan-righ?"

"Có aige tha fios gu'n d'rinn e feum dheth?"

"Agamsa!" arsa 'Moraire. "Agus air a' mhodh so. Bha té is aithne dhomh, mar a thachair, 'na seasamh 's a' bhudhailt a dh'ainmich mi, nuair a thainig an lighich Albannach a-làthair. 'S dòcha gur h-ann a' biathadh na

caorach a bha i; no a' frithealadh air a bana mhaighisteir rioghail. Cha chan mi co-dhiùbh. Ach bha i sid gun a faicinn mar a bha 'n t-each bànn a bh'aig Righ Artar. An déigh sibhse chur a-mach, thug an Dotair làmh air an sgein-fhola; agus chum mo bhana-charaid sùil ghiar air dé dheanadh e. Gu h-àraid, nuair

1 créutair tinn

[TD 61]

a dh'iarr an duin' innleachdach an seòmar dha fhein. Faodaidh tu bhi deimhinn nach deacha móran as oirre. Thug i 'n aire dha 'laimhseachadh na lanns' anns a' cheart dòigh a sheall mi dhuibh. A-nise, dé 'ur bharail? Tha mi car mean mu'n chùis; ach 's math a dh'fhaoidte gur fhiach e 'n t-saothair. Ciamar a chuir Machiabhalli sios a bheachdan air a' cheann so? Cha'n'eil m' Eadailtis ach cearbach. Ach chual mi Moraire Herbheidh 'ga aithris cho tric 's gu'n a thog mi e mar phort eile—"

"Fàg t'Eadailtis far am beil i," ars' an Dotair Astor 'ga stad; "is innis dhuinn ciamar a thainig an lannsa 'na do rathad-sa?"

"Nise," lean a' Moraire roimhe, "mar a bha mi dol a dh'innseadh dhuibh anns a' chànan nach tuig mi-fhin no sibhse—"

"Seadh! Seadh! Ach cha'n aithne dhuinne co-dhiùbh 's e cànan a th'agad, no nach e."

"Nach ann mar sin a tha eòlas nan lighichean?" thill a' Morair le fanaid. "O! Ai! C'àite 'n d'fhuair mi an sgian-fhola bh'aig an lighich Albannach? 'S fheudar gu'n tainig an di-chuimhn' air. Oir dh'fhàg e as a dhéigh ann an seòmar na Ban-righ i—"

"Is—"

"Thog mo bhana-charaid i; is thug i dhomhs i. Nis, uaislibh!" thuirt e, 's e tionndadh a chinn an rathad a dh'éirich gluasad a-measg an t-sluaigh a bha làthair. "Tha Diùc an Ur-Chaisteil air ti'n a-stigh; agus bu mhiann lium falal dheth. Tha de sheilleinean 'sa' chlod-cheann aige na chumadh mil ri freiceadan

[TD 62]

Frangach. Hi! Ho! 'S dòcha gu'n cuir a' Bhan-righ fios-gun-fhios do'n Dotair Mac Uaraig oirbh fhathasd."

III

Bha e cheana air éirigh bho'n bhòrd, 's a' teannadh a-stigh ri Diùc an Ur-Chaisteil, nuair a bhual am Prionnsa 'san dol-seachad e. Thainig iad an comhair a' chéile cho amasach, agus gu'n soileadh maolan nach robh ann ach failmse (1). Cha'n ann mar sin do dh'fhear nan cluasa biorach e. B'e esan, oifigeach òg-Captain Iain Tolmach, mac bràthar do dh'Fhear-a'-Choire, no an Ridire Tolmach.

"Shluig iad an càmhal 'sa ghaoisid," chual e Moraire Godo a' cogar ris a' Phrionnsa." Cha toirinn bonn-a-h-ochd air a' chluasaig air an cadail an Lighiche Mór mun tig a' mhaduinn."

Cha do ghlac Iain an còrr. Oir tharruing an dithisd eile ceum còmhla gu taobh. Shaoil e gu'n dubhaint iad rudaigin mu, 'iasg air moglachadh.' Ma shaoil, thainig amharus gobach 'na inntinn nach robh slighe na firinn gun cas-shiubhal a' chealgaire.

Bu ro-mhath' eòlas air caitheamh-beatha 'Phrionnsa. Ach có e an t-ablach do nach b'aithne sin? Aig a' cheart uair, thainig am beachd 'na rùn nach b'e chuid no ghnothuch, smaointinn gu h-olc mu oighre 'chrùin do'n tug e sheirbheis. Is dualach gu'n do leig e mar-a-bha seachad leis a' bharail so. Ach air an làimh eile, cha robh a dhleasanas ri thagairt thar a mhionnan da rìgh. Dh'aindeoin so fhein, theagamh gu'n a ghabh e comhairle Clag Scàin-'An rud nach buin dut na bean da!'—

1 tuiteamas

[TD 63]

gu chridhe, na'n robh a' Moraire Godo cuidhte 's a chùilteireachd. Oir b'e sid turrag a' chàirdeis bho nach deanadh treibhdhireas uaill. Lean mar sin, is liadaich e brat-amharuis cho bras air a chuisle, 's gur gann nach tug e rìgh, prionnsa, an t-arm 'sa' h-uile rud eile as a shealladh.

Leig Iain Tolmach cead a choise le rùnrachd na chuir thuig e; is thainig ionaltradh inntinn, air a' cheann thall, a dh'ionnsaidh Mairearad nighean Mhic Uaraig.

Bha esan, thar-leis fhein, mar gach aon air na dhearc an òigh ud, dian an geall oirre. Agus thug rud no dhà, anns an d'rinn ise taobh ris, an dòchas 'na rùn nach robh idir a ghean-aire suarach aice. Beag 's mar a bha cinneas air àdh 'san rathad so, cha robh a bhuaireas gun mhisneachd. Oir thug e bòid gu'm faigheadh e cothrom dearbhaidh da dhùrachd dhith-uair, no uaireigin.

Ach ciamar, no cia as a gheibheadh e an leisgial airson a thoil a chur an gniomh? Agus a-rithisd. Bha e fhathasd ri fhaicinn gu'n robh ise, no té eile ann am feum a theanachdais. Theagamh gu'm biodh sin mar ghin beachd dhut-sa na'n robh thu saor bho leannanachd, cridhe socair a' fàgail do chluasaig gun bhristeadh cadail; is aigne 'nad chom a dhiùlt lasadh ri àille gnùis ainnire.

Fhuair co-dhiùbh an cruth-deilbh a-leithid do làmh-an-uachdar air, 's gu'n a chum e fàireadh air a' Phrionnsa 's air a' Mhoraire Godo, gus an deach' iad, thar-leis, am falach aig cùl gréis-bhrat a bha'n crochadh-le cuid an eireachdais-ri té de dh'uinneagan na talla-móire.

[TD 64]

Mar a ghabh mi aithris mo naigheachd air a' Mhoraire Godo, bha 'na rùn, gu'n togadh e goin farmaid ann an uchd nan dotairean Sasunnach. Oir na'n d'rachadh sin leis, bha e soirbh gu leòr dha 'chreidsinn, gu'n cuireadh iad puinsean anns an lannsa aig Mac Uaraig. Is bheireadh an fhianuis an dotair fo bhinn ditidh. Mar bhuil air a ghin-innleachd bhiodh-thar-leis fhein-a chothrom air Mairearaid.

Thainig ti'n fo Iain a-nise chuir a bheò air għluasad. Oir bha taibhs glinn dhosrach a dhùthchais a' fàsgadh a chridhe, 's a' cur rabhaidh 'na chluais gu'n robh bean-dàimhe ann an cunnart. Thug, mar sin, gnè cinneadail thairis a dheòin ri athadh spiorad nam beann; agus ghuidh sgàilean a dhaoine gniomh sàir bho làimh.

Mean air mhean, tharruing e dlùth do'n oisein anns an robh am Prionnsa, 's a' Moraire Godo a' diomhaireachd. A-chionn 's nach robh an aire, ach orra fein a mhàin, ràinig e fiataidh, sàmhach gu leòr, gus an d'fhuair e mu-ruighe farchluais dhaibh. Ach na thuig 's na chual e de'n chòmhradh aca, gabhaidh e earra-phinn air leith-Chual mi aig Iain Piobair' e, air latha-trusaidh; agus sinn a' leigeil ar n-anail os-cionn Tobar-a'-Staing.

[TD 65]

#### CUIRTEARACHD

An rud a nitear 'sa' chùil, thig e am freadharc uaireigin  
—SEAN-FHACAL

Tha eachdraidh a' canail gu'm b'e Alasdair Domhnallach, mac bràthar do Shir Alasdair Shléibhte, 'na latha, bh'anns an oifigeach òg a thainig an cois an iomraidh so. Ach bha Iain Piobaire-'s cha robh e faoin air sloinneadh-dian de'n bheachd, gur h-e bh'ann Iain Ruairidh, no Fear-Scalpaidh. Tha bial-aithris co-dhiùbh, a' roinn an teagaimh; is ged nach'eil e furasda creideamh linn is linn a thoirt a stéidheadh, bheir boisg an aobhair a leanas an fhianuis, nach robh eòlas Iain Phìobaire idir air seachran.

Air mo shon fhin deth, gabhaidh mi ri cunntas Iain, mar earras air ainm is tapadh an òg-Ghaidheil, a ghabh eadraigin a luchd-dùthcha os laimh. Is na'n robh fad-saoghail an dàn da, nach dòcha gu'm biodh iad ann de shiol an diugh, na dhleasadh ainm le uaill mar cheann-gin. Ach, mu'n d'thuirt Iain, cha'n'eil toil an dàin ri agairt.

Mur an robh an Suidhisneach fhein ann, no Niall Mac Lachlainn Bhàin-latha dha robh e- cha mhór, airson sin, a leigeadh a-leas dol an ceann-sgeòil ri Iain Piobaire. Tha e nis air slighe-na-fìrinn; ach an t-alt anns an cuireadh e dol-a-mach an Ogha Mhóir air ghléus, cha ghabh e toirt le cainnt duine eile. Eadar

[TD 66]

facal a' bhàird-anns an robh e amasach; is gearradh seanachais-anns an robh brigh is meomhair, thug e gu minig, linn nan Druidh 'nam aire. Oir bha blàth neart-bodhaig, is inntinn ri fhaicinn air. Agus aon nair 's gu'n d'rachadh e air mhodh-sgeòil le càram, thigeadh geasaibh 'na ghuth, a ghlacadh do bheò mar mhac nam feedan ann an comraich a' chiùil.

A rithisd. Cha tigeadh ceòl 'na b'fheàrr ris na bhi briathrachas bho ghrunnad eachdraidh; ach gu sonruicht, mu eirbheart nam fineachan. Air a' mhodh so-le comaradh na deadh chuimhne-bhiodh a theagasc air rath cho eagnaiddh, 's gu'n abradh cuid gu'm b'ann bho ionad nan taibhs a bhreithneachadh. Theagamh gu'n robh iadsan de'n fheadhainn nach faiceadh bòcan gus an cromadh a' ghrian na mullaich.

Lean mi triall na baraire so le tuilleadh sùird, na'n tug ar sgial cead tarruing air.

Tòisicheam mar sin, far am b'àill le Iain fhein a spàl a chur air shiubhal. Is ma's h-e 's gu'n léugh thu na leanas, tuigeadh tu lium-sa, nach b'ann idir gun rogh' an aobhair a chuir e dà cheann air a naigheachd. Aonaidh tu cuideachd, gu' bheil e mar fhiachaibh orm a dhòigh-labhrach a leantainn ma thig dhomh ciorram mo dhuain a sheachnad.

Mar is minig a thuirt e fhein: 'Theid an deadh thuathanach thairis air an as-bhuain mun cuir e sguab mu dheireadh 's a' mhulan.'

Leis an leisgial so air bhrath, bheir mi ionnsaidh-clearbach is g'am bidh e-air dé dh' aobhraich càirdeas a' Phrionnsa ris a' Mhoraire Godo.

Ma's math mo chuimhne, cha do ghobaich Iain

[TD 67]

riamh ri ceann-seanachais gun foighneachd am b' fhios domh ciod bu chiall do'n fhacal: 'Mughaire!' Is cho fad's is fiosrach mi, cha toireadh e cothrom do neach 'sam bith a fhreagairt.

"Mughaire!" theireadh e fhein 's a dhà shùil bhiorach a' boisgeadh air dubhar an aineolais. "Mughaire, bhobaig. Sin agad-sa fear gun sgil, gun sgoil, gun Bheurla.-Mughaire! Gheibh thu gu leòr a' fàs a-measg nan dubh-Ghall dhiubh.-Mughaire! Agus mo dhi-chuimhn', c'ait' an d' fhàg mi 'n Sasunnach?"

II

B' éibhinn am bodach, Iain Piobaire.

Thug mi 'n aire gu'n robh am facal, 'Sasunnach,' cho buaireasach dha-'s bu shocair, còir an duine e-ri speech ann an cluas bo-dhàire. "Dìreach, a bhobaig!" dhi-moladh e cho cunabhalach ri pong nan sùrdag ann an Danns-a'-Chlaidheimh. "Dìreach, a bhobaig!" ars' Iain. "Cha'n'eil anns an t-Sasunnach ach bial is brannag. Dìreach, car collach ri mèl na piob' agam, na'n robh e seasamh air dà dhos, is e làn gaoithe. Cha b' ann gun aobhar a thuirt an t-Abrach: 'Cum a-mach an Sasunnach, is thoir a-stigh an cù.' Tha fios gu bheil rud nach'eil cneasd annta. Mur a' bheil, cha mhór air an t-saoghal a ghabhas an leisgial. Co-dhiùbh, cha mhisid iad an sgobadh ud, ged nach'eil e ach faoin taca ris na glamhaidhean mosach a thug iad fhein air càch. Nise, bhobaig! gabh beachd air na their mi; is cha chuir thu an droch fheum air. Bheirinn sgriobhadh dhut a thug an t-Ogha Mór do dh' fear ris an canadh

[TD 68]

iad, Cuaigean, no Gilleasbuig nan Sasunnach. Chuala tu ma dhéigh? Bhiodh e cho tric aig Iain Og 'na sgialachdan 's a bha Coire-Chuìbean, is Iain Gealtach aig Niall Mac Lachlainn Bhàin, mo charaid ann an Cul-achadh-na-beinne. Mu dhéighinn sgriobhadh an Ogha Mhóir? Bheirinn dhut léubhadh deth cheana. Ach de mhi-shealbh a dh'éirich dha, ach gu'n deach' a ghàmhchrachadh le snithe-dubh. Tha na h-ann agam air mo theangaidh, co-dhiùbh. Airson sin, cha mhisde cuimhn' a h-ùrachadh, mu'n d' thuirt Mac an Aba ri tomhas a' stòip. Bha mi dol thairis air obair an Ogha dhomh fhin, 's do Mhorraig, dìreach air a' cheart oidhche dh' fhàg an làn-mór an cnòdan an tigh Aonghais Oig."

"Oidhche na gaoithe-móire, chanamaid ris ann an Cul-a'-Ghàraidh," thug mi'n oidhearp air a cheartachadh.

"Dìreach, a bhobaig! Oidhche na gaoithe-móire. Is ioma fear is tigh a chreanaich oirre cuideachd-agus mis' air a h-aon diubh. Cha robh ach gu'n a dh' fhàg i na cabair os mo chionn. Dìreach, a' cheart oidhche. Dh' fhàlbh na h-acraichean de'n a' fhraoch-dioblaidh (1). Tholl a' stoirm fo'n tubhadh, gus an d'ràinig a' froighnidh, mu dheireadh, air bun a'

mhaide-cheangail, far an robh sgriobhadh an Ogha Mhóir an gleidheadh agam."

Thuirt mi, mar leisgial, gu'm b' fheàrr gu mór lium a mheomhair fhein a dhearbhadh, na éisdeachd ri òraid phàipeir. Is cha do mhi-chòrd sin idir ris. Oir tha mi de'n bheachd, na'n do ghabh mi dòigh-aire 's am bith eile dha, nach tainig an diomhaireachd a leanas riamh ann an cead iomraidh.

1 a' cumail a' bhoinne dhe'n bhalla

[TD 69]

Bu ghiar an duine, Iain Piobaire. Ach-ged nach'eil sin 'na thinnseagal air-san-bheir e sannt-gaire 'n diugh orm, nuair a chuimhnicheas mi liughad car is tionndadh a bhiodh aige mun tugadh e 'sgial gu ceann-fìnid.

Bha cholunn air a barradh ri inntinn-foghainteach, easgaidh. Ach, mar a dh'éirich do'n t-saoghal, is iomadh diachainn a thainig 'nan rathad le chéile. Tha e nise de'n àireimh a tha gabhail an aisig ann am birlinn luchdach nam marbh; 's cha toir mi tarruing an so air, ach mar a fhreagras e fhein 's mo chuspair.

Is fhada bhios cuimhn' agam air an lath' ud a chuir mi seachad leis aig Tobar a' Staing-latha geal, grianach, Samhraidh; am fitheach os ar cionn air bearradh, 's e 'cur a-mach a theangann leis an teas.

Thainig iomadh latha math bho'n uair sin. Ach saoilidh mi, nuair a chrùbas m'inntinn air ais tre chlisneach obaig an t-saoghail, gu'n toir e sòlas do'n chridhe, lorg as ùr a thogail air ceum-seòdail na h-òige. Dh' fhàs an anail goirid 's an uchd aig cuid de'm eòlaich; is laidh an aois le searg na tathaich air tigh is teaghlaich do'm b' aithne mo chéilidh bho'n latha sin.

Ach cha'n e sin a thog mo sgial, ged is iongantach na thig a-stigh air duine, nuair a théid a smuaint 'san ealtainn. Aig an àm chiadna, ghabhadh fear-dàimh mo leisgial. Oir có e a thainig fo gheasaibh nam bàrd, a dhealaicheadh soirbh ri guth nam beann; is ri suaicheantas nan laoch a bha astar an t-sléibh' a' foillseachadh? Cha'n'eil flùr ann an lios na cruinne, ris an tog Gaidheal inntinn, collach ri fraoch badanach,

[TD 70]

gorm, a dhùthcha. Bheir e éuchd is eachdraidh 'na chuimhne. Ni e an còrr na sin da: gabhaidh e ri ùidh ann, mar fhianuis gu' bheil duinealas a shinnse a-ghnàth aige ri sheasamh.

"Sin agad, a bhobaig!" lean Iain, "c'arson a thig e dhut-ge b'e inbhe anns am bìth thu,-gu'n chliù do dhaoine leigeil gu bràth an éis. Mur a biodh am badan fraoich, cha do thachair na thug an t-Ogha Mór cunntas air. Nise. Thoir friodhan air do chlaisdeachd, is cluinnidh tu mar a thainig 'na bh'ann mu'n cuairt. Dh'innis mi cheana dhut mar a dh'amais mac Ruaraidh Tholmaich ti'n tarsuinn air a' Phrionnsa 's a' mhoraire Shasunnach ann an lùchairt an dàrna Righ Seòras. Innsidh mi'n dràsda dhut iomradh an Ogha Mhóir air cridhe cho beag meachainn 's a dh'éignich riamh lagh an t-Soisgeil. "Ach," 's e coimhead air fhiaradh orm, "na léubh thu cluichean Shaicspeir?"

Sheall mi dha gun mhaille, nach leigeadh e leas so fhoighneachd, le bhi cur na ceiste ris fhein, co-dhiùbh b'e an "Stoirm," no "Hamlet" a b' fhaisge air aigne nan Céilteach?

"Cha do dhiùlt mi t'fhiösachadh," thuirt e; 's e, mar gu'm b'eadh, a 'gearnadh nam facal a saibhreachd a ghliocais. "Ach cha b'ann air a' mhodh sin, a chuir mi cheist riut; ach a-chionn 's gu'n a sgriobh an t-Ogha Mór na b'aithne dha ann am feart seòl-cluiche. Mur do dh'ainmich mi chean' e, bha esan ann an Lunnaid còmhla ri Fear-Scalpaidh. 'S fheudar gur h-ann an uair sin a dh'ionnsaich e cleas-a'-phinn a chuir e air a' phàipeir-seice do Chuaigean. Biodh sin 's a chead

[TD 71]

aige; cha'n'eil ann ach cuspair Sasunnach, co-dhiùbh; is ghabh e'n dòigh fhein da. Chuir e sios eachdraidh ann an dealbh-cluiche, ach le caomhnadh nam facal-mar so:"

Thog Iain a bhois cheàrr, is ruith e criochan le chorraig as leith-oir a' chéile, cho eagnaидh, soilleir, briathrach, 's nach robh dragh 'sam bith agam a leanalt.

#### A' CHIAD FHOSGLADH

AM PRIONNSA FREDERIC

MORAIRE GODO (Làn charaid dha'n Phrionnsa)

DUNOIDHEAS (Seirbheiseach innleachdach; deadh fhear-ciùil; dansair deas, le eòlas air fiosachd; is spéuradaireachd 'ga fhilleadh 'na lùib)

#### SEÒMAR NAN CUILBHEART

[An triùir mu bhòrd]

AM PRIONNSA.—Dunoidheas; thuirt thu 'n ceartair gu' bheil bràthair agad air mhuinntireas aig Smeleidh, an t-Apotacaraidh, Albannach? Tha mhaighstear a' cur meas air eòlas; c' ainm a th' air?

DUNOIDHEAS.—Cuifein.

AM PRIONNSA.—Brod an ainme. Nise, thuig mi bhuat gur h-aithne do Chuifein cungaидh a mheasgnadh nach cnàmh goile. A' bheil thu 'gam leanalt?

MORAIRE GODO.—Seadh; an cungaide sin a leighiseas dragh inntinn na's momha na dragh bodhaig; iocshlainnt airson easlainnt, far nach seas an leòn àite gearain do dhithisd.

AM PRIONNSA.—Saoil thu, Godo, a' bheil Dunoidheas

[TD 72]

a'tuigsinn ciod i a' cheàrna bho'm faigheamaid faochadh? Ma dh'fheitheas sinn gus an toir a' Bhan-righ galair a bàis chum ar riarrachaidh, fanaidh sinn gus am fàs an fheannag 'na buidheag-luachrach. Nise, innleachdach is gu' bheil Dunoidheas, tha e sgrùdadadh nan speur airson rian an fhortain tha cheana fo làimh.

DUNOIDHEAS.—'S e dòigh ùr—

GODO.—Bithidh iad ag òl ann an Aqua Vitae; ach thoir dhomh-sa Acqua Tofana, no, ma thogras tu, Acqua di Perugia, a bheireadh leannan do dh'

fhear, is rioghachd do dh' fhear eile-le tapadh air an dàrna làimh, is seòltachd air an làimh eile.

AM PRIONNSA.—Iadsan a bhios dàna ann an seirbheis am Prionnsa, tha'n duais air thoiseach orra. Gheibh iad seòl air bacadh a thilgeadh gu taobh—[Thainig stad an so air.]

GODO.—Mar léig thar uachdar tobar-iaruinn; 'sa dheanadh gniomh caraide gun cleòca ceisteir a bhi 'ga fhalach. Acqua Tofana; Acqua di Perugia—cungaидh a bheir misneachd do dh' fear-casaid 's e 'n éis.

DUNOIDHEAS.—Ciamar, saoil sibh, a théid agamsa air 'na tha 'san aire agaibh a thoirt gu buil?

GODO.—'S aithne dhut dannsadh ri ceòl fidhle; 's aithne dhut fiosachd a thoirt a uisg' is gloineachan; 's aithne dhut cion-fàth gach beatha,— iadsan a shireas t'fhoghlum-fhaotuinn ann an iùil nan reult; chi thu triall is tograidhean dhaoine ann an cuartagan ceò; bheir thu iocshlainnt air easlainnt le tomhas cho cuimseach 's nach cuir iadsan a dh' earbas riut an ath fheum air do chomaradh leotha.

[TD 73]

DUNOIDHEAS.—Dé a b' àill leibh mi a dheanamh? Is leis a' Phrionnsa mo threòir is m' èolas, ma thig sin da bhuannachd. Ach tha mi duilich aideachadh gu' bheil mi fhathasd aineolach air rùn 'ur seanachais.

GODO.—Labhraidh mis' airson ar Prionnsa. 'S aithne dhomh fhin 's dhut fhein, a' ghoin, eucoireach, mhi-mhàthrail, tha aig a' Bhan-righ do 'gin-mic. B' fheàrr leatha cluinntinn m'a mharbh na bheò. Tha i 'n déigh an righ a thionndadh 'na aghaidh. Deanadh am Prionnsa mar a dh' fhaodas e, cha'n fhaigh e bho mhàthair is athair, ach an taobh a's miosa dhe 'n gné; 's cha chleith iad a' bheag air an t-saoghal dhe 'n gamhlas d'an gineil fhein.

DUNOIDHEAS.—Tha càradh is carachadh an t-saoghal air mheigh ann an uchd nam Prionnsa—

GODO.—Socair! Socair! Na liadaich cuspair air clàr gus an dearbh thu t-urras. Far am buail teanga le sgeilm ri càirean, togaidh ceann-maol fianuis. Saoil dé tha'n oidhche deanamh? Cuidichidh an dubhar le smuaint, mar is math is aithne do'n chomhachaig; ach, mar a' chomachag, cha'n fhaic thusa do shàth ma ni thu feitheamh 'san t-solus. Ma's math caolas mo chlaisdeachd, chuala mi Dunoidheas ag aidmheil mu eiridinn nach leighiseadh Nicolaus de Salermo leis na h-uile Antidotarium a bh' aige, no Balchasaim ben Aberasaraim còmhla ris. Tha deadh chuimhn' aige.

DUNOIDHEAS.—Mur a' bheil an còrr aig' a' Phrionnsa ri earbs' asam, theagamh gu'n tig e ri rùn 'ur comhairle, ma dh' fhuasglas mi cudthrom nan dubh-fhacal 'na mo dhòigh fhin. [Exit Dunoidheas.]

[TD 74]

AM PRIONNSA.—Chuir sinn Dunoidheas air slighe chugalaich. Ma théid leis, théid leinne. Ach, Godo! saoil a' bheil e ceart dhomh cothrom a ghabhail air meadhoinean cho duachnaidh?

GODO.—Cha'n abrainn gu'n a chuir, ach gu' bheil Dunoidheas air slighe chugalaich. Ceart, an d' thuirt thu? C' àit' an do dhealaich ceàrr ri ceart? Na 'n do dheasaich nàdar gnè a chinne-daoin' a-chum 's gu'm biodh

do bhreithneachadh soirbh, ghabh feallsanachd iteag; cha robh feum air easbuig no sagart; cha robh falachd 'ga d' bhuaireadh, no fiachadair abartach a' toirt creideas a phrionns' air urras. Cuimhnich dé cho easgaidh 's a chuireadh an rìgh 's a' Bhan-righ clach-mhairbh aig do cheann, 's a bheireadh iad beannachd an oighre dha do bhràthair,-an Diùc. Tha do chòir-sa anns an rioghachd ionnan riutha fhein. Gidheadh, tha ti'n-a-stigh iochdrain do sheòmair ann an seòl cho math riut.

AM PRIONNSA.—Tha iad a' toirt diachainn cheana dhomh. Dé cho mór 's ann agad fhein tha brath. Ach tha mi bochd airson mac rìgh, eh? [Rinn e gàire searbh.] Cuiridh mi geall nach tomhais thu dé tha 'nam rùn a dheanamh?

GODO.—Dorran a chur air an rìgh a bheir niosgaid air a' chridh' aig a' Bhan-righ.

AM PRIONNSA.—Cha'n'eil thu idir thar do sgeòil. 'S aithne dhut gu 'bheil na Stiùbhartaich a' deanamh uidhim airson a' chrùin. Dé do bharail? Tha mi dol a thraigse mo chòir ann daibh airson ciad mìle punnd Sasunnach! Saoil a' bheil mi 'g iarraidh cus? Tha

[TD 75]

fear, Aonghas Domhnnullach,—tasgadair ann am Parais, air an rathad chum an gnothuch a thoirt gu ceann. [Leum Godo air a bhuinn; ach smèid am Prionnsa gu àite suidh' e.] Faigheam an t-ionmhas so, is gabhadh an donas, no Stiùbhartach an crùn air mo shon-sa. Oir ge b'e có air an tuit e, bithidh e cho duilich ri 'ghiùlain ri gloin' air bàrr snàthaid.

GODO.—Chà'n ann an da-rìribh a thu; 's cinnteach? Cha'n' eil ann ach fear eile dhe do chleasan-eanachainn.

AM PRIONNSA.—Ann an da-rìribh tha mi; is a-chum na h-ire 's gu'm feum thus' an tosgaire 'choinneachadh mar gum biodh tu airson mo rùn a thoirt air féill. Rachadh do thurus gu math leat, is foghnaidh Hanobhar dhomh-sa ri mo latha; is, mar a thuirt mi cheana, cagnadh an donas gach Sasunnach, Albannach, is Eirionnach aca, cho luath 's a ruigeas mo làmh air an sporan.

GODO.—Bu mhiann lium air do sgàth fhéin do dhiùltadh; ach a-chionn 's gur h-e sin do roghainn, chi mi co-dhiùbh is fhiach an tairgse 'gabhal.

AM PRIONNSA.—Tha mi ga do thuigsinn, Godo. Thar-leat nach dealaich càch ri 'n cuid gun an tuilleadh barantais na facal a' Phrionnsa Frederic. Eh?

GODO.—Gu h-àraid nuair a bhios an comas aig' air àicheadh, mur a toir Parlumaid cluas da. Gasda! Gasda! Ach na smaointich thu riamh gur h-e an t-Albannach teuma aig a' bheil an gnothuch 'na làimh. Aonghas Domhnnullach, an e thuirt thu? Cuimhnich gur h-e Gaidheal le teagasg Frangach a h-ann. Mar as minig a chanadh Diùc Earraghaidheal-'s cha'n' eil

[TD 76]

an dìth teagaisg air-cha'n' eil car anns an t-sionnach gun fios do'n t-sealgair. Ciamar a ruigeas mi 'n saobhaidh; is c'uin?

AM PRIONNSA.—Tha piobair' aig Diùc Earraghaidheal ris an canair Eoghan Fada. Taghlaidh esan ort cia luath 's a ruigeas an teachdaire Stiùbhartach am baile. Bheir e thu a dh'ionnsaidh bùtha bhig ghunnaichean tha air a' cumail le fear dùthcha da ann an sràid chumhann, chaol, tha

ruith dhe'n a' Mhal. Mac Fhraing, no Mac Suain, no Mac Dhomhnuill Scotaich is ainm dha-cha'n'eil cuimhn' agam có e; oir faodaidh e bhi na mhac Ifrinn, an rud a tha e-airson sin deth. Am faca tu a ghealag mu dheireadh a dh'iasgaich mi?

GODO.—Nighean an Dotair Mhic Uaraig?—Chunnaic. Ach 's e chanainn-sa, easgann rithe; oir tha i cheart cho soirbh—

AM PRIONNSA.—Mur a biodh salann air do bhois. Na faighinn a h-athair as an rathad, b' fhiach i buachaileachd. [B' fhiach is mionnan eithich, rùnaich Godo.] Cha'n'eil i soirbh a bristeadh.

GODO.—C'àite 'n d' fhàg thu mo Laidi Anna Hamalton?

AM PRIONNSA.—Cho fad thar m' inntinn 's nach léir dhomh i leis a' bhuaile tha timchioll air nighean an dotair. Cha do shanntaich mi riamh meas a bha coimhead a-leith cho abaich rithe. Bheirinn mo chuid dhe'n rioghachd airson mealadh deòin a leannaineachd.

GODO.—Nach lag an duine 'na neart. Cha dean togradh nan òigh eadar-dhealachadh air cridhe righ seach an t-iochdran. Cha toir feart no feachd sonas

[TD 77]

air sùgradh. An rud is miann leis an t-sùil, bheir e fear-iomairt an eisimeil. Is nighean an Albannaich i. Tha h-oilean mar a dlighe,—fo smachd teagaisg ionraic. Ma théid i ri gnàth a cinnidh, cha toir, eadhon mac an righ aomadh oirre. Cha'n'eil fios ciamar tha dol do Dhunoidheas?

AM PRIONNSA.—Theirigeadh Dunoidheas le sruth nan deamhnan; cha'n ann air a tha m' aire. Saoil thu nach téid againn air a' toirt gu taobh? Ma théid agad air mo riarrachadh 'san rathad so, 's e do rogha, inbhe mo chomais.

GODO.—Cha bhi sin mór ma shlugas na' Stiùbhartaich am biathadh. Tha e agam! Ma théid gu math le Dunoidheas, gheibh thu buaidh air do bhòdhraig a dh' fhàgas i gun dol-as aice. Nach sona do thogradh! Ged is rogha mar phrionns' thu, cha mheal thu do rath gun m' fharmad.

AM PRIONNSA.—Dé tha ti'n riut a-nise, Godo? 'S fheudar nach miann leat do bhogha tharruing air sealg a chaidh a lorg as t'aonais.

GODO.—Cha téid nàdar thar a ghnè, cia air bith an suidheachadh anns an cuirear an cridhe thuige.

AM PRIONNSA.—Cha'n'eil mi ann an sunnd feallsanachd. Toill mo bheannachd; dean mar bu mhiann le prionnsa bho charaid; is thig gach cùis do-réir. Faigh leisgial air choireigin a bheir a dh' ionnsaigh a tigh' thu; is a dh' fhàgas an dorus fosgailte dhomh-sa. [Exeunt.]

[TD 78]

TIGH A' MHORAIRE GODO

[Cuirm fo h-uidheam]

AN DARNA RIGH SEORAS

A' BHAN-RIGH

MORAIRE GODO (is còmhlan de dh' uaislean 'sa' mnathan)

MORAIRE BOLAINGBROC

MORAIR' ILE

FRAULAIN SGLIURACH (Bana Ghermeilteach, is ban-òglach an rìgh)

DIUC EARRAGHAIDHEAL,

DUNOIDHEAS (Fidhlear a' Phrionnsa ann an culaidh-eithich)

AN RIGH.— Có e am fear so, Uileam Pit, a tha Bolaingbroc is Diùc an Ur-Chaisteil a' tarruing 'nam sgòid? Bheir e chasan bho Ualpol air a' cheann thall. Tha'n òig air fhathasd; ach tha meomhair is teanga aige bheir iompachadh air fad na rioghachd.

DIUC AN UR-CHAISTEIL.—Cha mhisde Ualpol idir am beagan tillidh. Tha e fada gu leòr 'na rìgh.

A' BHAN-RIGH.—Na'n do labhair an Diùc bho threibh dhireachd cridhe, thigeadh e dhuinn géill a thoirt da cheasad. Cha'n'eil Ualpol dheth na h-ainglean; ach 's ro-iomchuidh an t-olc tha fuaithe ris ann an seirbheis a dhùthcha, na'm bial-briagha thig bho fheinealachd is inntinn mheata. Ged nach deanadh e de ghean-math ach seasamh eadar cuilbheartan a' Phrionnsa, agus an rìgh 's a' Pharlungaid, dhearbh e sàr a ghliocais.

BOLAINGBROC.—Cha tig e dhomh-sa cur an aghaidh beachd na Ban-righ, a tha'n còmhnuidh baranta.

[TD 79]

Ach tha àm is aimsir anns am bidh e mar fhiachaibh air luchd ghleidhidh a' chrùin, fianuis a thoirt air an dleasanas. 'S math a dh' fhaoidhete gu' mi-chòrd mo chasaid ri 'cluasan; oir cha'n ann a 'tagairt duais no geangnùis' a tha mi. Nise, tha Spàin a' deanamh gearachas-làidir air marsantachd chéin ar dùthcha, dhùisg corruiich is tàmailt neo-obann air fad 's air liad na rioghachd. Gidheadh, cha'n aidich Ualpol gu' bheil dolaidh 'sam bith 'nar gearain. Tha'n sluagh ag iollach airson éirig an còrach 'san ceartais. Gidheadh, tha Ualpol balbh d' an guidhe, 's a' cur togradh an tòrachd gu' dùbhlann. Bhiodh e chum math na dùthcha, na'n do dh' earb an rìgh beagan de chùram a riaghlaidh, ri cuid a thoill e cho math ri Ualpol; oir tha e cho aineolach air eachdraidh is litreachas 's a bha'm buachaile-mhuc a bh'aig a sheanair.

A' BHAN-RIGH.—Cha mhór nach toireadh Bolaingbroc a chreidsinn oirnn gu' bheil sinn uile ann am breisleich as aonais an èolas-litreacais tha aige fhein. Gheibh mi dèidhliadh is leine bheag do Shir Raibeart Ualpol; is cuiridh mi do'n sgoil aig a' Mhoraire Bolaingbroc e. Ach 's maирg a chuireadh sionnach a bhuachaileachd nan cearc.

DIUC EARRAGHAIDHEAL.—Shaoilinn gu'm biodh e na b'fhaide as an rathad, clearcan a chur a bhuachaileachd an t-sionnaich. Tha mi le Bolaingbroc. Ma thuigeas mise faileas-inntinn de spiorad na dùthcha, cha'n e laidhe sios fo chreachadh-cuain nan Spàineach is obaig dha, Ma sheasas Ualpol taobh na Spàine—

FRAULAIN SGLIURACH.—*Ze Herr Valpool vis block*

[TD 80]

headed; zi King, mein Lord must cut it owf mit a clopper.*<gai>*

A' BHAN-RIGH.—Nuair a bhios uaislean a' bruidheann 's e t'àite-sa, tigh nam muc, no fo'n a' bhòrd.

[Thog a Bhan-righ gloin' fhiona is shad i an aodann na Fraulain e. Dh'éirich an comunn, is rinn gach aon air a dhachadh. Sheas a' Moraire Godo gu taobh; is thug e griobag as an Fhraulain Sgliùrach 's an dol-seachad. Rinn ise maille gus an deachaidh càch air shiubhal.]

\* \* \* \* \*

Dh'aidich Iain Piobair' aig an uidhe so-'s cha b'è an t-annas-gu'n robh e air tiacadh leis a' phathadh. Cha robh mise 'na chaochladh; ged is neònach an gearan e, 'san tobar ri'm laimh. Bha, agus mo leisgial. Oir bha briathrachas Iain ann an cruth cho drùighteach lium, 's a chur a-mach cho beurra, siùblach, 's nach d' fhuair mi abadh no aobhar ach rian a threòir a leanalt.

"Cha mhisde ribheid a' fliuchadh, a bhobaig!" thuirt e 's e cromadh a chinn ri casadh an fhuarain.

An déigh da fheumalachd òl, chuir e boiseag no dhà air clàr aodainn. Lasaich e sin an crios-leathrach mu mheadhoin-b' ann ainneamh a chleachd e galais; shocraich e 'n fhiarag mu cheann; is air eagal gu'm buaileadh a' ghrian air, sgrog e bonaid de shnàth glas, a bha coimhead cho leathann ri guite, na bu tinne air a chlaigionn.

[TD 81]

#### EARRAIG CHEILLIDH

Am fear a ghleidheas a theanga, gleidhidh e charaid  
—SEAN-FHACAL

Bu ghrianach geal, an latha chuir mi seachad le Iain Piobair' aig Tobar-a'-Staing. B'aotrom talach air cuisle ann an da-rìribh; oir bha'n inntinn òg, is glibheid na beatha fhathasd gun a h-asaid ann an cian an astair. Mo thruaighe! Cha'n'eil an uiridh ann, ni momha thig an dé gu bràth air ais. Tha grian air cearcall nan spéur mar a bha, is eireachdas nam beann, gun éis a' seasamh, ged a shuaineas, air uairean, an ceò 'gam falach. Togaidh am fiadh a chabair le mórrachd air còmhnnard nan iochdar-ionnan ri tùs ar n-eòlais, 's e gun annas de thriall nam marbh. Cha tig bristeadh air luinneag eòin adhair; 's cha chaill iad an gléus ann an dlùth nan crann.

Tha socharan an lath' ud na's ùire 'n diugh domh na bha iad an uair sin. Co-dhiùbh, tha bhuaidh ac' air m'inntinn cho dealbhach, deas, 's gu' bheil gnàth na choinnich mo shùil r'a linn, ullamh gu ti'n thugam le ionndrain.

Chi mi fear, gun bhonaid, gun chòta, gabhail bealaich air caoraich na Beinne-bige; is fear eile stuigeadh chon mu Lón-'ic-Alasdair-Oig. Cluinnidh mi fead, is comhart mu seach, ag iarraidh nan aonach; agus beò Choire-nan-clach ann an sunnd 'gam freagairt.

[TD 82]

Is e lath' an àidh a bh'ann. Ach tha mi dol thar mo sgeòil. Is cha mhi a h-aon. Oir thug Iain fhein, iomradh air móran nitibh nach robh cumail amul na naigheachd ro dhireach. Mheasadh cuid an dòigh sin mar choire. Ach is ann a bha e ga mo chur-sa 'nam fhaireachadh air an trom-eòlas a bha aig air eachdraidh.

Rinn mise an t-aithris mar a thachair; ach cha cheadaich an sgial dha àite gu h-iomlain. Dh'fhaoide gu'n leig mi leis a' ghaoith, na bu chòir dhomh ghleidheadh bho'n fhasgnadh. Cha'n'eil seòl air a leasachadh. Oir na'n tug mi tarruing air na h-uile ceann-labhairt air 'na chuir Iain blas, cha'n e mhàin gu'n tréigeadh mo chuimhne; ach dh'fhàg e mi air cladach-leis cho fada, 's nach tig an latha bheirinn beò mo chuspair oscionn fuaraidh.

Leig mi seachad, air a' mhodh sin, iomadach beum is tuiteamas air an d'rinn eachdraidh luaidh, ach a bhiodh gun mhealadh ann an aineol an tagraidh. Theagamh nach biodh mo thaghadh gun diomb do'm fhearfiosrachaidh, na'n do thuig e saothair mo chriathraighe rois-làimh. Ach ma bhios talach 'sa' mhanadh, fàgam eadar a' moisean 'san dàn e.

Tha facail anns a' chànan againn a chuireas rath air leisgial, ma thig e dhut am foghlum fo smachd an t-seann-duine. Oir faodaidh deadh chliùchdair a bhi dh'easbhuidh alt cur lin ri druim. Cha mhomha na sin bu chòir leispreidh (1) a dheanamh air sgial ann am beairt. Ach taitneach 's gu'n robh bun gach ionnsaidh, bha liughad car ann an seòl-cainnt na naigheachd aig Iain 's a tha'm biadh na faochaig.

1 cionaire

[TD 83]

Cha'n'eil mi idir gun chuimhn' air a' ghròcadh a thug e orm, nuair a dh'iarr mi ceann-finid a chur air mar a dh'éirich do Mhairearad, nighean an Dotair Mhic Uaraig. Ach fhuaire mi lium e air a' cheann-thall. Is ged nach bu dheòin da thogradh e, chàraich e sùil m'inntinn ann an lùchairt Rìgh Seòras air ais.

II

"A bhobaig!" thionndaidh e gu cothromach, réidh mar gu'm biodh aigne dol air claoideh na h-aineoil, "nach iongantach gnè a chreutair ri dhùthchasachd. Tha sinne an so, is ar tlachd ann am bith nan gleann; torman àllt 'n an siubhal; tulgadh a' chanaich le osaig; ceileireadh subhach na h-ealtainn; machair ann an gorm a sàtha; am fraoch fo bharr-guc 'san fhireach; glas a' chrotail air stallaidh; am bradan a' leum ri cuileig; glog a' gheòidh air lochan-feòir; éilid le sgèan ri brutach; géum bò-laoigh 's i làmh ri h-àl; fonn banachaig a' ti'n gu buailidh; srann an t-seillein air los mealaidh; is àileadh cùbhraighe na roide, nuair a bhrùchdas an t-iuchar le blàths. Ach that thusa bhobaig! ann an earail do dhiochail a' foghlum bho luchd-àitichidh Bhabaloine."

B'e so an t-ainm-tilgeannais a bha aige air bailtean-mór a ghonaidh.

Cha robh mi airson arabhaig ris; cha bhiodh stàth dhomh ann. Tha cuid-mar a ni Leódhasaich-a ghabhas ri taod, is béileag. Ach cha b'ann diùbh esan. Leig mi, mar sin, cead athais 'sa roghainn da.

Thòisich e le bhi caoidh mar a mhilleadh sgriobhadh

[TD 84]

an Ogha Mhóir air. "Oir tha leithid de chuilbheirtean aognaidh a-measg nan Gall 's nan Sasunnach," ars' Iain, "'s nach bu chòir do dhuine, 'sa

thoinisg aige, ti'n thairis orra gun a bhi 'na fhaiceall có chluinneadh e."

Fhreagair mi gu'm biodh e cheart cho iomchuidh da, sgial rùin a chleith air na clachan, is ormsa.

Thuirt e rudaigin, nach b'ann de na h-eòin mi mur a biodh an gob orm. Is thuig mi bho sin gur h-ann cho teann 's g'an cumainn mo theanga fo'm chùlaig, bu luaithe thigeadh cinneas air m'fhoighidinn.

Bha Iain an còmhnuidh fileannata. Ach thigeadh mughadh trom 'na ghuth, nuair a dhealaicheadh a chòmhradh ri ionadan eòlach a chuairt.

"Ciod i an fhéill," dh'fheòraich e, mar gu'm biodh e gabhail cothrom ùird air bàirnich, "air an ceannaicheadh tu an toil-inntinn tha'n ceartair mu d' choinneamh?"

"Cha'n'eil mi cur teagaimh ann," dh'aontaich mi. "Ach nach beag ar còir le chéile, araon air saorsa nan àllt, no air siubhal monaидh? Cha b'ann idir air ar soinne chruthaich Dia an talamh 'sa thoradh—"

"Nach ann, a bhobaig?" thionndaidh e cas orm. "'Se bhi 'g altrum beachdan goireasach de'n t-seòrsa sin, a tha cur-as do dhuinealas an t-saoghal. Innis dhomh-sa c'àite bheil guth-nàdair ann an adhar, uisge, no'n teine, a' comharrachadh an talaimh 'na imirean, airson peirclich de dh'uachdrain?"

B'e so mo chothrom air a thoirt gu clais-iùil a naigheachd; is fhreagair mi car grad, gur a dòcha gu'm b'e sin a chuir Fear-Scalpaidh, 'san t-Ogha Mór do

[TD 85]

Lunnainn. "Tha e coltach," lean mi orm, "nach do chuir e dad a-stigh ri h-aon seach aon diubh?"

"Tha thu ceart, a bhobaig!" thuirt e le gàire beag, fanaid; "ach cha mhise thuirt riut e. Thainig mar is aithne dhuinn, beò an Ogha Mhóir air ais gun teagamh, ged a dh'éirich gu h-olc do'n fhear a bha e 'na chois."

Fhuair mi nis e air slighe mo bhreithneachaidh. Ach thug mi 'n aire gu'n robh 'na rùn, mar a chaidh do dh' àmhuitlean duachnaidh a' Phrionnsa Frederic, a leigeil seachad. Cha b'e so a bha dhìth orm. Is thuirt mi gu'm b' iongantach a' Bhan-righ a bhi marbh, goirid an déigh a turuis do thig a' Mhoraire Godo?

"C'arson a chuireadh sin annas ort?" labhair e, mar gu'm biodh e gabhail mì-chin de'm fhaoineis. "Sasunnaich!" Ha! Dé 'dh'earbadh tu riutha? Cha'n'eil de cheol-gàir' aca-san, ach a bhi murtadh 'sa' clamhadh a' chéile. Cha mhomha orra sid beatha duine thoirt air falbh na bhi buain phuinneag. Coimhead air an fhear mhosach dhiubh aig an robh sealg a' Chaoil."

Bha fios agam có air a bha e tighinn; ach dh'fhoighnidh mi dé bhathas a' cur as a leith.

"Am madadh!" thuirt Iain. "Ged nach biodh ann ach an diol a rinn e fhein, 'sa spaidseirean air bràthar-do-mhàthar 's gun e ach 'na bhalachan. Rug iad air mu'n Fhéith-sheilich latha, is e as déighinn dionaig a theich bho'n fhagh gun a rùsgadh. Bha feum aca-san far an robh iad, neo cha tug

an casan fhein riamh do'n dachaид iad. Na bogalain ghealtach; 's iad bu chollaiche ri bru-dheargain le luirgnean feadaig a

[TD 86]

chunna mise. Ach dé dha sin? Ithidh iad feòl gus an ruig an corragan oirre. Ugh! Ithidh, is easgannan caola nan ñigeannan. Ol! Ma gheibh iad am bial ri goc cha'n'eil de thùr aca na leigeas as e gun chuideachadh. Ach ma bhios tu air ceann-coise, 's gu'n tachair coigreach ort is glug 'na bhroinn: 'se Sasunnach a h-ann."

Fhreagair mi gu'n gabhainn beachd air. "Ach," arsa mise, "ciamar a dh'éirich do bhràthair-mo-mhàthar?"

"Ciamar?" dh'aithlis Iain. "Ach gu'n a dh' fhuaircne (1), is bhog iad an glumag na Feith-seilich e, gus a-mór nach do bhàth iad am balachan. Na tachairean bhusach, b'e sin iadsan! Ach thug do sheanair blad fola do dh'fhear dhiubh bho'n uair sin, is e dol troimh'n arbhar aige as déigh gearra. Mhiap Iain Mac Dhomhnuill fear eile dhiubh os-cionn a' Choire-chòmhnaird; is có nach cuala mu na fideagan a thug Iain Mac Eachainn air triùir aca, 's iad a' toirt mi-mhodh da, is e buain boitean tubhaidh an Gleann-na-béiste?"

"'S cinnteach Iain nach'eil na Sasunnaich uile gu h-olc. Bidh iad mar a tha buntàta nan coimhearsnach-math is dona."

"Tha, laochain! Thuirt thu na bh'air; cha mhillear math ri olc dhiubh. Dìreach, mar a tha buntàta nan coimhearsnach," 's e deanamh lasgan gaire-cuid dhiubh grod is lóbhta, agus a' chuid eile gun bhrúich."

"'S fheudar gur h-ann mar sin a fhuair Mac Fhir-Scalpaidh iad cuideachd," dh'aontaich mi ann an rathad brosguil.

1 slabber

[TD 87]

"Fear-Scalpaidh!" chaisg e gu gobach. "Ma tha thu airson gu'n toir neach eile feairt ort."

Rinn m'aideachadh greim air. Oir bha mi cheana 'san teasgasg nach robh dad a chanainn, a bheireadh mugadh air a bharail-san, ge b'e an ràmh air am bitheadh e.

Eadar a h-uile toinneamh is lùbadh a bha air a sheanachas, dh'friosraich mi bhuaidhe mar a chaidh do dh'Fhear-Scalpaidh air a' cheann-thall.

"An tug thu riamh fainear," ars' Iain, "nach gabh cleasan Sasunnach a chur air blas ann an Gàidhlig? Cha tug, a bhobaig! Nise, gabh beachd air a so. Mur a téid, ach gann, aig teanga nan Gaidheal air dealbh ceart e chur air gnè de dh'gharraich Shasunnach, ciamar, an comhair an Fhreasdail! a dh'éireas gu math do thograidhean ar dùthcha, is biorsamaid Ghall 'gan tomhas? Ach chi am fear a bhios beò an Gaidheal 'sa chànan air seilbh an còrach fhathasd. Sin agadsa rud ris an abradh an t-Ileach, fàisneas."

"Tha cuid de Ghoill dàicheil gu leòr," thuirt mi mar dhorra-mheaghudh (1).

"Cha mhór nach d' thuirt thu rud glic le amas," thill e le dreamadh-sùl orm. "Dàicheil? Puth! Tha'n donas dàicheil, fhad 's a dh'fhàgas am Fineach an lodar 'na phoit. Ach dé th'agad air?" lean e, is inntinn a' toirt sithidh gu riochdan eile. "Cha tig dhuinn òganach Scalpaidh,—Iain Ruairidh,—'s an t-Ogha Mór, fhàgail air mireag an eòlais an Lunnainn. Ged is uasal a h-uile Gaidheal, cha mhór, airson sin, a chollaicheadh Iain Ruairidh, ann am bothan tubhaidh

1 tarruing as

[TD 88]

Laobhrais, ri cùirtear éireachdail an lath ud. Ach cha'n e h-aon air an tainig an dà latha."

Thug e sin domh cunntas a bha tearc is taitneach mar bu choimhlionta b'aithne dha. Ach 's fheudar a' ghuite chur an so ris; is bheir mi na dh'fhóghnas 'n'ur cead.

III

Cia luath 's a dh'fhàg Fear-Scalpaidh lùchaint an righ, an ath-oidhchh—bha e air freiceadan-faire gu sid-rinn e gun dàil air tigh an Dotair Mhic Uaraig. Oir cha b'urrainn da làmh a thogail ri mac a' Chrùin, ged nach robh am meachuinn ciadna 'ga ruigheachd a-thaobh a' Mhoraire Godo.

Ràinig e tigh an dotair a bha fuireach 'san Strand. Thug e fuaim air clag; is goirid 'na dhéigh, bha Mairearad Nic Uaraig 's e fhein ag ùrachadh eòlas a' chèile. Bha ise suilbhire gu leòr; ach thar-leis gu'n a mhòthaich e an-fhuras air choireigin 'na gluasad.

Nuair a ghabhas farmad beò, thig cruth gu h-obann air amharus. Bha inntinn a'bleith cho luath ri Lupaid a'greadanadh; agus mar a dh'éirich do'n fhear a chaidh a shnàmh ris an ròn, fhuair Iain e fhein na b'fhaide bho chala, na dhùraichd e.

Bha e fo theabadaich dà ni sonruicht: miann sùgraiddh air òigh, agus an-earbsa 'na thurus. Bheireadh e, mar sin, an saoghal 'san domhainn airson rùn a cridhe fhaotuinn air bhrath. An robh i aineolach air inntinn a' Phrionnsa Frederic dha taobh? Is ma bha i a' toirt a sheòil air mhisneachd, an robh i 'mothachadh

[TD 89]

dochann a cliù? Ach gu h-àraid, am b'ann le cead a roghnaich am Prionnsa taghal oirre?

B'iad sid iomairt nan ceist air nach d'fhuair a dheòin breithneachadh. Bha Mairearad fhein ann an dreach ro-àillidh, 's i 'ga chumail an geasaibh, gun fhios dith, mar éigneach fo bhinn Druidh. Mar is minig a thachair do fhear ann an gaol, fhuaireas Iain aig an àm ud le teanga' dhoicheallaich. Ma thug ise 'n aire da chàradh-is bha esan a' creidsinn gu'n tug-cha d'rinn i oidhearp air leisgial 'ga chuideachadh. Is e bhuil a bh'ann, gur mór nach b'fheàrr leis fuireach aige fhein bho thoiseach. Air an làimh eile, roghnaich e, mar chion-fàth a dhleasanais, àite-saoraidh a sheasamh, na'm biodh a bhean-dùthcha 'na eisimeil.

Thug am beachd mu dheireadh a dh'ionnsaidh eager a ghnothuich e; is chunnaic e nach robh dol-air no dheth aige, ach modh a chùraim a chur an tairgse.

Cha'n'eil thu idir ri fhoghlum gu'm b'e ceanaltais nam balbhan a bha eatorra, fhad 'sa bha beus nan smuaint so a' dol air deilbh. Air a' chaochladh, bha Iain ann an cathair ghairdeanaich ri taobh an teallaich; is Mairearad air suidheachan goireasach mu choinneamh, le bian féidh fo casan. Theagamh nach robh seasgair an t-seòdmair aca air bharr-suaicheantais ionraic, neo thug an t-Ogha Mór-a rinn iomadach céilidh fhad ann-dealbh-cunntais air. Air na thug e tarruing 'san rathad sin, b'e dà uinneig mhóir, a bha coimhead air teis-meadhoin na sràide. Co-dhiùbh, bha iad air lobht àrd no iosal, 's ann aig' an t-Sealbh a tha brath. Ach a aon nì bha Iain cinnteach; agus b'e sin gu'n robh

[TD 89]

Mairearad a' cumail an tuilleadh aire air an uinneig ud; na bha ti'n fodha gu socrach.

Thuig e mu dheireadh nach gearradh e leum Iain 'ic Eachainn gun fiachainn ris.

"Tha Bhan-righ fad air ais," thòisich e, mar gu'm biodh sealgair a' gabhail bealaich air fiadh. Cha robh math dha sgèan a chur oirre. "Chaidh t'athair a ghairm da h-ionnsaidh. 'S fheudar gu bheil i na's miosa, neo cha d'fhuraich e leatha cho fad."

"Cha mhath do naigheachd," fhreagair ise le guth cho trùmhàl ri fàsgadh piob Mhic Cruimein air ghléus. "Cha d' iochd do'n rioghachd mar a tha i, ged nach tigeadh an còrr 'na caraibh. Am fac thu ri bruidheann e?"

B'e so a chothrom; is thug a' mhoit leum air an duilleig aige.

"Cha'n fhaca buileach," thuirt Iain, 'se car 'ga dùr-amharc. "Ach chuala mi an còrr 'na bheannaichinn mu dhéigh, airson sin."

"Na cur eagal orm!" bhac i, 's i ag éiridh 'na seasamh; gluasad a rinn Iain cuideachd.

"Ni h-eadh," ars' esan. "Ach tha e mar fhiachaibh orm do chur 'nad fhaireachadh. Oir is e sin a thug an so an dràsda mi."

"Mur a' bheil bhuat ach mo chur 'nam fhaireachadh," chronaich i, "aidichead gu'n deachaidh do thurus cheana leat."

Mhothaich Iain, mar mhilleadh biodaig' air bachoid, nach do chuir e bladh air innseagraich; is ghabh e boil nach do leasaich a shuidheachadh. Ach ma's e 's gu'm

[TD 91]

faigh an fhìrinn togail, bhual an t-àrdan e cuideachd. Thainig tòcadh mu lùib nan aisnean aige. Is na'n cuireadh e dealbh air aigne 'san dearbh àm, cha b'e ciall nan òigh a gheibheadh a bheannachd.

Gonadh orra seach plàigh! chnuasaich e le cùib. C'arson a chuir nàdar a leithid de charan annta? Dhiùltadh dhomhsa na cleasan, co-dhiùbh, a bheir gu buailidh iad.

"Ceadaich dhomh foighneachd dhiot a' bheil sùil agad ris an dotair air ais an tràth so?" dh'fharaid e ann an casadh-facail 'na bu bhioraiche na chòrd ri Mairearaid, a bha nise fo iomagain a-thaobh a h-athar.

"Cha bhi sùil agam ris gus an cur e cùl ri ghnothuch; na's lugha na gheibh mi fios an atharraichidh bhuat-sa."

'S e dòigh neònach a th'aic air sgial-rùin a ghabhail, smaointich Iain; agus mar an ciadna, nach biodh e 'na shùgradh ti'n an aghaidh a' chuilg oirre.

"Thainig e 'na m'inntinn," chùm e roimhe, "gur a dòcha gu'n tug am Prionnsa fios air choireigin mu thimchioll dhut."

"Am Prionnsa!" dh'aithlis Mairearad, mar le iognadh. Ach na'n do thachair do dh'Iain a shùil a bhi oirre-se, an àit' air a bhrògain, chunnaic e gu'n d'fhàs an dearg na bu truime 'na gruaidh. "Am Prionnsa!" thuirt i rithisd. "Có rinn teachdaire dheth?"

Ah! rùnaich Iain, tha saobh-shruth 's a' ghlumaig nach aithne dhomhsa; is ghabh e dragh dheth-cha'n ann air a shon fein, ach i bhi 'cur an géill a tograidh air spiris bho nach tig ach tuisleadh maslach.

Thilg e doicheall air chùl, is chomhairlich e dhith,-

[TD 92]

sùil mu'n t-sròin,—am Prionnsa sheachnad. "Oir," ars' esan, 'se teothachadh ri chuspair, "tha cuilbheartan 'na bheachd a bheir aobhar näire do'n ionad 'sam buannaich iad. Ma chaochlas a' Bhan-righ, bidh t'athair an cunnart a bheatha."

Gun chothrom smachd no gearain a thoirt do Mhairearaid, thug e cunntas mean air na chual e le farchluais ann an Luchairt Hamptoin.

"Stad!" chaisg i an ealamhachd. "Na di-chuimhnich mionnan do sheirbheis mar shaighdear. Tha tuaileas a' cur ort, neo cha bhristeadh do ghuth an aghaidh do Phrionnsa."

"Prionnsa! Puth!" Mhag e gu dàna. "Prionnsa nan leomann, hiri um bi! Ach," is e 'dreamadh aodainn "tha mo Phrionnsa-sa far nach iarr cogais caisleachadh, mu'n d'thuirt an t-Ogha Mór, mo charaid. Oir cha'n ann idir cli a bha e, nuair a thuirt e, nach b'aobhar-uaill do shaighdear-seasamh claidheimh ann am muinntearas Prionnsa, nach fheàrr a dhol-a-mach, na umbaidh na h-anameasarrachd."

Thug Iain an aire gu'n robh Mairearad fo léireadh trom; ach is beag a shaoil e gu'n robh cuspair a h-iomagain an àit'-éisdeachd da ghuth. Oir có, ma dh'innsear e, a bha ann an cuba-chùil a' farchluais, ach am Prionnsa Frederic, fhein, leis a' Mhoraire Godo 'na chois.

Cha'n ann nuair a bhios ùidh air mheigh bu chòir naigheachd fhiaradh. Ach a-chionn 's gu' bheil beus-chliù bana-Ghaidhil an doillearachd, cha cheil mi na ghabhadh a leisgial.

[TD 93]

Aréir sgriobhadh an Ogha-Mhóir bha fòtas innse. Ach cha chreideadh Iain Piobaire sin bhuaidhe. "Oir," ars' esan rium, "ged a tha miar-dhìtidh aig oirre fad an t-siubhail, cha robh i cho coma 's a chur e am fiachaibh dhith-gu h-àraid air an oidhch' ud. A-rithisd, bha i tuilleadh is òg airson buidseachd nam ban a thoirt an toirmeasg. Is e an rud a bh'ann. Cha d'ràinig am Prionnsa nuair a gheall e; ach an ath-oidhch. Chumadh a h-athair aig leabaidh-eothair na Ban-righ. Mar a bhios an dàn a' deilbh fhuair am Prionnsa Mairearad leatha fhein. Ma bha, no nach robh i diombach dhe ghluasad-tha barail neònach aig an Ogha air a' phuing sin-thainig Iain Ruairidh air chéilidh goirid an déagh daibh suidhe ri seanachas. Rud eile. Ràinig an spagallan moraire sin, Godo, còmhla ris a' Phrionnsa. Ach ged a ghabh iad àite-suidhe mu-seach, cha b' fhada gus na dh'iarr Godo peann is dubhaich. Fhuair e, co-dhiùbh, leisgial air dol gu ruige seòmar thar-leith. Is bha e ann an sin a' teagnadh le éud is farmad, nuair a chur taghal Iain Ruairidh an cùiltearachd bun os cionn. Nise, laochain!" lean m'fhear-sgeòil, a' toirt sgailc air a leis, "is i so blonaig na mearachd aig an Ogha thaobh beusan Nic Uaraig. Tha thu faicinn? Cha robh am Prionns' ann an sid ach air foill. Cho luath 's a chunnaic e gu'n robhas a' leigeil neach eile stigh, dh'iathlaidh e,-air eagal a bhrath-a dh'ionnsaidh an t-seòmair sin anns an robh Godo, ma's-fhior, a' sgriobhadh. Ghabh Mairearad tàmailt nach robh beag; oir chrùb e air falbh gun fiù 's a cead iarradh, no

[TD 94]

smid leisgeil. C'arson, air a' mhodh sin, nach cuireadh i càin air comaine, le neo-fheárlas a cuirteir a thoirt le bagairt da fhianuis? B'e sin a bha 'na h-inntinn nuair a leig Iain Ruairidh ruith da theangaidh."

Biodh sid ceart no nach bitheadh, tha iad air slighe na firinn a bheireadh teagamh a iomrall; is cha'n iomain sinn fiosrachadh bho thaibhs air uideil. Ach a dh'aindeoin gach barail, ma thuirt an t-Ogha Mór gu'n robh fòtas ann am Mairearad Nic Uaraig, is fheudar nach b'ann gun dìth-aobhair a bha e.

Dh'éisd i co-dhiùbh ri casaid Iain Ruairidh gun mi-rùn a thoirt an guidhe; ach mu'n d'fhuair i amas-freagairt, thainig am Prionnsa làthair, is am Moraire Godo còmhla ris.

Tha e mar fhiachaibh air agairt mo sgeòil g'am fàgainn an dreach a fhuair mi oirre. Dh' ainmich Iain Piobaire gu'n robh Fear-Scalpaidh air aghart na h-òige 'san àm. Is mar a chuireadh e fhein cuimir air seanachas, chomharraich e gu cùramach, nach robh ann an seirbheis a' Chrùin, do'm b'fheàrr a thigeadh cùlaidh-chùirteir na Iain Ruairidh. Ach leig e an cur-a-mach sin seachad air dha ti'n air ais do'n Eilean a dh'àraich e.

Ge b'e dé bha 'nam beachd, cha do chuir iad fiamh no athadh air Iain. Thug e sùil air fear mu seach dhiubh-is cha robh i caoimhneil. Bha collas gruaim' air a' Phrionnsa; is cha robh gnùig a' Mhoraire cur furain an céill.

Dh'fhaoigte nach do leasaich e cùis na h-airsid, Iain fàilt an t-saighdeir a chleith air a cheannard; nì nach

[TD 95]

deachaidh as air an dithisd aca, no eadhon air Mairearaid. Ach bha esan cearta-coma. Cha bu mho air i an uair ud, n'an té a thogadh 'san Tuirc. Thainig cuideigin eile stigh air; oir lèum a bheò air iteig a dh'ionnsaidh Coire Chatachain, far an robh ainnir, air shuairceas, aig

bleodhan chrodh-laoigh; is conaltradh na h-ealtainn 'ga tàladh. Eilidh!— Cha'n'eil innte ach am páisde—

Cha b'fhada bha rùn ann am fonn a sheòdail nuair a thug am Moraire Godo tilleadh air.

"An e cleachdadadh do dhùthcha," ars' esan 'se toirt ceum na b'fhaing air, "fàth a ghabhail air ban-uasail, agus ainm do Phrionnsa chur ann an neo-bhéus air mhodh dith?"

"An e cleachdadadh Prionnsa 's a ghille-pliobair, a bhi deanamh falach toll-iuchrach ann an seòmar ban-uasail, nuair a gheibh iad fàth air a h-athair bho taobh?" fhreagar Iain mar nach biodh aig orra ach dà gharrach.

Bha coltas calla nis air; is thug am Prionnsa 'n aire dha. Ach dé rinn Godo, ann an doillead a chorruich, ach a chlaidheamh a tharruing-gluasad a rinn Iain 'na b'ealamha. Is mur do leum Mairearad ann an cabhaig eatorra, bha iad ann am mullach nam meall.

B'ann air Iain a bha sùil; ach na'n do dh'amhairc i air a-leith cho blàth aig toiseach an còmhail, cha robh fearg a-nise 'ga dhalladh.

Chunnaic am Prionnsa, ma bha dortadh fola ri sheachnad, gu'n robh an eadraigin aige ri dheanamh; is chur e cogar an cluas a' Mhoraire, a thug air-san seasamh air ais. Goirid an déigh sin, dh'fhàg iad an seòmar le chéile. Ach ged a fhuair Iain e fhein a-rithisd

[TD 96]

le Mairearaid 'na h-aonar, ghabh e mach as a tigh gun a bhial fhosgladh.

"Rinn thu ceàrr mo làmh a bhacadh," thuirt Godo air dhaibh ionad uaignis a ruigheachd. "Tha cunnart anns an eòlas a th'aig a' bhurraidh ud airson a bhi siubhal nan sràid leis. Dé ma chluinneas Ualpol e?"

"Eh!" smachdaich am Prionnsa. "Nach annasach lium ceann cho glic riut a bhi cho gogaideach. Cha mho air an fhear ud seadhannan Parlumaid na tha de pholl ri d' bhrògan. Leig leis! Mu'n ruith ceithir uaire fichead, bitthidh e air rathad an aithghearra dh' ionnsaidh fearann brucach a' dhùthcha, far nach cluinnear an còrr mu dhéighinn. Ach ma tha ciste-laidhe ri dheanamh, cur ann an earbsa Dhunoidheis e."

\* \* \* \* \*

An ceann tacain, thainig Godo far an robh Dunoidheas a' feitheamh aig taobh-àrd an t-Sstrainnd.

"Chaill mi fàireadh air," fhreagair Dunoidheas ri feòrach an fhir-eile, "is e dol a-stigh do bhùtha Mhic Fhraing."

"Cha'n urrainn e móran a dheanamh an sin," thuirt Godo.

"Cha mhionnaichinn as a' sin," leasaich Dunoidheas. "Cuimhnich gu'm faod e ti'n tarsuinn air an Domhnnullach a Parais, teachdaire nan Stiùbhartach; air tha h-uile collas air gu'n coinnich iad. Ach stad ort! Na ghabh thu an t-amharus riamh gu' bheil fios aig Ualpol gu' bheil an Domhnnullach an Lunnain, agus-a' chuid a's miosa-dé is ceann-uidhe da?"

[TD 97]

"Air ar ceannach?"

"Air 'ur reic!"

"Cha do dh'aithnich thu air an Domhnnullach gu'n cual e ni 'sam bith mu'n Phrionnsa Frederic, a-thaobh a' ghnothuich so?"

"Cha do dh'aithnich nithinn. Bha sinn mar gu'm biodh dà cheannaiche. Cha robh guth no gabadh againn, ach air duais is airgiod."

"Coimhead air so," arsa Godo fo anail. "Is e Iain Tolmach an aon fhear aig a' bheil fios air dé an cùnradh tha eadar am Prionnsa Frederic 's na Stiubhartaich, a-chum a chòir 'san rioghachd iomlaid. Cha'n fheum sin a dhol na's fhaide. Gheibh thu leisgial air frithealadh freagarrach a thoirt 'na charaibh. Tha'm Prionnsa airson a chasan a leigeil leis. Ach ma gheibh e as, 's e mise 's tusa a chreanaicheas air. Cha'n'eil na's fheàrr na brod airson diomhaireachd a chleith."

"Bheir sinn giorra na slighe do Hampton da," fhreagair Dunoidheas, 'se tionndadh air falbh; is bha manadh dò-bheairt 'na ghuth.

V

Chuir Iain a' chuid eile dhe'n oidhche seachad ann an seòmar os-cionn büttha-ghunnachan Mhic Fhraing. Bha iad ann ceathrair: Mac Fhraing fhein le ceann liath, is suíle biorach fo mhùgan mollach; Aonghas Domhnnullach, toscaire nan Stiùbhartach a Parais, le peirceal lom; is aghaidh fhlathail far nach fhaicte claisean na seòltachd a' falach; lasgaire de dh'Eirionnach, nach robh buileach cho seòlta, ach do'm b'aithne cnò a

[TD 98]

bhristeadh fo chùlaig; agus Iain Tolmach, no Iain Ruairidh, le cridhe cho fosgarra ri nead curracaig.

Mun do dhealaich Iain ri chompanas, bha'n aigne aige air a h-aomadh ri seirbheis nan Stiùbhartach. Dh'fhàg e an fhàrdach, airson sin, na bu tràithe na rinn càch. Bha 'na rùn an t-Ogha Mór fhaicinn gun dàil. Oir bhòidich e ris fhein, nach d'rachadh grian gu doimhne rithisd, gus an togadh e säil ri baile na mollachd. Ach cha'n ann mar a laitheas an calg, a dh'fheannair an t-sitheann.

Goirid an déigh dha tigh Mhic Fhraing fhàgail, rinn boirionnach easgaidh, le cleòca mu ceann, suas ris. Choisich i mu chiad slat ri thaobh, mu'n tug e an aire dhith. Ach cia luath 's a thug e suíl oirre, shin i pasgan láimhe da, is dh'fhiar i air falbh bho'n rathad.

Bha ioghnadh a' ti'n air 'na leithid de fhrasan, 's nach do smaointich e sealltainn air an rud a fhuair e gus an robh e astar air falbh. Rinn e nuair sin air solus a bh'aig oisein sràide, is dh'fhsogail e am pasgan. Cha robh ann ach badan fraoch, is duille sgein-duibhe.

"Cha'n ulaidh no cuimhneachan a tha so," thuirt e ris fhein, is b'fhior dha sin. Oir tharruing e crioman pàipeir as àite na stàilinn 'san duille, is léugh e ann an Gàidhlig, na facail: 'Far an gile solus 's ann is momha 'n dubhar. Cum do shùil thar do ghualainn.'

Thug e feairt air an rabhadh, ged nach robh fiughar air bhrath aige, ciamar a thigeadh a chron. Ach chur e co-dhiùbh ceum air għluasad, is a

shùil air bheachd. Ràinig e glé fhaisg air an tigh anns an robh an t-Ogha Mór a' fuireach ri taobh Drochaid Lunnain, gun nì a

[TD 99]

bheireadh oilbheum dha, tachairt ris. Is ann a thainig amharus 'na inntinn gu'n d'rinn an té a thug am fraoch dha, cùis-bhùrta dheth. Ach mu'n d'fhuair e fonn air a thogradh, bhoisg lainnir chlaidheamh an cùil, is leum triùir da ionnsaigh còmhla. Na'm b'e feachdaire gun oilein a bha'n Iain, thainig na gheall Dunoidheas da thaobh, gu crìch obainn. Ach chunnaic Iain a chunnart, is fhuair e chùl ri balla mu'n a sheall na milltearan bhuatha.

Bu mhath dhà-san gur h-e an t-Ogha Mór a theagaisg cleas a' chuinnseir dha, neo chuireadh as da leis a' chiad dubadh.

Dh'fhàs a shùil cho biorach ri sùlair' os-cionn cal' fhaolag; thainig spionadh gun sgios 'na fhéithean; dh'fhuaraich an eanachainn aige le cuimse na strith, ach thug iochd an dioghaltais tòic 'na chridhe. Bha bàs gun mheachainn a' feitheamh an fhir a chailleadh a lùghs.

Cha robh duine ri fhaicinn air fàireadh, no idir fagus daibh; neo tharruing gliong nan claidheamh a' làthair iad. Tha chollas, co-dhiùbh, nach b'e fùidsearan gun sgil a thug làmh air. Oir ged a chaidh aig air an cumail dheth fhathasd, bha iad a' seachnad ruigheachd a chlaidheimh. Bha 'nam beachd a chlaoïdh a chum a bhi cinnteach as an obair. Thuig Iain so cuideachd; ach cha robh seòl air a leasachadh. Na'n tigeadh iad faisg gu leòr air, gheibheadh e chothrom orra. Ach cha b'urrainn e chùl a thoirt bho'n bhalla, gun e fhein a thilgeil 'nan làmhan.

Chaidh còrr is leith-uair seachad gun bhuannachd ri

[TD 100]

fhaicinn aig taobh seach taobh. Ach ged a bha Iain cho fulannach ri sgarbh fo fhlinne, chunnaic e nach seasadh a chur thuige 'san dòigh ud. Bu mhath buille-teanachdais bho'n Ogha Mhór an ceartair. Thainig an smuaint so mar ghuidhe 'na rùn; oir, fhad 'sa bha aire 'ga turaman, dh'fhuilich fear de luchd-tòireachd air a ghairdean. Cha robh an dochann mór; ach ged nach robh fhein, ghabh iadsan foras gu'm biodh e an gradaig ri làr aca. Theagamh gu'n deach an dùil mar a' miann, na'n d'fhàgadh an dearbhadh air a' mènran-san.

Thuirt am falal againn fhin, nach dlùithe tha clach do'n làr na tha cobhair Choibhidh. Oir is iongantach mar a thig fear an t-saoghal fhadha as gach càs; agus na's iongantaiche mar a shiùblas an dàn gu rath. Có, seach daoin' an t-saoghal, a thachair a bhi tilleadh da dhachaidh 'san àm, ach an t-Ogha Mór? Bha e ann an caidreamh na searraig còmhla ri brachadair a mhuinntir Ghlinn-dail, is fear-eile a Gleann Urchaidh, leis am bu cheaird, a bhi cur suas mhuilnean-gaoithe, Mar a bhios am fear do'n d'rug an cat an cuilean, chum mire na cuaiche gu anamoch iad; is bha feum aig Iain Ruairidh air a' sin. Ach chreanaich feedhainn eile air a thàilleabh. Oir thainig an t-Ogha Mór air an tuasad, is e anns an togradh bheothanna sin a bheireadh aghaidh air deamhnan.

Cha tug e an aire có bha aige an toiseach. Chunnaic e triùir a' toirt ana-cothruim do dhuine leis fhein; is bha sin gu leòr dha. Leum e gun dàil 'nam measg, is lann air ghléus 'na ghlaic.

"A chlann Ifrinn!" mhionnaich e le gloc. "Thoir-

[TD 101]

ibh cothrom-na-Féinne do'n diùlnach." Ach nuair a mhothaich e có ris a bha eadraigin, bu chollaiche ri duin' air a' chuthach e.

Tha fios aig daoine gu'n robh an t-Ogha Mór fearadhanna nuair a thigeadh togail fodha. Is cha b'ann air an turus ud a rinn e dìmeas air deachd a thapaidh an caonnaig. Oir cha bu luaithe bha fheachd am feobhas, na thug sgathadairean a' chroin an seang ri astar-gu h-àraid Dunoidheas. Fhuair esan teicheadh; ged nach do shoirbhich cho sona le chùiltearan. Ma thug iadsan na buinn as, rinn an t-Ogha, is Iain Ruairidh dian as an déighinn. Cha'n fhacas an t-sealg sin riamh ri bruthach, a bha na bu teotha n'an fhaoghaid ud.

"A mhic an Fhir-mhóir!" mhionnaich an t-Ogha, 's e 'toirt siapaidh air fear diubh. "Tionndaidh t'aghaidh mhosaich an rathad so. Oir cha toigh lium brodadh na muic' a dheanamh ort."

Thuig am fògrach nach b'fheàrr an càradh na eatorras nan cailleacha-dubha; is nach robh ach an t-seòltachd a bheireadh dheth iad. Bha chlaidheamh air bheairt aige, is thug e gnè de spìd as, mar gu'm biodh e airson fhear-tòireachd a chur as fhaireachadh. Agus chaidh sin leis. Oir smaointich an t-Ogha gu robhas 'ga fhàgail, is chuir e greasad gun faicill air astar. Ann am beagan shinteag, bha e aig sàil na bha roimhe. Ach sid am fògrach air a bhial-fodha, 'sa chlaidheamh 'na stob thar a ghualainn. B'ann na thràth a chunnaic an t-Ogha Mór a chunnart, is leum e beò as an adhar seachad air.

Cha'n'eil ri aithris ach gu'n d'fhàg e fear a chonais

[TD 102]

'na shineadh; is e gun chomas olc an t-saoghail so a mhiadachadh.

Air an tilleadh air ais, bha Iain Ruairidh a' talach nach d'fhuair e cothrom air Dunoidheas a chur anns an aona phasgan ri càch.

"Tha thu canail rium," fhreagair an t-Ogha Mór an coinneamh an t-seanachais a bha eatorra, "gu' bheil thu fàgail an Arm-dheirg; ach a-nise-bho'n a dh'earb thu an urrad-sa-dé ni thu gun Mairearad Nic Uaraig?"

"An rud a rinn an Gall gun airgiod-deanamh as a h-aonais," dh'aidich Iain air a shocair. "Cha'n'eil i air mo shon, no idir mis' air a soin-se. Bha mi air mo dhalladh nuair a thaobh mi rithe."

"Bha, laochain," leasaich an t-Ogha mar gu'm biodh e buidheach dhe na chual e. "Cha'n e fuaidreag na liudha bheir bradan a àllt. Cha b'i thigeadh air a' chliabh-mhòine. Mnathan a' bhaile-mhóir, cha'n'eil de dh'fhuil annta na chuireas clann mu theine dhut. Nach i do mhàthair a ni an toileachadh ri do ruigheachd? A-màireach aig deich uairean, cuiridh sinn ar n-aghaidh air rathad an Eilein. Beannachd leat!"

"Mar sin leibh-sa," fhreagair Iain. "Aig deich uairean."

Chunnaic an là-na-mhàireach an turus air thoiseach orra; is, mìos an déigh sin, bha fàilte nan càirdean ann an Eilean a' Cheò, a' cur gach doilgheis gu buileach a cuimhne.

Chaochail a' Bhan-righ; ach cha do dh'éirich gu h-olc do'n Dotair Mac Uaraig. Chunnaic e buaireas

[TD 103]

nan Gaidheal a' tighinn; is thug e mar earras do Mhairearaid,—air a leaba-bhàis-i cunnartan a' għluasaid a chur air mhanadh, far an ruigeadh a treoir 'sa buadhan air.

Cha do mheall i an earbsa. Oir mu sheachd bliadhna an déigh na nithibh sin tachairt, bha i fhathasd gun phòsadh; is i a' deanamh teachdaireachd dhiomhair a-measg nam fineachan Gaidhealach. Bheir bristeadh na sgeòil tha romhainn aithris mar a thog i ceann.

[TD 104]

CUILTEARACHD

Tha'n coileach fialaidh mu chuid an eich  
—SEAN-FHACAL

Mur do thog mi Iain Piobaire ceàrr, bha gnè de dhùil aig an Ridire Tholmach ri Mairearad. Ach ged a bha e eòlach cheana air 'na bha fo'n ian aice, cha do thuig maor no nàbaidh có an taobh a ghabhadh e ann an gléus nam fineachan.

Bha Foirbeasach Chul-odair trang is dùrachdach a' ciallachadh nan Ceann-feadhna, far an amaiseadh e orra le teumachd beòil no teachdaire. Ach bha dithisd air nach d'rinn a chasaid ach glé bheag deargaidh—Mac Leòid Dhun-bheagain agus an Ridire Tolmach. Dh'fhaoidte Domhnnullach Shléibte chur air an ràmh chiadna riutha, na'n robh an aigne aige fo'n aona seòl iomairt.

Cha do chleith eachdraidh an cnàmhan doilleir a bha eadar Domhnnullach Shléibhte, agus Mac Leòid. Bha piuthar an Domhnullaich pòsd' aig an fhear eile; ach ma's fior na dh'aithriseadh, cha b'e duais nam ban a shealbhaich i còmhla ris.

Ged a bha Anna Domhnnullach air slighe nan taibhs bho chionn iomadh latha, bha grùid na corruiich, a chuir a droch ghiollachd air a bràthair, fhathasd air a shiubhal gun sioladh. Is cha b'ann aon uair a thainig e faisg air buaireas-fola thogail eadar an dà

[TD 105]

chinneadh. Ach, mar a bhios ìmpidh an duine ghlic 'na ghreim caraide, għluais Foirbeasach Chul-odair le buaidh 'san eadraigin.

Leig an Domhnullach an gnothuch bàs-cho fad 's a chitheadh duine-eile. Ach bhòidich e, airson sin, gu'm biodh esan an aghaidh Mhic Leòid, cia b'e dé an taobh a ghabhadh e aig aramach nan Stiùbhartach. Air an làimh eile, bha amharus aig Mac Leòid gur h-ann mar sid a bhithheadh; is cha robh gleachd 'san stairsnich a dhīth air, na'n gabhadh e seachnad.

B'aithe do'n Fhoirbeiseach mar a bha gnothuch a' seasamh; is gu'n robh gamħlas, air uairean, cho fiachail aig cinneach ri cliù. Agus, mar dheadh fhear-feòirne, chunnaic e an rathad anns an obraicheadh sin a-chum math na rioghachd.

Fhuair e, air a' mhodh sin, innleachd air fathunn ioma-ghobach, a chumail a' dol eadar Dun-bheagain is Sléibhte. Far na chaill casaid, chladhaich seòltachd talamh-toll. Is e bhuil a thachair, gu'm faca Mac Leòid nach biodh e soirbh a ghealladh do Lochiall a chomhlionadh, fhad 'sa bhiodh an Domhnallach, mar bhroc, a' feitheamh an pharaidh.

B'ann mar sid a bha builgeadh na h-agairt a-measg sàr fhineachan an Eilein, nuair a thaghail Mairearad Nic Uaraig air an Ridire Tholmach ann an Tigh Mór Laobhrais, mu'n àm 'san tainig Prionnsa Teàrlach do Mhùideart.

## II

Na'n do chuir e stigh ri fonnarachd na sgeòil, thug Iain Piobaire tarruing air mar a thainig Nic

[TD 106]

Uaraig a dh'ionnsaidh na h-earbsa, anns am facas i an ceartair. Ach ma bha, no nach robh an caochladh fios aige air a gluasad an déigh do'n Ogha Mhór Lunnain fhàgail, cha do dh'ainmich e. Cha d'thuirt e, urrad fraochain air balt mu'n chùis, ach gu'n robh i air fadhairt gach tograidh, mar ghruagach a chailleadh a miadh 'san teallaich.

"Ach," labhair e is e ag amharc a-nunn 'sa nall, cho glic ri chomhachag air dreallaig, "ma's miann leat a bhi dh'easbhuidh frionas nam baoth, cum ri foirichean t'eòlais. Tha e nàdarra gu leòr a' cheist a chur: 'C'arson a rachadh fios-seadhach na rioghachd a chur ann an leisgial Mairearad Nic Uaraig?' Mu ta! bheir mise fios dhut air. Nise, mar is aithne dhuinn, bha mealladh anns an nighinn ud, nach robh idir cneasda. Tha cuid de fhleasgaich cho tograch ris an t-seana-mhaighdinn, a thuirt nach toireadh i dùil de phòsadh, fhad 'sa bheireadh dris fuil as a lurgainn. B'ann diuh sin an Ridire Tolmach. Is thug e sùil bradain ri leum-uisge, no, mar a sgriobh an t-Ogha Mór, sùil adaig air maghar oirre; ach nuair a chunnaic e i a' suidhe mu choinneamh 'na thigh fein, bha e, agus a chridh' air dubhan aice, cho cinnteach ri bodach air dòrbh. Airson Mhic Leòid Dhun-bheagain, ged nach robh esan buileach 'na fhleasgach, bha'n fhuil na bu teoth' ann. Agus b'e Mairearad am biathadh a rùnaich am Foirbeiseach, a thigeadh ri snòtach gach fir aca. Dhuine! Dhuine; nach beag an rud a chuireas an saoghal trulainn (1). Tha e teagasg do'n fhear a thuigeas, gur fheàrr cridhe air dheadh bheús na innidh nam

1 gun rian

[TD 107]

feachd. Ach a dh'aindeoin so uile, tha rioba nam boirionnach ri sheachnadh. Oir is ioma fear a chuir iad a shiubhal an t-saoghal le chuid aodaich air bhàrr bata."

Cha bhiodh e ach mar mhairc na comhairle thug Fionn air Diarmad, cur na aghaidh, is dh'aontaich mi leis.

Chunnaic mi nise gu soilleir cho furasda agus a thigeadh fosgladh a cinn-uidhe do Mhairerad. Ach tha cuideigin eile air am feum mi iomradh a thoirt, mun téid aisnean ar naigheachd a dhùmhlaichadh. Is e sin Goiridh Mac Fhraing, no Mungan Tuathal.

Cha b'e gàirdeachas nam feachd ri blàr a bha ti'n fodha-san. Chaill e chuid, agus-aréir bial-aithris-a chliù. Airson na bha dh'fhiòs air a' chaochladh, bha e fo'n a' choill fad còrr is fichead bliadhna. Cha chuala, 's cha do dh'fheòraich e riamh, de dh'éirich da mhnaoi, 's a leanabh-mic, bho'n oidhche rinn Clann Choinnich falloisgear de 'chaisteal.

Tha cuid fhathasd a ghabhas a leisgial le aobhar, agus a chanas gu ladarna, gur h-e a leanabh fhein is luaithe bhaisteas an sagart; is nach b'ann gun fhios do dh'Iarlam Mac Coinnich, a ghabh e ris an iomlaid a rinn Ealasaid, a' bhean-ghluine, air leanaban an dà theaghlaich. Cha b'ann bho Iain Piobaire thainig am buatham (1) orm. Agus an uair a chuir mi ceist ris mu thimchioll, thuirt e nach robh ann ach gusgal bhoirionnach is iomairt a chroin bho'n airc do'n éigneach.

1 Cainnt gun chuimse

[TD 108]

III

Fhuair mi a-mach, co-dhiùbh, nach robh dad ri aithris air Mac Fhraing ach an t-seòltachd; no ri mholadh da, ach mar a cheil e le riochdan coimheach, có è, an déigh dha tilleadh a Lunnain-far an robh e 'cumail bùtha ghunnachan fad iomadh bliadhna.

Cha d'fhuaras riamh an dearbhadh, dé bha 'san amharc aige ann àm bliadhna Theàrlaich. Bha Iain Og a' canail nach robh ni 'na thogradh ach dioghaltas. B'ann de'n bheachd sin a bha Iain Piobaire cuideachd; is thug e ceann-aobhair leis na lorg e uime.

"Faic so," ars' esan. "'S e Clann Choinnich a rinn 'fear air chàrn' de Mhac Fhraing. Chaill e Scalpaidh, is Pabaidh air tàilleabh a chleamhnais ris an Ridire Tholmach. Airson na tha dh'fhiòs aig càch air, cha'n fhaca chuid, no dhaoin' e fad fichead bliadhna 'san còrr. Nise, bhobaig, nach minig a thuirt Iain Og fhein, gun téid dùthchasachd an aghaidh nan creag. Mar a dh'fheitheas fitheach ri ròic, dh'fhuirich Mungan Tuathal, no Goiridh Mac Fhraing—"

"No Moisean ri latha," thairg mi ann am earras air eòlas nan sean-fhacal.

"No Moisean ri latha! le do chead," dh'aithris e mar chomaradh do'm oidhearp air beurrachd. "Tha e collach,—ged nach deanadh Fionn luaidh air,—gu'm b'fheàrr le Mac Fhraing teicheadh math, na droch fhuireach. Mur a h-aithne dhut chean' e, chaidh am fearann aige chur a-stigh ri cuid Fhir-a'-Choire; esan nach tug aghaidh air tràigh ach an latha dheanadh e maorach—"

[TD 109]

"An e sin am Fear-a'-Choire thug air muinntir Bhreacais sgòrnanan nan caorach ac' a ghearradh air eagal agus gu'm biodh iad ri'm fangadh airson dol thar criochaibh an fhearainn aige?"

Bha fiosam gu math gu'n robh mi suas ri ochd fichead bliadhna thar mo threothair; ach bha mi ann an rùn air barail Iain Phiobaire fhaotuinn air an éucoir ghàbhaidh ud.

"A bhobaig!" thionndaidh e cho crosda 's gun a shaoil mi gur h-ann rium fhin a bha e. "'S math dhut an là anns an d'rugadh tu, seach mar a bha'n t-àm anns an robh muinntir nan ceàrna so a' cumail fearainn-àitich ri Fear-a-'Chaoil, agus a' ruamhar Aisig air leith-coise da. Cha'n iongantach ged a bheireadh iad an dubh-mhollachd air uachdrain; oir is ioma latha diachainneach a dh'fhuiling iad fodhpa. Ach 's fhada sin bho ubagan Mhic Fhraing. Nise, dé bu nàdarra dhà-san ach a dhichioll a dheanamh airson 'mar-a-bha' thoirt a seadhachas na bha dol. Dh'fhaoidte gu robh dioghaltas fo' na chùlaig aige cuideachd. Is cha'n'eil teagamh nach robh. Ach dh'fhairslich orm riamh a thuigsinn-oir cha tug an t-Ogha Mór fianuis 'sam bith air-c'arson a bha Mac Fhraing cho diarasach an aghaidh nan Stiùbhart—"

Thainig na léugh mi de dh'eachdraidh Bliadhna Theàrlaich a-stigh orm; is thuirt mi mar thoradh air, gu'm faodadh e bhith gu'n robh Mac Fhraing de'n bheachd, gu'n leanadh Clann Choinnich éirigh na h-àbhaist-is e sin leis na Stiùbhartaich.

"Có chanas nach fhaod an fhìrinn a bhi agad?"

[TD 110]

fhreagair Iain le casad beag. "Oir is iomadh àite neònach anns an tig i uaireannan."

"Cha tig an aois le fhein chuideachd," thuirt mi 'na choinneamh. Oir ma dh'innseas mi-fhin an fhìrinn, cha do chòrd a fhreagairt rium. Ach tha e collach, nach b'ann airson dragha chur orm a bha e, a-chionn 's gu'n a dh'aidich e gu'n robh mi ceart a-thaobh Chloinn Choinnich.

"Tha còmhnhadh gamhlais mar fhliodh ri bun cuiseig," lean e roimhe. "Na seasadh Domhnnullach Shléibhte, an Ridire Tolmach, is Mac Leòid ri togairt a' Chrùin, nach robh iad faisg gu leòr air Cinn-t-Sàile, airson Mac Coinnich a mhilleadh? Có ris am b'fheàrr do'n tigeadh an sgrios sin na ri Mac Fhraing?"

#### IV

Air do dh' Iain alt is dreach a chur an lorg a bharalach thug e an ath-tharruing air Mairearad Nic Uaraig ann an Tigh Mór Laobhrais; agus mar a bha Mungan Tuathal, is an Ridire Tolmach a' cur ri gléusdachd a turuis.

Ged nach tug an Ridire urras 'sam bith do dh'Fhoirbeasach Chul-odair, cha robh teagamh idir dé an taobh air am bitheadh e. Agus bha'n togradh sin a-nise air a dhaingneachadh le mealladh-gnùise na h-ainnir' a thaghail air an-ceartair.

Cha'n'eil na's fhiach ri aithris mu thimchioll an comhairle nach aithne dhuinn cheana. Ach tha e freagarrach gu'n cuirinn seanachas air puing no dhà a dh'éirich ri linn an comhstrith.

"Cha'n'eil an teagamh is lugha," ghlacas Mungan

[TD 111]

a' sparradh, "nach'eil an t-Ogha Mór is Iain Ruairidh ri obair oidhche tha 'g aomadh oigridh a' chinn-iochdraich gu aobhar nan Stiùbhartach. Is ged a chanas an Ridire 'n dràsda ruinn gu'm bith na Tolmaich air taobh a'

Chrùin, tha eagal orm gur h-e Iain Ruairidh am fear a dhearbas a' chaochladh."

"Iain Ruairidh," dh'aithris Mairearad. "Có esan?"

"Freagraidh mise sin," thuirt an Ridire. "Sin agad-sa mac bràthar domh—"

"Esan a bha Lunnain mu sheachd, no h-ochd de bhliadhnaidhean air ais," bhrist Mairearad le ùidh nach do thog amharus.

"Direach," fhreagar an Ridire. "Cha deachaidh gnothuichean an sin leis. Oir thill e dhachaидh; is cha tug e làmh air nì a chruthaich an t-saoghal, ach ag iasgach 's a' dol mu'n cuairt còmhla ri muinntir eile 'n àite."

"Airson na bha dh'fhiос agad-sa air," leasaich Mungan. "Ach cha b'ann na thàmh a bha e idir. Cuiridh mi mo chluas air a' gheall, neo cha'n'eil eadar an Aird is Rudha na Cailllich a dhiùltadh buille far am biodh an t-Ogha Mór is Iain Ruairidh 'ga tagairt."

"Ah!" thionndaidh Mairearad mar gu'n tigeadh rud ùr 'na h-inntinn. "Có aige tha cumhachd an rìgh anns an Eilean Sgiathanach?"

"Có is mór-mhaor a tha thu ciallachadh?" thuirt Mungan. "Ma ta, innsidh mi sin dhut: Mac Leòid Dhun-bheagain, nuair a thig e do Phort-rìgh."

"Tha e agam," arsa Mairearad. "Agus mar so. Tharruing Iain Tolmach a chlaidheamh air a' Phrionna

[TD 112]

Frederic, is theich e fhein is Mac Neacail a Lunnain an déigh dithisidh dhaoinne mharbhadh. Feumaidh Mac Leòid an lagh a chur an géill is Iain Tolmach a thoirt gu binn. Tha e mar fhiachaibh air an Ridire Tholmach am fios sin a chur a dh'ionnsaidh Mhic Leóid. Saoilidh mi nach caill fear seach fear agaibh air an earail."

"Cha bu toigh lium gu'n éireadh gu h-olc dha fo'm làimh-sa," thill an Ridire.

"Cha'n'eil àrach, no dol-as agad air," thuirt ise. "Oir cha'n éirich gu math dha, co-dhiùbh ni thu do dhleasanais no nach dèan. Ma dhiùltas thu, nach'eil e soirbh gu leòr dhut tuiteam far an seas thu?"

"Tha Nic Uaraig ceart," dh'aontaich Mungan. "Bu chòir fios a leigeil gu Mac Leòid gun dàil. Nach math a thigeadh an turus ri Rob Crotach. Chanainn," thuirt e an déigh stad beag, "nach biodh e idir na chall do dh'oighreachd an Tolmaich, an t-Ogha Mór a bhi as an rathad. Chunnaic mise latha anns nach robh urrad de mheachainn anns an Ridire Tholmach. Dé eile ni thu ach an t-Ogha Mór fhaotuinn as an rathad?"

'S e bhuil a bh'ann, nach fhacas na bu riatainnaiche na fios a chuir a dh'ionnsaidh Mhic Leòid Dhun-beagain, mar a bha gnothuch 'san t-Strath. Thainig iad co-dhiùbh do'n cho-dhunadh gu'm biodh e iomchuidh an t-Ogha Mór a thoirt fo chuing an lagha aig an dearbh àm ud.

Chunnaic an Ridire, -na'n d'rachadh leotha-gu'n cuireadh e gu math a-stigh ris fhéin. Agus ged bu

[TD 113]

chàirdeach da chéil' iad, thug sannt an t-saoghail a thrùmh an dolaidh.

B' ann aig an tionndadh so, a chuir Iain Piobaire beurrachd an aoir ann am falal ditidh air Fear-a'-Choire.

"Nach e an lon mosach a rinn greim air," dh'earalaich Iain "nuair a reic e a ghnè 'sa chàirdeas air peighinn cho suarach?"

Thuirt mi gur a dòcha gu'n robh sùil aige 'san àm ri Nic Uaraig a bhi na bean da thigh.

"A bhobaig!" fhreagair e gu math conasach cuideachd. "Cha b'e té fhuadain le sgròban clamhain a thigeadh air Tigh Mór Laobhrais. Creid mi. Is fheàrr anail an aoidh na tairmleitch an duine ghlic. Bean càirdeal ri do cho-chréutair; is canaidd siorruidheachd gur a math a rinn thu. Oir tha deadh ghniomha mar chlacha-mile: ni iad an rathad cothromach do'n fhear a tha'n eisimeil stiùiridh. Agus siùbhlaidh an sàth aige mar mholadh bàird air mac na h-aoidheachd."

Bha mi leis anns gach nì a dhearbh 's a theagaisg e. Ach mur am fac thu Gaidheal air thogail, cha tuig thu rian nam falal a chuir e an colabhairt do dh'Eilidh, ri linn dith far-chluais a dheanamh air na thachair air an fheasgar ud. Ach 'mar a thuiteas cliabh gun iris, théid a' bhriag do h-ionad fein.'

Thuirt Iain Piobaire mar sin rud; is b'aithne dha seadhachd an t-sean-fhacail.

[TD 114]

IAIN RUAIRIDH, MO CHEIST!

Cha'n e sgeul-rùn e 's fios aig triùir air  
—SEAN-FHACAL

Bha'n comh-thràth air sineadh ann an glac-shuain na h-oidhche bho'n a chaidh Rob Crotach tarsuinn air còmhnard-freadhairc an Tighe-mhóir. Dh'fhàg Mungan Tuathal beannachd aig an Ridire Tholmach, agus le teanga-magaidh 'na phluic, chuir e aghaidh air a cheann uidhe. Chaidh an crodh-laoigh a bhleodhan, agus an saodachadh ri gleidheadh an fhàsaich. Bha breac-an-t-sìl, 's a cheann fo sgéith fad-on-uair-sin 'na chadal. Cha chluinnte ach sgriach dhuaichnidh a' chromriabhaich, agus clis-ghlaodh 'mollachd-an-t-sealgair,' a' bristeadh air sàmhchair nan clos. Tosdach mar dhruma air a mùchadh, bha Tigh-mór Laobhrais 'na stéidheadh, agus muir-ghlas camus an Ath-leathainn, a' sineadh a bliain ri gainmhean beadraich Abhainn a' Choire.

Ach a' cumail mire ri foighidinn gu furtachd an anamoich, bha aon inntinn chûramach, agus sùil-faire gun phribadh cadail. B'e so nighean òg; is i a' feitheamh, le buill' air a cridhe, aig dorus-cùil an Tighe-mhóir.

Cha b'ann gun chlisgeadh a thog i dealan na cachlaidh agus a dh'iathlaidh i troimhpe. Bha ceann-turuis ris a' chladach; agus leag i h-aghaidh air le cabhaig, 's a sùil an dràsda 's a-rithisdh thar a gualainn, mar

[TD 115]

nach biodh i cinnteach as a gniomh, no, 's math a dh' fhaoidte, fiachainn ri falach a chur eadar i fhein agus ruaig.

Cha do ruith móran ùine gus an d' ràinig i tigh le tubhadh fraoich-fasgach aig bonn bruthaich, agus goireasach ri cùl gaoithe 's air aghaidh gréine.

"Taing do'n Fhreasdal!" thuirt i le làn-dhùrachd rithe fein, "tha Iain Ruairidh aig an tigh. Tha na lìn aige an crochadh air na sparran. Tha iad fada gun chadal!"

Le so, chum i stigh; oir cha robh oilean choimheach air aithne, no glas mearlaich an cleachdad. Cha robh càil air a truailleadh le ana-measarrachd nan Gall; ach bha taing is toileachadh ann an crannchur na mór-chuid. Agus cha robh tigh Iain Ruairidh aineolach air meas is gnàth na stuamachd. Bha 'n t-suipeir gun a gabhail. Nach robh a' phoit-cruinn-shliopach is dubh, a' leith-dhannsa le plub-ghoil a' bhrochain-an crochadh air griosaich theine; is toit chuaileanach, liath-dhonn na mòine, a' slaodadh a lùban cadallach troimh dhorus is fhàrlus? Aig taobh shuas an teine, bha seana chailleach ag obair le fearrsaid, agus dalladh aic' air an òran: 'Muir ag éiridh o ho!' Thall mu choinneamh na h-uinneig, bha Iain Ruairidh air furm góibhlach, 's e trang a' càradh lìn. Agus mar nach biodh nàdar airson gu'm faicte an dealbh iriosal, taitneach so, ach ann an solus freagarrach, bha crùisgean, le sibheig laiste de luachair, an crochadh air sioman caol ris a' mhaide-tharsuinn, agus eòlan fallain mionach an sgadain 'ga shìor losgadh.

[TD 116]

"Có tha stigh?" ars' an nighean òg. "Fàilt 'san tigh so!"

"Fàilt ort fhein!" fhreagair a' chailleach le guth caoimhneil. "Dean suidhe 'chaileag is gheibh sinn do naigheachd. Eirich 'Iain, 's dean àite-suidhe do dh' Eilidh."

"Cha 'n e suidhe 'th'air mo mhanadh," thuirt Eilidh.

Chuir crith-fhuaim a guth iognadh air a' chailllich, agus dh' amhairc i gu giar oirre.

"An Sealbh 'gad chuideachadh!" ghlaodh ise, "gu dé an t-aon ni tha ceàrr ort?"

"Mu'n dubhaint sibh fhein, a mhàthair!" labhair Iain, 's e caitheamh a shnàthad-lìn gu taobh. "Tha rudaigin ceàrr, neo cha robh gruaim air Eilidh. Gu dé air talamh na Criosdachd a chuir mu'n cuairt thu? Có chuir dragh ort, Eilidh? Oir ma's duine e, cha 'n fhaigh e as làrach nam bonn gus an dioghal mis' air."

"Có! Có! ach Mungan dubh nam briag!" fhreagair Eilidh. "Oir tha iad uile aige, is feedhainn a rinn e fhein."

"A! thubhaint thu e. Cha chreidinn aon ni còir air an t-seana bhoiti. Mur a'bheil mo shùil 's mo thugse air uideil, s 'e am fear-bráth a tha'm Mungan. Cha buannachd do chùis a' Phrionnsa 'leithid a' theachdaire."

"O! Iain, c'àite an tòisich mi?" thuirt Eilidh, 's i cromadh a cinn.

"Aig Iain Ruairidh, mo cheist!" fhreagair an ceatharnach tapaidh so, 's e toirt car uaibhreach da bhodhaig, buille boise da bhroilleach, agus sùl-tharsuinn air a mhàthair. "Cha'n fhaca mi am fear sin fhathasd a bheireadh dhiom e."

[TD 117]

"Cha 'd rinn thu sin fhein, Iain," thuirt a mhàthair le gaire; oir bha sùil bhàigheil aic' air Eilidh. "Cha d'rinn thu sin fhéin; agus is math m' fhios air cuideachd. Oir cha'n eil ceannard tighe no teaghlaich na 's feàrr na thu, eadar so is Rudha Shléibhte no eadhoin Lunnain ged is mór am facal e."

"Cuimhnichibh gur e cabhag a tha air Eilidh, 's nach e chaochladh," ars' Iain a' cur stada air clatar na caillich.

"Ged a bhiodh cabhag nan seachd cabhag oirre, tha fios agad gur h-i 'n fhirinn a th'agam," fhreagair ise le sùrd, 's i cumail na fearrsaide a' dol mar gu'm biodh seòladair a' tomhas na doimhne. "Tha thu faicinn, Eilidh, gu bheil an snàth so air a dheanamh le dath-an-t-sùith' agus crotal. 'S ann airson oir na plaide tha e, agus bheir mi mo ghealladh nach bi mur a bhitheadh 'san fhighe aice."

"Togaibh de 'r cainnt," thuirt Iain gu h-aithghearr. "Tha barrachd air ar-naire 'n dràsda."

"Is duine gu d' chìl thu," labhair Eilidh, "agus roghainn nan gruagach."

Cha b'ann gun a' bhuil a chual Iain an gean-miodail, Dh'fhairich e fhuil ag at 'na chuislibh, agus a' ruith le glag-bhuille troimh chridhe; agus mhionnaich e eadar fhiacan a bhi dileas dith.

Oir bha sùilean blàth aig Eilidh; mala air cumadh ite 'n duibh-eòin, cneas àillidh mar chanach an t-sléibhe agus dual-fhalt air dhath na h-airneig. Mar ubhal an abuchaidd bha gruaidhean mìn-dhearg, agus mar bhruardar bàird a bilean tana.

[TD 118]

Ghiar-bheachdaich e air na buadhan so 'na rùn, agus bhòidich e dha fhein gu'm biodh Eilidh 'na bean da thigh.

"Tha mi airson bruidhinn riut aig ceann na bàthcha, Eilidh," chagair Iain, agus e deanamh seasamh suiridhe ri 'taobh.

"Ubh! Ubh, Iain!" dh' éubh a mhàthair, "tha sùil a' phòsaidh 'nad cheann a-nochd, neo is mise cat do nach aithne blas a' bhainne. Agus 's e mi-fhin tha geal-thoileach leis. Droch fhàs air a' mheasan, Eilidh, mo cheist! mur a figh mise plaide cho math 's a chuibhrig leannan, no bean òg. Bi tapaidh, Iain, agus gheibh thu bean-phòsaidh cho math 's a sheas ri taobh ceatharnaich. Siùdaibh, 's mo bheannachd agaibh."

II

Bha chailleach cho trang leis an fhearrsaidh 's nach fac i gu'n d' fhalbh Iain agus Eilidh a-mach.

"Nach robh mo mhàthair ceart 'na barail mu d' dhéigh?" labhair Iain nuair a sheas e fhein is Eilidh aig ceann na bàthcha.

"Leig le do mhàthair an ceartair, agus éisd ri nì 'tha cur am barrachd cùraim orm-an t-aobhar, tha mi 'g iomagain, a chuir mi ro fhaoin gu taobh."

"Gabh mo leisgial," ars' Iain, 's e toirt bruthaidh do'n ghairdean a bha deanamh cromaig air Eilidh-an àiteigin.

"An cum thu ri d' ghealladh, Iain, ma tha gnothuch m'earbsa an lorg cunnairt? Abair gu'n toir e thu an ceannairc ri do Cheann-feadhna-a' bheil mi

[TD 119]

'gad chur thuige ro mhór?—an cum thu nise ri t'fhacal?"

"Cha'n aom Ceann-cinnidh no sgalag mi bho m' fhacal, no dhleasanas; dearbh mi!"

"Dh'innse na firinn," thuirt Eilidh, "cha robh mi gun teagamh 'nad fhreagairt."

"Agus cha robh sin gun fhios dhomh," ars' Iain, "nuair nach tug thu guth air ri mo mhàthair."

"Tha thu ceart, Iain. Ach feumaidh tu a bhi faiceallach gun abradh air ceann-turuis a' chunnairt. A! do mhàthair-tha mo chridhe 'gam fhàgail, nuair a smaointicheas mi air an ire 'tha feitheamh ort."

"Na toir falalair air," fhreagair Iain, le tapadh. "Ach geall dhomh gu'm bi thu 'nad nighinn dith, ma bhios mo thighinn anamoch, agus coin a' blobhdail ri mo thannasg."

"Tha thu cur mulaid da-rìribh orm," labhair Eilidh le crith-ghuth agus a suil a' liónadh le deòir. "Ach dé an t-aobhar?—gu bheil Iain Ruairidh a' ceangal a chrios' ann an seirbheis-chunnairt a' Phrionnsa-a' ruith an coinnimh na biodaig agus àrdan nan Tolmach, agus"—leag i a ceann maoth le earbsa air a bhroilleach.

Chual Iain osna throm-an ospag anaileach; agus thainig bras-bhuille air a chridhe.

"Mo ghaol ort fhein," thuirt e le lànachd a' ghràidh; theann-ghlac e i ri 'uchd, agus thuirt e-seadh, thuirt e-nì nach aithris mi.

"Nis, Iain," labhair i air a socair, "tha mi a' cur earbsa mo chridhe annad. An aithne dhut Mairearad Nic Uaraig?"

[TD 120]

"Mairearad Nic Uaraig!" dh' aithlis Iain, 's a mheomhair a' toirt sithidh aisde. Mairearad Nic Uaraig, an e thuirt thu?"

Cha tainig rùn na ceiste a-stigh air Eilidh; oir bha h-inntinn aineolach air an aobhar, agus, mar an ciadna, na h-ionadan, anns an robh smuaintean Iain aig an àm a' seòdal. Ma rinn esan dàil 'na fhreagairt, chuir i an leisgial air cladach eile; is cha do lean i feòrach.

"Cha'n 'eil e gu muthadh," ars' ise. "Oir cha 'n ann a neamh a tha i co-dhiùbh. Ach tha i bòidheach 'na cruth 's 'na sealladh. Ach tha i meallta 'na cridhe. Có ach i fhein comhla ris an Tolmach Mhór? Nach ann a tha i 'na gocam-gò eadar Diùc Earraghaidheal agus MacLeod Dhun-bheagain? Agus dè is ceann-turuis dith, ach milleadh Mhic Neacail. Ach an cual thu riamh mu Shiol-Dhiarmaid, ach spiol is ith, ith agus spiol? Ach cha 'n e so

uile e. Có chunnaic mi tighinn rathad an Tighe-mhóir ach Mungan Tuathal, mu'n d' thuirt iad, mu àird-fheasgair. Bha amharus agam air a għluasad. Rinn mi far-chluais air fhein agus an Tolmach Mhór, 'san t-seòmar dharaich. Mo chreach an cuspair! Gu'n tugadh am Freasdal mathanas dhomh airson mo bhrathaíd; oir cha seasadh feòil na chuala mi. Mar is fios dhut, 's ann de dh' iseanan greannach Rígh Deòrsa, tha Mungan, ge b'e có is daoine dha. Chòrd e fhéin agus an Ridire Tolmach gu'n d' rachadh cur as do Mhac Neacail gu h-aithghearr, mun tugadh e feachd gu bratach a' Phrionnsa. Rinn mi mo rathad a-mach, 's mi 'n impis tuiteam ann an laigse, ach dé a chunnaic mi ach Rob Crotach a' leum air an each dhonn, agus

[TD 121]

litir 'na ghleidheadh a dh' ionnsaidh Dun-bheagain-a tha mi 'n dòchas nach ruig e-a thionndas gach biodag ri uchd Mhic Neacail, agus gach cridhe bog bho chuideachda. Fuirich ort!" bhac Eilidh, air do dh' Iain leum gu bhi air falbh. "Dé ma ruigeas an litir-bhrath' Dun-bheagain, bidh Mac Neacail, no an t-Ogha Mór, mar a chanas a chairdean ris, an eisimeil gniomh caraide?"

"Cha dean i sin!" fhreagair Iain le feirg. Ach bha fios aige gu math nach robh e 'na chomas a bhi roimh'n teachdaire mun ruigeadh e Dun-bheagain. Cha b'e sin a bha cur air gu buileach. Bha rud no dha eile 'na bheachd. Agus b'e sin 'a dhol am buaireas fola ris na Leòdaich. Tuigidh sinn an dearbh aobhar leis an fhoighidinn.

"'S ann a-nise tha thu còrdadh rium. Mo luaidh, 's mo bheannachd ort, agus rùn do chléibh air do chuisle. Sin dhut-sa dùrachd cridhe do leannain."

Air dhith so a labhairt, thoinn Eilidh i fhein gu grad á làmhan Iain, agus theich i as a shealladh. Lean a shùil an rathad a ghabh i; agus thainig cnuasachadh mulaid 'na inntinn.

"Ni mi òran dith," thuirt e ris fhein. "Oir tha rudaigin ag innse dhomh nach fhaic mi tuilleadh i. A! 'S i a' chruinneag i da-riribh agus bean-chomain na misneachd!"

Air do 'n smuaint àite-tàimhe fhaotuinn 'na inntinn, ghabh e stigh air ais le ceum socrach.

[TD 122]

III

Chuir a mhàthair uaipe an fhearrsaid, agus bha h-aire air cothlamadh; ach bha fonn an òrain a-ghnàth 'na bial, mar a bha fuaim nan astar air ghleus 'na guth. Agus a-nise 'na sean-aois, cha robh a fonn gun an ceòl-tiamhaidh-deilbh-ghluasad na h-òige, agus tràthan chéin. B'e a' marbh-rann e ag ùrachadh beatha ann an caochladh nan aimsir. Chluinnte cleasachd neairt ri 'thriall, gearain fann cion-dòchais, agus aiseirigh dùil nan sàr. Thàlaidh e rithisd an solus-rabhaidh air Beinn Aslaig, agus an t-sealg, dhiarasach, shiùbhlach, a bha sìneadh gu bacail na h-oidhche. Chite 'n earba riabhach 'na bàs-ruaig, agus mial-choin a' deanamh dian air a ràn. Bha breith, fàs, searg, agus bàs a' cuidhleadh mu'n cuairt, agus a' meanglanachd, mar a bha òran na seana-mhnatha a' togail atharrachadh nan tràthan.

B' iad so smaointean Iain, co-dhiùbh fhad 's a bha e 'g éisdeachd ri crònan a mhàthar. Bha 'n suidheachadh inntinn ùr dha; ach cha robh e subhach. Nach robh miadhan òige a-nise sioladh troimh làmhan? Agus Eilidh, cuideachd! A! théid ise do'n bhuaileadh, le buarach 'na dòrn, agus ni laoigh òga mir-chluich mu'n cuairt dhith, lath', agus a-rithisd. Ach bidh a chadal-san fad air falbh; agus nuair a theàrnas an liath-cheò air balbhachd nan gleann, bidh géum na bó chaisinn is ruaidh a' siubhal an àiridh, ach cha lean a cheum an lorg.

'S ann 'san dòigh so a chuir Iain òran Eilidh ri chéile, agus sheinn a mhàthair e ri fonn Cuachag nan Craobh.

[TD 123]

Thug an t-seana-bhean 'san àm an aire nach robh Iain glé shocrach dheth fhein.

"Gu dé is dragh dhut, Iain?" dh' fhoighnichd i le coltas cùraim. "C' àite 'bheil Eilidh?-chaidh i mach còmhla riut."

"Ma chaidh," fhreagair esan, "cha'n 'eil i còmhla rium a-nise."

"Ubh! Ubh! Iain. An ann mar so a tha? Abair gu bheil rùn-falaich aig Eilidh na'bhi togail an teallaich agus saoilidh mi gu bheil Iain Ruairidh, mo mhac, a' deanamh cluasaig de shocharachd. T'aois a' dhuine, 's nach aithne dhut fhathasd suiridh air caileig? Na'm bu mhac mar an t-athair thu, cha'n abradh tu, 'Teiris! Teiris!' ach spadadh tu do dhà chròg mu'n cuairt dhith; 's cha chuireadh i feum air buarach. Bhobh!"

"Na cuiribh dragh orm na's momha na th' orm," fhreagair esan. "Thug Eilidh dhomh-sa nochd a làmh 's a cridhe. Mar sin, tha mi dol air turus fada. Ach ma bhristeas an treas latha 's an ear 's nach cluinn sibh uam, thoiribh Eilidh d'ur glùn; thoiribh dhith 'ur beannachd; bithibh 'n 'ur mhàthair dhith; innisibh dhith an còrr 's a chanainn-sa, agus bidh mo spiorad aig fois."

"Iain, a mhic," leith-chaoin a mhàthair, 's i ag éirigh 'na seasamh- "Iain, a cheist! Cha'n fhalbh thu; oir tha 'n fhuil dhearg air do làimh. Tha fios agam gu'n téid an latha leat. Ach bidh mise 'nam aonar a' feitheamh a' mhic nach till 's a' bheatha so. Stad dhe d' dheòir, Iain, agus cha chuir mi gluasad ort le aisling dhorcha. Tha Dia a' faicinn gu bheil mi call nan uile. Ach cha sheachainn thu do dhleasanans-ge b'e dé sin

[TD 124]

-air mo shon-sa. Falbhaidh tu, Iain, mar a dh' fhalbh t'athair romhad-ag éisdeachd ri bàs-bhraoilich an àmhaid. Na biodh uaill no cùram ort. Cluich port do chridhe. Bidh Eilidh cho dileas dhut 'nad bhàs 's a bhiodh i idir, ri d' bheò. Seinnidh mi t'òran dith, agus ni sinn faire airson nan làithean goirid, agus nan làithean fada, agus tilleadh birlinn nam fear sgairteil. Théid sinn le chéile sios do'n chladach, agus ni sinn éisdeachd còmhla ri sgiala trom-làn na mara, agus ri gàire faochanach nan tonn bristeach. Agus a-rithisd, nuair a shéideas a' gharbh-ghaoth bho thuath, ruigidh sinn Rudha Laobhras, agus éubhaidh sinn ris na stuaidh thulgach 'san dol seachad-am b' fhiach dhaibh ciamar a ghleachd Iain Ruairidh, agus a thuit e mar ghaisgeach? Agus freagraidh iad le àrd-ghuth farumach-'Thuit e an toiseach a' chatha, 's cha robh fear eil' air blàr cho tréubhach ris!'"

[TD 125]

AN DEALACHADH BEO

Cha tug e cùl ri nàmhaid, no caraid  
—SEAN-FHACAL

Cha'n'eil ach mu chóig bliadhna-fichead bho'n a bha Iain Ruairidh 'na luidreagan beag, tubaisteach a' ruith an coinneamh athar. Tha e nise 'na shlinneanach mór, trom; is e duineal mar bu dual. Theireadh bial-gun-fhàitheam gu'n robh e tuilleadh is socharach. Ach—mar a thuirt Raitean, an àit' eile,—éirigh tonn air uisge balbh; is cha bhiodh e mar a chuid fhein do'n fhear sin a chuireadh togail air.

Bu dhalta do dh'Fhear-a'-Choire e, no an Ridire Tolmach mar a cheadaich an dàn. Ach ma chuirear sgial air firinn 's e bh'ann mac a bhràthar—esan bu shine, agus air an tainig tathaich a' Mhoisein.

Mar a shéideas a' ghaoth, 's ann a thuiteas a' chuisseag. Is mur nach robh bàs duine gun ghràs duine, bha Iain Ruairidh ann an comaine chàich; is seilbh aig seòltachd air cuid athar. Thainig air iomadach nì a dheanamh nach bu ghnàth da dhaoine. Ach is ro-mhath a thigeadh sin dà. Agus an uair a ghabhadh e fàth air iasgach nan loch no obair fearainn, cha shaoileadh neach eile gu'm b'e inbhe nan uasal bu dhùth dha. Bha iad, airson sin, a-measg a luchd-dàimhe do'm b'aithne na dh'éirich da-leis mu mhiann cothrom na h-éirig a thogail-ged nach do thagair e riamh an dearbhadh.

[TD 126]

Chunnaic sinn cheana gu'n robh e air meas an aghartais ann an saighdearachd Righ Seòras; mar an ciadna, na dh'aobhraich a dhith-shuime, is a dh'éignich da an t-seirbheis sin fhàgail. Dh'fhaoide nach robh an dearmad gun stàth, no an leisgial ann an da-rìribh buileach; cha tuigeadh fear eile chaochladh. Ach cha b'e sin barail Iain Piobaire. Theireadh esan gu'n robh Ruairidh Tolmach, athair Iain, ro dhian air dlighe nan Stiùbhartach, airson a mhac a bhi clao'n 'na dhilseachd.

Cha mhisd' udalan mo sgeòil an dearbh shuidheachadh anns an d'fhàgadh Iain Ruairidh, a chur air mheigh. Cuiream mar sin ann an seanachas goirid e.

Theirte Fear-a'-Choire ri athair-Ruairidh Tolmach. Bha bràthair na b'òig' aig Ruairidh air an robh Gilleasbuig. Nise, chanadh Iain Piobaire gu'n d'fhuair Gilleasbuig an rud a tha'm Fineach làn deth-seadhachd. Cha do thaobh, 's cha taobhadh Ruairidh ri céinich Hanobhair. Thigeadh sin ris mar a rinn togradh nan Gaidheal r'a latha. Is an uair a thainig am fios 'na rathad, gu'n do thog Iarla Mhàirr bratach nan Stiùbhartach ri crann, cha bu ruith ach leum leis da h-ionnsaidh.

Dh'fhuirich Gilleasbuig aig baile gus an tainig rath air a ghur. Nach do chaill saoidh, toradh na caonnaig air Sliabh-an-t-siorraim? Bha lagh 'san àm nach leigeadh éuchdan Ruaraidh Tholmaich seachad, le fuath, a-mhàin. Bha rithisd dòigh air aithris nan éuchd sin, a thoirt far an tachradh duais air saothair. Fhuair Gilleasbuig alt na dòghach ud le riadh, is oighreachd a bhràthar còmhla ris.

[TD 127]

Chaill Ruairidh Tolmach, air a' mhodh sin, a chuid de'n t-saoghal. Ach ged a bha e ach gann fo na choill, cha d'thuirt e riamh, 'gu'm a h-olc,' mu bhràthair.

Mar is minig a chualas e canail: 'An rud a thig leis a' ghaoith, falbhaidh e leis an uisce; ach as aonais cridhe aon-fhillt agus cogais gh lain, tha righ 'na thràill, is tràill' na righ, ma's cuid dha iad.'

Bha dhol-a-mach ann an éud deadh-chliù nan Gaidheal, gus na chuireadh-as da, is e tuasaid ri Abraich a thog creach bharr na sgìre. An déigh sin, ghabh Gilleasbuig, bràthair-athar, àrach Iain os làimh-an t-aobhar airson an d'thuirte, 'dalta Fhir-a'-Choire' ris.

Shuidhich an Ridire Tolmach gabhaltas Eilean Scalpaidh air Iain, nuair a dh'fhàs e suas; agus chuir e, ri tìd e, gu ruig an t-Arm a Shasuinn. Fhad 'sa bha Iain air falbh, bha mhàthair a' fuireach ann am bothan ris a' chladach fo Thigh Mór Laobhrais-an rud a rinn esan, air dha an t-saighdearachd fhàgail. Agus bha e sona gu leòr le chrannchur.

## II

"Siubhad a-nise, Iain; thoir làmh air do shuipeir," thathuinn a mhàthair ris, 'si sgioblachadh na poit-lite leatha gu taobh shuas an teinntein. "Ged is beag mo chàil ri ceann-uidhe do thuruis," lean i oirre (eadar stuigeadh is càineadh), mar as a tomata-tà, "'s fheàrr dhut a bhi 'cur mu d'chaiseart. Na iarr an tuilleadh tathuinn. Bi na bad, a chuilein! Tha'm bainne fhathasd blàth 'se air a shioladh. Siubhad! Bi tapaidh!"

[TD 128]

Cuimhnich gu' bheil an rathad buan 'san t-astar fada. Cha'n idir turus gille-mirein a tha romhad."

Shaoileadh gall air mhaille, gu'n robh an t-seanabhean sùrdal. Ach bha'n aigne aice, ann an da-rìribh, iomagaineach is an cridhe tais. "Ma thig an droch còmhail 'na rathad," mheòraich i far am bu teoth' a gràdh, "có-an ainm an àidh-a ni cùl-taic' do'n tigh-se, no 'sheasas làrach a dhaoine?"

Bha mhàthair mó r aig Iain. 'Ruitheadh e air an uisg' fhuar dhith,' mar is tric a thuirt Oidhrig Bheag le farmad, nuair a chluinneadh i flaibeann (1) aige seachad bho'n tobair 'san anamoch fhliuch.

Thuig Iain miad a chùram bu mhiann le mhàthair a chleith air. Agus chuir e dragh nach robh faoin air a shiubhal. Ach is beag a shaoil ise, gu'm b'e rac 'na ugan, a dh'fhàg esan cho tosdach. Shlaod e am furm-góibhlach bho'n uinneig, far am b'àbhaist dha bhi suidhe cliùchdaireachd; is chàraich e gu seòcal, sèimh, aig ceann-as a' bhuidh bhig e.

Air a' bhòrd so, nach robh an eisimeil bréid-geal, no tubhailte, bha measair mhór fhleòdair-i cluaiseanach, cruinn-is sgurradh de chabhraigh thiugh oirre; cuach leabhair a dhealbh snas a dha làimhe fhein, 's i cur thairis le bainne nach d'fhuair a ghaoth bho'n a dh'fhàg e siolachan; is spàin-adhairc ri 'taobh, a rinn an ceard-siubhail an uiridh.

Ma bha'n t-acras air Iain chuir an t-suipeir shomalta dheth e.

"Tut! a mhàthair," mhisnich e sin air a shocair fhein, "na gabhaibh dragh air mo thàilleabh-sa. Oir

1 fuaim bog fliuch

[TD 129]

is tric a chualas gu'n tig fear an t-saoghal fhada as gach càs. Co-dhiùbh thig, no nach tig, cha'n'eil an dàn ri thoirmeasg-an rud is math is aithne dhuibh. An iseann deireadh linn mi, a shéideas sop nach urrainn domh 'chur as? Mur a h-e turus gille-mirein a tha romham, cha shac trom air a' chois chaoil 'tha agam ri ghiùlain—"

"Bheir mise—"

"Na abraibh an còrr. Ma thig m'uair roi'n mhithich, cha dean cnàmhan-teallaich a leasachadh."

"An ann mar so a tha, chuilein? Hala!" bhrunndail a' chailleach le seadh bho nach faigheadh fear imrich furtachd. "Smath a thuig mi-fhin nach b'ann airson iosad teine thainig Eilidh cho anamoch—"

"An tug sibh tarruing a-rithisd oirre?" chaisg Iain car ealamh; ach bha fuaim eiridinn 'na ghuth. "An rud a dh'earb mi cheana—na faicibh éis no uireasbhuidh oirre," chiallaich e, is e ach gann a'leum beò-glan bho'n bhòrd.

Thug a mhàthair sùil air le cianalas; ach na facail dhrùighteach a bhrist air a crith-bhilean, b'e am béud an aithris.

"Fàg Eilidh mar a tha i," thuirt i an ceann tiotain le fonn furbhailteach, mar nach biodh càram fo'n ghréin 'ga tagairt. "Coma leat! Cuiridh mi mo cheann liath air a' gheall nach faigh fear eil' a leannanachd. Ach stad ort, Iain! Có i, ge mór a h-eireachdas-oir b'fheàrr lium gu robh i 'n crochadh ris a' ghealaich, 's a greim 'ga fàgail-a' bhan-eitheach sin-agus 's e sin

[TD 130]

a h-innte-'tha mach 's a-stigh ri crudh' an Ridire Tholmaich, bho no thainig am feasgar?"

"Ciamar a chunnaic sibhs i?" dh'fhoighnichd Iain.

"Le sùilean màthar," fhreagair ise le snodha gàire—"ealain air nach gabh earraid, no coimheach brath. Có i, a chuilein, no dé is sloinneadh dith?"

"Mairearad Nic Uaraig-té a-mhuinntir Earraghaidhil, ma's math m'fhiös—"

"Siubhad! Mairearad Nic Uaraig!" dh'aithlis a' chailleach le mìcheadaibh (1). "Gheabhadh Domhnall Camaran ainm na's fheàrr na sin dith. Cha robh a leithid de dh'ainm 's a' chearna so bho'n a dh'fhalbh an Lathurnach, a bha pòsd aig nighean Mhic Fhearchair an Iasgair. Té a-mhuinntir Earraghaidhil, a sheòid! Saoil a' bheil buidseachd aice? Seadh! Ban-Earraghailleach! Bheil'ios an ith i sgadan 'goirt'; no dh'fhaoidte, gur fheàrr leatha sgadan 'aiteamh'-annlan an Arannaich? Thig oirnn le d'mhathas!"

"Ged nach còir a bhi talach, cha b'uilear dhuinn sin," cheileirich Iain, 's e toirt gotha da cheann.

Aig a' cheart àm, cha do mhi-chòrd magadh na cailllich ris idir; bha ise 'g aithlis, mar a chual i, air droch Ghàidhlig nan Deasach. Ach b' fhada bho chridhe an gàire.

Cha'n e bhi fàgail Eilidh buileach, a bha 'ga ghluasad. Nach robh e cuideachd a' dealachadh ri dhleasanas da cheann-feadhna, 's a' dol air slighe 'bha cala-dhìreach 'na aghaidh-ged a theirte bràthair-athar ris?

1 di-thlachd no mi-chion.

[TD 131]

"Tha'n uair agam a bhi tarruing," thuirt e, mar gu'm biodh e airson a bhi cuidhte 's na bha fo uidhe.

"Ochan tha!" dh'osnaich a mhàthair le caoidh anns am breithnicheadh fear-amais taibhsearachd.

### III

Bha'n t-anamoch a-nise gu math air ruith-spiorad na h-oidhche sìnte na chiabhaig mu ghlabadh nam beann ciara; is cluain ianach 'nan clos, mar phiobaire sgith 'na chadal, 's a mhàl fo cheann am pasgadh. Sguir a chailleach-oidhche dhith fhein a chomhachadh. Ach bha'n dialtag fhathasd, 's i plapail ri lòsan na h-uinneig; is cha bu mhath am manadh fear-turuais i.

"Gu'n cobhair am Freasdal mi!" ghuidh an t-seana-bhean dian fo h-anail, nuair a thug i an aire dhith. "Ma thig a chula-ghràin ud a-stigh cha bhi rath an lorg Iain."

Cha robh ian luch-cheannach na h-oidhche fada 'sgiathail gus an d'fhuair e toll; is mun tug a h-aon aca fainear mar a thachair, thuit an dialtag 'na glag 's a' ghriosaich, an déigh an crùisgean a chur as. Dh' éubh a chailleach na creachan. Sgapadh an luatha. Thòisich Iain ri mionnan; is chaidh an tigh gu tur bho sheadhachas.

"Tha'n fhàrdaich air a' gonadh! Las an solus! Sìn domh an crùisgean," ghoileam an t-seana-bhean-i fàsgadh nam bas, 's i air a corra-cnàmh a' rùtachd (1) airson sliseag chonnaidh. "Eudail! Nach ann dhuinne dh'éirich e. Fhuair thu'n crùisgean a lasadh? Ach hala! Nuair a thig e gu h-aon 's gu dhà, ni a' chràinn

1 rùnrach aréir an fhoclair

[TD 132]

cobhair, mu'n d'thuirt a' chailleach Leódhach. Cha toir bó da laogh ach na h-aice. Hala, rithisd! Cha'n ann gun fhios c'arson a dh'ionnsaich muime Alain Duibh Oig Mhic Iain 'ic Fhionnlaidh Ruaidh, bràthair do'n chiad bhean, a bh'aig Alasdair Cuagach, a bha 'na leistear aig Domhull Scalpaidh-eòlas-air-sian domh!"

Cha do dhrùigh ciall a' mhonbhuir so air Iain, gus am fac e mhàthair a' càradh crogan creidhe air a' bhòrd mu choinneamh.

'Ach an ann a' dol a chur sian orm a tha i?' Dh'fheòraich e 'na rùn; oir 's ann ri 'g ràdh ribhs e, cha robh e idir diombach ti'n fo geasaibh.

Ghlac cion-furais e; ach ma ghlac bha mhàthair cho trang ri ban-aba 'si paidireachd. Rèitich i cùil anns an robh ciste 'n anaist fo thurraraich, bho'n a chuireadh seachad i le àr-uidheam (2) an fhir-nach-maireann.

Thog i am bàrd-uachdair le Oich! is Ochan! Oir leum a cuimhne bliadh'n' is bliadh'n' air ais, a dh'ionnsaidh na moch-thrath dhuachnaidh anns 'na ghiùlaineadh Ruaraidh Og-'se 'na raganach fuar-bho Chreach nan Abrach. Tha, is bithidh aithris air an oidhche bha sid.

Cha'n'eil uair a chluinneas, no léughas mi mu thogail nan creach, nach faic mi Iain Og Mac Rath 'na shuidhe 'san t-sasaig roi'n teine-e crom, crotach, 'sa chorrag 'na dheàrna-cuid againn 'nar guraban mu'n cuairt dha-cuid eile rioghail air aodann na brige-mòine-a' bheinge loma-làn de bhrogaich bheachdaidh-uisge cur nan sùl as an fheadhainn a bha muigh-bràdhadair mór teine air meadhoin an ùrlair-na céileadairean uile sunndach,

2 éideadh-catha

[TD 133]

seasgair; is esan gu brogail, beurrach ann an ceann a sgeòil.

Mar bu trice, 'se 'Creach nan Abrach' an sgial mu dheireadh. Agus, mo ghealladh! cha robh aire 'san éisdeachd air seachran. Rachadh an cadal an iomrall air gille-beag nan casa rùisgte, 's e 'na chrùban ris a' phoit-ghuirmein, nuair a beothaicheadh an seanachas air togail na ruaise. B'aithne dha gach lod as na chuireadh steall ag iarraidh lorg fir Lochabair.

Mun do dhùisg mnathan a' Chinn-iochdraich as an ciad-chadal, bha teachdaire mabach, is anail 'na uchd, mar a thuirt Iain, an déigh ruith air a' bhaile. Eadar Cul Achadh na Beinne, far an gairmeadh na clearcantomain, is Lusaидh lionagach a' chorrain ghuirm, cha robh aig tigh nach d'rinn air aiseag a' Chaoil. Thainig luchd-na-tòir' air na h-Abraich aig bothag Rudha na Cailllich, far an robh gille-bàn Lochabair, a' deanamh garadh-cùl-chas. Am bad a' chéile bha na fir. Chaidh a' chaonnag le na Strathaich; ach thuit Ruaraidh Og air a bhlian; is buille-biodaig air a shiubhal, a dh'fhàg tobar gun traoghadh 'na sgamhan.

"Mo laoghan esan, thuit!" dh'achanaich an t-seana-bhean is criodhanadh (3) an aoig ud a' ti'n as ùr fo h-aire. "Ged a thainig orm 'na thainig," ars' ise, 's i toirt sùil na h-ionndrain air Iain, "is e nochd uair mo dhiachainn. Ochan! mo thruaighe 's e!"

Ma bha mhàthair a' cur nam both dhith, cha do leig Iain móran air. Cha b'ann oirre buileach a bha 'n aire aige 'n ceartair. Nach robh Eilidh a' ti'n eadar

3 diachainn ghoirt

[TD 134]

a chéil 'sa chàil-éudmhòr, 's i dlùth do gach togradh do'm b'eòl e?

Le beagan cabhaig thòisich e ri dhol an éideadh athar.

"Ge mór am falal e," dh'abair a chailleach, 's i ceangal a' chlaidheimhléithe ri chrios, "cha robh an taobh-sa Pheairt, na chuireadh ceum-airais anns an fhear bu leis e. Agus, a mhic, na tarruing thusa gun aobhar e, 's na till e gun chliù. Ochan! B'e sin am fear-claidheimh. Ach, hala! Chunna mise latha-is b'e sin an latha! Anns a' Choire ud thall, air latha nan Leòdach, cha chluinnte, bho mhoch gu dubh, ach gliong nan claidheamh sgaiteach; is osnaich churaidh air uilinn a' toirt suas an deò. Sid far an d'rinn t'athair-an duin' eireachdail!-éuchdan a' cheatharnaich, 's e nochdaidh thar chàich 's a' làimhseachadh, mar shùistear air ùrlar sabhail-bualaidh. So agad a' bhiodag aige cuideachd. Ochan, a' bhiodag! Latha mo chriche, an latha chuir na h-Abraich as dhut, a Ruairidh! Tut! Tut! Iain, cum thus ort. Nach ann a thainig nàdar de thiomachd orm-sa. Hala! Coimhid i sheòid!-a' sgian-dubh anns am faic thu t'fhaileas. Bheir mi m'fhacal gu'n a bhrist i an tuilleadh chridheachan, na chaomhag is bòidhche 's na seachd-siorrachdan. Nis éudail, cha mhac mar an t-athair thu, nach cuir gniomh ann an earachdas. A-arithisd-oir 's e' so a' chomhairle mu dheireadh, a bheir mise mar mhàthair ort-tréigeadh do lùgh mun tréig thu do mhisneachd!"

"Tha'n dearbhadh romham," fhreagair Iain.

"A-chionn 's gu bheil," thuirt ise 's i toirt làimhe

[TD 135]

air a' chrogan, "cha mhisde feachdaire sian air. Dean suidhe."

Mar a dh'aithriseadh cheana, bha Iain a-nise fo làn-armachd.

Shuidh e, mar a dh'iarr a mhàthair air-eadar an teine 'san dorus. Is cha luaithe shuidh na chrath ise boiseag an déigh boiseig de dh'uisge chrogain mu cheann 's mu shlinneinean. Thigeadh neo nach tigeadh rath da guidhe, cha robh duan a h-eòlais gun bharantachd:

Chaidh Iosa air turus a-mach, is  
choinnich air fògrach fann:  
Thog E boiseag de dh'fhuaran glan,  
a chrath E bho bhonn gu cheann.  
Thuirt e: 'Saor bi bho chron; cha'n  
fhaigh naimhdeas lanna ort buaidh.'  
Mar a rinn thus Iosa sid, dean  
mar an ciadna so!

Dhrùigh saobh nam briathran ud air Iain mar mholadh bàird air leannan. Dh'fhàg e beannachd aig a mhàthair; is rinn e air a' chladach (far an robh an sgoth chaol ri port), is ceum caora-nollaig aige. Oir dh'earb e ri Eilidh, gu'n leigeadh e fios do Ghilleasbuig Mac an Tòisich, is Alasdair Aonghais, a choinneachadh aig iochdar Aisig.

Mun gann a ghabh ianlaidh nan sgrota sgèan, bha Iain, is bréid beag ri crann aige 'togail na Sgeire Góbhlaich eadar e is Eilean-na-ruadhach.

Cluinnear fhathasd mar a chaidh a thurus leis.

[TD 136]

TURUS NA CRICHE

Tha e nis air slighe na firinn  
—SEAN-FHACAL

Thug an sealgair a chulaobh ri cois na tràghad, 's e buidheach de shaothair. Bha smachd an anamoich an déigh meanbh-spréidh a' sguabadh do'n suain. Tharruing luchd an dorbhaich an cuid bàta air leac Sgeir-na-h-Oitreach, gus an tilleadh an làn a bheireadh iad suas an t-Ob. Chluinnte plub a' bhradain 'san tanalaich; is biac an steàrdain, far am builgeadh an cudain 'san uisge. Agus, mar phiob-an-aona-dhuis air scroig, chitear a' chorra aig friodhan an t-sruith 'na gurach; is sos an éisg a' dùmhachadh a sgròbain.

"Ille!" chagair Gilleasbuig Mac an Tòisich ri Alasdair Aonghais, "Nach coimhead thu an té sgèanach 's i 'na cadal?"

"Ta! 's i h-ann cheana," fhreagair Alasdair 's e deanamh cuimse-corraig. "Na'n robh an gunna caol agam, bha ise 'na crogan mun cual i 'n urchair. Ach fuirich ort! Gu dé do bheachd air an fhios a chuir Iain Ruairidh d'ar-n-ionnsaidh?"

Chrom Gilleasbuig, is thog e dòirneag.

"Tha, ma chreideas tu mi-am beachd a bh'aig Iain Sheumais air Uisdean," leith-chronuich Gilleasbuig 's e tarruing air a' chorra bho achlais. "An cual thu riamh mu bharail na luchain air a' chlamhan?"

[TD 137]

"Cha chuala, no duin' eile," thuirt Alasdair le tarsunnanachd. "Ach airson ri 'g ràdh rius e, bu toigh lium na tha fo'n ian aig Iain Ruairidh a thuigsinn."

"Ni thusa sin, nuair a dh'fhàgas Domhnall Camaran sùil an aoir aig sròn a' mhagaidh."

"Gonadh ort!" thionndaidh Alasdair le gàire. "Nach ann ort a tha'n sgath. Na'n d'thuirt thu trian deth ri Tearlach Buachaile, bha e agad an druim nam boghannan. Coma leat! Is searbh a' ghlòir nach faodair éisdeachd. Tha—

Suiridhichean, suiridhichean  
feadh a' bhaile timchioll;  
Suiridhichean, suiridhichean  
feadh a' bhaile thà;  
Suiridhichean, suiridhichean  
feadh a' bhaille timchioll,  
Bidh a-muigh ris a' ghealaich,  
gus am faigh iad fàth.

"Suiridhich—"

Stad Gilleasbuig ann am bristeadh an fhacail; is do ghearradh nan sùrdag air an tug e beò-ionnsaidh le port-a-bial. Sheas a dhà shùil 'na cheann, is thainig buille-clisgidh air a chridhe.

"An tug thu 'n aire dha sid?" thuirt e fo anail, 's e a' breith air muilichinn Alasdair.

"An aire, có dha?" dh'aithris a charaid le cùram. Is cha b'ann faoin a bha fheòrach. Oir thuirt na h-eòlaich-le aithne cuideachd-gu'n robh comas an dà

[TD 138]

sheallaidh aig Gilleasbuig. Biodh sin no a' chaochladh. Ma's briag bhuaime, 's briag thugam e.

Bha'n t-àite 'san t-àm a' co-fhreagairt. A' beàrnadh lias an adhair gu mùgach 'san iar orra, chítéar cinn-leacan nam marbh an cladh Aisig-iad a' smèideadh air fir-thalmhaidh ann an tréun a' neairt; is air clann nam fonn ann an gnàth an subhachais. Fad-as is cian, far an caill sùil a treòir ann an gorm nan astar, bha'n Grioglachan priobach an sid a' caithris; is e trang ag àireamh triall nan anam a fhuair crioch an dàin roi'n mhithich.

"An aire, có dha?" dh'fharraig Alasdair an ceann tiotain. Oir, a-chionn gur buidheach an Sealbh dhe'n fhìrinn, is ann a thug ianraigean (1) Ghillesbuig gnè de dh'athadh air.

Ma chuala Gilleasbuig briathran an fhir eile, cha tug e cluas dhaibh. Ach có cho saoghalta 's a thigeadh eadar an taibhsear 's e 'deanamh fiosachd?

Thuirt an seann duine gu'm faigh baobh a guidhe; ach thig am Fear-mór as na fhriamhaichean le oillt a tagraidh; mun toir cràinn a buidseachas gu ire, iarraidh i talamh is adhar, uisg' is teine, air dhòigh a dh'fhàgas a dol-a-mach 'na chùis-uamhais ionlain. Cha'n e sin do'n taibhsear e. Tha esan ainmeil ann an seadh eile. Gun ghuth-mór, no droch fhacal, bheir e theachdaireachd ann am bith. Cha téid e an eisimeil manadh uaignis, no cuilbheairt. Thig fios-nam-fàth 'san amharc aige-cothromach, soilleir; is chi e le sùil a' chuirp-fada mun tachair e-gach gnè tubaiste, 's iad a' gabhail an

1 seòl-dòghach

[TD 139]

àit' ann an amar-deilbh na nithibh sin, tha'n dàn ri teachd.

Thuig Alasdair nach robh stàth dha bhi dol an ceann seanachais, fhad 'sa bha Gilleasbuig bho uideil na tàibhse. Rùnaich e mar sin gabhail ealla ris-an rud a rinn e, le bhi suidh' air groban creige. Is cha b'ann idir dha aindeoin a għluais rian-thogradh nam bàrd a spiorad.

Bha gealach làn an abuchaidh aig a h-àirde 'san iarmailt; is i boisgeadh mar lòchran sagairt air Oitir Aisig-an còmhnhard réidh a bha sineadh bho Sgeir-an-t-Sruith a' tuath air, mar mhainnir-chluich do dh' òighean-cuain.

Bidh taobh aig fear-camain ris an Oitir, smaointich e ann an teothad a bhàighe. Nach iomadh cath-mór a chunnaic i? Aig latha bliadhna'-ùire, bhiodh am bodach le anail 'na uchd, gu dian a' basaigeadh; fear a 'chinn-léith cho sunndach ri gille-mirein; is có na's cruaidhe na esan ag éubhach: 'Seas do sheas, a mhic an fhir ud!'—làn-dhaoine,—bras, spàirneil agus sùbailt,—a' toirt adhair bho adhar do'n bhall; is gillean, neo-uisgidh, gun ghiamh gun ghaiseadh, 's iad a' strìth ri smachd na h-oidhche mun tugadh iad suas bial-tagħail.

Bu cheòlmhor luaidh nan seann àbhaistean. Ma's-a- b'fhìor do Dhomhnull-nan-Cnag, ghluaiseadh e fuil theith ann an cuislean an lapanaich aosda. Oir nach tric air an raoin ud, a chunnacas Coire-Chuibean, is Iain-Brocair-maille air an leirsinn; iad a' crith air a'

[TD 140]

bhata, gean-gàir' air an gnùis, 's gun fiacail ri fhaicinn ann an dorus am beòil.

Ach cha'n ann air a' mhodh so buileach a chuir an t-Ogha Mór an cruth iad anns an eachdraidh a thug e. 'S ann dha fhein a thigeadh a dhol an dàil blas chainnt. Oir dh'aidich Mac Mhaighstir Alasdair nach do thachair riamh ris a bha na bu deise gu fuasgladh facail na esan.

Feasgar fann Foghair-eadar cur is buain-gheibhte e 'ga ghrianadh fo Chreagan-an-Leabhair, far a-minig a sheas Maol-righe bho chian, is e a' cur tagairt a' Chruinn-Céusaидh air sgial-aithne do chinnich nan Druidh 's nan Crom-leac. Tha esan is iadsan air slighe na firinn-deanntag ri'n cluais anns a' chill ud thall; ach tha-mar a bha 's a bhitheas-ionadan an cuairt gun dol gun tighinn.

Bu ghasda 'n duine, an t-Ogha Mór. Ged a theireadh cuid gu'n robh e car aon-fhillte, bha iadsan a fhuair eòlas 'na thigh air, a' mionnachadh gu'n robh e cho fada 's a' cheann 's a bha Fionn 's na casan. Nach iomadh cas fhliuch is suipeir fhuar a bh'aig Alasdair air tàilleabh a chéilidh air.

Bha nàdar agus an t-Ogha Mór glé àraid. Agus nuair a thigeadh dha a dhol air gléus òrain, chitheadh meanma, sgàilean nam bàrd mu'n fhuan cruinn; is cuach nan dàn bho làimh gu làimh 'ga sineadh dha.

Dh'fhàs a dhuan mar leannan-sìthe, 's i dùsgadh ann an cluan nan osag cheòlmhoir. Fad réis a sheallaidh bha e deanamh taoibh ri glòir-mhaise nam beann ciara; is té mu-seach dhiubh a' togail fàiridh air tannais nam fireach fuara, nuair a dh'iathlas iadsan bho

[TD 141]

ghrunnad na h-oidhche, chum-'s math a dh'fhaoidte-fios an àidh, a thoirt do chridhe brùite 'na chadal.

Cha mhór a thuigeas dòigh a' bhàird ri òran. Ach ma tha na comasan agad-leisgial freagarrach air do theangaidh, no am facial a fhuair do sheanair an iosad, còmhla ris an rud a bh'anns na daoine, fichead linn mun do chuir an Sàr-dhruidh deireannach, an corran-crom fo bharr-ioc an daraich-faodaidh e bhith, le toil an Fhreasdail, gu'n lean thu am port 'tha air a mheòirean.

Biodh sid mar a tha e, bha alt thar tomhais aig Alasdair, cha'n ann a-mhàin air oilean na bàrdachd, ach chuireadh e, mar an ciadna, fonn air òran a bheireadh na h-eoin a crannaibh. Chanadh Gilleasbuig sin co-dhiùbh, na'm biodh iad-mar is minig a thachair-ri taobh cleath-luathaiddh, an àm a bhi cur nam fleasgach 'san ùradh.

Ach 's fhada thall an latha sin.

Thog Alasdair a cheann. Oir bha Gilleasbuig cheana spaidsearachd air ais 's air aghart, mar neach fo iomagain.

"Dé nis a tha cur ort?" ars' Alasdair. "Tha mi'n dòchas nach'eil sinn le chéile feitheamh air turus na dunaich."

"Cha'n'eil buileach. Ach tha'n còrr is dol a' dhìth Iain Ruairidh ann an cuigeal nan dàn; agus bidh sinne 'na mheasg gu h-obann. Eisd! Dé fuaim a tha sid?"

"Tha bàta Iain Rairidh," fhreagair Alasdair le

[TD 142]

làn earbsa as a bharail. "Nach gabh sinn ceum a-null. Bidh e aig an Sgeir mun ruig sinn."

Gun tuileadh dàlach, theàrnaich iad do'n chladach; is cha b'fhada gus an cualas an fheamainn bhuilgeach a' bragadh fo'n casan.

Ràinig iad Leac Sgeir-na-h-Oitreach mu'n aon àm 'san robh bàt' Iain Ruairidh a' snàgail throimh Chaolas na Sgeire-glaise. An ceann mionnaide no dhà, bhual a sròn air tir; agus leum Iain, a chasa-tiorma, far an robh Gilleasbuig is Alasdair cheana 'ga fheitheamh.

"Nach briagh' an oidhch' i, fhearaibh?" thuirt e le fàilte, 's e slaodadh lùban de thèilean cainbe as a dhéigh, 's a' gabhail aige ri fiacail scrotaidh a bha beagan shlatan os-cionn na mara.

"Tha i sin fhéin!" fhreagair an dithisd eile.

"Cha robh 'ur feitheamh fada, tha mi'n dòchas?" lean Iain air aghart. "Bha mi ann a' so na bu tràithe, mur a b'e gu'n a chùm mo mhàthair air dheireadh mi. Ge b'e dé bha 'na ceann, cha'n fhaighinn a sid gus 'na chur i an t-sian orm. Bheil sibh a' creidsinn ann?"

"C'arson nach creideadh?" thuirt Gilleasbuig car ealamh. "'S aithne dhuinn iadsan, nach b'urrainn, ged bu mhath leotha àicheadh. An cual thu riamh mu'n a' bhean-diòlain a bh'aig Alain-na-Buabain ann an Gleann-eilge, nuair a choinnich i, ann an riochd geàrr' e aig mullach Bealach-ódail, 's a lean i air 'ga shàrachadh, gus na chuir i as dha, far a' bheil Càrn-a'-Bhodaich ri taobh na Cloiche-glaise an diugh?"

"Có nach cuala mar a dh'éirich do dh' Alain-na-Buabain?" dh'aidich Alasdair. "Ach cha'n'eil sin ag

[TD 143]

innse dhuinn dé th'aig Iain ri earbs asainn."

"Aig an t-Sealbh tha brath!" thuirt Iain. "Ach tha mi taingeil gu'n a ghléidh sibh biodag is claidheamh, dh'aindeoin faiceall a' Choisneil Cléutain, agus earraidean mosach Reachd-an-di-armaigh. 'S mo mhollachd air a goistidh!"

Bheir iomradh air an fhear-Airm so, ar n-airé dh'ionnsaigh an Reachd Parlumaid a chuireadh ann an cleachdad airson smachd nan Gaidheal, an dèigh aramach na bliadhna 1715. Mar is aithne dhuibh, bha luchd-riaghlaidh an lath' ud de'n bheachd, nach robh dòigh air na Gaidheil a' chumail fo chron, ach an inneil-chogaidh a thoirt uapa.

Ann an seadh, chaidh so a dheanamh cho fad 's a chitheadh sùil e. Ach a-chionn nach robh trusadh nan arm, ach sgaoilte neo-mhean, bha'n tuilleadh mór am falach, na chruinnich òr an righ. Is e bhuil a bh'ann, gu'n d'fhuair bliadhna nan gràs 1745-anng na ghineadh brigh ar sgeòil-airm-chatha measg nan Gaidheal na b'fheàrr, 's na bu lionmhora na bha iad riagh. Is e so, agus cion-faicill saighdearan ruadha Bhearnaraidh, a b'aobhar gu'n robh Iain Ruairidh 's a dhà charaid, ann an culaidh-airm cho achdainneach.

### III

Air dhaibh beum a thoirt a sid agus a so, dh'innis Iain rùn a theachdaireachd. "Cha'n'eil plaighriasm (1) anns na dùthchannan, a tha aineolach air teabadaich Fhir-a'-Choire," chum e air aghart. "Ged is dleasal ainm dhomh-sa, tha car 's an Ridire

1 slpeadhaire

[TD 144]

Tholmach a chuireas bacag air na shaothraich Gleann-Garadh, is Lochiall ann an téumadh aobhar oighre dligheach a' chrùin. Cha'n fhios nan clachan dhuibh, nach d'fhuair Alain Camaran móran misneachd bho'n Ridire Tholmach, no bho Fhear-Shléibhte anns a' chùis so—"

"Stad, stad!" chaisg Alasdair. "Leig ris dhuinn suidheachadh na mishealbh a h-ann."

"Ni mi sin leis an fhoighidinn," fhreagair Iain. "Ach cha'n fhuraich mo ghnothuch an dràsda ris. Fóghnaidh dhomh innse gu'n dearbh mi gur he-an dearg-chiulcaire (1) th'ann am Mungan Tuathal Phlamarscaig—"

"Gu sgeitheadh na coin air t'fhiosachd," thionndaidh Gilleasbuig le tilleadh facail. "Cha'n innis thu dad nach aithne dhuinn—"

Chuir Iain sùilean air; oir cha bu chiall fuadain a bha aig Gilleasbuig 'na aideachadh.

"Ciamar—?"

"Cha'n ann idir a' cur casg' air do chainnt, a tha mi," lean Gilleasbuig air aghart. "Ach tha seòl eile air an fheàrr a gheibhear bun do sgeòil. Nach ann mar is luaithe ruigeas sinn dùthaich Mhic Leòid, is dòcha rath a bhi'n lorg ar turuis? Dé do bharail-sa, Alasdair?"

"S e 'n fhìrinn a th'agad," dh'aontaich Alasdair; is e 'cumail sùl air ròn a bha bogadh 's ag éirigh an taobh a-mach de Chaolas-an-Acaire. "Tha'n tràth dhuinn a bhi greasad, no bi dùnadh air an Oitir a'dh'aithghearr. Faodaidh mi innse dhut, Iain, gu

1 duine carach

[TD 145]

robh Gilleasbuig greis mun tainig thu-'ga aonagraich ann an leaba na fiosachd. 'S e so is coireach gu bheil e, an dràsda 's a-rithisd, a'

gabhair gnè de bhrath air a chàirdean. Ma thug e aithris, mar sin, air cnag do ghnothuich, cha bhial saoghalta chuir fios nam fàth 'na chluais. Nis, Iain, tha mi làn chinnteach nach ann air ghogaireachd a tha thu fhein, no sinne mu'n taca-so dh'oidhche. Ma tha t'agairt air slighe ceartais, tha so aon fhear a sheasas ri d'ghualainn."

"Agus so fear eile," dh'aontaich Gilleasbuig. "Leig rùn 'nar cead, Oir tha'n oidhche ruith; am muir a'tighinn; is fir eile cur an airm fo uidheam 's a' feitheamh fios-coinneachaidh."

Nach mi tha buileach ann 'ur comaine," labhair Iain an cois na brìgh-chainnt earbsach a chuir a dhà charaid, air caochladh dòigh, mu choinneamh. "Cha'n 'eil sibh idir dhiùbh-san a ni mire ri brosgul. Ach tha mi'n dòchas, ged bu mhór an t-acobhar uaill e-gu'n cuir mi an còrr mar fhiachaibh oirbh, na nì sam bith a thagrainn a-thaobh dàimhe, no eòlais. 'S e fonn freagarrach a ni an cridhe tais. Thug mi falalair air biodaig gu seasainn Oighre dligeach a' Chruinn-ge b'e dòigh, no slighe air an tigeadh sin orm. Is math a dh'fhaoidte nach bi m'oidhearp ach clearbach: có aige tha brath? Ach tha e agam ri dheanamh. Am bheil sibh lium? Oir is turus-cunnairt e a dhùisg gu tric ar miann. Am feadh 's a tha sinne còmhradh ann an so, tha Rob Crotach-fear-turuis cho gléusda 's a chaidh riagh an ceann seanachais-a' buinneig Dhruim-nan-Cleòc; is e a' deanamh air Caisteal Dhun-bheagain cho luath 's a

[TD 146]

bheir each 'na chruinn-leum e. Tuigidh sibh a-nise rian mo chabhaig, agus mo chùraim."

"Cha'n'eil dà thionndadh air, mar a thuirt Donnachadh-na-Ciabhaig mu ghrùdhan na h-earba," fhreagair Gilleasbuig le fuaim-togail nach robh e idir a' faireachadh. "Có iad do na leig thu fios a-bharrachd orm fhin 's air Alasdair?"

"Dh'earb mi ris an teachdaire ràinig sibh-se," thuirt Iain, "taghail air Alasdair Seònaid, Ruaraidh Iain 'ic Iain Léith, Coinneach-nan-Godhar, Iain-Bàn-na-Fiaraig, is Domhnall-nan-Guidheachan, Tearlach-na-Fiasaig, Fearchar Somalta, Niall Sléibhteach, agus mo dhi-chuimhn'-cha b'e bu chòir fhàgail air dheireadh-Calum-a'-Chrannuchain. Mur a cur an sgioba sin an sgoth chaol fo shiubhal-cuain, cha'n fhiach ceatharnachd iomradh air."

"Tha dòchas agam," labhair Alasdair, 's e coimhead car anacrach, "gu'n tug thu rabhadh dhaibh, gu'm bi biodag 'san eadraigin ann am bealach nach saoil iad."

"Nach gogaideach an dà cheann a th'oirbh," arsa Gilleasbuig; is fiamh gàire air ag amharc bho fhear mu seach dhiubh. "Na smaointich sibh idir gu bheil Rob Crotach an dràsda, 's a' chuid is fheàrr dhe slighe as a dhéighinn? Ma théid a ghnothuch leis, faodaidh e bhi socrach air ais mun gann a bheir sinne ar n-aghaidh air Rudha Hùinis. Cia as a-nise, bhobaig-a thig tairbh ar fearta?"

Cha do dh'amais Iain air a thapadh; oir chuir lùb na ceist' a bhriathran car air seòdal.

Ach mu dheireadh thall, dh'éirich inntinn os-cionn

[TD 147]

an eadar-da-liunn anns 'na chuir farraid Mhic an Tòisich e.

"Na'n robh mo thi'n a-mach air meigh na teabaideachd," labhair Iain le ealamhachd nach bu dual da, "chuir do bharail thar mo threothair mi. Ach cha'n ann mar sin a bhitheas. Fhuair Rob Crotach bealach air mo cheann-uidhe gun teagamh; ach gabhaidh cù marbhadh gun a chrochadh. Is ma tha sibh lium 'san togradh, tha gnothuch a cheart cho àraid, a bheireadh mifhin, is sibh-se a chuir càin is cuairt air dùthaich Mhic Leòid. Oir 's ann 'na àm a tha sinn!"

"Na'm b'e so buileach na bha fo'n earail agad," thuirt Alasdair 's e toirt sùl ceithir thimchioll an adhair, "cha bhiodh ni h-eadh 'sam bith air dé bu chòir dhuinn a dheananmh. Nach'eil e cheart cho riatannach (1) càin is cuairt a chur air dùthaich Mhic 'ic Ailein an Uidhist ri Leòdaich Dhun-bheagain?"

"Hala! Hala! bhobaig!" dh'eadar-labhair Gilleasbuig an gearradh facail. "Is math nach'eil eòlaich 'san eisdeachd neo ghabh iad blas a' chrogain de ar ceann-comhairle. Nach treabh sinn an t-imire tha romhainn an toiseach mun teann sinn ri achadh coimheach a ruamhar. 'S e sin a theirinn-sa, co-dhiùbh."

"Agus mise leat," dh'ath-leasaich Iain. "Tha sinn uile air an aona ràmh, cho fad 's a bheir mo thugse mi. Bho'n a tha sinn ann, c'arson nach deanamaid dà thurus dhe'n aon shaothair. Freagraibh foghainteach, 's bi fir Bhreacais againn mun seal sibh uaibh. Dé their sibh? An dean sinn Dun-bheagain is Uidhist dheth?"

1 iomchuidh.

[TD 148]

"Thuirt thu na th'air, gun a bhi 'ga àibhseachadh," fhreagair Alasdair air a shocair. "Am falal a thug mi seasaidh e."

"Far am bith sinn, bi sinn ann," lean Gilleasbuig 's e, aig an àm chiadna, 'g iarraidh làimh gach fir diubh air a ghealladh.

Bha bòid an dilseachd ann an rùn an cridhe-bunait nach do bhrist druidheachd an t-sodail is duais 'na chois, no cunnart am bàis le dòigh air a sheachnad. Sheas iad 'nan tosd car tiotadh mar gu'm biodh iad a' cluinntinn monbhuir iongantaich a' siubhal na h-iarmailt'. Thionndaidh iad an aghaidh bho mhuir gu monadh-gach fear 'na rùn a' faicinn spiorad nan ioma cian a' fàgail a sheallaidh anns na h-àirdibh; is iad a' deanamh air tional nam flath ann an gleannaibh ciar a' cheò.

Tha beart-dheilbh nan dàn a-ghnàth a' fighe agus a' cur codach gach duine ré cian air leith dha; is criòch, obann no anamoch, air ruith bho iteachan tathaich. Le so 'san amharc, có esan cho coma 'na dhòigh, 's a bheiridh an saoghal, easgaidh fo cheann, na'n robh cuigeal an dàin air a deanamh soilleir roimh làimh dha?

\* \* \* \* \*

Dh'earb Iain ga'n iad ceangal na sgoth' a leigeil fo na mhuir, 's nach biodh e fada gun tilleadh. "Thug mi fios do fhir Bhreacais," lean e air aghart, "iad cruinneachadh a dh'ionnsaidh Creagan-an-Leabhair, cia luath 's a chluinneadh iad fead bhuam. Innsidh mi

[TD 149]

ann an sin daibh, le cuideachadh an Fhreasdail, dé an turus air a' bheil mi, agus, mar an ciadna, 'n cunnart tha na lorg."

Gun tuilleadh dàlach, ghabh e tarsuinn an Oitir, is gàmag aige.

IV

Ràinig Iain Ruairidh mullach Cnoc-nan Curran, far an tric a rinn guilbrních cròileagan; is an d'fhuair buachaile fàsaich fasgadh, nuair a bhristeadh sian-dubh mu uchd Charn-Donnachaидh, 's a dhùmhlaicheadh mill uisge air taobh an t-silidh de'n Fhireach-Clach.

Thug inntinn iomadach sitheadh aisde mun do sguir a chas a shiubhal air an fhàireadh ud. Mhothaich e-ge b'e ciamar a bhiodh an deireadh-gu'n robh cruaidh-fhortain ann an tùs a shlighe. Is cha b'ann air seòl 'na h-aonar a nocht i gnùis dha. Oir bu shàrachadh saoidh, gnè 'sam bith dhiubh a ghiùlain. Bha e' fàgail a mhàthar gun chul-taice; bha e toirt a chùil ri Ceann-cinnidh a dhlighe; is bha e dealachadh ri Eilidh, nach do mheal e-cha mhór ach eadar-da-thràth mar leannan. Air an taobh eile, bha'n rìgh dligheach 'san amharc aige-e tagairt a sheirbheis, fhacal 'na chluais; is e ghnàth a' bigeireachd.

Tha cothrom rogha mar a dhearbhadh. Leum e an comhair a chinn-mar gu'm b'eadh-ann an coileach an t-sruith, far nach dean ceasad teanachdas.

Is ann, mar sin, le deòin 's i togairt, a ghuidh e gu'm biodh rath nan dàn ann an lorg a thuruis.

Ionnan, mar a rùn, stad e air ball a choiseachd.

[TD 150]

Bha aghaidh air Cùl-Bhreacais. Mu bhuillean an ama sin, thachair do'n Ogha Mhór a bhi dol seachad, 's e gabhail an aithghearra, bho chéilidh air Maolchòmhail. Oir b'eòlach an dithisd air a' chéile. Theireadh iadsan do'm b'aithne sloinneadh, nach robh leisgial ann an tagairt an càirdeis aig fear, seach fear dhiubh. Biodh sid mar a bha; 's ann bho chunntas-beòil an Ogha Mhóir a fhuair sinn dé bu chruth 's bu chollas do cheatharnach ar n-aire.

Ach ma tha thu neònach, 's gun d'fhuair friamhag an pharmaid greim ort, cha tig 'Moladh Birlinn Iain Ruairidh, 's a Sgioba,' ri d'chàil.

Tha rann dùbailt agus dà fhichead 'san òran. Their cuid gu'n robh urrad eil' ann. Ach cha'n'eil duine beò a dhearbas sin, bho'n a chaochail Iain Mac Iain Oig á Suidhisnis-sìth gu'n d'fhuair e. Cha'n'eil a meas fhein air a' bhàrdachd so an diugh ged a b'ainmeil a luaidh, latha dha robh i.

Fàgaidh sinn fonn nam bàrd mu làimh an ceartair; agus gabhaidh sinn dealbh Iain Ruairidh, mar a chunnaic an t-Ogha Mór air mullach Cnoc-nan-Curran e. Bha e àrd bho'n talamh, garbh thar tomhais; is a ghairdean, féitheach aréir sin. Cha tugadh cailleach an aire dha, gun a suil a fhliuchadh, 's i guidhe béud 'ga sheachnad. Bu mhiann gach òigh mar chéil' e; oir bha mealladh neo-chuimseach ann an treisead a ghnùise. Mar a thuirt an Gille-Iaruinn 's bu bheachdaidh e-'B'e sin a' ghnùis shuilbhír gun ghrúaim, anns am biodh gean-gàire daonnan air bhrath.' Ged

nach bu chleachdadh ri 'linn e, bha e lom de dh' fhiasaig, ach na bha os-cionn a

[TD 151]

bheòil. A-rithisd; ma thig rogha datha riut ann am fear seach a' chéile, bha chiabhadh donn-bhuidhe, 's i casadh 'na duail ri bhoineid.

Eadar breacan-guailne le phràiste trom; daga fo gach làimh; biodag an duille 'si deiseil; is claidheamh air a leis 'na thruaill, bha collas an eireachdais air Iain Ruairidh. An àite còta-gearr is peiteag, bha e caitheamh léine de bhreacan-seilg nan Tolmach-i balgadh, farsuinn mu chom 's a'tuiteam 'na leith-phoca ri leathad a chruachain. A' sgoltadh falaman na glàine, bha oir an fhéilidh-bhig phleataich. Bha crios buclach mu theis-meadhoin; agus fodha sin, sporan cinn-bruic le aigileananl eathrach is buinn airgid umpa. Mu cheannaibh nan cas, bha cuarain ròmach de sheice féidh, le iall mu seach, 's iad tarsuinn 'gan ceangal an taobh àrd de'n aorpuinn. Aig tibhead a' chalpa, bha osan preasach 'ga cur an deadh chumadh, le sgein-duibh 'na lùib; is an glàinean, a thug Eilidh mar chuimhneachan da, 'gan gleidheadh 'nan àite.

Chuir bean an duine eile-ach bha'n t-iadach innte-cogar an cluas nàbaidh bun a h-ursainn, gu'n robh dòigh nam flath aig Iain Ruairidh air e fhein a chur a-mach. Ach có chuireadh sin an iomchoir dha?

Far an saothraich nàdar, cha téid a blàth an cleith. Thuirt iadsan, air nach tigeadh muir gun stiùireadh gu'n robh an Ridire Tolmach a' cur a làimhe gun chead ann an gad fir eile. Is na'n robh a h-uile rud 'na àite fhein, bha Iain Ruairidh, is greim aig air dulag a shinnse ann an Tigh Mór Laobhrais. Ach, mar a chluinnt bho bhodach air fhaiceall-tha còir mar a chumair i.

[TD 152]

Rinn brosgul-mar a bheachdaich Iain Piobaire an àite eile,-is Blàr Shleibh-an-t-Siorraim, cathair shocair do'n Ridire Tholmach-ach, fàrdach lom is nead fallamh do dh'athair Iain Ruairidh.

[TD 153]

GLEUSDACHD

Théid seòltachd thar spionnaidh  
—SEAN-FHACAL

Rinn Iain feed ceann-a-mheòir a bha cruaidh agus fada. Bha fuaim aice cho aognaidh ri sgread tamhaisg is manadh innte. Oir tha iad beò fhathasd a theireadh nach ann buileach saoghalt' a bha i; is a leagadh sùil na mì-chin ort, na'n tug thu teagamh d'am barail. Bhòidich iadsan a chlisg roimhpe, gu'n robh i sitheadh ann am marbh na h-oidhche, mar fhras de shaighdean, is ribheid bana-bhuidsich ann an sròn gach fir diubh. Leum i Abhainn Aisig cho grad ri gobhlan an gaillinn; ach rug Creag-na-h-àiridh, air a sgal 'san dol-seachad; is thilg i, le magaid i bho Chnoc a' Mhada-rauidh a dh' ionnsaidh a' Chnoic Odhair-i sior-ghlaodhaich a beò nan creag gus na bhrist deotal an astair a spid, 's i ag iarraidh thar uchd Ruigh Bhial an Atha.

Bha siubhal na sgairt ud ainmeal fad là agus linn. Abraidh fear na moch-eirigh le conas, nach cluinneadh leisgean a' chadail, feed Iain Ruairidh 'na chluais. Ma thig dhut tachairt air seann-duine, 's e toirt sgeòil air

uilinn, cha bhi dol-as agad, gus an dearbh e dha d' thoil, gur h-e sanas diomhair a chualas an oidhch' ud. Leig ris dha gur h-aithne dhut a bheag no mhór de dh'eachdraidh nan seana Ghaidheal, is cuiridh e an eagaibh a' chéile, cho amasach ri seanachaидh Mhic Dhomhnuill

[TD 154]

Ghuirm, gur h-ann air a' mhodh chiadna, bha Druidhean bho chian, a' toirt rabhaidh air call dhaoine. Tuigeadh e gu'n a bhuilich am Freasdal tùr na foighidinn ort, is cha'n fhaigh thu a làrach nam bonn, gus an drùigh e gu snasar air t'inntinn, gu' bheil taibhsean a-ghnàth mu'n cuairt dhut, 's iad a' feitheamh air t'fhàilte ri'm fiosachd. Ach tha caochladh dòigh air am faod thu naigheachd a chluinntinn. Is tha so fior mu thaobh na h-éubhaich a chuireadh as leith Iain Ruairidh. Air mo shon fhin, saoilidh mi gur h-ann aig Iain Og Mac Rath, a bha'n cothrom facail bu shoirbhe leanalt. Oir bheireadh e gaoir 'san fheòil nach biodh cneasda, nuair a thigeadh e dh'ionnsaidh na cuid sin de'n sgiala far 'na chuir glaodh na fead, an tunnag-fhiadhaich le forbas bho'n as-bhuan; is teicheadh air giadh glas, is ian-cladaich. "Leum," ars' esan, "coin as an cadal le comhart. Thionndaidh clann bheag-a bha màgaran le cion-cadail an cùil-bathais an eagail rathad an doruis; is ruith iad le ràn do thaobh a bhalla dhe'n leabaidh. Stad a' chailleach de shniomh 's i leigeadh rolaig mu shèicil na cuidhle. Sguir bean-òg a chàrdadh is buille-chlis air a duilleig."

"An cual thu'n glaodh ud?" dh'fheòraich té fo h-anail 's i fàgail an lodair anns a' phoit-eanaraich fo laimh.

"S e éubhach a h-ann," fhreagar té eile le athadh.

"Sid agaibh fead Iain Ruairidh, 's e 'g iarraidh dhaoine," bhreithnich, bean-tighe 's i cothlamadh.

"Ma's a h-e," dh'osnaich céile-phòsda nan seachd tràthan, "bi daor an ceannach air na tha fainear aige;

[TD 155]

bi sìreadh gun seachnad ann an iomadach tigh is teaghlaich. Na thig 's na thainig, ach na tha fainear dha! Ge b'e có bhios beò air a-chionn, bi aithris air an oidhche-nochd. Mo thruaighe!"

Tha deichnear ghaisgeach a' greasad fo'n uidheam ann an Cùl-Bhreacais; oir bha iad a' feitheamh na gairme cho an-fhoighidneach ri fleasgach 's e an dìth leannain. A-mach a leum iad le sùrd na caonnaig,-gach fear a' togail fàireadh an fhir eile-gus an d'ràinig iad mullach Gharbh-buaile, far 'na leig iad cead an gnothuich mu sgaoil da chéile.

Bu cholgarra 'n còmhlan iad, gun neach idir meata 'nam measg. Bha éideadh na dùthcha ann am feobhas a mais' orra; is am Badan-roide mar shuaicheantas 'nan comhdach-cinn. Rugadh ann an saoghal sona iad, 'san àrach le dòigh fhallain. Bu choingeis leotha cas air muir, no tir. Airson strith na cluiche, no obair chlaidheamh, bha iad ealanta. Bhiodh buaidh na clach-neairt aig fear; is tilgeadh cabair aig fear eile. Bheireadh Alasdair Seònaid a-mach geall-ruith air an fheasgar so; ach chailleadh e àite do Chalum-a'-chrannuchain, ann an gearradh nan cruinn-leum, air an ath-turus.

Cha do chaomhnadh math a' chruith air aon seach h-aon diubh, bho na chuireadh dheth na chìch an toiseach iad. Bha bhuil ann. Dh'fhàs iad suas mar isein a' gheòidh gus a-mór nach aithnichte cuid gach lath' orra.

Bha'n deichnear de dh'àl na h-aona bhliadhna; is am far-ainm a thug Domhnall Camaran, le fealla-dhà 's a' chéilidh orra, lean e riamh riutha. Muire! 'S ann orra

[TD 156]

bha collas nam fiannaichean! Bhiodh iad mu choig-bliadhna fichead a dh'aois-agus, mar sin, ann an treun a' neairt.

"Nach bu gharbh an fhead a rinn Iain Ruairidh a-nochd?" labhair Fearchar Somalta; oir, a-chionn 's gun d' rugadh esan mu Bhealltuin, is càch eadar sin is deireadh an Fhoghair, bha dànadas ceann-seanachais an còmhnuidh 'ga earbsa risean.

"'S e 'n fhìrinn is leannan dhut," fhreagair Iain-Bàn-na-fiaraig le altrapadh, 's e teannachadh a chrios-claidheimh mu mheadhoin. "Air m' anam, tha mise cli, neo bi fear is fheàrr againn an geall na's fhiach e, mu'm faic sinn ceann ar teine fhin a-rithisd."

"Gonadh ort fhein 's air t' aibhseachadh!" thionndaidh Domhnall-nan-guidheachan is greann air. "Cha'n fhacas riamh aig mòd, no céilidh thu, ach air taobh a' chladha. Na meal do naigheachd, a charaid. Far am bith sinn, bi sinn ann, mar a thuirt an gobha ris an t-sradaig."

## II

Dh'aindeoin cath-bruidhne bha eatorra, cha chualas guth mór no droch fhacail bho'n fhear bu treuna barail diubh. Ràinig iad Creagan an Leabhair, an t-àite còmhail, gun ceum a shineadh. Ach cha robh sgial air Iain Ruairidh, no duine ri fhaicinn.

Ghabh iad annas nach bu bheag; oir cha robh mearachd sam bith anns an fhios a ghairm a-làthair iad. Dé nise bu choireach nach robh am fear-iùil air an coinneamh? Ma ghlac cion-furuis thu bidh tu sin, 's gun fios agad. Ach ma tha gnè an t-saighdeir annad,

[TD 157]

gheibh thu, cha'n e mhàin, deireadh, ach toiseach gach sgeòil a-nasgaidh; agus cuideachd, mar a dh'éirich do dh' Iain Ruairidh, mun d'fhuair e cas am bàta le thoil fhein a-rithisd.

"Fhearaibh," labhair Tearlach-na-fiasaig, nuair a dh'fhàs a' monbhur farm. "An cuala sibh gu robh iad a' cur uibhreachd air Iain Ruairidh bho'n a gheàrr an cù cuthaich aig trusadh Cheann-Loch e? Tha mi'n dòchas nach éirich gu h-olc dha!"

"Chaidh cur-as do na chù," fhreagar triùir no ceathrair còmhla.

"Ged a chaidh fhein," lean Tearlach roimhe, "tha'n droch phuinsean am fiacail a' choin. Coimheadaibh bràthair Fhir-Lusaidh, a b'fhéudar a cheangal ri 'leaba le iallan, 's a bha blobhdail mar mhadadh, mun a thràghadh gu bàs e. Ach tha mi'n dòchas nach éirich gu h-olc do dh'Iain. Ge b'e àite dh'am bheil e, bheir mi m'fhacal nach'eil Gilleasbuig Mac an Tòisich, is Alasdair Aonghais fad o chrudha. Ma thogras sibh, ni sinn

Sgeir-na-h-Oitreach dheth, gheallaras (1) an tainig e fhein, no bhàta. Cha'n ann gun tuiteamas ti'n 'na rathad, tha e gun a bhi'n so an ceartair. Oir tha mi 'san làraich-tha mi cinn teach-an ns na chum e, airson a' chiad turus, duine riamh 'ga fheitheamh."

Thug gach fear de chàch a bharail mar a chothrom. Ràinig iad Sgeir-na-h-Oitreach le smuaint air uideil is ceum mall. Bha Gilleasbuig, is Alasdair ann an sin. Ach bha iadsan ionnan riutha fhein le dragh, nuair nach robh Iain Ruairidh air faire-fios.

Dé nise dh' éirich dha? Oir bha cùram air inntinn,

1 an geall air fios

[TD 158]

cabhag fodha-san, agus na h-uile rud leagta airson cuideachadh ri 'cheann-uidhe. Ach cha robh dhubh, no dhath ri fhaicinn.

Tha innleachd na sgeòil ag earbsa nach bidh dol-as air fuasgladh na ceiste mu dheireadh. Ach cha ghabh sin a dheanamh an ealamhachd, gun iomall bhi air. Oir is e sin dòigh nan Deasach nach d'fhuair àit' ann am briathrachas réidh nan Eileanan siar. Bidh e iomchuidh, mar sin, ceum-air-ais a thoirt a dh'ionnsaidh Tigh Mór Laobhrais, greiseag mun a chiar am feasgar.

An taobh a-stigh de sheomar diomhair na h-aitrimh ghreadhnaich, bha còmhlan àraig cruinn, 's iad a' leigeil an comhairle ri chéile. Bha iad ann triùir-dithisd fhear, is ainnir òg air 'na bhuilich nàdar cruth-deilbh thar tomhais. A-chionn 's gu'n robh i ainmeil-ann an seadh air leith bho mhealladh-gnùise-cha do leig bial-aithris eachdraidh a suim i.

Thainig i air na Caoil bho'n ear, 's a teachd ann an cridhe mheadhoin latha, mar a ni cuthag le fàilte. Thuirt Uilleam Mac Iain Duinn, 's e gabhail an rathaid, rithe, gu'm b'e am beatha 'n dùthaich. Ach cha do shnaoidh i ceann, ni mo a thill i facal an éis ris. Ghabh i seachad mar Ghall air aineol-each diolloida 'na 'dheann-ruith 'ga giùlain, is gille-pliobair 'na cois. 'Cha'n'eil fios co-dhiùbh 's e 'n inntinn no 'n t-àrdan is muime dhith,' smaointich Uileam, is casad beag a' mhagaidh a' deanamh a bheachd na bu bharanta. Mun gann a thug a' bhean-innseagraich an lùireach a

[TD 159]

lòsan briste na h-uinneig, bha na marcaichean a freadharc.

Cha b'e sin do Oidhrig Sheumais 'ic Alasdair e. Stad ise 'bhualadh a' chipein gus na dh'fhàg na coigrich a sealladh.

Nise, bha Oidhrig dhe'n fheadhainn a fhuair comasan buidseachd. Ach bho'n a chuir am pears-eaglais ann an cuing i, an déigh an corp-creadha a fhuardas an Alltan-amhaig, ghléidh i gach buaidh a bh'aice ann an clach a sùla. Is cha b'ann tric a dheanadh i 'fliuchadh, na'n tigeadh iad 'san amharc nach còrdadh rithe. Oir mur a tigeadh co-as a' choigrich gu h-obann dith, cha lasaicheadh i cas, no cuimse gus am biodh an t-aobhar-siubhail air bhrath aice.

Chaidh giullan diolain a bh'aig Mairi, a nighean, a thogail còmhla rithe; 's cha b'e 'n t-àdh e. Cha robh car a bha 'na sheanmhair nach b'aithne dha; agus cuir eile nach robh innse idir. Co-dhiùbh, cha deachaidh móran dhe'n olc as air. Ach bha na h-eòlaich, anns an robh meachaínn, a' gabhail a leisgeil, 's a' canail, gu'm bu dual dha bhi dona 'san Sàileach 'na athair dha. Is iomadh turus neònach a rinn e dha sheanmhair. Leis cho tric 's a chítéar roip mu aodann le cion-nighe, thug balaich bheag a' bhaile, Raitean air. Ach ged nach bu mhór e, bha e tapaidh.

Nise, bha dòigh an t-seòdail ann an Raitean, nuair nach biodh e bìleastaireachd dha na chailllich. An déigh cuairt a chur air dà cheann a' bhaile, ruigeadh e

[TD 160]

Tigh Mór, Laobhrais; is a sin gu tigh Iain Ruairidh, far an tric gu leòr, a bhiodh gnothuichean àraid eadar e fhein is Iain. Ach cha bu dhrochchosnach airson sin e.

Thachair dha bhi air an rathad bho'n Mhaodlaich 'se buain caoil cléibh, nuair a thainig na marcaichean tarsuinn air aig taobh Aisig dhe'n Allt-mhór. Thug iadsan an aire do Raitean cuideachd; ach, aig an àm, cha do chuir iad an còrr na sin de dh'ùidh ann.

Shaoileadh fear-coimhid gu'n robh iad a' togail an inntinn ris an àite. Oir 'se sin gnàth gach coigreach a thainig riamh a'rathad-gu h-àraid, ma tha bheag no mhór de dh'fhios a' bhàird air a shiubhal.

Bha'n slios air na thachair iad freadharcach ri muir, is monadh. A-mach bho Bhial a' Chaoil, 'sa sineadh gu tuath, bha Linn' Ailseach ag iarraidh mu lùban na Comraich; ach ghabh Crólain fàth air an dealachadh; is ghiùlain e ainm nan stuadh, gus na chuir eich-ghlasa Cuan Leódhais stad air. Taobh eile na Linne; 'sa sioladh an ear, bha uchdan an dùmhail Chrombaidh a' fàgail an t-seallaiddh. An Ear. Tha'n t-sùil ag iarraidh a-ghnàth do'n Ear, far an tuit ceum-coise 'san oidhche le sgios. Thainig tàibhsean bho'n Ear; is sgeoil nan éuchd bho'n Ear. Thall 'san Ear, ann an cian an astair, bha dachaidh-gin aig saoidh nan lann; is bu lionmhòr àiridh anns an cluinn te fonn nam bàrd air mhire.

Ach bhrist an smuaint a sgiatha, is ghlac an cruth-leathaid fo'n sùil an aire.

Bha iochdar Aisig mar bhrat fuamhair, a' sgaoileadh ri oir an fhirich; coill' ioma-chraobhach dhlùth ri

[TD 161]

bhearradh; lionagan Bhreacais ann an cuimir dreacha 's a' nàbachd; is mìle, no còrr de dh'òban cuisleach le toiseach tràghaidh, a' laidhe, 'nan achlais. Thairis air sin-'na shlisnich uaine-bha cluaineagan réidh Airdnis, sonruichte mar innis nam banachag cheòl-mhor; agus far 'na chuir fir-Lochlúinn, bho shean, cleachdannan an dùthcha ann am buil, fad an déigh imrich-cuain a dhol as cuimhne. Tarsuinn a' chaolais, 'san tuath, chítéar Eilean Phabaidh, mar earrasaid ni'n Uainein air todhar, 's e 'ga bhlianadh ann an sàmhchair na tuinne. Tuath air a' Chaol-mhór a-rithis, bha Longaidh, neadach a' gheoidh ghais, 'sa' Sgeir Dhearg, mar chlachaléum do chailleachan-beurra Leódhais. A' cumail fàiridh orra-san, nochd Rònaidh a ghob air bharr mara, 'se tolladh fo'n iar-'eas, nuair a sgoltas gaoth is uisg' i air mullach Dun-cana. Mar bhuna-bhuachaile 'gabail an

fhasgaidh, bha Scalpaidh nam meann brucach, a' tarruing ris a' Chaol Chumhag. Agus os an cionn gu léir, bha Beinn-na-Caillich 'ga h-éideadh ann an tuar na h-ealtainn; Cille-chrò air taobh dhith mun cas a bruthach, is Coire Chatachain 'ga shuaineadh ri bonn.

A-nise do chòmhail an luchd rathaid.

Cha luaithe chunnaic Raitean na coigrich air fàireadh 'na thilg e 'n t-eallach caoil thar a ghualainn. Dh'ionnsaich a sheanmhair a chuid de dhòigh an t-sionnaich dha. Ach bha aon seadh anns an robh a sheòltachd comharracht: b'e sin, mar a shealladh e fo mhùgan gun amharus a chur ann am bith. Thug e an aire gu'n a thionndaidh a' bhana-mharcach a ceann gu taobh;

[TD 162]

is mheòraich e bho sin, nach robh i idir cinnteach as a slighe.

"Mur a h-'eil mo thogair," rùnaich e le guidh' air a theangaidh. "'S e so am fear a tha cearta-coma. Nirre! Mun blais bigean air boiteag na maidne, gheibh mise geinn a sgoltas déile."

Dh'éirich gealach air Port-Nogaidh,  
'S chaidh i fodh air Port-nan-Long.  
Théid an ceòl air feadh na fidhle  
Nuair bhios mi-rùn air a bonn.  
Sid a—

#### IV

Thainig an dithisd mharcaichean air ann am bristeadh an fhacail. Cha robh doicheal, no gealtachd fuaithe ri Raitean. Thug e sùil, gun a bhi ladarna air a h-aon mu seach dhiubh.

Shaoil e gu'n robh 'nam beachd cumail seachad; oir sheas e gu taobh. Ach an àite sin, stadadh an dà each, ach gann air a bhialaobh. 'S e bhana-mharcach a b'fhaide bhuaidhe-rud a chuir e 'na fhaiceall.

"Ken ye they pairts, laddie?" dh'fhoighnichd gille 'n eich 's a làmh air a chruachan.

"An diabhull e!" mhionnaich Raitean mar ris fhein. "Nach ann air a tha gnos a' mhadaidh. Cha tainig fuaim de'n t seòrsa sin a bial duine ceart riamh. Nirre! "'Se deanamh glag ghàire nochd gith fhiacal a dh'ionnsaидh nan cùlag. "Cha'n'eil fios de ghaoth tuath thug an rathads' e?"

[TD 163]

Chuir an dol-a-mach so dragh nach bu bheag air a' cheisteir. Ach chum e air 's e feòrach an dòigh eile:

<eng>"I bid ye tell me, gin the Muckle Hoose at Livera be faur frae here?"<gai>

"Có an deamhainn a thug biadh gun ionnsachadh dhut?" thuirt Raitean an rathad freagairt. "Nach ann a tha do shruth-beòil collach ris a' chainnt mhsaich a bh'aig saighdearan ruadha Ghlinn-eilge. Marbhaisg air an ablach càinain a th'agaibh! Théid thu fada, laochain, mun tachair ort na mholas do sheòl-bruidhne dhut."

Theagamh gu'n a lean Raitean air an tuilleadh càinidh, mur a b'e gu'n a chaill am marcaich fhoighidinn. Thug a' bhan-uasal goth da ceann. Ma thug, tharruing a gille 'n t-slat-eich; is fhuair Raitean 'na chuireadh bàs a sheanmhair as a chuimhne. Ach bha lùgh cho grad ri shùil. Thug e 'n dudar-leum; is mun a sheall am fear-eile bhuaidhe, spion e slat as a chipe-chaoil-a thilg e mu chasan an eich. Ghabh an t-each gnè de sgèan. Is mun d'fhuair am marcaiche fo cheannsal e, bha ceann-caol na slaite aig Raitean a' feadaireachd mu chluasan.

"Cha do thuig thu có bh'agad a sheòid!" arsa Raitean, 'se leum an sid 's a' so cho aotrom ri Murchadh-nan-cleas air tràigh mhuirschein. "Nirre! Bheir mis' ort gu'n leig thu modh an rathaid leis an ath fhear a thachras riut."

B'ann 'san uair sin a chaidh a' bhan-uasal 'san eadraigin. Oir chunnaic i nach robh seòl air an tuigeadh an dithisd a' chéile, ach le buillean.

[TD 164]

"Am beil Beurl' idir agad?" thuirt i le fonn cho binn, 's gur gann nach do ghabh Raitean eagal troimhpe. Aig a' cheart àm, chuir i an t-each aice fhein fagus do dh'àite còmhraidih da.

"Nach'eil' Beurl idir agad, a bhalaich?" dh'aithris i rithisd 's i deanamh snomha gàire thug an sgial aig Mac 'ille Chalum 'na chuimhne.

"Am beil Beurl idir agad?" bha i sìor-fhoighneachd, mar gu'm biodh i toirt a-mach a bheadachd.

"Na'n dubhairt sibh sin ri mo sheanmhair," fhreagair e gu sgiobalta, "chanadh i gur h-e foighneachd le fios, is miosa na mearla. Ged a bhiodh-an rud nach'eil, no iarraidh air-Beurla mhosach agam, cha chuirinn de dh'eas-urraim air cànan mo dhùthcha 's gu'm biodh i air mo shiubhal. Bho'n a thogadh Freiceadan Dubh, Ghlinn-eilge, cha'n aithne dhomhs ach an t-olc a thainig riamh leis a' Bheurla."

"Nach seanagarra 'm balach thu," lean i am bruidhinn e. "De'n aois a tha thu?"

"Bliadhna na's sine na bha mi mu'n taca-so 'n uiridh," thill e gu h-ealamh.

"A! na'n tainig thu chullaig ormsa," ars' ise, "tha mi deanamh dheth gu'm b'fhiach e do shaothair."

"Le'r cead," thuirt Raitean 's a' mhoit 'ga bhrosnachadh, "'s minig a chuala mi aig mo sheanmhair, gu robh an latha math ri ghabhail, nuair a thigeadh e."

Bha toiseach aig a' bhan-uasal air a tharruing gu taobh. Co-dhiùbh, ma tha'n cunntas so car mean, tha'n leisgal ri thagairt. Ged nach'eil anns na dh'aithris mi ach tuiteamas-rathaid, gidheadh, bha e

[TD 165]

'na mheadhoin air dragh is mealladh-dùile a thoirt do dh'iomadh fear, is cearna.

"C'arson a tha thu cho crosda?" thuirt ise 's i fiachainn ris a' chuid a b'fheàrr fhaotuinn deth. "Na'n do ghabh mi le ar ciad chòmhail, chuir mi droch ainm de'n Eilean Sgiathanach. Tha facal 'na mo dhùthaich-sa-'dean coingheall ri coigreach'-nach bu mhisd thu thogail leat."

"Nirre!" dh'abair Raitean 'ga casg. "Na'n tainig thu bho thaobh Loch Fine, bhiodh e duilich dhut t'fhacail a dhearbhadh. Mur a' h'-eil taobh Loch Ailse de Thir-mór, cha do dh'innis mo sheanmhair dhomh aon àit' eile, 's luaithe bhriagnaicheas do shean-fhacal."

"Tha thu beurra dhe t'aois," fhreagair i gun ghruanan 'sam bith. "Ach cha buin mi do thaobh, seach taobh dhiubh. Ach fuirich ort! Dé 's ainm, no sloinneadh, dhut?"

"Bi-gu-math-ris!" thuirt Raitean. "Is tha e soirbh a thuigsinn. Gabh mo leisgial; ach 's e fior-niag a tha 'san fhear sin ri d'chrudha. Cha bu toigh lium ti'n eadar e 's a chàl-duilisg."

"Cha bhiodh e mar do chuid fhein dhut, tha mi creidsinn. Ach s' dòcha nach'eil e idir cho gaorrach 's a tha e coimhead."

"A bhana-charaid, faodaidh e bhith gu bheil e na's fheàrr na chollas; ach cha'n'eil aodann deadh dhuin' air, mu'n d'thuirt Niall-nam-beann ris a' chat."

"Nach tu ghabh a' ghràin air."

"Is có chuireadh coir' orm? Mac-na-croiche-is e

[TD 166]

sin esan! 'Ne fear a leum orm le slat-eich gun abadh gun aobhar."

"Leig leasan," labhair i sin le guth air-leith dùrachdach. "Is Gall e gun teagamh, ach deadh sheirbheiseach airson sin—"

"Dha fhein an toiseach," leasaich Raitean 'ga stad. "Creidibh mise; bheir a' cheart diùlnach an car asaibh nuair a' bhios a' muir a-mach."

"Dé dhutsa," 's i cromadh a cinn, "co-dhiùbh bheir, no nach toir esan no neach eile 'n car asam? Dhiùlt thusa seirbheis a nochdadh air chor sam bith dhomh."

V

Airson a' chiad turuis, cha tug Raitean droch fhreagairt oirre. Ghlac saobh na tosdachd a theanga; is thar-leis gu'n a dh'fhairich e aois duine sgiolcadh troimh phòirean, 's a' lionadh a cholunn 'sa chuislean air fad. Cha robh e tuigsinn dé dh'éirich dha, no idir na geasaibh fo'n d'rugadh air. Bha e fhathasd gun an t-seachdamh bliadhna 'dhiagnuchadh. Tha e cuideachd fior, gu'm fac e sheanmhair a' deanamh ni no dhà chuir iongantas air. Ach ged a bha e 'na fhianuis air gach orra thug i 'n ire, bha druidheachd gu léir, mar neo-ni, an coimeas ris a' bhuaireadh a ghreimich a thoil cho teann ri bithis an ceartair.

"An cuir thu idir de chomain orm 'na dh'innseas t-ainm dhomh?" dh'fharraid an òigh air mhodh a thilg a dhannarachd mu laimh.

"Tormod," fhreagair e; "ach their iad Raitean rium cho tric 's gur ach gann a dh'éisdeas mi ri ainm eile."

[TD 167]

"Dé is sloinneadh dhut?"

"Mac Coinnich."

"'S fheudar nach buin t'athair do'n cheàrna so? Cha chuala mi Clann 'ic Coinnich a bhi air taobh an t-Strath' de dh'Eilean Donnain."

"Tha sibh ceart an sin," dh'aidich e. Ach thainig rud nach do mhothaich e riagh roimhe-rughadh le tàmailte 'na aodann. Leag e ri lèr an t-sùil sin air nach do chuir ni 'na bheatha fiamh no eagal. Bha guth-mollachd 'ga shniomh air a bhilean; is goin a chàraidh a' toirt claoi'dh air a chridhe.

Thug an gill'-eich an aire dha aodann a' tòiceadh; is rinn e gàire fanaid-togradh nach deach' as air Tormod, ged a bha cheann crom. Bu shuarach a' chiad ionnsaidh a thug e 'san dol-a-mach air, an àite 'na bha ti'n ris an ceartair.

<eng>"Ken he nae his ain faither?"<gai> labhair an Gall, is plìn air a bha ruigheachd na smior-chailleach aig Tormod. <eng>"Gin he redder the langer, he'll singe his tow aff."<gai>

Ach 's math dha-san nach do thuig Raitean brìgh a smeachranachd, neo bha sheic' air an fharadh mun do sheall e bhuaidhe. Eadhon mar a thachair, rinn Raitean bòid leis an dùrachd sin a chuireas crioch obann air nàmhaid. Thuig e gu math gu'n robh an gill'-eich a' magadh air-gnùiseachd a bha ri giorra-shaoghaile a thoirt dha, cho cinnteach 's ged a bhiodh biodag a' sgoltadh a' chridh' aige. Oir cha'n'eil modh eile anns an toir coimheach oilbheum-bàis do Ghaidheal, na chur gu dhùbhlan le fanaid. Thigeadh cùis do'n ire so, agus bidh dortadh fola gu deimhinn air a-chionn. Cuid a ni air

l dàñadas còmhraidh

[TD 168]

an ugan an gradaig; feedhainn eile ni gàire mar gu'm biodh iad a' canail: 'S math nach tuig thu na h-uile tha feitheamh ort!' Fhuair an gnè mu dheireadh greim air Raitean; is dhioghail an còrr na gille-'n-eich air a thàilleabh. Ach cha'n ann mar is miann leis a' bhracair a théid an sionnach da shaobhaidh.

"Nise, Thormaid," labhair a bhan-uasal, "tha dol air a' latha; 'sam bi thu cho math 'san t-aithghearr do Laobhras a shealltuinn dhomh?"

"Nach éibhinn duibh ti'n air an astar so," fhreagair e car socrach, "'s gun fios fhaotuinn ciod i 'ur slighe. Ach stadaibh. Ma thogras sibh ni mi-fhin an rathad. Tha mòinteach throm mu mhile-gu-leith air thoiseach. Ach mur a h-'eil an dà chabhadh oirbh, bheir an ceum-còmhnaird mu mhile-gu-leith eile thar an rathaid is giorra sibh."

"A' bheil aithghearr tre na mhòintich idir a dh' fhaodas each a choiseachd?" dh'fhoighnidh i ann an dòigh a chuir ioghnadh air Raitean. Is thainig an smuaint 'na rùn gur a' dòcha gu robh i airson cur as dha fhein, neo do'n fhear a bha còmhla rithe.

Mun tug e freagairt gu toil dhith, fhuair an droch-rud greim air; agus thuirt e 'na inntinn gu'n robh sluic 'sa Mhòintich-mhóir nach diùltadh closnach Goill a ghleidheadh. Dh'innis e mar sin gn'n robh frith-rathad tre na mhòintich a bha eòlaich a' gabhail, ach a bha 'na shìor-chunnart dhaibh-san, nach amaiseadh air a' chruaidh-cheum.

"Tha Mhòinteach-mhór meallta," lean e 'san di-moladh. "Ach dha'n fheadhainn do'n aithne 'n ceum,

[TD 169]

tha i sàbhailte gu leòr. Cuiridh i 'n còrr is mile stigh riutha."

"An toireadh duais thu troimhp' air feadh na h-oidhche?"

"Bi sin aréir na duais," fhreagair e. "Agus a-rithisd co-dhiùbh 's e deòin, no aindeoin a' bhios a' stuigeadh an teachdaire."

"Cha'n'eil e collach," thuirt ise, "gu'n tig muir gun stiùireadh ort. Is mur do mheall mo bharail mi, tha fiosam air neach, a dheanadh moit ri cluinntinn mu d' bheo. Cha'n'eil thu a-measg do dhaoine fhein a bhalaich?"

"O!" leith-osnaich e. "Gu dé 'ur gnothuich-se, có mise, no mo dhaoine?"

"A-chionn gur h-aithne dhomh có thu, agus t'athair, ni mi gniomh caraide riut ma dh'fhaodas mi. Nise. Tha thu ri ar toirt tre na mhòintich. Na gabh ort air chor 'sam bith a thogas amharus a' ghille so-gu' bheil cunnart 'san t-slighe. Ma's àill leat, is gu'n tig thu dh'ionnsaigh Tigh Laobhrais bho àm cadail, cuiridh mi ni 'na t'earbsa ni duine dhiot. Gabh romhad, 's na brist facal tuilleadh gus an iarr mis' ort."

'Tuigidh mi-fhin rud ma-leith,' thuirt Raitean 'na rùn 's e togail an rathaid air thoiseach. Dh'fhàg e an cipe-caoil far an robh e; is an dòchas 'ga ruigheachd nach tigeadh air tilleadh ris tuilleadh, no slat dheth a chur a dheanamh cléibh-mòine. 'Co aige tha brath,' smaointich e, nach dean a' bhana-choigreach so feum dhomh? Is e' n Sealbh a chur an rathad i; ma tha e 'n dàn domh ti'n air a h-éir, dh'fhaoidte gu'm bi mi 'na

[TD 170]

mo dhuine mór fhathasd. Bu mhath cogadh a-nise! 's cha bu ruith lium ach leum 'na choinneimh. Nirre! Thuirt i gu'm b'aithne dhith m' athair. Co aige tha fios nach e mac duin'-uasail a th'unnam? Nirre! 's ioma rud a thig le seol-mara nach gabh feamanadh le cliabh is plàta!"

\* \* \* \* \*

Rinn Raitean na dh'earbadh ris; is thug e na coigrich le'n cuid eachaibh gu socair, sàbhailt, tre na Mhòintich-mhóir. Ach air dha an toirt tarsuinn air an Ath-leathann, dhiùlt e bhi 'nan cuideachda na b'fhaide.

"S ann aig an t-Sealbh tha brath, co-dhiùbh bhios an Ridire Tolmach buidheach dhe mo shaothair, no nach bith," fhreagair e an coinneamh cheistein nach robh e gabhail mar fhiachaibh air fhein a bhreithneachadh. "An e sin na h-agad ri chur 'nam thairgse?" thuirt e le dànadas. Oir bha rudaigin ag innse dha, nach b'ann gun fhios c'arson a dheanadh coigreach-agus ban-uasal aig a' sin-còmhchradh diomhair ri gille-fuadain 's e gabhail an rathaid. Ach nach tric, thar-leis a thug nighean rìgh, bann-pòsaidh do

dh'òganach iosal 'na inbhe? Có as i; no có i? Gheibh e sin a-mach 'na dhòigh fhein.

"C'àite 'bheil do chòmhnuidh?" dh' fheòraich i. "Am beil e fad a so?"

"Bi sin aréir aois, is luaths," fhreagair Raitean gu gobach. "Bheir uair bodaich 'na mhaille, no uair gille-connaidh 'na chabhaig, a dh'ionnsaidh ceann mo theine mi; agus 'na bu ghraide na sin, na'n robh mi air

[TD 171]

rogha mo theachdaireachd."

Chuir gearradh-cainnt cho teuma annas nach bu bheag air a' bhana-choigreach. Is dheònaich i 'na rùn, gu'n tigeadh an cothrom anns am faigheadh i a chuideachadh feumail.

Leis a' bheachd so 'na h-aire, dh'iarr i air Tormod a' coinneachadh aig bial an anamoich, 's gu'n toireadh i rud dha ri dheanamh, a leasaicheadh a chàradh.

Bha araon tàladh agus muigheadh 'na guth do Raitean. Cha do dh'fan i ri fhreagairt. Ach thug i srian da stéud mar nach biodh an teagamh bu lugha 'na h-inntinn a-thaobh buaigh a toil' air. Is cha robh a barail an iomrall. Oir bha Raitean, is a chridhe mireag ris, a' deanamh an aithghearr' gu tigh Iain Ruairidh, far na chuir e roimhe 'n ùine chaitheamh gus an tigeadh tuiteam na h-oidhche.

Bha àite-fuirich Iain Ruairidh mu chairteal a' mhile ris a' chladach fo Thigh Mór Laobhrais. Thainig mi cheana tarsuinn air far am bu chòir dha-areir bial-aithris-a bhi riaghlaigh. Ach so 'san dol seachad a-mhàin.

Car mu'n aon àm 'san robh Raitean a' feadaireachd Danns-a'-chlaidheimh aig cagailt Iain Ruairidh, bha'n Ridire Tolmach, a' cur fialaidheachd a thigheadais ann an cead nan coigreach. Cha robh iad aineolach air a' chéile, ged nach do thachair dhise bhi riamh an rathad.

Choinnich iad uair, no uair-eigin ann an tigh Lochéill an Dun-éidionn.

[TD 172]

FOILL, IS A' MHOINTEACH MHOR

Am fear a brathas 's e mharbas  
—SEAN-FHACAL

Bha Raitean ag obair air geadhachail còmhla ri Iain Ruairidh gus na chuir gealach an da'r-éug, glas-mhiar air an oidhche. Bha e stigh nuair a thainig Eilidh, 's a dh'fhàg i. Có chuireadh uibhreachd air Raitean-e ann an oir na luatha 'na ghuraban; is craicionn coimheach, le cion uisge air an aodann aige? Ach coma leat! Bha chluas air ghléus ris na chluinneadh e; is a shùil cho biorach ri comhachag a' feitheamh tùill lucha.

Cha bu chomaine da idir na bha 'na rùn a chur an géill. Oir is iomadh oidhche sheasgair a ghabh e de thigh Iain Ruairidh, agus tràth le annlann, còmhla ris. Ach ged a bha e bialach, bha e mar an ciadna, bruidhneach, cealgach; agus, na bu mhiosa na sin-neo'r-thaingeil. Bha de dh'fhealla-dhà ann na dh'fhoghnadh do shia buannacha diag Mhic Dhomhnuill. Is am fear a thuirt, 'an làn ghàdaire' ris, cha robh e cur an

islein bho sheilbh a chodach. Ach a dh'aindeooin co-dhiùbh, is na ghearaineadh air, gheibht e cho grideil, air uairibh ri seangan an tom.

Ma tha naigheachd so fior-an rud a tha-ionnas gu'r h-ann bho Iain Piobaire, (bial na firinn) a thainig i-bha Raitean cho gèur-chuiseach ri Druidh an crannaig.

[TD 173]

Chual e na bha eadar Iain Ruairidh is Eilidh aig ceann na bàthcha, a-chionn 's gu'n robh farchluais cho soirbh dha ri sionnach ag ianadairreachd. Tha iadsan a ghabhadh a leisgial ag ràdh gu'n robh a bhéus aréir àrach; cuid eile, gu'n a chuir Mairearad Nic Uaraig trulainn e. Is bha iad gu léir ceart. Oir, òg is mar a bha Raitean, rinn buadhan na h-ainnir ud, greim neo-chneasd air. Thainig fathamas neònach air a dh'fhàg aigne cho baoth ri guanaig 'san Earrach. Dé b'fhiach an saoghal gun a bhan-uasal a dh'earb gnothuch ris? Mar bu mhomha bhiodh aige ri innse dith, nach ann a b'fhaide gheibheadh e banalas a còmhraidh. Cha togair daingneach na's àirde na ruigeas am fàradh. Nach e fhein an duine!

Nuair a théid nàdar am beo, thig smuaint bho h-aineoil. Cha chnàimh gun fheòil e, rùnaich e; is có a chanas nach bidh a chòir oirre fhathasd? Nach minig a thuirt a sheanamhair: 'Am fear a ni gniomh gu toil do nighinn, gheibh e 'n cridh' aice le tapadh.'

Is e bhuil a bh'ann, gu'n robh Raitean mar dhallaran nan seachd suain, bho'n a dhealaich e ri Mairearad 'san fheasgar. B'ann air a soin-se bha na chi, 's na chluinneadh e. Bha boisgeadh nan reult fhein, thar-leis, air am fasdadhbh da turus. Ach nach iongantach an t-aithris gu'm biodh com cho beag meachainn ris, cho furachail ri bàrd le duan?—Freagairt: gaol gille gun fhiasaig air fhadadh.

Cha d'rinn Iain Ruairidh ach an tigh fhàgail, nuair a ghreas Raitean a dh'ionnsaidh leathad an Atha, far an robh Mairearad ri fheitheamh.

[TD 174]

Mar a bhios esan a ni feòrag de chogais, cha robh Raitean buileach foiseal 'na inntinn. Dé, na mealladh i air? Có dha do'm b'fhiös gu' robh i idir saoghalta? Ma's e bana-bhudseach a bh'innte, nach d'rachadh i ann an riochd sam bith? Gu dé a dheanadh e, na'n tachradh i ris ann an cruth goibhre, no mar ghlaislig 'ga failceadh 's ann abhainn? Ciamar a choinnicheadh i e? An tigeadh i bho chulaobh air 's i snàmh air bharr-duilllich, mar a thainig' a ghruagach air Niall a' Bhogha?

Airson a' chiad turus 'na bheatha, thainig gris air Raitean. Cha do mhòthaich e riamh gu sid, an seadh a bh'anns na facail: 'Is ioma rud a tha'n am marbh na h-oidhche.' Ach cha b'e an oidhche chur an clisgeadh air. Oir is minig, is ro-mhiniig a shiubhail e am baile fo mhùgan, gun eagal no athadh. Ach dé dha sin? Fhuair rudaigin greim air. Oir cha'n'eil duine chitheadh a-nis e, a shoileadh gur h-e an Raitean ciadna bh'aca—Dé tha sid?—Leum crom-riabhach le biac, is cha mhór nach tug e éubhach air. Ach ged a ghabh e gné de għluasad 's an àm, chuir e an t-eagal air falbh. Goirid na dhéigh chuir e suas bus feadaireachd.

II

Tha e collach co-dhiùbh, nach d'rinn tathaich nan gisraeg móran drùghaidh air Raitean. Oir bha e spaidsireachd car ùine, 's e 'għabail phort, mun

tainig Mairearad air foirefhios. Bheireadh e sùil, an dràsda 's a-rithisd ri iadh nam beann 'san astar, mar is minig a rinn Donnachadh, mo charaid, nuair a bhiodh e a' di-moladh an uaireadair. Ach ma ghlac e misneachd, airson sin,

[TD 175]

cha b' ann gun ìmpidh a bhi an cois a ghniomhe; oir thainig Mairearad fadheoidh guiniosd' (1) air.

"Is math a fhuaireas tu," thuirt i, le sunnd a bha cho farasda ri òigh 's i sùgradh, do Raitean truagh.

Fad tiotain, rinn e amharc oirre gun amas-facail. Oir shaoil e, ann an da-rìribh, nach b'urrainn creutair coimhead cho àillidh rithe, agus a bhi corporra. Chaidh a bhuaireas am momhaid. Oir ma-dh'fhaoidte gur h-e tuairmse bh'ann, ach bha h-aghaidh nochdaidh ri boisg na gealaich; is a cluas, mar gu'm b'eadh, ag éisdeachd osaig air mhire 'measg mheadhail nan craobh.

"Dh'fhalbh e le bàta," chuir e am briathrachas.

"Dh'fhalbh có?" rinn ise farraid.

"Iain Ruairidh," fhreagair Raitean, mar gu'm biodh fios aig an t-saoghal, có e Iain Ruairidh.

"Cha'n'eil mi ga d'thuigsinn," arsa Mairearad. "An aithne dhut có is daoine dha?"

"Mac bràthar do'n Ridire Tholmach," fhreagair Raitean; oir bha meòir an t-sloinnidh aige. "Their cuid: Fear-Scalpaidh ris, ged a leig e an t-àite sin am fiadh, riamh bho'n a thainig e air ais a Lunnainn."

"A Lunnainn," dh'aithris i mar rithe fhein; is chuir Raitean sùilean air.

Thug a cuimhne sitheadh nan ochd bliadhna' air ais. Chunnaic i òg-Ghaidheal a' seasamh a h-ainme fa chomhair mórrachd na rioghachd; is e 'cur an fhir a b'àird' inbhe diubh gu dhùbhlann. Bha i òg an cridhe an uair-sin; òg an gaol agus òg an cuilbheartan an t-saoghaile. B'e Iain Tolmach an duine sin. Seadh! Seadh! Ach,

1 gun fhios

[TD 176]

mar gu'n tigeadh uireas air a h-ùidh ann, bha e ro shocharach.

"Dé tha Iain Tolmach a' cur ris a-nise?" dh' fheòraich i an ceann greiseig.

"Am poll-an rud a bha Niall a' cur ri chasan," fhreagair Raitean le conas, "'sa' dol mu'n cuairt mar a bha'n fheannag a's t-fhoghar."

Bha toiseach aig Raitean air fàs sgith dhe'n t-seòrsa ceisteireachd ud: is thug Mairearad an aire dha sin, cuideachd.

"Thuirt thu'n ceartair?" ars' ise, "gu'n d'fhalbh Iain Ruairidh le bàta; ach an e sin uil' e? Is fheudar gur a th'ann dh'iasgach a bhiodh e dol?"

"Cha'n ann idir," fhreagair Raitean, is e geòbail le bhial, mar gu'm biodh e air a leith-thachdadh. "Dh'innis Eilidh rud!"

"Dh'innis Eilidh rud!" dh' aithlis Mairearad; "ach có th'ann an Eilidh?"

"Rinn i sin, a bhana-charaid," dhosaich Raitean, is e mu-làimh ri at le gasdachd. "Có th'ann an Eilidh?—dalta an Ridire Tholmaich, agus nighean Fear-Lusaидh. Tha thusa bòidheach; ach a gheallaras (1) gun toireadh Iain Ruairidh bréid air toiseach dhith sid."

Dalta do'n Ridire Tholmach, smaointich Mairearad 'na rùn. Dh'innis i rud do dh'Iain R——Tolmach. Ciod e an rud sin? Am beil buinteas aige ri gnothuch a cuairt?

"Nise," dh'fhoighnidh i, mar gu'm biodh i leanalt a meòrach, "faiceam, a Thor—"

1 an geall air fios

[TD 177]

"Raitean, abair," ars' esan; "oir is e is fheàrr a thuigeas mi."

"Seadh, Raitean," lean i air aghart, "faiceam dé bha'n am beachd Iain Tholmaich, mur a h-ann a dh' iasgach a chaidh e?"

"Tha-dol a thoirt dùthaich Mhic Leòid air."

"An dean e sin leis fhein?"

"Có aige tha fios?"

"Is e sin a tha mi foighneachd."

Bha seanachas a-nis' a' cordadh ri Raitean gu gasda; is shaoil e gu'm faodadh e bhi cho dàn' oirre ri goisidh Mairi Ni'n Oidhrig.

"Dé bheireadh Iain Tolmach bho thigh mu'n taca-so dh'oidhche?" thuirt i 's a h-inntinn a' dol an deilbh air iomadach seadh.

"An éigin, ma-dh'fhaoidte," fhreagair Raitean—"an rud a thug an earba do'n Loch. Ach chuireadh Eilidh earball eil' air."

"Chuireadh!"

"Dheanadh i sin, fhein," chum e roimhe. "Oir rinn i farchluais air Mungan Tuathal a' cur chuilbheirtean air cuigeil, greiseag mu'n tainig an oidhche."

"Cuilbheart?"

"Seadh! Cuilbheartan," dh' aithris e; "is cha bheag iad. Chuir iad Rob Crotach air shiubhal do Dhun-bheagain leotha."

"Leotha?"

"Seadh! Leotha! Dé tha 'cur ort? Nirre! Tobar sin, is Tobar-tà; tobar aig an toirear blàr; marbhair Torcan nan tri Lachlainn gu moch, moch aig Tobar-tà.

[TD 178]

Thuirt mo sheanmhair gu' bheil cogadh móir a-tighinn. Théid na fineachan an aghaidh a' chéile. Is—"

"C'arson a chuireadh Rob Crotach sin air falbh do Dhun-bheagain?"

"An dubhaint thu rud? Nirre! Mar a dh'innis Eilidh do dh'Iain Ruairidh e-dìreach, airson spòg na h-iolaire chur ann an giùran an Ogha Mhóir."

"Có h-anns an Ogha Mhór."

"Thig oirnn le d' mhathas! Nach tu fhuair sgoil gun ionnsachadh. An t-Ogha Mór? Sin agad-sa Mac Neacail, Fear Aird-nis; is bàrd cho math 's a rinn òran."

"Mac Neacail?"

"Seadh! Mac Neacail. Is tha'n Ridire Tolmach airson cur-as da. Oir tha fearann aca criochadaireachd."

"An e sin uil' e?"

"Theagamh nach e. Cha'n'eil mi 'ga thuigsinn ro-mhath. Ach tha iad a' canail bu gheil an t-Ogha Mór a' teagasg cleas nan arm do dh'òigridh ris a' ghealaich air Oitir Aisig."

"An d'rinn thu ach sin a chluinntinn?" dh' fhoighnidh i 'sa cluas a sior bhiorachadh.

"Chunnaic mi cuideachd iad," fhreagair Raitean air bheag tuaiream a-thaobh cunnairt na rinn e bhrath.

### III

Bha fios aig Mairearad cheana, gu'n robh Rob Crotach air an rathad gu Dun-bheagain; agus, mar an ciadna, na dh'earbadh ris. Oir, ged nach tug Eilidh tarruing air ri Iain Ruairidh, bha i 'san éisdeachd, nuair a rùnaich

[TD 179]

an Ridire Tolmach, rioba thoirt mu cheann an Ogha Mhóir. Ach cha tainig e riamh na h-inntinn, ni momha a bha fios aice, gu'n robh an duine còir ud cho oilleanach, measal 'san dùthaich.

Cha robh i aineolach, airson sin, air an dùrachd anns an robh na Domhnnullaich, is Clann 'ic Leòid da chéile; is, aig an àm chiadna mar a bha Foirbeiseach, Chul-odair, 'gan cumail air féill na sithe. B'e rian a turuis e. Ach mhothaich i gu'n robh cunnart na falloisgeir a-ghnàth ri sheachnad, fhad 'sa bhiodh fear, le goilean (1), a' gréidheadh na fianainch thiorma.

Bha aon nì sònruicht a dh'fhiorsaich Raitean dith; is e sin, nach robh earbsa ri chur anns na Tolmaich, gu'n leanadh iad stiùireadh an Ridire

aig cromag an dearbhaidh. Oir ma bha òigridh na sgire ri oilean-armachd 'san uaigneas, le comaradh Mhic Neacail, cha bhiodh sin gun fhios do dh'Iain Tolmach. Is bha gach collas a-nise gur h-ann an aghaidh a Chrùin a' rachadh a thogradh-san.

Dé air a' mhodh sin a bheireadh Iain Tolmach gu ruige Dun-bheagain? An ann airson car-mu-chnoc a dheanamh air Rob Crotach? No, an robh e 'na rùn Mac Leòid iomairt da thaobh?

B'iad sin na ceistean air iomadh seòl, a bha ruith troimh inntinn Mhairearaid an ceartair. Is mur an robh a turus gu bhi an dolaidh, thigeadh e dhith bacadh a chur an gniomh.

Cheasnaich i Raitean mean air mhean gus an d'fhuair i mach na b'aithne dha mu Iain Ruairidh; turus Eilidh do'n tigh aige; dol fo armachd is an t-sian a chuir a

1 àsaig laiste

[TD 180]

mhàthair air; mar a dh'fhag e am port leis an sgoth chaoil, is a' chòmhail a bha roimhe-cha robh ni dhiubh air nach tug Raitean cunntas seanagara.

"Nise, Thormaid," labhair i beag; "nise, Raitein, na'n iarrainn ort ceann-turuis a dheanamh, am biodh e duilich leat?"

"Cha do dhiùlt mi fhathasd thu?" fhreagair e air mhireag.

"Seadh, mu ta!" thuirt ise. "An d'rachadh tu gu ruige-ach, stad!—Am beil thu eagalach? Am faca tu duine bhi 'ga mharbhadh riamh?"

"Cha mhór nach fhaca," dhosaich Raitean, 's e cuimhneachadh cho faisg 's a chaidh an gille-diollaид a bha còmhla ri Mairearaid air bàs gun sagart, nuair a choinnich iad an toiseach.

"Tha mi ga do thuigsinn," thuirt Mairearad, mar gu'm biodh Raitean ann an inbhe seanachais. "An cuireadh tu am marcaiche, thainig an diugh lium, air an aithghearr gu —gu Sléibhte?"

Thug Raitean an aire do'n mhaille-facail, agus chuir e a sheadh fhein air mun do fhreagair e.

"Cha bhi sùil agad air ais ris, ma théid sinn rathad na Mòintiche Móire?" labhair e sin, is e 'deilbh na dòghach anns am b'fheàrr a chuireadh e as do dh'fhear a ghamhlais.

"Ah! Seadh!" ars' ise, "An rud dh'fhalbas, cha'n e dh'fhóghnas. An rud nach cluinn e nochd, cha'n aithris e màireach. Na leig thu urchair riamh?"

"Rinn mi sin le daga bh'aig Iain Ruairidh 's cha b'ann aon uair."

[TD 181]

"Tha na Goill dona gu magadh, chuala tu. Saoil dé bh'aig' an fhear ud 'na t'aghaidh, nuair a thòisich e ri tilgeannas ort?"

"An rud a thug na maoir do dh' Ifrionn, ma gheibh mise mo chothrom fhin air-an rud a gheibh."

"Cha chuirinn do thogradh idir an uibhreachd dhut. Fuirich ort! An aithne dhut an abhainn a tha ruith gu mol, ann am bun a' chladaich mu cheithir mile eadar so 's Caol-àcainn?

"Gu math: Abhainn Lusaideh."

"Abhainn Lusaideh."

"Direach!"

"Am beil sin fada bho na Phort Mhór?"

"Mu cheithreamh a' mhile 'n ear air."

"Nise, Raitein, gheall thu dhol air ceann-turuis," chaoinich i ris le fiamh gàire; "is ma ni thu gu math e, tha do dhuais air thoiseach ort."

"Tha mi deiseil," fhreagair esan gu clis.

"Nise, mu ta! Fuirichidh tu ann an so gus an tig am marcach a bha liumsa. Tha aige ri bhi Sléibhte roimh latha; seallaidh tu an t-aithghearr dha. Cha mhisdh thu'n daga so mar charaid, gun fhios nach fhaod thu feum a chur air. An d'thuirt thu' gu bheil sluic 's a' Mhòintich Mhóir?"

"Na thiodlaiceadh muca-mara cho sàbhailte ri sùil Loch Aisig, ged is domhainn i."

Chuir Mairearad an daga ann an làimh Rhaitein; is shaoil esan nach fac e riamh na bu dhealbhaiche do'n t-sùil na e. Thug i mar an ciadna, adharc fhùdar is gàmus dha, agus tomhas de fhùdar còmhla ris.

[TD 182]

"Ah! nach i tha glan!" bhrunndail e mar ris fhein. "Ni mi sgath leatha? An tilg i fada, saoil thu?"

"Cho fad 's a tha feumal, nuair a bhios tu 'na h-eisimeil," fhreagair Mairearad.

"Ah! nach i tha briagha, gu dearbh!" cheillearaich e, is e 'ga tionndadh 's 'ga rudanadh 'na laimh. "A' bheil sianadh innte?"

Air da fios fhaotuinn gu'n robh luaidhe is fùdar innte, thainig rud foill 'na rùn a-thaobh an té a bha labhairt ris. Saoil na'n cuirinn an daga rithe, am faighinn dad a dh'airgiad oirre? smuaintich e bho iochdar an donais a bh'ann; ach ghobaich am beachd air culaobh sin, gun d' fhàg i na bh'aice anns an Tigh Mhór. Dh' fhaoidte, airson sin, nach'eil am fear a bha leatha gun sporan le éill.

Mar a bha rath an dàn do Mhairearaid, cha do mhair sunnd-calla fad air Raitean-gu h-àraid dha taobh-sa. Ach cha'n'eil sin a' canail gu'n tigeadh a fear-coimpair dheth cho math. Oir bha Raitean a' fàs cho beag foighidinn ri luch ann am fodar, gus am faigheadh e cothrom na dunaich air a' Ghall.

Is e bhuil a bh'ann gu'n a dh'earb Mairearad ris a rathad a dheanamh air a' Phort Mhór aig Lusaideh, far an tachraigheal e air ceannard bho fhreacadan Ghlinn-eilge le beagan shaighdearan. Oir bha iad ri ti'n air an astar ud

le bàta. Ach mu'n gabadh e ceann air an turus so, bha e ris an teachdair' eile chur air an rathad gu Domhnallach Shléibhte.

"An cuala tu riamh mu chéilidh nam ban Sléibhteach?" phlinich Raitean air fhiaradh is smuig air.

[TD 183]

"Cha chuala," fhreagair Mairearaid; 's i 'deanamh ratha de dh'airc. "Ach an rud nach cluinn mi a-nochd, cha'n aithris mi a-màireach."

"Bi iad fad air an rathad," thuirt esan le àrdan na poite-bige.

"Bheireadh seillein math mil a sin, a Thormaid," thill ise. "Bi dùil ri fear-mara, ach cha bhi dùil ri fear-reilige—"

"Ma bhios e am mòintich," chuir Raitean ris; "is beannachd Chalum Ghobha leis—'mo thogair ged nach till.'"

"Tha thu giar dhe t-aois," thuirt Mairearaid, "nach mairg nach fhacas 'na bu shine thu."

Thug e sùil dhàna oirre; agus am freagairt beurra: "Bheir na daoine beaga rud as na spéuran cho luath ris na daoine móra."

"Ma tha'n ealain aca."

"'S fheàrr rath na ealain," thionndaidh e cheart cho tuathal.

#### IV

Ni e 'n gnothuch, smuaintich i rithe fhein; agus aig a' cheart àm, air-san a thainig air a' chois-cheum slighe leatha.

Mar a thuirt i fhein: bheireadh seillein math mil as na bha i scoileamachd ri Raitean, bho'n a thachair iad an toiseach.

Cealgach 's g'an robh esan, chuir e umhail air an dichioll a bha i deanamh airson a companach-rathaid a dhol an dith. Ach ged a bha Raitean cho teuma ri moisean, cha b'urrainn, ni momha dh'fhèach e ri thuig-

[TD 184]

sinn, ciod e an dubh-fhinid a bh'aig Mairearaid 'san aire. Air a shon-san, cha robh innt' ach òigh air nach do dhearc a shùil da cuimir; is ged a bhiodh an uair, le aog ri chrudha, chuireadh e gniomh am beairt dhith.

Ach an rud air nach d'fhuair Raitean ceann, dh'fhàg e geall 'na eisimeil. Cuiream mar-sin, an t-soilleireachd, a rinn an t-Ogha Mór air, 'na chois.

\* \* \* \* \*

Stéidhich eachdaire na linn ud, an t-ionad-casaid anns na chàraicheadh dol-a-mach Mhic Shimidh, ceann-feadhna nam Frisealach. Bha'n t-amharus, eadhon 'na latha, gu'n robh e, mar a bha Domhnall seòlta-a' toirt sgairbh a creig da fhein.

Nuair a bhios Murchadh 'na thàmh bidh e ruamhar. Nuair nach biodh Mac Shimidh a' cuideachadh aobhar nan Stiùbhartach, gheibheadh e fàth, is brosgul air flaithean-faire Rìgh Deòrsa mhealladh.

Cha robh 'na aghaidh nach gabhadh cothrom bacaig air. Ach ged a dh'fhèachadh ri thoirt am brath air caochladh seòil, bha fhathast fhacal cho buan ri 'leisgial. An tràth nach ruigeadh e ceann an teine aig uachdrain is tuathaich, bhiodh toscaire gléusda siubhal le fios-rùin bhuaidhe dh'ionnsaigh cumhachdan na tire.

Ach a-measg na dhiùlt a bhi air an tàladh leis, bha Foirbeasach mór Chul-odair. Cha robh aig, airson sin, ach aithne gun fianuis air na bhathas a' cur as a leith fhathasd. Ionnas nach cuirear gad air gealladh, cha deanadh sid cuis-dhitidh. Is mar is fheàrr freasdal na dòchas, chuir e mar fhiachaibh air Domhnnullach Shléibte,

[TD 185]

cùmhnant sgriobhaidh fhaotuinn bho Mhac Shimidh, a dhearbhadh có an taobh air an togadh e cìrean.

Am fear nach'eil an aodann na creige, cha bhi eagal air gu'n tuit e. Ghlacadh an sionnach thar fhaicill. Dé rinn Mac Shimidh ach fear-earbsa-Eilgneach eòlach a chuir air turus-cùnraidh le Mairearad Nic Uaraig do'n Eilean Sgiathanach. Thug e dà litir dha-té a dh' ionnsaigh an Ridire Tholmaich, is té eile airson Shir Alasdair Shléibhte. A-thaobh Mhic Leòid Dhun-bheagain, cha robh e buileach cinnteach dé cho fad 's a bha cleamhnais an Fhoirbeisich 'ga aomadh.

Bha e cho eòlach air àmhailtean na h-aimsir ud 's a tha bridean 'san tràigh. Is tha e 'na annas gu'n tainig sgleò air fear a bheireadh an car as an Donas, air an trotha, bha sid. Oir thug na litrichean a sgriobh e an uair ud, a cheann do'n ealaig mu dheireadh a làithean.

Bha, co-dhiùbh, am fios-pinn a chuir e air theachdaireachd leis an Eilgneach, 'na chunnart dha fhein 's da naimhdean. Is cha robh Mairearad gun a h-oilean mu'n għnothuch. Có rachadh an urras nach éireadh Clann Domhnuill, an déigh gach īmpidh a thachair, na'n ruigeadh cuireadh-catha bho Mhoraire mór Chloinn Fhriseil iad.

Thigeadh e mar sin dith, na bha 'na ghleidheadh fhaotuinn, ged a b'e lochd is bàs an ceannach air-am bàs mar rogha.

Ma bha a rùn air slighe cho duachnaidh, cha bhiodh e 'na ioghnadh idir ged a shealladh i le ùidh air an fhreasdal a chuir Raitean gu làimh.

"Bidh an Gall glas an so a dh'aithgearr," thuirt i

[TD 186]

le guth cho iosal, is gur gann a rinn Raitean greim air. "Ach fuirich a-rithisd ort! Am beil fios agad co-dhiùbh a tha Iain Tolmach is Mac Neacail, mór aig a' chéile?"

"Ri dà cheann eich," fhreagair esan an gearradh-facail, 's e deanamh mothar gàire còmhla ris.

"Nach tu tha mear," labhair Mairearad, is dubh air a clisgeadh gu'n tugadh e an car aisde.

"Nirre," thill Raitean. "Faodaidh an losgann gàire dheanamh air cnoc. Ach cha'n e sin bùr mo mhire, mu'n d'thuirt thu, ach na sùilean a bha thu cur ort ris na speuran, bho nach'eil'ios c'uin! Thug thu dhomh daga, is collas cabhaig ort; bha mi ri t'fhear rathaid a thoirt—"

"Foighidinn bheag," chaisg i air a socair. "Tha fios agad dé th'ann an litir, na'm faiceadh tu i?"

"Gu math," fhreagair e. "Oir is iomadh té a thug mi bho Iain Ruairidh a dh'ionnsaigh Mac Tonghinn na h-Airde dhiubh."

"O!" thuirt Mairearad. "Bha dùileam nach robh Iain ach ri iasgach?"

"Nirre! bhana-charaid. Eirigh tonn air uisge balbh, mu'n d'thuirt mo sheanmhair ri Mac Iain Ghasda."

Cha robh Mairearad buileach cinnteach co-dhiùbh 'se ghléusdachd no ghearradh-cainnte bu mhomha chuir a dh'ioghnadh oirre. Ach fhuair i mach na bha dhìth oirre; is e sin, nach b'ann a ruith na cuthaig a rachadh e leis na dh'earbta ris.

Le impidh fhoghainteach gu leòr, sheall i dha na bha aige ri dheanamh nuair a thigeadh an t-Eilgneach.

[TD 187]

"Bidh pàipearan air a shiubhal," labhair i beag, "is gheibh thu innleachd air am faotuinn. Ni thu sin air Port Mór Lusaigh, far an tachair oifigeach airm, le bàt' is sgioba riut. Ma chuireas e ceist ort—?"

"Nirre! bhana-charaid," chaisg Raitean, "ged a chuireadh cha'n'eil Beurl agam."

"Na gabh càram," cheadaich i; "oir bi de Ghàidhlig 'nam measg na thuigeas tusa. Bheir thu dha na litrichean, agus an té so, còmhla riutha—"

"Stad a bhan-charaid," thuirt e mar mhollachadh, "nach'eil thu deanamh cunntas shlat gun aodach? Ach lean ort."

"Cha'n'eil eagal orm a-thaobh na cuid sin deth," fhreagar Mairearad; "gu h-àraid fhad 'sa bhios tu fhein a' deanamh faire-chlamhain air na clearcan."

"Tha thu amasach," shodalaich esan; oir chòrd am freagairt ris. "B'fheàrr lium gu'n cuala mo sheanmhair thu."

"Có aig tha fios nach dean i sin fhathasd," thill Mairearad mar bhriaghachd. "Oir nach minig a chual thu, gu'm faod gnothuch an rìgh ti'n rathad cailleach nan clearc."

"An diabh—!"

"Tog ort, a bhalaich," thuirt i 'ga stad. "Cum an còrr airson an fhir Ghallda. So dhut an litir; is libhrig i mar a dh'iarr mi roimhe. Cuimhnich, aig a' cheart àm, gu bheil cuid a' ghill' easgaidh air gach mèis. Tha do dhuais romhad; is faiceam fhin mar a chosnas tu e."

Bha'n còrr dhe'n t-seanachas a' stiùireadh mar a bheireadh Raitean a cheann-uidhe gu buil; is far an

coinnicheadh e ri Mairearaid a-rithisd, chum fianuis a thoirt air 'na dh'earbadh ris.

Dh'fhàg i le facial brosguil air a bilean; is thug bruthach Seònaid a sealladh i. Bha Raitean a' feitheamh ri tighinn a' Ghoill cho foighidneach ri sealgair gurabanach Loch Aisig-is 'na bu lugha meachainn.

v

Rudanaich e gléus an daga, dh'fhèach an robh e ag oibreachadh ceart. Chunnaic e gu'n robh lag na spoire 'sam fùdar tioram. Is air eagal gu'n d'rachadh e thar a chuimse, thomhais e àirde-duine air muin eich bho'n talamh, ri bun craoibhe a bha làthair. Gu ruige 'sam ball anns an amaiseadh e air a chridhe eadar an dà shlinnein, chomharraich e gu h-eagair 'na shùil e. Eadhon an dearbh àit' anns an tiodhlaiceadh e am marcaiche 'san t-each anns a' Mhòintich-mhóir, bha e nise aig' air bhrath.

Am feadh 's a bha e cur rian air teachdaireachd an aoig 'na inntinn, nochd fear a mhanaidh bho Laobhras 'se marcachd.

Thog Raitean an rathad cia luath 's a ràinig e; is mar a tha suiridhe nan Lathurnach-cha'n'eil bruidhinn ann-chum iad romhpa gu bog, balbh ris a' chladach gus an robh iad seachad air a' Ghlas-Eilean. Gun fhios nach fhaic eòlaich-chuairet an taobh a threòraich Raitean as an rathad, tha e ri aithris, gu' bheil collas na ceàrna so, tur air atharrachadh seach mar a bha e nuair ud. Am fear nach cumadh ri cnàimh an rathaid ri linn mo sgeòil, is math mur a tuiteadh an tarbh-coille air-no

sian a' ghonaidh, mu'n d'thuirt am facial.

Bha craobhan a' còmhdach a' chinn-iochdraich bho'n a' Ghairbhlich-ach far an ruigeadh tuath air àireachas-gus an ruigeadh e Rudha na Caillich. Tha Mhòinteach-mhór, ach gann, an diugh cho duilich ri coiseachd, 's a bha i nuair sin, ged a ghearradh iomadach farusg dith. Bheir e dhùbhlann do dh'eòlaich ti'n roimhpe ma bhios ceann-dubh air a' ghealach. Ciamar a-nise dh'èireadh do cheithir-chasach?

Cha robh Raitean gun a bhi làn fhiosrach air gach sloc is fròig dith. Ach bha làrach innte anns na chailleadh iomadach beothach air aineol-an Fhéithe-mhór; is bha i meallta. Thigeadh coigreach oirre, na'm biodh e dol bho Cheann an Oib gu Achadh Tàtair, no a' fàgail an Sgeithein Bhàin mar a sgoiteas an seillein an t-astar a dh'ionnsaigh nan Locha-dubha.

B'e sid a' bhogalach air an robh Raitean a' stiùireadh a Ghoill 'san eich. Cha do ghabh an Gall fhein an càram bu lugha, gu'n tigeadh dò-bheairt sam bith 'na charaibh. Theagamh gu'n robh e cur a threòraiche ro-shuarach airson donas a thogail; is lean e air aghart ann an doillead a bheachd.

Chum Raitean an cladach ri iochdar Earra-puill a h-uile ceum gus an tainig e dh'ionnsaigh Allt Tàtair, far na dh'fhiar e ris a' monadh. Bha bristeadh coille nise air an làimh dheis aige, is i criathradh solus na gealaich. Thug iad mar sin an culaobh ris an tràigh; ach chluinntे tonn

an dràsda 's a-rithisd a' sioladh mu storcain, mar pheileag a' sèiteal. Ach b' ao-collach tuar na h-oidhche ri aigne Raitein. Oir bha balbh gun

[TD 190]

bhristeadh 'san adhar; is muir 'ga blianadh mu lùib nan còs mar shioda 'ga righeadh air còmhnard.

Nuair a bhiodh iad an ear air tigh na 'Miss'-na'n robh i beò r'a linn-dhùmhlaich na craobhan. Oir cha'n'eil ro fhada bho'n a chitear bun giubhais cho sean ri tri aois iolaire, air crionadh 'san dearbh làraich. Leis air a' sin, bha faichd de stad-uisge, is-rud a bha annasach gu leòrléig iaruinn is cóinneach air uachdar.

Mar a chumas deamhainn ri bhòid, stad Raitean aig ceann an eich, is e cur a làimhe guiniosd air an daga.

"Cum air falbh bho'n eabar sin," thuirt esan; ach ionnas nach do thuig a' marcaiche, de bu chiall da, cha d'rinn e ach coimhead timchioll.

Thug e an aire do thalamh briste fo shròn an eich, is, mar gu'm biodh fiaradh grad a' dol air a' chruaidh-rathad, thionndaidh e gus a leanalt. Dh'fhàg so a leith-chulaobh ri Raitean, a choc an daga eadar an dà shlinnein aige. Dh'fhalbh lasair bho'n spoir, is rinn an Gall tuiteam a' mhairbh gu h-obann.

Mu'n do thàrr an t-each toirt-as, ghlac Raitean an t srian; is ann an àireamh na mionaidean bha e aige bocail gu bhroinn 'san fhéithidh, far na dh'fhàg e mu dheireadh e, 's gun ris ach an druim, 'san ceann deth.

Thill e an sin a rannsachadh a' chuirp.

"Is maирg a ghabhadh dragh nach faigh e cuimse," mhonbhuraich e ris fhein gu brodail, 'se tarruing pasgan phàipeir a pòcaid achlais a' choigrich. "A!" leith-ghlaodh e le moit ri fhaodail. "Na'm b'e 'n diugh an dé, theagamh gu'n robh thu fhathasd 'san fheòil, mar a bha cat Mhic Aoidh. Ged is fuar a' mhàthair-chéil'

[TD 191]

an fhòid, feumair gabhail ris," lean e brunndail; is e aig a' cheart àm, a' slaodadh a' chuirp gu taobh an eich, far na chuir e na casan aig' an sàs ann an cas-éill na diollaide, mar gu'n tuiteadh e an comhair a chinn.

\* \* \* \* \*

Thug Raitean a shàil ri obair-dholaidh gun fiamh, gun gheilt. Fhuair e bàta freiceadan Ghlinn-éilge mach; is libhrig e na thug e dheth'n a Ghall, còmhla ris an litir a thug Mairearad dha.

B'e an ceòl-feadaireachd a bha aige dol seachad bho Lusaïdh, a ghlac cluas Iain Ruairidh, agus e tilleadh a dh'ionnsaidh Sgeir na h-Oitreach bho Chnoc nan Curran.

Bha'n t-amharus trom air seilbh anns na làithean ud. Chuir e mar sin annas nach bu bheag air Iain, có bhiodh a' siubhal an rathaid mu'n tac ud a dh'oidhche. Is-mar a bha'n gamhainn 's a' chachalaidh-'smaointich e am barrachd na thubhaint e.

Rùnaich e co-dhiùbh gu'm faigheadh e mach dé bha fo'n ian aig a' choisiche; is thog e le sùrd ri àirde na feadaireachd. Ach mar is minig a dh'éirich do shealg a' chait air clamhan, cha do thìll e gun sgobadh, is làrach nan crodhan 'anns 'a chraicionn aige.

[TD 192]

#### AN DROCH CONDRACHD

Gheibh saoidh a shàrachadh  
—SEAN-FHACAL

Cha'n e mhàin gu'n tainig car an aimhleis air Raitean, ach rùnaich e friodhan na ceilge 'chur air bharr-gléis do dh' Iain Ruairidh. Agus mar a ni earras an fhuadain mealladh moisein air cridhe lùbach, rinn Raitean dearmad obann air dàimh is dùthchasachd. Theagamh nach do mhothaich e miad na dò-bheairt anns na chuir e làmh cho easgaidh. Ach do-bhrigh, nach tug Iain Piobaire iomradh air a' ghnè gaorra 'bha lionadh a' bhalgain-snàmha aige, cha'n fheàrr e n'an crom-ruaige bhi bagairt cinn-seanachais da thaobh.

Mur a' bheil tobhadh leisgeil air a' mhodh sin 'ga t' iomairt, ni thu mire ri aoir mo sgeòil fhaotuinn air rian stiùire gun dàil.

Thug am fear a chuir iomall air sgriobhadh, an cunntas gu'n a bhrath Raitean far an robh Iain Ruairidh ri còmhail a chumail ri 'sgioba. Ach na'n gabhta siubhal sunndach mar urras air cogais aon-fhillt, bhiodh fàth ditidh air an taobh-leis de Raitean. Oir bha esan,—mar a thugadh tarruing air an àit' eil,—a' tilleadh bho Phort Mór Lusaiddh far an d'fhàg e saighdearan Ghlinn-eilge, is iad a' cur dolaidh innleachd do dh' Iain Ruairidh air bonn.

Gun fhios nach bidh thu talach air deilbh mo

[TD 193]

bhriathrachais, tairgeam ùrachadh soillse dha do mheomhair. Oir is math a dh'fhaoide gu'n a lasaich dlùth mo sgeòil lé cur an innich.

Tha cuimhn' agad dé bu cheann-turuis do Mhairearad Nic Uaraig nuair a thaghail i air an Ridire Tholmach. Thug thu an aire cuideachd mar a thug i am balachan-rathaid-Raitean-fo dhruidheachd a toile; mar a chuir esan as do 'teachdaire-coise fhéin anns a' Mhòintich Mhóir; ach gu sonruicht, mar a chuir i mar fhiachaibh air, lorg a dheanamh air bàta nan saighdear aig Lusaiddh, far na libhrig e litrichean-rùin d'an ceannard.

Cha robh am fear-airm sin gun bharantas air na dh' earbadh ris. Bha e ri priosanach a dheanamh de dh' Iain Ruairidh air an oidhch' ud. Co-dhiùbh, rinn Mairearad an gniomh sin a chur air a mhanadh. Agus cha robh beag meachainn ri 'bhuaireadh ciamar a bheireadh e gnothuch gu ire.

Bha fiamh is faiceall a-measg nam fineachan Gaidhealach 'san àm. Agus a dh' aindeoин comhairleachadh Fhir Chul-odair, bha teachdairean nan Stiùbhartach a sior bhuinnig. B'e sid an t-aobhar a chuir Mairearad Nic Uaraig air turus cho cudthromach. Theireadh Iain Piobaire airson sin-is cha b'ann air luimead a bheachd a bhitheadh e-gur h-ann a bha i fo rùn-falaich air los Iain Ruairidh. Agus ma dheònaich i rioba chur mu chasan, có do'm b' fheàrr do'n tigeadh loinn a chur air teanachdas, na nighean Mhic Coinnich, Eilean Donnain? Oir thug dàn is tubaiste nithibh mu'n

cuairt, air an dearbh oidhch' ud, a dh' fhoillsich sealbh a h-àraich 'sa daoine dhith na'n do ghabh i cothrom air.

[TD 194]

II

Mar a bhrist a' naigheachd bho lùib bial-aithris, dh' fhàg Mairearad Tigh Mór Laobhras fada mun a dhùisg duine bha stigh as an ciad-chadal; is chuir i, le cuideachadh rathaid bho'n Ridire fhein, srian air each a dh'ionnsaigh Aird an t-Strath'. Oir chual i gu'n robh Alain Camaran-tosgaire teuma nan Stiùbhartach-a' gabhail aoidheachd an tigh Mhic Ionghuinn.

"B' fheàrr lium nach d'fhàg thu Laobhras air a' cheann so de'n oidhche," labhair an Ridire, nuair a bha iad a' teannadh ris an t-Sithean.

Thionndaidh Mairearad sùil ghrad 'na rathad mun a dh' fhoighnichd i dé bha cur dragh' air.

"Dh' innse na firinn," fhreagair e, "cha robh agam riamh mu fhalbh na h-oidhche air an astar so."

"Ciamar sin?" dh' fheòraich i, mar gu'n tigeadh athadh oirre.

"Tomhais dé an t-ainm tha air an àite so!" thuirt e le guth fo anail.

"Cha'n urrainn domh," thill Mairearad gu h-ealamh "Ach cha chuireadh e annas orm," lean i oirre le gàire cho cridheil 's gu'n a dhùisg e Mac Talla bho leaba nan creag,—"ged a thigeamaid air bothag nam bana-bhuidseach, is caiginn chat aca 'gan ròsladh air earbuill ri slabhraidi. Tha e uaigneach gu leòr airson ana-cneasdachd 'sam bith. Ach dé their thu ris?"

"An Sealbh 'ga d' ghleidheadh!" fhreagair an Ridire. "Bidh sinn an ceartair aig bealach an t-Sithein. Agus gun fhios nach gabh thu eagal, tha e cho math dhomh do chur 'na t'fhaireachadh gu' bheil iad a'

[TD 195]

faicinn rud mu'n cheàrna so bho chionn ghoirid. Ach tha mi 'n dòchas gu' seachainn e sinne."

"Cha'n e sin domhs' e," leasaich Mairearad ann am beadradh còmhraidi. "Feumaidh mi tòiseachadh ri iadach riut."

"Dé nis' is ciall dhut?" chaisg an Ridire 's e gléusadh a chridhe ri sodal nam facal.

"Dé," arsa Mairearad 's a h-aigne ann an glac na h-aimlisp, "ach gu' bheil eagal ort gu'm faigh do shuiridhe chlaon a-mach thu."

"Cha'n 'eil mi——"

"Nise," chùm Mairearad roimhpe, "tha thu làn ceasaid. Cuiridh mi geall gu' bheil leannan-sithe agad; is tha thu airson a cumail am falach orm."

Chuir an Ridire seòl air a tagradh àicheadh cho sgiobalta 's a leigeadh a beurradaireachd sin da. Fhuair iad seachad air an t-Sithein gun fhorphas sam bith. Ach air dhaibh tighinn mu leith-chiad slat do dh' eaglais

Chille-chrò, thòisich an dà each ri 'n cluasan a thogaíl 's a mhaoladh: ianraigean nach robh gun bheag cùraim do'n Ridire Tholmach. Oir bha gléus air a mheomhair gu'n robh an dà shealladh aig each. Co-dhiùbh thig an togradh sin ri mènran an dearbhaile no nach tig, cha chuir gogadh nan ceann iomall air. Ach thig àm is àit' air uairean anns an gabh an inntinn ceum-seòdail. Is buinidh e do dh' àrach na cogais ciamar a thig an dùsgadh ri ar càil.

B' ann air a' mhodh sin a dh' éirich an smuaint air an Ridire 'thug e le sitheadh nan deich-bliadhna-fichead air ais. Bha 'm fuar-fallas a bha bhristeadh air a

[TD 196]

bhathais a' deanamh fianuis nach robh aigne sùgrach.

Leanamaid car tamuil, an rùn a thug Iain Piobaire mar leisgial air na dh' aithriseadh mu thimchioll, is gheibh sinn earras ar naigheachd. Ach cha'n ann buileach 'san dòigh sin a thachair an tinnseodal, no a chaidh inntinn an Ridrie Tholmaich air turrag na h-òige 'dh' ionnsaidh aonaichean fàs Ghlinn Shuardail. Thainig iomadach nì a-stigh air-thainig agus caochladh bheachd anns an tig béud ri iomradh.

Deich-bliadhna-fichead. Is móir an ùine sin ri amharc air ais. Ach is goirid e, ann an da-rìribh, ma tha cogais fo shréin aig achmhasan. An e sin a dh' ùraich am beachd ann am broilleach an Ridire? Oir an ann a-chionn 's gu'n robh cuimhneachain éigneach air gach laimh 'ga dhìeadh, a bha shùil ag iarraidh bho reiling nam marbh ri thaobh,-far an d' fhuair òg-bhean do'm b' aithne dha fois,-a dh' ionnsaidh teallaich a h-àraich mun do dhrùigh sùgradh foill air a cridhe maoth?

Brist iomadh seòl-casaid air clàr-cùil na cuimhn' aige; ach cha robh nì idir a thug fàsgadh air a' chridhe bh' ann, mar a rinn càradh Oidhrig Ni'n Dòmhnuill. Deich-bliadhna-fichead! Gidheadh, bha cruth na tràtha sin mar thionndadh duilleig da inntinn; is lorg e cùis-bhrath air nach d' rinn aog no astar sgaradh. Deich-bliadhna-fichead! B' e sin an dearbh ùine bho'n a choinnich e ri bean-chagair a mheallaide. Ach ma dhiùlt e leasachadh a dheanamh air eas-urraim a h-earbs' ann, cha robh éirigh no 'laidhe gun mollachd bean-diòlain 'na chluais. Agus theireadh cuid nach b' ann

[TD 197]

aon uair, no dà uair a thug i sàrachadh slighe dha. Oir ged a dh' fhàg i fearann nam beò mu'm faca gineal a h-aomaide an saoghal, bha iad air bhrath do'm b'aithne àbhaist a dol mu'n cuairt 'san spiorad. Chitheadh iadsan air an tuiteadh an t-anamoch i 'na guraban air bearradh os-cionn Ghlinn Shuardail, bréid air fiaradh mu ceann, is i turraman le truimead a h-àmhghair. Ach tha esan air nach d' rinn ceann-seanachais iomrall, a' toirt cunntais nach d' rug an oidhche riamh air an Ridire Tholmach mu Chille-chrò gun bhoirionnach a bhi toirt tàire dha ann an caochladh riochd.

III

Ged a ghabh mi barr-ùine 'cur nam beachdan so air suim, thainig iad a dh' ionnsaidh an Ridire cho grad ri lasair a adhar. Dlùth da làimh bha cheart ionad far na thàlaideh e Oidhrig le gealladh gaoil; agus am bothan beag anns an tug am bàs dhith faochadh bho eas-chliù a h-eiridinn. Ach am

mollachd a ghuidh i air ùghdair a léiridh mun d' fhàg i an saoghal, cha do leig a h-aon a chual e air di-chuimhn.

Ma chreidear iadsan do'm b'aithne beachd is beurrachd a chur an lùib bial-aithris, thainig buil air a mollachd fad lath' agus linn. Oir cha b'e an Ridire Tolmach a-mhàin-ged a b' esan an coireach-a chreanaich air tathaich an t-Sithein. Ach bha 'n sgire 'cur air a mhanadh gu'n deanadh i an gnothuch air uair no uaireigin. Is mar a bhios an uair a' ruith gach duine, rug an dearbh smuaint air an Ridire, cia luath 'sa ghabh na h-eich a' chiad chlisgeadh.

[TD 198]

Thainig an dà mharcaiche mu dheireadh suas ri clisneach a' chladha-Mairearad Nic Uaraig cho sunndach, glic ri comhachag 'si faicinn taibhse: an Ridire agus truimead a bhàis a' ciaradh mu aigne.

Thug e sùil 'san dol seachad. Ach ma thug, chunnaic e slaod mór, dubh, le uchd air balla chladha mu choinneamh, mar gu'm biodh e 'ga fheitheamh 's 'ga chaithris.

"Dia 's an eadraigin!" ghuidh e 's e toirt sréine d'an each. Ach mun do thuig Mairearad gu'n robh ni as an rathad, chunnaic i an Ridire 'tuiteam an comhair a chinn.

Nise, bha 'n òigh ud aineolach air gnè geilte, no eagail. Ach nuair a mhòthaich i aonaranachd nan sliabh mu'n cuairt dhith, thainig taiseachadh neònach air a cridhe. Gun teagamh bha gealach air boisgeadh 'san adhar. Ach cha robh sin ach a' liadachadh uaigneas a' għlinne far an sineadh an dubhar a chiasan.

Dh' amais i airson sin air a tapadh. Oir ged a ghabh i athadh nuair a thuit an Ridire dheth 'n each, leum i gu grad far an robh e nise 'na laidhe, is e gun eang ri għluasad aige. Bha de mħisneachd aice na chuir a làmh air a chuisse.

Ge b'e dé chunnaic e, no dh' aobhraich a chrioch, bha' 'n Ridire Tolmach marbh.

Shaoileadh fear meachainn gu'n cuireadh suidheachadh de'n t-seòrs' ud cùram air gaisgeach, gun tighinn air òigh nach do dhealaich fhathasd ri aghartas a dreacha. Ach cha do chuir e an tilleadh bu lugha ann am Mairearaid. Oir bha cudthrom a ceann-uidhe 'tagairt

[TD 199]

dleasanais eile. Gidheadh, cha robh i cho coma 's gu'm fàgadh i corp gun fħrithealadh, na'n gabhadh sin deanamh.

Thug i sùil ceithir thimchioll an geall air fios gu'm faiceadh i collas tighe 's an astar. Is chunnaic, i thar-leatha, solus beag, mùgach gun a bhith ro fhad' air falbh. Ann an tiotadh, thug i an t-srian a ceann an eich is rinn i déubhann da.

Air dhith gabhail aig an each, chuir i aghaidh air rathad an t-soluis. Is ged a chaighd i, ach gann as a cnàmhan 'ga iarraidh, thug i mach e air a' cheann thall. Fhuair i bothan beag cheap mu 'coinneamh, is cliabh le taosg mòine 's an dorus.

Cha do dh' fhuirich Mairearad ri fàilt no fiathachadh, ach an cliabh a thogail gu taobh is gabhail a-stigh. Tha e collach ge b'e có do'm buineadh an fhàrdach, nach robh an dà chabhag cadail orra. Oir bha cailleach mhór liath 'na seasamh air teis-meadhoin an ùrlair, mar gu'm biodh i ach air tilleadh bho'n bhlàr-a-muigh.

"Có as a thug a bhana-choigreach a' coiseachd?" dh' fhoighnichd i de Mhairearaid ann an guth nach robh idir mi-chàirdeil.

"Cha'n e breithneachadh cheist a chuir an so mi," fhreagair Mairearad gu h-ealamh. "Tha'n Ridire Tolmach 'na shineadh ri taobh an rathaid gun deò ann. Seall as a dhéighinn. Oir tha agam-sa ri cumail romham do'n Aird."

"Có thusa?" thuirt a' chailleach gu grad. Oir cha do chòrd dol-a-mach na té eile rithe.

"Cha'n ann a' tairgse droch fhreagairt a tha mi,"

[TD 200]

labhair Mairearad. "Ach shaoilinn——"

"Coma lium dé shaoileadh tu!" chaisg a' chailleach le gruaim 'si tilgeadh a bréid de ceann.

Sheas i eadar Mairearad 'san dorus mar gu'm biodh brocail a' feitheamh cùirn.

"Coma lium-sa dé a shaoileas tu," lean an t-seana bhean air aghart. "Ma thug do dhàndas thar an rathaid thu, cha chuir e cho soirbh air ais thu. Dé a chanas iad riut?"

Chunnaic Mairearad nach robh math no crion ann a h-ainm a chleith, is fhreagair i: "Mairearad Nic Uaraig."

"Mairearad Nic Uaraig!" dh' aithris a' chailleach. "Thusa, nighean an Dotair Mhic Uaraig a bha'n Dun-éidionn?"

"A' cheart té," fhreagair Mairearad air bheag fios gu'n robh i 'san àm a labhairt ris a' bhean-ghluine a chuir-as do bhana-mhorair' Eilean Donnain; agus mar sin da màthair.

Ach 's aithne dhut an eachdraidh.

"Mairearad Nic Uaraig!" thuirt a' chailleach a-rithisd agus a-rithisd. "Nighean—ach stad ort!" labhair i mar gu'n tigeadh rud ùr 'na h-inntinn. "A' bheil fios agad có is daoine dhut?"

"Cha'n ann a shireadh eòlais air sloinneadh a dhubb mi 'ur fàrdach mu'n taca so 'dh' oidhche," fhreagar Mairearad.

"Na'm biodh fios agad có thu," bhrunndail an t-seana-bhean, "cha b'e sin port a chluicheadh tu. Ach siubhad! Tog ort! Na'n d' fhuair mac Fhir

[TD 201]

Eilean Donnain fad-saoghail, thug mi sgial eile dhut. Leigidh mi mar sin cead t'aithis leat."

Ghabh Mairearad amharus gu'n robh diomhaireachd fo'n ian aig a' chailllich nach robh idir cneasda. Ach is beag a shaoil i gu'm buineadh a bhrigh ri tùs a beatha fhein. Ma thainig treòir 'sam bith da 'rùn, 's e gu'n robh an seann bhoirionnach ud air seilbh aobhar a ceann-uidhe, no ma-dh' fhaoide de 'n bharail gur h-i chuir crioch air an Ridire Tholmach.

#### IV

Dh' ainmich Iain Piobaire nach robh Mairearad idir duilich gu'n tainig bàs cho obann air an Ridire. Agus thug e am beachd mar an ciadna gu'm b' urrainn a' chailleach innse c'ait' an robh i nuair a bha na marcaichean a' dol seachad air eaglais Chille-chrò Oir cha do leig i riamh as a h-airé gu'm b'e foill an Ridire Tholmaich a chuir Oidhrig a h-ighean le cridhe briste do'n ùir.

Co-dhiùbh, dh' fhàg Mairearad a' chailleach ann am bun a' chuirp. Ràinig i tigh Mhic Tonghuinn na h-Airde far 'na ghabhadh rithe le furan is briathrachas. Mun a thuit an oidhche rithisid air Glàmaig, bha i 'teannadh air Caisteal Dhun-bheagain.

Thng Iain Piobaire an t-iomradh sin mar leisgial air na dh' éirich do dh' Iain Ruairidh. Tha e ri aithris cuideachd gu'n d' rinn Mungan Tuathal a rathad do Dhun-bheagain air seòl eile. Oir b' esan a' mhàthair-aobhair a thog buillean na tuasaid eadar na Leòdaich agus Iain Ruairidh 'sa sgioba.

[TD 202]

Ged a tha'n earrann so rudaigin car mu sheach 'san deilbh, roghnaich mi cumail ri m' oide. Theagamh gu'n ruitheadh an dlùth na b' fhearr dhe'n iteachan na'n do chum mi fàireadh air Iain Ruairidh, bho'n a dh' fhàg e Cnoc nan Curran gus na thuit e ann an làmhan saighdearan ruadha Ghlinneilge.

Air dha-san an t-amharus a ghabhail gu'n robh cuideigin air shiubhal d'am freagradh currachd a' bhrathadair, rinn e, thar-leis, air a' cheàrna bho'n dual e an fheadaireachd. Ach cha b'e Raitean an giadh air an tigeadh lugais a dhìdeireachd. Dh' fhuirich e air a chois-cheum gus an tug Iain Ruairidh an aire dha. Agus, mar a bhios am fear sin air an dean braidean greim, thionndaidh e air a shàil a dh' ionnsaidh Port Mór Lusaiddh. Cha luaithe chunnaic Iain Ruairidh e toirt nam bonn as, na rinn e as a dhéighinn cho teann 's a bh' aige.

Ged a bha Iain aineolach air có bha e ruith, is math a b' aithne do Raitean có roimhe bha e teicheadh. Ach fhuair an aimilisg, ach gu sonruicht, buadhan Mairearaid, a leithid de làmh-an-uachdar air, ionnas nach robh ni 'san amharc aige, ach Iain Ruairidh a chur far am moladh an òigh ud a thapachd fhein.

Cha deachaidh innleachd an aghaidh a chuilg dha. Oir chum Iain an siar sin mar nach biodh earras air ceilg 'san t-saoghal. Rinn Raitean direach air far an d' fhàg e na saighdearan ri port. Thug iadsan an aire dha a' tighinn; is leum coig no sia dhiubh air tir.

"Tha fear a tha dhith oirbh ga mo ruith," thuirt e fo anail; is, gun fuireach ri freagairt, lùb e tarsuinn

[TD 203]

iochdar Rudha Lusaiddh far an d' fhuair e àite-falaich.

Ach cha bu bheag riasladh an aithreachais a ghabh e, nuair a chunnaic e Iain Ruairidh 'ga thoirt air falbh na phriosanach aig na saighdearan. Oir thainig rudaigin a-stigh air 'san àm gu'n a chuir Mairearad druidheachd air. Is ged a rinn e na rinn e chum ise thoileachadh, cha robh de chion-mothachaидh air na chuireadh a ghniomh an àite molaidh da chogais.

Dé dha sin do dh' Iain Ruairidh, is e nise le éill mu chaoil-dùirn an ceangal? Cha b'ann, airson na cuid sin deth, gun a' chaonnan chruaidh a leagadh a dhruim ri talamh. Mar a leanadh an sgial, rinn e an gnothuch air an fhoill a chuaich e, mur a bitheadh gu'n a bhual fear de na saighdearain buille de ràmh 's a' cheann air. Nuair a thainig e ga ionnsaidh fhein a-rithisd, bha e 'na shìneadh air ùrlar bàta, is spionnad nan ràmh a' toirt càir roimh 'cuinnein.

Tha facal na cainnt againn ag ràdh nach robh saoidh gun a shàrachadh. Ach tha facal eile ann a' canail gu'n téid seòltachd thar spionnaidh. Chuir Iain an dithisd an eagaibh a' chéile; is bha shaor-sa mar bhuil air a thapadh.

Nuair a bhios an com fallain agus an spiorad easgaidh gheibh ceatharnach oilean air furtachd. Ged a bha Iain fhathasd a' faireachadh a chinn cho trom ri cruaidh air ceann déile, thuig e gu math nach robh leòn ciùirte air a shiubhal. Thug e an aire cuideachd nach robh ach a làmhan a-mhàin an ceangal; is bha sin fhein cho las air gabhail aige, 's gu'm faodadh e an sriucadh a greim nuair a thogradh e.

[TD 204]

Dh' aindeoin a mhisneachd, bha làn fhios aige nach faigheadh e làmh an uachdar air sgiob' a' bhàta le tuasaid. Ach bu bhrod an t-snàmhach e. Is na'n rachadh aige air a' bhàta chur thairis, cha robh an teagamh bu lughann nach ruigeadh e cala. Smoointich e air an àsaig a thoirt aisde; ach bheireadh i cho fad air liónadh 's gu'm biodh an leasachadh gun dragh. Ach na'n amaiseadh e air déile 'sprraigheadh, bha 'n gnothuch leis.

Thionndaidh e 'san gniomh so 'na rùn-gu socrach, fiataidh creid e-gus an d' fhuair e 'chulaobh ri taicse. Chuir e chas eadar dà rang far an robh ceann-déile air a teòmadh, is, le aon spionnad, sgiab e mana-bhòrd as a' chéile. Bhrùchd an t-uisge stigh 'na mhill; ach mun a sheall iad bhupa. bha'm bàta gu bhi fodha.

Dh' éirich an tubaiste so nuair a bhiodh iad mu choinneamh Phlàmarscaig. Is ged a bha iad na bu lughna tri chiad slat bho thir, chailleadh iad uile ach Iain Ruairidh.

Bha Iain Og dhe 'n bheachd nach b' ann le bàthadh a chaidh iad a-dhìth. Thug e mar urras air a chreideamh, gu'n a rannsaich Raitean a-mach an sgioba bh' aig Sgeir-na-h-Oitreach, nuair a chunnaic e Iain Ruairidh an greim aig na saighdearan. Is air dha an dearbhadh a chur 'nan cead, thug iad gu muir leis an sgoth chaoil. Bha Iain Og dhe' n Bharail cuideachd gu'n a bhual bàta nan saighdear air an sgeir sin, ris an canair Bogha nan Sasunnach an diugh.

Fhuair fir Bhreacais is Iain Ruairidh a-mach a' cheile co-dhiùbh. Agus air dhaibh leisgial a chur gu taobh, chluinnte iorram nan ràmh aca 'togail an astair a dh' ionnsaidh dùthaich nan Leòdach.

[TD 205]

## CEOL NAN CLAIDHEAMH DEARGA

Ge b'e bhios na fhear-muinntir aig an t-sionnach, feumaidh e 'earball a ghiùlain  
—SEAN-FHACAL

Fhuair marbhanaich na h'oidhche Flath-mòr nan Leòdach air binnean àrd a chaisteil; is tagradh trom-chnuasachd a' cur aigne air allaban. Bha fia nan nial mu 'n cuairt; gealach ùr air a coinnil; is sineadh nan tonn a' righeadh a' chladaich.

Caisteal Dhuin-bheagain! Có d'an aithne eachdraidh do bharrabhall liath-ghlas; no dubh-sgial nan aimsir anns an d' fhuair beus nan sleagh an sàth? Nach e so a' cheart ionad-an àm gleidheadh nan dorsan-far 'na shloinn seanachaich aosda, gineil nan teaghach?-far 'na chuir clàrsairean trom-ghuthach, cliù nam fear fial ri fonn?-far 'na chruthaich cliar nam piobairean, cian cheòl a tha fhathasd mar ghléus an co-sheirm nan linntean?-agus, cuideachd, far an d' fhuair aoidheachd, aig tràth, a duais ann am biodag nimheil an fhir-cheilge?

Fhreagair Mac Leòid nan Leòdach na ceistean 'na rùn. Is dh' éirich saobh-shruth 'na inntinn a thàlaidh gniomh-cuimhne nan sonn mu choinneamh.

B' iad sid-ann an seadh, 'san ioma seadh-làithean nan éuchd 's na h-anacair. Ach nach faod iad amas a-rithisd? Is ann an tigheachd a smuainte, chunnaic

[TD 206]

e sac-neòil nam blàr am bagairt-bristidh air beinn is coire. Aon uair eile, 's bheir luath-chasach ionraic, teine-rabhaidh troimh fhireach nam foill 's thar uillt 'nan tuil. 'S an uair sin, bidh caitean nan tonn a' flodradh baic-bhord nam birlinn; is fir ghuineach nan Eilean a' togail iorram nan ràmh. Ach dé ma bheir fir-gharga Bhàideanaich dhaibh crathadh-dhòrn na h-eascaraid? Nach 'eil fir-fhéitheadh Loch-ialla, le faire-feachd 'nan gruaim-iad a' gleidheadh nam bealach, 'san gàirdean a' fàsgadh dion-bheairt nan claidheamh? A-mach bho thuath nan gleann pasgach, éirigh aislingich cholgarra; is fir-dhearbhta nam fuar-fhuil, a bhios cuimseach 'nan righe. Suas! Suas! thar cinn-sgòrra agus mhullaich, cluinnear caismeachd am bial-siubhail na h-oiteig; is ùraichidh càil nam fear-brasa air son éirig fola!

Mar bho iochdar nan cian, séididh bron-sgal nam piob;  
Is cumaidh siantan air mhire gairm-tionail nam feachd.

Pìob nan dos fuaimneach? A-ha! Tha caithream clia-lùth Mhic Cruimein da-rìribh 'na chluais. Dhrùigh a cheòl eagnaichd air a chridhe gu buileach. Is ann an tiotadh, dh' aisigeadh a spiorad a dh' ionnsaichd sioladh nan cluan-far nach tuig ach Gaidheal a-mhàin, an sgial-diomhair tha aig a' phiob ri aithris.

Nach 'eil cian a' mosgladh fo 'geasaibh, 's a' toirt foghluim as ùr, air eòin-bhiadhta nan closnach; is ròic nam madadh air cairbh nam fear-catha? Eisd a-nise ri cruidh-shlaiceadh nan sleagh; is còmhrag nan cunnartan fuilteach. Sin i rithisd-Buille neairt!

[TD 207]

Buille-dheas! Buille-bhàis! Seadh! Uillt a' tòiceadh le fuil; raointean cnapach le cuirp; farum nan lann a' sàthadh nan ceann, gliong nan clogad

'gan sgoltadh; an nàmhaid a' tarruing 's a' ruaig; ròmhan nam fear-leòinte, agus an t-ian-dubh 'sam fitheach a' feitheamh ri fuigheal nam blàr.-Cliù! Cliù!-cliù nan sonn mòr 's a' bhuan-strith; fanaid na targaid air claidheamh; buille-biodaig air uchd curaigh; agus duinealas nam fear-òga-b' e so gnàths an t-saoghaileadh a dhùisg Mac Cruimein le phiobaireachd.

Bu gnè le Mac Leòid, 'san àm, an dealbh ioma-chruthach a leantuinn. Ach thug e 'n aire do dh' each 'na chruinnleum, is duine 'ga mharcachd, a' deanamh direach air càdha 'chaisteil. Ghairm e gille-feitheamh gun dàil; is chuir e 'na chead, am fear-turuis a' choinneachadh le aoidheachd na h-àbhaist.

Goirid an déigh so, thearnaich e fhéin a dh' ionnsaidh na talla-móire, far an robh fleagh fialaidh an còmhnuidh sgaoilte; sgeòil 'gan innseadh; òrain 'gan seinn; piob 'ga gléusadh; gill churaidh air bòidhchead; is beaddradh diomhair ghruagach. Bha comhart a' mhial-choin air fhaiceall; dùrdan na h-abhaig 's a' chùil, is gnòsad an t-srònach-luirc ri chluinntinn thall 's a-bhos. Sùil mu chuairt nam ballachan, chítar an dòrnach air spiris an crochadh; an t-sleagh throm, 's i fiarach air cromaig; an lann ghiar ri taobh na sgéithe, is an claidheamh mór 'na laidhe air sorachan.

Ach có i a' chearna nach cuala cliù-aithris na 'Talla bu ghnath le Mac Leòid?' Nach 'eil e fhathasd 'na shean-fhacal an àm bristeadh nan sgial aig céilidh, mar is minig a thug cruitear nan dàn fainear?

[TD 208]

II

Bu ghille-turuis, Rob Crotach, air ùr-thighinn; 's chaidh a thoirt a-stigh le fàilte a dh' ionnsaidh aitreach an t-seadhachais.

"Cia as a thug thu do mharcachd?" dh' fhoighnidh Mac Leòid, 's e 'ga smèideadh gu taobh.

"Gheibh sibh leisgial mo ghnothuich ann a' so," fhreagair Rob Crotach a' libhrigeadh litreach. "Agus tha 'brigh 'n 'ur cead."

Léugh Mac Leòid an litir.

"Thoir beannachd bhuam-sa do 'n Ridire Tholmach," labhair e sin le mùchadh feirge. "Ach innis dha: ge b' e a' bhòid a bheir Mac Leòid, no am facal a thug e 'n Dun-éidionn, nach 'eil e 'n rùn an seachnadh aig lath' an dearbhaidd. Air son sin deth, na leig dhomh a dhi-chuimhneachadh gus a' bheil gille-gnothuich mo nàbaidh air adharc a cheann-uidhe," agus dh' fhàg e Rob Crotach ann an comun cuaiach is cuideachda.

Cha do dh' fhuirich Mac Leòid ro fhada ann an talla-na-cuilme. Chaidh e mach; ach cha b' ann gu gabhail mu thàmh. Oir bha luasgan air aire 'chuir iomchoir an àite cadail.

"C'arson a' tha'n Ridire Tolmach a' cur Mhungain Thuathail 'nam chomhairle-se?" chuir e ris fhein air seòl agus a-rithisd. Ach mu'n tainig co-dhùnadh gu bith, có 'bha ri 'chrudha gu bog, balbh ach Mungan-bodach-earraig Foirbeiseach Chul-odair airson na bha dh'fhiös aig Mac Leòid air a' chaochladh.

"'S ann ort direach a' bha mi tighinn an ceartair!" thòisich Mac Leòid mur nach cuireadh Mungan a bhi

[TD 209]

'san làthair, an t-annas bu lugh' air. "Ach ciamar fo adhar nan rionnag a thainig thu'n taobh-sa? Agus c'uin?"

"Mu tà!" fhir-Dhuin-bheagain, labhair Mungan gun a cheann a shnaoitheadh-oir 's ann ri ràdh ribhs e-cha'n ann a' toirt droch fhreagairt a tha mi; ach na robh fios-nam-fàth agam, cha b' e gille beurrach an Ridire Tholmaich, a thug fios-fuadain an toiseach do cheann-cinnidh nan Leòdach. Biadh sin mar a tha e. Cha'n 'eil a' chlach na's dlùithe do'n lèr na tha cobhair Choibhi. Tha direach-seadh!—tha latha na mi-thlachd teann air làimh. Ach 's e guidhe nan càirdean nach faighear Mac Leòid ann an coileach an t-struith. Creidibh——."

"Bial-sios air do theangaidh!" chaisg Mac Leòid gu grad-ghuthach. "Bheir fionnaireachd binnean-freadhairc a' chaisteil solus dhomh, 'nuair a bhios iomairt toile an teagamh. Thig lium!" agus rinn iad le chéile ceum-cabhaig an diridh.

Air dhaibh an taicse 'leagail air an uchd-bhalla, chaidh iad an ceann còmhraidh a bha, araon, eagnaidh agus faileasach.

"Tir-nan-Og!—An e thuirt thu?" labhair Mungan anns an dòigh 'san deanadh bàrd strith ri druid-smuaint—"Is seilbh an fhior Ghaidhil i. Oir ann a' sin, tha inneil-sheilg is thuasaid air sparran na sìth' an crochadh; suinn aig cuilm nam buadh; am fìon donn-dhearg, bideanach, clis, gu pailt a' struthadh; i! sligean-cinn a' naimhdean, mar rogha nan cuachan-òil s Saoilidh mi gu bheil spiorad na taibhs ga mo chur

[TD 210]

thuige. Dé 'tha soillse a' deanamh air gualainn a' bhruthaich ud shuas?—Rabhadh, gu bheil eòlaich, is càirdean a' falbh fo iùil a' chrois-tarra, 's a' luath-ruith gu rathad an dealachaидh. Fiathach, 's mar tha'n oidhche, cluinnidh mi siabadh na h-osaig o'n mhór-thir, is bròn na h-ionndrain 'ga h-iomairt. Ach c'arson?—A! Leònar an triath òg 's a' chath. Gheibh am bàs a chuid fhéin—an tosgaire minig nach seachainn rìgh no tràill. Eisd! Tha caithream aig siantaibh siùblach a' giùlan a spioraid thar aiseag nam marbh——."

"Agus," thuirt Mac Leòid le an-fhoighidinn, "aig ceòlraidh nan seanar a' toirt fàilte da dhreag a dh' ionnsaigh Innis-nam-flath!"

Ach dhealaich iad mu dheireadh ri nàisinn cian-as nan linntean. Agus tha nis an seanachas air an teachd aireachd dhiomhair 'tha ruith eadar fir fhearuinn 'san luchd-dàimhe, ach gu sònruicht air an Ridire Tholmach agus an turrag a dh' éirich do 'n Ogha Mhór 's do dh' Iain Ruairidh an Lunnain.

"Tha e fior nach fuiling onair clùd, mar a thubhaint sibh," labhair Mungan gu cealgach, tiamaidh. "Ach seallaibh air aimhleas nan tubaistean-foill, a dh' fheumas a bhi lorg buaireadair fola, is ceannairc na h-aramach. Oir cha leig aidmheilich a' Phrionnsa 'leas dùil a bhi aca ris a' chaochladh."

"An e sin rùn Mhic-Shimidh?" cheasnaich Mac Leòid le amharus. "Tha fios chean' agam dé 'm port a th' air meòirean Foirbeiseach Chul-odair."

"Cha'n ann le àbhachd a' chaislichear do Mhac Leòid a leabaidh. Ni momha na sin, a shìneas Mac-

[TD 211]

Shimidh làmh na h-airce do chridhe na circe."

"Fàg deothal nan dubh-fhacal aig do sheanmhair, sìth gu'n d' fhuair i!" thuirt Mac Leòid le gruaim. "Innis dhomh dé tha'm beachd nam Frisealach a dheanamh."

"Direach so!" fhreagair Mungan 's e giùgail-glic, mar gu'm biodh sagart is eallach leabhraichean air—"Direach so!—Faodail nan cron fhàgail fo thiùrra bharr-a-làin. Is cha'n ogha 'n t-seanair thu, nach dean buil do dh' fhios-fa-leith. 'Nuair a chi thu Maireadar Nic Uaraig, tuigidh tu earail dùrachd an duine-ghlic da charaid."

Thug Mac Leòid sùil air fhiaradh-seòlta mar fhiosaiche ri fanaid.

"A-chionn 's gu bheil t'eòlas a' cur bacail air t'abartachd," labhair e gu slim-ghuthach, "cuiream thu fhein a-nise 'na t'fhaireachadh! Is math a rinn thu tarruing asam. Ach cha bhi faiteas air Mac Leòid 'nuair a thig fàs air a chirean, agus rud 'na char nach còrd ris. Mar sin! 's dòcha nach bi 'n oidhche idir cho righinn, 's nach glac bial-gormadh a' latha thu, is sùgan mu t'amhaich ri taobh-àrd na clisнич!"

"Faire! Faire! fhir-Dhunbheagain!" dh' éubh Mungan, 's cha b'ann gun athadh. "Tha e coltach gur h-e 'm beag an leisgial a bheir a' chailleach do 'n chladh—"

"Gonadh ort fhéin, 's air do shean-fhacail!" mhionnaich Mac Leòid 'ga stad. "Ciamar a tha Cloinn 'ic Fhionghuinn an t-Strath?"

"Tha direach-tha iad dubh is dona, mar a bha

[TD 212]

casan Uisdein. Ach cluinnidh tu 'n còrr bho Nic Uaraig."

"An tug thu tarruing a-rithisd oirre? Có ise?"

"Sin thu nise! Thalla! Có gu dearbh! Có, ach bana-charaid Mhic-Shimidh-teachdaire diomhair Dhiùc Earraghaidheal-driod-shuileach chlaon Righ Deòrsa; agus orra-ghràidh nam flath, maille li iomadh ainm is far-ainm eile."

"A' bheil i thar aois pòsaidh, a Mhungan?"

"Cha'n òigh gun mhealladh a th'ann a' Nic Uaraig."

"Co dhiùbh: 's i bhios ann 'nuair a thig i!" dh' atha-leasaich Mac Leòid le snomha gàire, chuireadh farmad air Conan.

"Mu'n dubhairt sibh, Fhir-Dhunbheagain!" dh' aontaich Mungan, is giorag an t-sodail a' deanamh fadhairl da sheòltachd. Tharruing e ceum air falbh; ach dh' fhuirich Mac Leòid 'na thosd, 's a chorrag air 'fhaiceall.

Bha nis an oidhche air ruith gu deireadh; is féisdirean a' chaisteil air poca-cadail, bho nach cluinneadh Fionn piobaireachd, ach mar ghaoir sheillean. Bha Rob Crotach, le each is taod mu chluasan, a' deanamh

tillidh gun chabhaig do'n t-Strath. Greis 'na dhéigh, thràigh Mungan Tuathal deoch-an-doruis a làimh Mhic Leòid fhéin, gun fiù 's am fios a mhalairt, gu'n robh sgioba 's birlinn 'ga fheitheamh aig bun Loch Ghrisirnis.

"Cha do dh' fhalaich càrn madadh-ruadh a bheireadh an car a Mungan, ge b'e có 'n riaghach is daoine dha!" mhonbhuraich Mac Leòid fo 'n aisne 'san gineadh am fear-crosda mionnan.

[TD 213]

Thionndaidh e a-stigh air ais da chaisteal; ach b' ann le bruaillean a chuireadh am mac-mollachd a dh' fheadaireachd. Smàd e Domhnall Mac Leòid a Ulinis-fear de chinn-uasail air a chois. An déigh cleas an t-sealgair earbs as, chuir e mar fhiachaibh air fhein 's na leanadh e, lorg is fàireadh a chumail air Mungan.

Ach mun a thachair dhaibh bacadh a chur air a ghlumasad, no tilleadh air a theangaidh, bha Mungan an déigh cogar na h-aimilisg a' leigeil mu-sgòid air feadh feachdairean a' chaisteil. Thug e, ma's fhior, rabhadh àraaid gu'n robh buidheann de Dhomhnallaich Shléibhte air los tuasaid 's an astar. Cha luaithe dhùisg e an t-amharus na rinn àireamh de Shiol Leòid air ceann-aghairt am brosnuchaidh. Is mun d' fhuair iad a-mach gogaireachd an turuis, bha iad 'a cur chlaidheamh air faobhar ri Iain Ruairidh 's a sgioba.

### III

Bha 'n iarmailt fhathasd cho bàlbh ri corp 's an ceann deth. Tha cuimhn-aithris a' toirt cunntais, gur h-ann air a leithid eile dh' oidhche, a thainig Rath-mór-a'-spuinnidh bho Lochlunn, mu thuath! Cha robh de dheò a adhar, na ghluaiseadh topan a' chanaich. Is gann nach cluinneadh fear-aire cogar na caillich-oidhche ris an dialtaig, 'nuair a phriobadh a sùil leis an taibhs: Fuil! Fuil! Tha latha na dò-bheairt tharainn!

Fad finn fuaineach na h-oidhche, chitear gilleann-greasaidh, is coise, air rathad Dhun-bheagain-a-measg chàich, Mairearad Nic Uaraig. Coimhead a-nis i ann

[TD 214]

an diomhair-comhairle ri ceann-feadhna Shìl Leòid. Mo thruaighe! Ma thréig Mac Leòid a ghealladh, cha do dh'aom e a dh'easbhuidh rùn-casaide. B' ainnir nan dreach, teachdaire Foirbeiseach Chul-odair. Is có e am fear sin air nach tigeadh tiomachd fo theas-lasair a sùla? Nach robh i àrd 'na cruthachd; cumadail mar iùil-choimeas nam bàrd; a pearsa so-lùbaidh mar an seileach 'na ògan; agus a snuadh aice bànn-dhearg mar shlige-chreachain air ùr-fhosgladh?

"Cha b'e turus an diomhanais mo thi'n 'nad rathad," labhair i le ceòl-ghuth drùighteach leis an deanadh cràinn buidseachd. "Ma sheachnar foghar nam bann trach, is ann aig Mac Leòid na'n Leòdach a bhios a' chomaine."

"Tha dòchas agam nach tig eas-chliù an lorg m' aomaidh," fhreagair Mac Leòid, is cha robh e sunndach. "Ach ged is ciall dhomh gun éirigh leis a' Phrionnsa, cha do gheall mi feachd 'na aghaidh."

"Gabhar t'fhacal far nach iarrar t'urras," thuirt Mairearad. "Ach nach mór an t-earrings aig latha nan càs-tog adh Mhic Leòid 'na dhlighe? Faic Mac Neacail as an rathad. Mo dhi-chuimhn! Ciamar a dh' fhàg Mungan thu?"

"Eadar mo làmh 's mo thaobh, mar gho-uisge, tha aithreachas orm."

"Dé 'chuir air shiubhal cho grad e?"

"An éiginn, saoilidh mi," arsa Mac Leòid—"an rud a chuir an earba 'san loch! Is ioma teachdaire neònach a tha dol. An cual thu riamh mu Mhac Fhraing a' Chaisteil Mhaoil?" dh'fhoignichd Mac Leòid.

[TD 215]

"Thalla! Cha tuit caoran a cliabh falamh. Tuigidh mi nise am port 'tha air a mheòirean. Cha 'n e seanaidh no Prionnsa a chuireas Mac Fhraing fo 'n choill, a mhallaирt nan arm. Tha mi trom air mo mhealladh, neo tha e nise air cnoc-freadhairc, is fuil tuasaid 'ga dòrtadh. Ach bidh fios air so a dh' aithghearr. Chuir thu ceist dhiomhair rium bho chionn tacain. Faodaidh mi innse dhut a-nise gu bheil am Prionnsa 'san dùthaich. An còrr na iarr 's na aithris bhuam."

Mu'n a chuir Mairearad dreach air a h-ioghnadh, có thainig an rathad ach gille-ruith le rotaich, agus fhuil 'ga dhalladh.

"Dé! dé is leisgial do d' chàradh?" dh' fhoighnichd Mac Leoid le uamhas.

"Dé ach a' mhi-shealbh," fhreagair an duine, "ma sheasas 'ur foighidinn naigheachd an tuaireip. Fhir mo chinnidh, tha' n cupa làn duilich ri 'ghiùlain. Ma rinn Mungan Tuathal car-mu-chnoc air tòir-fheachd nan Leòdach, tha bhlàth ri fhaicinn anns a' bhealach ud thall. Is daor a cheannaich sibh air éirig 'ur n' amharuis—"

"Cha cheòl eòin do cheileadaradh, a Mhic Leòid Uilinis," ghrad-chaisg fear Dhun-bheagain. "Có a bhrosnuich còmhail nam biodag, agus ciamar a dh' éirich dhuibh?"

"Có bhrosnuich, ach Mungan Tuathal-sionnach nan car, ma tha fear eil' ann. Thug mi còmhlan lium bho 'n Chaisteal, ach cha d' fhuair sinn sùil na fàireadh air duine gus an d'ràinig sinn os-cionn bun Loch Ghrisirnis. Ach mu'n abradh neach: Dhia beannaich mi!"

[TD 216]

leumadh 'nar bad bho chùil 's fo ghiall. Mur am facas Mungan, chualas a ghuth—"

"Cha'n 'eil thu 'g innse có iad luchd nam foill-chleasan," thuirt Mac Leòid 'ga stad a-rithisd.

"Tolmaich is fear ris an canar Iain Ruairidh, air an ceann," lean Dòmhnull Uilinis air aghart, "'s b'e 'm baoghal ti'n 'na charaibh. A! mo leisgeul! B'e sid an tràth anns 'na thachair Clann Leòid ri Tolmaich; is mollachd na fola ag at 'nan uganan. Bha taic nam fear-cath ann am biodag air luigh; ach cha robh fear-geilt air an t-sliabh, no fuil-gheal air an fhraoch. Fear mar ri fear, sheas gun athadh; fhiacan 'gan dingeadh, is 'fhéithean a' ragachadh le teann-ghreim na làmhaid. 'Ma tha Dia os ar cionn,' chluinnt le bristeadh-facail is mionnan, '-an rud a tha; ach fàg an gnothuch eadar sinne 's 'a bhiodag.' Ged a fhuair mis' as, tha

iomadach fear gun righeadh 's a' mhòintich, agus leòn air a shiubhal a dh' fhàg an cridhe gun phlosg."

Brist an lath 's an ear; ach cha robh e 'n dàn do dh' fhear nam béud fhaicinn: chriochnaich a shaoghal roimh dheireadh a sgeòil.

Thog Mairearad oirre ri slighe nan cron le misneachd. Ach bha Mac Leòid Dhun-bheagain, fhathasd 's an teagamh-rùin a chuireas cadal air iomrall.

Aig laimrig nan cladach tha e faicinn, mar ann an suain, fir-chlise ri faire nan sgrota; is an sùil a-ghnàth air linne agus fosgladh cuain. Sid i-long-shreathach air fuaradh, 'san dùil innte. Ach a' bheil am fiùran air a clàiribh a chuireas fuadach air fadal? Mun tig ceann-dubh air a' ghealaich, théid fir-chalma fo'n

[TD 217]

uidheam; is thig sanas-catha le gloc a theumas dlighe ri dual. A! Gheibh am fògrach rioghail aon chothrom eile-aon oidhearp bàis-aon thogradh nam fineachan brasa; 's an sin-ceòl nan claidheamh dearga!

. . . . .

Dh' atharraich an taibhs a tuar. Tha e nise 'faicinn clann bheag 'san fhraoch air seachran: iad ag amharc bhupa, 's a foighneachd de chéile le neònachas-'C'arson a tha na caora-fiadhag dearg air an dath?'

[TD 218]

#### AN TATHAICH

B' iad ròin mhaola bu luchd-faire,  
Is barr nan tonn bu choinnle geala.

\* \*

Ach cha tàmh no cadal dhuinne:  
'Siubhal brònach taobh na tuinne!  
—SEANN-ORAN

Thog birlinn nan ràmh a fiacail ri cinn-storcach an t-Stratha; is Iain Ruairidh 'na shuidh air an stiùir. Bha sid dhe'n chaonnaig seachad. Ach mar a dheònaich am Freasdal, chum iad am beatha 'nan cuim, ged a rinneadh giorag no dhà air am feòil tre 'm faodadh i teicheadh.

Cha deach' an turus aréir an tograidd leotha. Ràinig iad dùthaich Mhic Leoid anns an inntinn gu'n tigeadh gnothuch mór fo làmhan. Ach mar do thog e mi-rùn fola eadar Siol Leòid 's na Tolmaich, cha'n 'eil rud math ri aithris air.

Theagamh na'n d' fhuair Iain Ruairidh cothrom-facail ri Mac Leòid fhéin, gu'n robh a' bhuil air caochladh sgeòil. Ach chuir Mungan Tuathal car dheth an cùil a rinn ceann-uidhe gun stàth do na Strathaich.

Shaoileadh fear-luingeas air sgriob gu'n robh leann-dubh air na maraichean. Bha'm bial fo dhruid; is, mar nach minig a dh' amais, cha deachaidh iorram no fonn a thogail.

B' ann le cridhe ri rang a chuir na fir an tilleadh

[TD 219]

air astar. Cha'n e mhàin gu'n robh an saothair an diomhanas, ach bhiodh e 'na mheadhoin-ma bha leisgial ga dhìth-air Mac Leòid a thàthadh ri cuideachda Hanobhair.

Ach cha tig furtachd a iomagain; ni momha ni gogadh nan ceann iomaradh. Lùb gach fear, mar sin, a dhruim ri ràmh le spionnadh dùr; is cha b' fhada gus na chuir eager nan liagh 's a' bhogadh, an iùbhrach easgaidh air laidhe na tuinne.

Dh' éirich feothachan de ghaoith an ear bho'n a dh' fhàg iad an cladach, nach bu mhisid iad idir air fhionnaireachd. Ach bha balbhachd throm na hoidhche mar thrusgan nan taibhs mu'n cuairt dhaibh. Is dhùisg e an còmhradh ionraic sin air an inntinn, tha buailteach a-ghnàth do'n ghineil a dh' fhoghumas cruth-spioraid ann an ciar nam beann.

Bha iad ag iarraidh gach rudha, agus a' cur bun gach loch ann an giorrachadh an astair. Bha iad, mar gu'm b-eadh, a' fàs mothachail gu'n robh ciorram air choireigin 'gam feitheamh. Ach cha b'urrainn a h-aon a thuigsinn dé an dòigh anns an tachradh e. Cha b' ann a-chionn s' nach deachaidh an turus leotha dh' éirich an gruaman. Rannsaich gach fear a mheomhair a' fèachainn có thuige bheireadh e tuairmse. Is air a' cheann thall,-ged nach do ghluais beò air am facial fhathasd-laidheadh sùil, eadar sin is co-dhiùbh, air Iain Ruairidh.

Mean air mhean, thainig mar a ghearr an cù cuthaich Iain Ruairidh a-stigh orra. Oir cha robh cho baoth 'nam measg a bha aineolach air frìdeag a' phuinsein

[TD 220]

ud. Ach co-dhiùbh gheibheadh an galar an ceann-dolaidh, tràth no anamoch, cha robh a bhlàth ri sheachnad a-nise.

Bha eadhon Iain a' cur uibhireachd air fhéin 's a' faotuinn a chéille car a làimh. Dh' fhèach e airson sin ri strìth 'na aghaidh, ged a bha e mothachail gu'n robh an uair gu teann 'ga ruith. Bha tart is tacadh a' tighinn le pian air còmhla. B' ann air éigin a bha e 'ga chumail fhein fo cheannsal. Oir ged a bha fiamh air inntinn, thigeadh leum neònach an déigh a' chéil' ann. Ach air eagal gu'n tugadh e diachainn do na bha leis, chite bhial a' toirt glamhaidh as, 's e deanamh greime le dhà làimh air taobh-stoc a' bhàta.

"Mo thruaigh, fhearaibh," labhair e le guth cianail, is tùchan ann, "tha'n t-éug air mo shiubhal. Thainig iomadh nì 'nam charaibh, ach 's i so a' chrioch. Na'm b' e toil an dàin e, roghnaich mi bàs eile; ach cha'n 'eil sin 'gam feitheamh. Bha fiosam-is tha mi a' tagairt 'ur mathanais, mu mheall mi 'ur turus-gu robh galair mo bhàis air mo shiubhal, nuair a chuir mi mo rian air manadh duibh. Ach ghabh mi an leisgial gu'n tigeadh ceann mo shaoghail ann an teas a' chatha. Bhuail an dòchas 'nam chridhe gu'm faighinn na bha dhìth orm bho làimh nan Leòdach-bàs duine 's a chiall aige. Ach mar a chi sibh, cha robh mo chobhair ann. Chaomhainn an t-sian aig mo mhàthair mi a-chum criche na bu mhollaichte. Tha e ri dheanamh, a dheadh chompanaich. Feumaidh sibh cuisle fosgladh, 's mo thràghadh gu bàs. Cha'n 'eil meachainn ri cheadachadh; oir cha lean mo rian ro fhada tuilleadh mi. Is na'm

[TD 221]

biadh fios agaibh dé an t-strìth 's a' sàrachadh inntinn fo' bheil mi, cha sheasadh sibh aiteal eadar mi agus saorsa."

Sheall na ràmhadairean air a' chéile; ach bha tiomadh air an fhearr bu làidire mèin. Is ged a b' fhearradhanna, garg, ri cunnart iad, bha fliuchadh nan diar 'gan tréigsinn.

"Ma chuir sibh riamh meas air Iain Ruairidh, no chàirdeas, cha diùlt sibh mo ghuidhe," lean e air aghart 's e ag éirigh 'na sheasamh. "Cha'n 'eil an dàil ri dheanamh. Oir tha'n smuaint a' cur uamhais orm, gu'm fàg mo chiall mi, 's gu'n toir mi oidhearp air dochann fear, no fear agaibh."

Stad e labhairt; is thug e sùil, a sgàineadh cridhe nan dealg, bho fhearr gu fear diubh.

"Tha mi dol a ghabhail beannachd leibh fhad 'sa dh' aithnicheas mi uile sibh," thuirt e, is e toirt an dudar-leuma gu toiseach a' bhàta.

Cha b' e sin am fàsgadh neo-shuimeal a thug e fhein 'sa sgioba air làmhan a' chéile mun a thill e a dh' ionnsaidh an àite-stiùiridh air ais.

## II

'S e an di-chuimhn' a rinn e nach tug mi tarruing roimh air; ach bha Gilleasbuig na Sgeine de 'n sgioba cuideachd. Agus bha innleachd air cuiisle bhualadh aige-san. Cha'n e mhàin gu'n robh e na dhuine sgileir, ach bha e, mar an ciadna, ainmeil ann an seadh eile-airson a chreideimh is a chùraim. B' e am facal, 'iomchuidh' a 'b' fheàrr a fhreagradh air.

[TD 222]

Nise, laidh gach smuaint air Gilleasbuig, ach dé a chomhairlicheadh e. Is ged a bha e dhe na comhaoisean riutha fhein, bhathas a sealltainn ris nuair a bhiodh créuchd ri gabhail aige. Ach ma ghabh thu ùidh anns a' chuid so de'n naigheachd, bidh tu toileach a chluinntinn, gu' bheil a' lannsa-chruith a bh' aige, air sgialaibh fhathasd ann an tigh a ghabhas ainmeachadh 'san Ath-leathann.

Air eagal gu'n tog e caramasg 'nad inntinn, bha dà Ghilleasbuig le Iain Ruairidh: Gilleasbuig an Cuislear, agus Gilleasbuig an tàibhsear, no Gilleasbuig Mac an Tòisich. Buinidh am fear mu dheireadh ri sealladh tachartais a chuir gaoir tre'm feòil air fad.

"Coimhead thu nis e!" chagair e ri Alasdair Aonghais a bha ri thaobh air a' ràmh ghuailne. "Tha solus a' leanalt a' bhàta bho'n a dh' fhàg sin dùthaich Mhic Leòid."

"Dhia gléidh sinn!" ghuidh Alasdair 's e a' leigeil as an ràimh; is cha mhór nach deachaidh Calum thar na cliathaich a' breith air.

Bha leithid de dhragh orr' uile a-thaobh staid Iain Ruairidh 's nach do smaointich iad ni as an rathad dhe'n tuiteamas ud. Ach cha do chum sin am facal air ais gu'n robhas a' faicinn tathaich mu thimchioll a' bhàta.

Cuimhnich nach 'eil mise ach a' cur na sgeòil air inneadh Iain Phiobaire. Is ma dh' innseas mi'n fhìrinne, bha brag aig mo chuisle am feedh 's a bha mi ag éisdeachd ris. Ach nuair a chuala mi bho Iain Og a-rithisd e-is sinn air aghart na céilidh mu Chalainn-dh' fhàg e

[TD 223]

amas na h-oidhch' ud air m' inntinn cho cuimir ri dealbh air cainbe. Agus mur meall mo bharail mi cha robh mi 'nam aonar fo dhruidheachd. Oir saoilidh mi gu'm faicear Donnachadh Sheumais a' crùbadh a-stigh ri seann Iain Bàn, nuair a chual e mu'n tamhasg a bha seasamh ri gualainn Iain Ruairidh. Có idir 'nar measg a chailleadh sealladh air bàta na tathaich a bha sid? Gabh beachd, -mar a rinn sinne- air a' bhlar-cùil air 'na thilgeadh ar n-aigne; agus chì thu an suidheachadh aognaidh a chuir an sgial so ann an cruth.

Bha'm bàta 'na laidhe fo dhubhar na h-Udairne, ach far an tuiteadh soisg na gealaich tre bhearnaibh nan sgòrr. Stad na fir làidir a dh' iomaradh 'san uchdach air ràmh; is iad ma-dh' fhaoidte coimhead ri teachd nan spiorad bho uaigneas nan stùcan cas. Bha iad a' cluinntinn nuallan rongach a' falbh ri aghaidh nan creag mar cheòl a' dol bàs ann am piob. Ged nach robh an oiteag ach fann, bha i togail ris na mullaich, mar osna bho shaoghal nam marbh. Thainig gléus air an cridhe ri borbhan nan lunn a' bristeadh air cladach. Bha muir is aonach a' ti'n ann am bith le taibhsean; is manadh air bhrath far an dùisgeadh leum-uisge a beò nan stalla.

Shnàg am bàta dh'ionnsaidh ceàrn' anns an d' fhuair gath-gealaich cothrom laidh air an taoim, mar shùil Drùidh 's i 'dideireachd; is nochd e Iain Ruairidh 'na sheasamh 'san deireadh le oibreachadh trom air a bhodhaig. Cha do dhi-chuimhnich iadsan a chunnaic e eadar iad 's lias, mar a dh' atharraich tuar an aodainn aige. Chaill e shlugadh

[TD 224]

's am pathadh 'ga léireadh; is bheireadh e truas bho dheamhainn a bhi faicinn a chràig mu 'sgòrnan ann an éiginn faochaidh.

Thug càch an aire do'n t-solus a-rithisd; ach air an turus so dh' fhuirich e na b' fhaide, is e a-ghnàth ri gualainn Iain Ruairidh. Cha robh cuisle 'nan com gun chasadhbh buille; is bha'n t-uamhas a' sior fhàs. Sgiolc am misneachd tre'm pòraibh. Oir cha dùraichdeadh iad amharc air a' chéile gu'n fhios nach amaiseadh an sùil air tannasg ri'n taobh. Ma bha iad glas-nialach cheana, thainig dìleab a' chlisgidh 'nan rathad, nuair a thug iad an aire do'n t-solus air tionndadh gu riochd duine ag éirigh romhpa, is e a' seòladh air bharr mara d'an ionnsaidh.

Ma chunnaic no nach fac Iain fhéin, na chuir an oillt air an cridhe-tha cuid aca 'canail gu'm faca-thruis e mhuilichinn seachad air an uilinn.

"Tilgibh cruinn có bhuaileas a' chuisle!" ghlaodh e cho fad 's a leigeadh sgòrnan tioram leis.

Dh' fheumta làmh a thoirt air rudaigin da thaobh, neo bhiodh call air am manadh. Ach mun do thàrr a h-aon air freagairt, thug Iain sùil ghrad thar a ghualainn; is ge bu dé a chunnaic no dh' fhairich e, leig e sgal an uamhais as, agus e leum thar a beòil.

III

"Nach muladach ar tilleadh," thuirt Alasdair nuair a thug iad dùil ri thi'n an uachdar. Ach bha Gilleanbuig a' cumail a-mach gu'n robh e faicinn an t-soluis a' seòladh air bharr na mara, fad an déigh an t-ionad

[TD 225]

bàthaidh fhàgail. Thug Domhnall nan Guidheachan a mhionnan gu'm fac esan Iain Ruairidh a' snàmh ann an uisge na stiùrach; agus an dà shùil a bh' ann cho soilleir ri coinnle-bianain. Gheibhte bho fhear no dhà diubh, mar gnothuch àraid-ged nach b' fhiach leotha bhi 'ga chanail-gu'n tug iadsan an aire do dhuine collach ri Iain Ruairidh 'na shuidh aig an stiùir, gus an tainig malcadh air toiseach an latha.

"Bu duilich a' chrioch ud gun teagamh," labhair Gilleasbuig le guth bristeach. "Ach nach trom a bhios a sgiala-bàis air a mhàthair bhochd."

"Agus air Eilidh cuideachd," lean Alasdair. "Oir cha'n ann oirre is aotroma bhios an sac. Ach saoil na ghabh e am bàs ga ionnsaidh fhein?"

"Cha'n 'eil an dà rathad air," fhreagair Gilleasbuig. "Am faca tu riamh cho neo-shunndach 's a bha e falbh? Bha'n droch ghalair air a shiubhal bho chionn greise; is rinn e an gnothuch air mu dheireadh. B' fheàrr lium gu'n robh an t-Ogha Mór leinn."

"B' fheàrr lium fhin sin cuideachd," dh' aontaich Alasdair. "Ach 's ann air, airson sin, a thig am fios a thoirt do bhantrach Ruairidh Oig."

\* \* \* \*

Tha eachdraidh an turuis ud diachainneach gu leòr. Ach is soirbh i ri h-aithris an taca ri crannchur Eilidh.

'Chunnaic mi iomadh nì a bheireadh na deòir air an t-sùil,' sgrìobh an t-Ogha Mór. 'Ach gu'n seachnad Dia orm 'san t-saoghal so, a leithid eile de shealladh ri Eilidh an déigh sgiala-bàis Iain Ruairidh a chluinntinn.

[TD 226]

Cha robh uair a shéideadh gaoth bho'n Tuath, nach faicte i air làimh aig màthair Iain; a falt 's a gruaidh air bànadhl le mulad; fiamh gàire sniomh mu bilean; a sùil air astar na linne, agus i gun tàmh a' foighneachd, 'C'uin a thilleas Iain, no am bidh e leinn a-nochd?"

"Cha bhi, a chaomhag!" fhreagradh an t-seana-bhean le sac air a cridhe. 'Cha bhi a ghràidheag; oir tha lunn nan stuadh glasa 'ga thulgadh 'san fheamainn. Cha bhi, a nic cridhe; oir tha e air cadal gun dùsgadh ann an ciar nan tonn. Ach ni mise agus tusa feitheamh is faire. Nì a chaomhag; oir cha'n fhada tuilleadh gus an tig an làn a bheir sinne le chéile dh' ionnsaidh a leabaidh 's na siantan; is cluinnidh e an uair sin osnaich do chridhe, m'éudail ort a rùin! Nuair a dhùineas an oidhche mu chòmhail nam marbh, is a shìneas na cluain gu fois; nuair a thig siubhal air togradh nan taibhs, is a ghléusair an ceòl airson cuirm, cuiridh tusa bréid mu d' cheann, agus gabhaidh sinn còmhla an t-aiseag ann am birlinn Iain Ruairidh!"

[A' CHRIOCH]

<eng>JOHN COSSAR, Printer, Govan.<gai>